

Campbell. I. d 43

J. T. Beaman & Co
Edinburgh Aug 27/63

J. T. Beaman & Co

Edo. of Maclehose & Stewart

Booksellers, Publishers & Stationers

64 South Bridge.

Librairie Maclehose

J. Turner Collection of Early Eng
1813 - Scand. Y 6

COMHCHRUIINNEACHA

DO

DH' ORAIN

TAGHTA,

GHAIDHEALACH,

NACH ROBH RIAMH ROIMHE CLO-BHUAILTE GUS
A NIS, AIR AN TIONAL O MHEODHAIR,
AIR FEADH GAIDHEALTACHD A'S
EILEINE NA H-ALBA.

LE

PARUIG MAC-AN-TUAIRNEIR.

DUNEIDIONN:

CLO-BHUAILTE AIR SON AN UGHDAIR,
LE T. STIUBHARD.

1813.

ABD AT OCTOBER 1860

ENTERED IN STATIONERS HALL.

TO THE RIGHT HONOURABLE
ALEXANDER WENTWORTH
LORD MACDONALD
OF THE ISLES,
&c. &c.

MY LORD,

AS a Publication which contains a Recital of the Exploits of the Warriors of our Country in ancient times, and in which your Lordship's Ancestors often bore a conspicuous part, could be dedicated to none, with so much propriety, as to the Descendant and Representative of the illustrious House of MACDONALD, LORD OF THE ISLES, which numbers, alike among its Descendants and its Ancestors, many of the mightiest Sovereigns of ancient Caledonia; so it cannot but afford the highest gratification to the compiler of this Volume, that he is permitted to usher it into the world under the patronage of your Lordship.

I shall abstain, my Lord, from indulging myself (in the language usual on such occasions) either in enumerating your Lordship's personal virtues, or in tracing the long drawn honours of your ancient and illustrious House. The *first* could derive no additional splendour from my humble pen ; and the *second* the pages of History have faithfully recorded. I accept your Lordship's Patronage with gratitude and with pride, and cherish the hope, that, under the sanction of your Lordship's respectable name, this humble attempt, to preserve in their native language and original dress, a few of the fast-fading remnants of our ancient national Bards, will be crowned with success. I have the honour to be, with the greatest respect,

MY LORD,

Your Lordship's much obliged,

and devoted humble Servant,

PAT. TURNER.

CLAR INNSIDH.

Taobh-duilleig

Ach Aonghuis oig Ghlinnich.....	83
Aig taobh sruthain na shuidhe 's e sgith.....	151
Air Mios deireannach an fhoghair.....	38
Alasdair a laoigh mo cheille.....	186
An t-urram do chruaich Narachain.....	244
A Righ gur h-aotrom leinn an t-asdar.....	258
A chuideachda' na'n eisdeadh sibh.....	268
An nollaig mu dheireadh do 'n chiad	271
Ach na'n d' thigeadh Tearlach Stiùbhart.....	281
An diugh, an diugh is reusantach.....	359
A Chuachag na'n craobh	298
Bheirinn comhairl' air gach fleasgach.....	203
Bha mi fhein 's mo mhathair	327
Biodh an uigheam so triall	111
B'fhearr am mor olc a chluinntinn	130
Bhruadair mi 'n raoir 's mi'm chadal	170
Beir mo shoraidh thair a bhealach	175
Bu chaoineil rium-sa 'm bail-e Pheairt iad.....	327
Chunnaic mise thu Ailein.....	13
Cha b'e bas mo cheann cinnidh.....	97
Cia sibh a luchd aobhair	189
Cha n'e goirteas mo shroine.....	229
Chunnaic mi' bruadar air Fiunnla'	261

Chualas sgeul tha ro chruaidh.....	314
Chiad fhear a shiubblas do Chata.....	357
Cluinnibh cumha trom a Bhrunaich.....	374
Deoch slainte Chabair feidh so	22
Deoch slainte Thighearna Chluainidh.....	103
Dh'fhalbh mi 'n de gu sunndach, sunndach.....	122
Deoch slainte Chaitpein Chaimbeil.....	251
Dh'innssinn sgeula dhuibh le reusan.....	302
Dh'innssinn sgeul mu'n mhalairt duibh.....	339
Faill ill ho ro, tha sinn fo mhulad.....	108
Fhir a dh' imicheas mu'n cuairt	177
Fraigheadh cliuth o gach rann-f hear	199
Fhuair mi sgeula moch an de	225
Fhir a mheudaich am bolla	371
Ged a tha mi 'n so am chruban	117
Gur h-e mheudach mo chradh.....	8
Gu bheil mi air mo bho'radh.....	28
Gur fad tha mi 'm thamh.....	87
Gu ma slan 's gu ma h-eibhinn.....	90
Gur a trom leam a ta mi.....	99
Gur a mor mo chuis mhulaid	147
Gheibh gach duin' a thuiteamas	154
Gur diombach mi 'n iomairt.....	157
Gur h-uasal am macan.....	235
Gur a mis' tha fo mhulad	237
Gu 'n innssinn duit sgeula.....	255
Gur craiteach a mheadhail	278
Gu bheil mise gun tamh	276
Gu ma slan a chi mi, mo chailin dileas donn.....	324
Gar bheil mi 'm araidh aig daoin' uaisle.....	353
Ho na 'n d'thigeadh, na 'n d'thigeadh do sgeul.....	114
Hei ho, tha mulad air m' inntinn	138
Ho faireagan o ho.....	143

Ho m' fhaidhrein, he m'fhaidhrein	168
Iain mhic Naoghais Mhic Uilleam	366
Lamh Righ leinn a dhaoine.....	53
Leam fhein bu bhlasda pog o d' bheul.....	370
M i 'g eiridh 'sa mhaduinn.....	91
Mi 'n so air m' uilinn.....	56
Mi 'm shuidh air bhruaich torrain.....	101
Mo chradh-ghal bochd	128
Mo run an t-Alasdair og	163
Maolacha' a's Cailein Chruachain.....	217
Moch 'sa mhaduinn 's mi 'g eiridh	247
Moch maduinn air la lunasd'.....	286
Mo chaileag bhian-gheal mheall-shuileach.....	289
Mile marbhaisg air an t-suireadh.....	293
Mile marbhaisg air a ghoraidh.....	309
Maduinn dhomhsa 'n coille churaidh	319
Moch 's mi 'g eiridh 'sa mhaduinn	332
Moch 'sa mhaduinn 's mi dusgadh	334
Mu 'm faca mo shùil thu	363
Mile faint' ort fhir na culaidh.....	369
Mi 'm shuidhe 'sa bhachdan chaorainn	372
'N cuala' sibhse'n tionnadhl duineil.....	49
'N diugh chuala' mi nuaidheachd.....	74
'N Raon Ruairidh so bh'ann.....	141
'N ulaidh phriseil bha uainne.....	182
'Nuair chuir an Fhraing thugainn congnadh.....	383
O ! gur muladach oirnne	171
Och na 'n och mar a ta mi	291
O gur mis' th'air mo chradh.....	304
Righ gur mor mochuid mhulald	98
Righ gur muladach tha mi	231
'S goirt leam gaoir na'm ban Muileach	1
'S tearc an diugh mo chuis ghaire	42

'S trom 's gur eisleineach m' aigne.....	46
* 'S ann air leith-taobh Beinne-buidhe.....	60
Slan gun dith dhuit a Mharcuis.....	64
'S mithich dhuinn marsadh as an tir ,.....	70
'S beag an t-iongnadh mi liathadh.....	95
'S binn an sgeul so tha iad ag radhainn.....	106
So an tim tha cuir as domh	158
'S e mheudaich m'airtneal gu geur.....	168
'S mor mo bhron 's mo thruime-lighe.....	180
So deoch-slainte mo ghaisgich	196
'S mi 'm shuidhe air deisir a ghlinne.....	204
'S mor mo mhulad gu brath.....	211
'S tric mi tionndadh am leabhaidh.....	264
'S mi 'm shuidhe 'n sa 'm ònar.....	283
'S mi 'n toiseach m'aimsir, 's m'uigh ri bargan	296
'S tric ag amharc sios mi	311
'S coma leam a bhrigis lachdunn.....	330
<i>Sgeul uaigneach chualas gun bhreug</i>	342
Siubhlai marr-ri Seorus dhuinn.....	350
'S fhad tha mi 'g eisdeachd ri ur diochuimhn.....	380
Thi tha 'n cathair na 'm feartan.....	18
Thoir soraidh gu Iain Manntach uam	81
Thug Clann Donuill an latha	125
Tha mulad tha gruaim orm tha bron	135
<i>The Lord's my targe, I will be stout</i>	153
Tha mi ga m' phianadh, 's mi 'g iarruidh chaileagan	221
Turas chaidh mi sios an gleann.....	224
Tha mi craiteach tinn 's tha mi sgith lan dochair	240
Tha mo cheim dol an truimead.....	243
Tha mo chridhe ciùirte	322
Tha rogairean artnealach trom.....	354
Thugaibh an t-soraidhs' gu h-ionmlan	360
Tha mise 'n so 'n Lunnainn.....	377

Anadar

COMHCHRUINNEACHA

DO DH' ORAIN THAGHTA,

GHAIDHEALACH.

Gaoir na 'm ban MUILEACH.

Le MAIRIRIAD NI' LACHUINN.

'S Goïrt leam gaoir na 'm ban Muileach,
Iad ri caoineadh 's ri tuireadh ;
Gun Sir Iain an Lunnainn,
Na 'sa 'n Fhraing air cheann turais ;
'S trom an sac thug ort fuireach,
Gun thu dh' fhalbh air an loingeas,
Gur h-e aobhar air dunach ;
'S og a choisinn thu 'n t-urram 's na blaraibh.
'S og à choisinn, &c.

Righ na 'm prionnsa da 'n d' rinneadh,
Togail suas ann am barrachd ;
'S daor a thug sinn ort ceannachd,
O 'n la thionnsgail a charraig ;
Fègar aon Mhac Shir Ailein,

As a chòraichean fearuinn,
 Le foirneart 's le aindeoin,
 'S gur h-e turas an earaich so chràidh mi.
 'S gur h-e, &c.

Ged a b' fhad thu air siùdan,
 Cha robh lochd ort ri chùnntas
 Luchd toisich cha b' fhìù leat
 Dhol a dheanadh dhoibh ùmhachd,
 Ard-leoghunn bu mhùinnite,
 'S e mo chreach gu 'n do dhruigh ort,
 Mèud t-eallaich ra ghiùlan ;
 'S nach robh léigh ann a dhiùchradh am bas uait.
 'S nach robh, &c.

Mac 'Illeain na 'n lùireach,
 Bhi na luidhe sa chrùiste ;
 Ann an leabaidh na h-ùrach,
 An suain chadail gun dusgadh ;
 'S ruaig bháis aîr do mhùinntir,
 Gar an d' fhuair iad a dh-ùine,
 Cead an armachd a ghiùlan ;
 'S ann a thug iad d' a 'n ionnsaidh na 'n teann-ruith,
 'S ann a thug, &c.

B' fhiach do chairdean an sloinne,
 Mac Dhonuill 's Mac Coinnich ;
 'S Mac Leoid o 'n taoibh eile,
 'S e mo chreach c' uim' an ceileam,
 Earraghaidheal so theirear,
 Gu la bhais so mu dheireadh,
 Nach biodh t-ait aig fear eile ;
 Ach cur le cheile gu teiridneach baidheil.
 Ach cur le, &c.

Cha chainnt bhosdail 's cha bharr-ghlóir,
 So 'n drasd a tha shannt orm,
 Bhì gar faicinnse cailte,
 'N déigh gach cruadal a rinn sibh,
 Ann an Eirinn sa 'n Albuínn,
 Chuidich Eachunn cath Ghairbheach,
 Le cruadal a lanntaibh ;
 Gar nach fuilngear' sa 'n am so a ràdhainn.
 Gar nach, &c.

Cha 'n e Ailein no Eachunn,
 Na lòsgadh fir Shasunn,
 'So tha mise ag acain,
 Ach an t-ogh' ud Shir Lachunn,
 Na 'm pios oir 's na 'n corn daidhite,
 A thogadh sioda ri crànnraig,
 'S mairg Rioghachd dheth 'n deachaidh,
 Sir Iain a's Caiptain Chlann Ràghuill.
 Sir Iain a's, &c.

Och ! 's mise th' aìr mo chlisgeadh,
 Saoir a sàbhadh do chiste,
 'S gun do chaireadh fo lic thu,
 'N aite falaich gun fhios duinn,
 'N airde n' iar air a bristeadh,
 'S gun an t-oighre na ghliocas,
 So i bhliadhna thug sgrios oirn,
 'S daor a phaigh sinn air sibht Mhòirfhear Màrr sin.
 'S daor a phaigh, &c.

'S ann diaimairt roimh 'n lathia,
 Bu neo-aoibhneach ar gabhail,
 O 'n la dh' eug Mac Illeain ;
 'Sa chaidh sios sliochd ar taighe,
 'S mòr mo dhiobhail o shamhuin,
 S o fheillbride so chaidhe,

Tha mi 'm thruaghan bochd mnatha,
 Gu 'n cheann cinnidh thaoblh athar no mathar.
 Gun cheann, &c.

Mo cheist ceannard na 'n gaisgeach,
 Gus a so nach d' fhuair masladh ;
 Bha do shuaithcheantas taitneach,
 Ged a thogar do chreachan,
 Cha chluinnear do chaismeachd,
 No Ruairidh ga glacail,
 Mhothaich suil nach robh ceart duibh,
 'N latha chunnacas o Pheairt sibh a màrsadh.
 'N latha, &c.

Iar-ogh' dh' Ailein na 'n ruag thu,
 Cha neart dhaoine thug uainn thu ;
 Na 'm b' fheadh, dh' eireadh mu d' ghualain,
 Luchd na 'n clogaide cruadhach ;
 Fir mur gharbh-fhrasa fuara,
 Bheireadh leotha na fhuair iad,
 'S goirt an nuaidheachd so chualas,
 O 'n la chruinnich do shluagh ann an Aros.
 O 'n la, &c.

Ach 's e chuir sinne an iomull,
 Gun neart slainte no spionnaidh ;
 Sinn an drasd gun cheann-cinnidh,
 Mur Mhaol-Ciarain ga sireadh,
 Gur h-ann tiomchioll'ur teine
 Gheibhte bàird agus filidh,
 Agus cearraich ri h-iómairt,
 Organ's clarsach bu bhinne,
 Aig luchd na 'n cùl fionna cas fàinneach.
 Aig luchd, &c.

Ach a Righ 'ga bheil feartan,
 Nach cruaidh leat mur thachair,
 O'n là thogadh a mach e ;
 Le spáinteach ghéur na'n tri chlaisean,
 A'd laimh threibhich gu sgapadh ;
 Gar nach d' fhuair thu air t-fhacal,
 An tir a bh'aig t-athair,
 B'fhearr gu'm faigheadh do mhac i,
 'N Righ ga'r coimhead o mhiosguinn ar nàmhaid.

N'Righ ga, &c.

Sliochd na'n Righ 's na'n long siùbhlaich,
 Na'n ceann-bheairt 's na'n each cruidheach,
 Ged bu dileas do'n chrùn sibh,
 Fhuair iad seòl air ur diùchradh,
 Smairg nach gabhadh dhibh curam,
 Ann an eirig ur siùdain,
 'Nuair nach d'aidmich sibh tionndadh,
 'S ann a rinn iad air aon long 'ur fàgail.
 'S ann a rinn, &c.

Ach fhir tha'n cathair an fhreasdail,
 Cha'n eil aon ni mur cheist ort,
 Mas mac do'n Righ eisean,
 So rinneadh gu teisteil,
 Gun chol grand'na gun pheacadh,
 Ged a dh'fhuiling e greis deth,
 Bhi ga shior chuir an teagamh,
 Aig luchd fuath agus measguinn ga aicheadh.
 Aig luchd, &c.

Iad a' gabhail mur leith-sgeul
 Nach eirich iad leisean,
 Thoirt da eisdeachd na freagar,
 Gus an àicheadh e creidimh,

Ach 's e aobhar mo ghreadaидh
 Mac Mhic Ailein a leagail,
 Nis co 's urrainn d' ar seasamh,
 Chaill sinn cruadal a's misneach na 'n Gaidheal.
 Chaill, &c.

Co an neach ga bheil sùilean,
 Nach gabhadh da ionnsaidh
 Mur tha choill air a rusgadh,
 Fhrois a h-abhull sa h-ubhlan,
 Dh'fhalbh am blath bhar gach ùr ros,
 O nach mairrionn an t-aon-fhear
 Fo laimh Dhia gabh dhinn cùram,
 'S ann tha fuasgladh na cuis aig an Ard-Righ.
 'S ann tha, &c.

Oirnne thainig an diobhail,
 Tha Sir Iain a dñith oirn,
 'S Cloinn Ghilleòin air an dìobradh,
 Iad gun iteach gun linnidh,
 Ach mur gheoidh air an spionadh,
 Cha n' eil fèum bhi ga innseadh,
 'S iad a' measg an luchd mio-ruin
 Gar an ann ri feall-intleachd a bha iad.
 Gar an ann, &c.

Gur h-e turas na truaighe,
 Gun bhuidhinn, gun bhuanachd
 O 'n la ghabh sibh cead buan
 Do dh' oighre Dhubhairt na 'n stuaghan
 Ged tha sud na chàs cruaidh oirnn',
 Os cionn tuigs' agus smuaintean,
 Cha cheist air Dia fhuasgladh,
 'S e a faicinn sa nuair so mur tha sinn.
 'S e a faicinn, &c.

'S e mo chreach gu 'n do striochd thu,
 Gun ðl, gun phoit fiona,
 Do chlann ðg air an ðiobradh,
 Co ni 'n deoch dhoibh a llonadh
 Chasg am paghaidh na 'n iota,
 Cha' n'eil fath bhi ga chaoidh sin,
 Gun thu 'n caidreamh do dhislean
 'S ann a dh'fhàg iad thu mhios gus a maireach.

'S ann a dh'fhag, &c.

'S e chuir m' astar a maillead,
 'S mo shuilean an doillead
 Bhi aig faicinn do chloinne,
 'S a 'n luchd foghlum sa 'n oilein
 Bhi na 'n ceathairne choille,
 'S iad ga 'm fògairt gun choire,
 Gun solus gun choinneal
 'S iad gun fhios ac co 'n doire 's an tamh iad.
 'S iad gun, &c.

Gur a goirt leam ri chluinntinn,
 'S gur a h-oil leam ri iomradh,
 Gach neach a tha 'g innseadh,
 Nach robh agaibh d' ur muinntir,
 'S nach d' thug sibh 'ur 'n iondrain,
 Oil air mhath da luchd diomba,
 Do dh' I mar-ri mhuinntir,
 'S gu'm biodh sa 'n Innis m'a thimchioll na càirdean.
 'S gu 'm biodh, &c.

Och, 's mis' th' air mo sgaradh !
 Nach d' thug iad thu thairis,
 Dhol air tir air an Ealaith,
 Dhol fo dhion anns a charruig,
 Do reilig na 'Manach,
 Far 'm bheil do chàirdean na'n luidhe,

Mar-ri t-athair 's ri d' shean'air,
 Far am faodadh mid teannadh mud' charnan.
 Far am faodadh, &c.

'N deagh bhean mhaiseach so chi mi,
 'S i nighean a bharain Caitriona,
 'S gar nach 'eil i t-fhuil dhireach,
 'S trom an sachd th' air a h-inntinn,
 A deoir a' sruthadh gu lionor,
 'S leann-dubh air a crìdhe,
 Tha do chumh' air a lionadh;
 'Sgoirt's gur cruaidh lea'n lom sgriob th'air do chair-
 'S goirt's gur, &c. [dean.]

'S mairg a dh' fhèuchta na fhlang,
 Mur a dh' eirich e dhuinne,
 Gur a mithich dhomh sgur dhibh
 'S gun bhi toiseachadh tuille
 'S ann mu 'n taca so 'n uraidh
 Rinn mi croghadh a's tional,
 Bhrist an claidhe na dhuille,
 'Nuair a shaoil mi gu 'n cumadh mid slan e
 'Nuair a shaoil, &c.

Do dh' EACHUNN MAC IAIN DIURAICH.

Le MAIRIRIAD NI'-LACHUINN cheudna.

GUR h-e mheudaich mo chràdh,
 'Sa lughdaich mo chàil,
 A liuthad latha 'sa bhà,
 Mise 's tus' air an traigh,

Gur a diombach mi 'n bhas,
 Thug an fheoil dhiom o 'n chnaimh,
 'S gur h-ann againn a bhà na treun-laoich.

'S gur h-ann againn, &c.

Luchd a dh-iomairt an oir,
 'S iad a dhìoladh an t-ol,
 Leanadh fad air an toir,
 Ann an cumasg na 'n stról,
 'S co chuireadh orr gleo,
 Ann am mùiseadh an t-sloigh,
 'S ciod am fath dhomh bhi bron mu 'r deighinn.

'S ciod am fath, &c.

Mo cheist an Leathanach ur,
 Bu ghlan seallamh do shul,
 Fo amharc gun smur,
 C' ait am facadh mi dhiu,
 Fear t-fhasain gun tuilg,
 Ged a sheasadhbh iad triùir,
 Ri t-fhacal a b' fhiu dhoibh éisdeachd.

Ri t-fhacal, &c.

'S ann 'sa 'n eaglais so shuas,
 'N ciste ghiubhais nach gluais,
 Tha ùr-cheannard an t-sluaigh,
 Agus marcaich na 'n stuagh,
 Ri la frionasach fuar,
 'S tu gu 'n iarradh i suas,
 Ged a bhiodh i 'n sàs cruaidh na h-eiginn.

Ged a, &c.

Och a mhoire mo chall !
 Thu bhi 'n cistidh na 'n crann,
 Air a sparradh gu teann,
 Fhir bu shiobhalta cainnt,

Nuair a dhuisgte ort fearg,
 Cha bu shugradh sud doibh,
 'S mor ga'r dith fear do rannt o'n dh'eug thu.
 'S mor ga'r, &c.

Marcaich deas na'n each seang,
 Bheireadh roid asd' as sann,
 Beart nach b'iongadeach leam,
 Thu bhi uasal do'n ainm,
 Lamh thu dh'iomairt na'n arm,
 Gu crualach garg,
 'S iar-ogh' dh'Ailein na'n lann, 's na'n steud thu.
 'S iar-ogh', &c.

'S car thu dh'Ailein na'n ruag,
 Chreach a Chorca da uair,
 Thug e Rùta le buaigh,
 Co b'urrainn thoirt uaith,
 'N am cruinneachadh sluaigh,
 Gun athadh roimh'n snuagh,
 'Nuair a chaidh e air chuairt a dh'Eirinn.
 'Nuair a chaidh, &c.

Agus car thu Mhac Leoid,
 Mhic Ailein, Mhic Eòin,
 Eachunn ruagh nach eil beo,
 Ga'm biodh taileasg air bord,
 Fion a's branndaidh ga òl,
 Aig na fir bu chruaidh gleo,
 Agus bualach na'm bròg ga n teumadh.
 Agus bualach, &c.

Ach na'm bithinn 'sa bhuth,
 'S na h-airm ann a b' fhiu,
 Nàile thaghainn do'm rùn
 'Sgiath bhreac na'm ball dluth;

Claidhe sgaiteach geur cuil,
 Paidhir phiostral nach diult;
 'S cha bu chlaoghaire thu thoirt feum' asd.
 'S cha bu, &c.

Ogha dileas mo ghraiddh,
 Do dh' Iain dubh a bha 'n laimh,
 Sliochd na 'n Iarlachan àrd,
 'S fhad o 'n thriall sibh o 'n Spainat,
 'S ann o Lachunn a bha
 'Ur 'n iondraichean chràidh,
 'S fear do choltais gu bràth cha leir dhomh.
 'S fear do, &c.

Gur a cárdeach mo luaidh,
 Do Chlann Donuill na 'm buadh ;
 Mhic 'Ic Ailein na 'n ruag,
 Thu bhi d' luidhe sa 'n uaigh,
 Ann an eaglais na 'n stuagh,
 Och a mhoire mo chrua's ;
 Ghabh na fir dhiot cead buan nach b'eibhinn.
 Ghabh na fir, &c.

Fhir bu tighearnail gnàs,
 Beart bu dligheach sud da ;
 Mo chreach do nighean gun àird !
 'S i na leith-sgeul aig càch,
 Nach do ghabh iad a pàirt,
 Liuthad còrr oinnseach a thà
 Faotainn ionad a's áite féisteil.
 Faotainn ionad, &c.

Fhir a cheannaicheadh am fion,
 'S tu b' úrrainn d' a dhiol,
 'S tu b' airidh air pìc,
 Bogha glaic na 'n ceann liomh,

Och a mhoire mo dhith,
 Bha mi romhad air tir,
 'N uair a thug iad thu dh' *I* na cleire
 'N uair a thug, &c.

'S och a Mhoire mo chall !
 'N uair a thug iad thu nall ;
 Gu reilig na 'marbh,
 Mu 'n robh a chaismeachd shearbh ;
 Bualadh bhasa gu teann,
 Gun do chluasag fo d' cheann
 'S a rùin cha fhreagair thu 'n t-am gu éiridh,
 'S a ruin, &c.

Tha do chéile fo leòn,
 'S tric i snitheadh na 'n deòir
 'S do dhileachdain·og,
 Gun áird na gun doigh,
 Mu na lochana mòr,
 Dh' fhag thu sinne fo bhròn ;
 'S chaill sinn tuille 'sa chòir mu t-eirig.
 'S chaill sinn, &c.

'S ann tha sinn air ar claoiadh,
 Ga'r sàrach' a' caoidh,
 O'n a dh' fhalbh uainn gach saoidh,
 Dheanadh féum a's stath dhuinn ;
 Nis shracadh ar siuil,
 Dh' fhalbh ar cairt bhrist ar sdiùir,
 'S Dia thoirt rathad g'a ionnsaidh fhéin duit
 'S Dia thoirt, &c.

Do dh' AILEIN MAC 'ILLEAIN, Tuiteir Bhròlais.

Le MAIRIRIAD NI'-LACHUINN cheudna.

CHUNNAIC mise thu Ailein,
 'S tu gu h-aimideach gorach,
 Mu'n do ghlac thu 'n gniomh fearail,
 Na mu'n d' rinneadh dhiot Coirneal,
 Marcaich ùr na 'n steud brasa,
 Thu bhi'n tasgaidh 's na bòrdaibh
 Och 's mis' th' air mo sgaradh !
 Caoineadh Ailein's nach beo e.

Fear t-aogais cha 'n fhaic mi,
 Ann am faicheachd na 'm foghlum,
 Bu mhath cuma dhuit slcisde,
 Suil, beul, agus sròine ;
 Gu 'm bu cheannard air feachd thu
 Thoirt doibh smachd agus ordugh ;
 Fhir nach leughadh a ghealtachd,
 'S tu nach seachnad a chomhruig.

Ogha brathar dhà Lachuinn,
 'S e mo chreach nach do phòs thu,
 'S e dh' ftag sinne cho galach
 Dheagh Mhic Ailein 'Ic Dhomhnuill ;
 Mhic an fhir a fhuair urram,
 Nach cuireadh duin air an fhogradh
 Och 's mis th' air mo léireadh,
 O 'n la dh' eigheadh an dòibheart.

Air 'ur dol do Dhuneidionn,
 Thug sibh reidhte leibh dhachaidh,

Ghlac Righ Seumas air laimh sibh ;
 S dh' iarr a Bhan-riogh a 'steach sibh ;
 Cha robh Gall 's cho robh Gaidheal,
 'N seomar cláraidh no 'n caisteal
 Nach do sheas air a chausair,
 Aig meud an geall air 'ur faicinn.

'N sin nuair chunncas na h-àrmuinn,
 Agus iadsan na 'n còidse,
 'S nach d' iarr iad a dheise ;
 Ach breacan a's còta
 Sgiath bhreac na 'm ball iomad,
 Air an slinnein gu còmhruig
 Sin nuair labhair gach duine,
 Gu 'n robh a chulaidh ud neonach.

C' ait' an robh iad sa 'n t-saoghal
 Na 'n taobh so do fhlaitheas,
 Mac samhailt na 'n daoine,
 Cha 'n fhaodar am faighinn ;
 Mach o ghathan na greine,
 Ann an speiribh an adhair ;
 'S nach iarradh-mid air son sgàthan,
 Ach cead bhi 'n àite ga 'n amharc.

'S thuirt gach Moir-fhear a b' airde,
 Gu 'n robh t-aite 's tigh lagha ;
 Co a dhìobradh gu brath thu
 'S gun ghrain bhi air t-aghaidh,
 Ach an teacaire dàna
 Bha gabhail tàmh sa cheann-adhairt,
 Dh' fhag sinne mur tha sinn,
 'S nach robh a dh' àgh oirn do ghleitheadh.

'S car' a dh' Iarla na 'm pìos thu,
 Bh' ann an an Ile ga 'n stròiceadh,

'S do Lachunn mor priseil,
 'S e chuir mi ga d' shior fheòraich ;
 C'ait a bheil iad an Albuinn,
 Na thall anns an Olaind,
 Leithid cinne mo mhathar
 Mach o ardan Chlann Donuill.

'S cha 'n e sin tha mi gearan,
 'N dràsd, ach eallach fear Bhròlais ;
 Co sheasas r'a ghualainn,
 'S e sa 'nuair so na onrachd ;
 O'n a dh' fhalbh uainn do bhrathair,
 'N tus àilleachd a's oige,
 Gun a' mac theid na àite,
 Lean is cràiteach an dòibheart.

'S ogha brathair dha Lachuinn,
 Thug an t-each a Strathlòchaidn,
 A thug ùmhachd o'n mharcaich ;
 Thug dheth ad a's a chleoca ;
 Ach cha b' fhiach leis a ghleitheadh,
 Ged bhiodh deiltreadh do'n or air,
 Ach a mhathadh d'a ghilleann,
 Dheanadh iomairt a's ol leinn.

'Sin nuair chruinnich na h-armuinn,
 'S na gaidheil gu h-uilidh,
 Luchd na 'n cloigheal stailinn ;
 'S na 'n lann spainnteach geur guineach,
 'N am tilleadh o'n bhlar dhuibh,
 Bu leibh fàilt agus furan,
 Piob roimhibh a' màrsadh,
 'S nach b' aill leibh an druma.

'N am tilleadh o'n bhlar dhuibh
 Gu 'ur 'n aiteachan comhnuidh,

Chluinnte foirm air an damhsa,
 Flon as branndaidh ga òl ann,
 Uisgebeatha na 'm feadan,
 Leis an leagte na geocaich ;
 Fir air urlar na 'n seasamh,
 'S iad a' freasdal toirt doibh sud.

'S fhir ga bheil a ghnuis àluinn,
 Fo chul tlath na 'n ciabh òrbhuidh ;
 Com is gile na 'n canach,
 'S na 'meall-shuilean mòdhar ;
 Dh' fhas gu deas, foinnidh, fearail,
 'S fhad a leanadh an torachd
 'S e do bhàs eadar Ghallaibh,
 Dh' fhag galach ri 'r beo sinn.

'S e do bhàs eadar Ghallaibh,
 Chuir sinn tamull ga t-iondrainn ;
 'S nach robh 'n sin agad caraid.
 A theannadh gu t-ionnsaidh
 Na idir ga d'chàradh,
 'Nuair a dhalladh do shùilean ;
 Ach t-fhagail sa 'n t-seomar,
 'Sa chomhl' air a dùnad.

Ach na 'm biodh tu 'n sin aca,
 Far an racht' air do thòrradh,
 An talla na h-Innse ;
 Na 'n I far 'm bu choir dhuit
 Ann 'n reilig na 'm Manach,
 Far bheil na barranta mòra,
 Dhol air tir air an Ealaidh ;
 'S cha bhiodh tu fad ann a t-onrachd.

Ach na 'm biodh tu 'sa 'n tir sò,
 Far am bitht' air do thòrradh

Ghluaiseadh Murcha na Maighe,
 'S Mac 'Illeain na 'n roiseol,
 Mac Eoghain 's Mac Eachuinn,
 O Shiol Airceig a's Lochaidh,
 Och mo thruaigh do bhrathair !
 'S i do mhathairse brònag.

Ach a Thì leig an sgrios oirnn,
 'S ann tha sin air a sgrìobhadh,
 Na crainn mhor air am bristeadh,
 Mu na dh' fhiosraicheadh dhinn iad ;
 Na crainn mhor air am bristeadh,
 Thug dhinn ar'n iteach 's ar linnidh,
 Thuit a phairc an robh 'n t-abhull ;
 'S fhrois an snothuch bu phrileil.

'S mi mur Oisein na 'r diaidh,
 O 'n rinneadh tagha na 'n cáor oirbh,
 'S gach aon mur a b' fhearr dhiu,
 Thugadh iad as an t-saoghal :
 O 'n's e Criosda ghabh toirt dibh,
 'Sa dh' fhag goirt-cheannach daor sinn,
 Righ thoir maitheanas dhùinne,
 Bhi ga 'r 'n iondraichin daonna.

'S co a nis na bheil ann diu,
 O 'n dh' fhalbh sibh oirnn mur an raineach,
 Fhrois ubhlan a ghàraidh,
 Gus an d' fhagadh e falamh ;
 'S ann tha 'n t-oighre air fògradh,
 'S e gun seol aig air fantail ;
 Och a mhoire mo leónadh,
 Chuir do chòir aig Mac Cailein.

'S tric gach aon neach a faighneachd,
 Ciod e t-aois a nigh'n Lachuinn,

'S ciod e 'm fath dhomh sud innseadh ;
 'S nach creid sibhs e 'n lorg m' fhaicinn,
 Cha 'n eil fiacaill am dheudach,
 Nach do leum as mo chlaigeann
 A sior iargain na 'n daoine,
 Ris an glaoidhте na gaisgich.

Do Shir EACHUNN MAC 'ILLEAIN.

Leis an te cheudna.

THI tha 'n cathair na 'm feartan,
 Cum ceart agus còir ruinn,
 'S cuir deagh sgeul thugainn dachaидh,
 Air Sir Eachunn na 'n roiseal ;
 'S ach ma chaидh thu as t-fhearunn,
 'S tu bhi tamull air fogradh ;
 Gur h-e sgeula mo sgathaidh,
 Càch ag aithris nach beo thu.

Shir Eachuinn na 'n lùireach,
 Na 'n long siùbhllach 's na 'm bratach,
 'S na 'n cuirtinean riomhach,
 Gu 'm bu lionar do ghaisgich ;
 Sa liuthad Iarla mor priseil,
 Theid a sios ann ad bhaiteal ;
 Bhiodh tu 'n toiseach fir Alba,
 'S bu mhòr t-armaiti ri 'm faicinn.

'S tu chraobh is airde anns an doire,
 Th' ann an coille na 'n Gaidheal,
 Agus conspunn gun ghiorrág,

Sgiath air uilinn Phrionns Tearlaich ;
 Bu tu iuchair an fhuasglaidh,
 'Nuair bu chruaidh na bu chàs e ;
 Meud do ghliocais 's do chéille,
 Bheireadh reidh as gach cas thu.

'S tha thu 'd dhalt aig a Bhan-righ' n,
 'S mor an gradh thug i fhein duit ;
 Mur leine chneas aig a brathair ;
 'S mur aisne chnamha nach treigeadh ;
 Chaill thu t-oighreachd a's t-fhearunn,
 'S thug thu thairis gu leir e ;
 Air son seasadh gu rioghail,
 'S rinn do shinnsearachd fhein sin.

Tha mo chion air an fhior-fhuil,
 Og rioghail na h-ealtainn ;
 Agus cuilein an leoghuinn,
 'S og a dh' fhoghlum thu gaisgeadh ;
 Ursann chath thu roimh mhiltean,
 'N am dhol sios ann am batailt ;
 'S b' urra' shuidheachadh blair thu,
 Ged bhiodh càch ann an gealtachd.

Dh' aithnich latha Chuileodair,
 Gu 'm bu dosgach na Gaidheil ;
 'S gu 'n robh thus ann an Sasunn,
 'N deigh do ghlacadh le d' namhaid ;
 Ach na 'm biodh tu aca,
 Mu 'n do chaisgeadh an arach ;
 Cha rachadh fir Shasunn,
 Slan dhachaidh gu 'n aite.

Tha do chaistealan geala,
 Agus do thallachan priseil ;
 Far 'm biodh ol agus aidhear,

Aig luchd a chaitheadh an fhionna;
 O luchd na 'n adaichean dubha!
 'Sgeul tha dubhach le 'm inntinn;
 'S truagh nach robh iad 'sa chaillich
 Fo chaithream a lionaidh.

Tha seannduine laidir
 Gabhail tamh anns an Rioghachd so;
 Tha e dionach na fhearrunn,
 'S cha charaich an Righ e;
 Ged a thigeadh fir Shasunn,
 'N deigh an cartadh gu 'n intleachd;
 Bheireadh easan doibh aite,
 'S cha bhiodh màladh mur strith orr'.

Tha Baintiarn og eile,
 'N cois an eilir mu thuath oirnn;
 Gu bheil corr a's ciad bliadhna,
 O nach d' iarradh a gluasad;
 Ged a thigeadh Diuc Uillcam,
 'S na tha chruinneachadh sluaigh aig;
 Bheireadh ise dhoibh dinneir,
 'S cha bu dithte i uaip e;

Seal mu 'n d' thainig Righ Raibeart,
 Bha i socrach na h-aite;
 Cha do thogadh riamh cis d' i,
 Na diol air son malaidh;
 Nuair a dh' eireadh oirr' corraich,
 Righ bu choimheach a gaire;
 Chuireadh crith air na miltean,
 Ri linn dhol g'a feuchainn.

Tha mo chridh' air a thraghadh,
 Mur phaipeir a fliuchte;
 No mur fhiadh air an fhasach,

A ghearrte gach cuisle ;
 Gach aon nuaidheachd is cruidh leinn,
 Tighin cho luath ri each trupa ;
 'S gu bheil cuid aca 'g radhainn,
 Fath mo chraidh nach tig thusa.

'S tha do mheasana' guaille,
 'S do dhaoine uaisle le cheile,
 'S tha do mhialchoin gun fhuasgladh,
 'Snaoim chruaidhe air an fhéille,
 Iad a fullang gach mùisig,
 Slat sgiursaidh na 'm beistean ;
 'S iad a feitheadh na h-uaire
 Gus am fuasgail thu fein orr'.

Cha 'n e cumha na caoireachd,
 Tha mi caoineadh sa 'n earrach,
 Ach ri iarguin na 'n daoine,
 Ris am faodainn mo ghearan ;
 'S ann diu Ailein Mac Thearlaich,
 B' e mo chradh do chall fala,
 'S i na ruith as gach taobh dhiot,
 Na a caoranabh meara.

Ormsa thainig an t-anrath,
 'N tus geomhraidh na gaillinn,
 Na h-eich ghorm agus dhubha,
 Ga 'r bruthadh 's ga 'r prannadh ;
 'S nach tug iad do dh' I thu,
 Mar-ri sìnnseachd do shean'ar,
 Far 'n robh ful na 'n seachd Rìghrean
 Do 'n fhion-fhuil bu ghloine.

'S ann theireadh Clann Lachuinn
 Nach fanadh iad uaitse,
 Ged nach d' rinn iad sin aidmheil,

'N am t-fhaicinn 'sa chruadal ;
 'S ann a leagadh an Caiptein,
 A bh' agad ri d' ghualainn ;
 'S gu 'n d' fhuirich thu aige,
 Gus 'n do threachailte uaigh dha.

'S mithich dhomhsa bhi samhach,
 Sgur do dh' àireamh na 'n uaislean,
 Tha mo dhochas an Crìosda,
 Nach fior mur a chualas ;
 Ach gu 'n tig Mac 'Illeain,
 Nall fhathasd thair chuантain ;
 'S gu 'n d' theid sinn na chomhail
 Gle dheonach 'sa 'n uair sin.

MOLADH CABAR-FEIDH,

Leis a Bhard MAC MHATHAN.

DEOCH slainte chabair feidh so,
 Gur h-eibhinn 's gur h-aidhearrach ;
 Ge fada o thir fein e,
 Mhic De cuir ga fhearunn e,
 Mo chrochadh a's mo cheusadh,
 As in eideadh nar mhealadh mi,
 Mur ait leam thu bhi 'g eiridh,
 Le treun neart gach caraide.

Gur mise chunnaic sibh gu gunnach,
 Ealamh, ullamh, acfuinneach ;
 Ruith na 'n Reothach, 's math 'ur gnothuch,

Thug sibh sothadh maduinn doibh,
 Cha deachadh Cataich air an tapadh,
 Dh' fhag an neart le eagal iad,
 Ri faicinn ceann an fheidh ort,
 'Nuair dh' eirich do chabar ort.

B' e 'n t-amadan fear Fòluis
 'Nuair thoisich e ri cogadh riut,
 Reothaich agus Ròsaich,
 Bu ghòrach na bodaich iad,
 Friseilich a's Granntaich,
 An campa cha stadaradh iad,
 'S thug Feirbeisich na 'n teann-ruith
 Gu sean tigh Chuileodair orr',

Theich iad uile, cha do dh' fhuirich,
 An treas duine bh' acasan,
 'N t-Iarla Catach, ruith e dhachaidh,
 Cha do las a dhagachan,
 Mac Aoidh na 'n creach, gun thàr e as,
 'S ann dh' eigh e 'n t each a b aigionntaich,
 Ri gabhail an raitreuta
 'Nuair dh' eirich do chabar ort,

Dh' eigh iad port, 's gu 'n d' fhuair iad coit,
 'S bu bheag an toirt mur thachair doibh,
 Ciod e 'n droch-rud rinn am brosnach ;
 Le 'n cuid mosg nach freagaradh ;
 'S a luithad toirt-fbear 'n chinne Rosach,
 Dol air phlod thair chlaigeannan,
 'S ann ghabh iad an raitreuta,
 Nuair dh' eirich do chabar ort.

Cha cheil mi fhein mo dhurachd,
 'S e dhuisg a's mo chadal mi,
 An Ti d'a 'n geill na duilean,

'S da 'n umhlaich a h-uile-ni,
 Gu 'n greas e thu gu d' dhuthaich
 Gu h-uiseil 's gu h-urramach,
 Gur tu nach leigeadh cuis
 Leis na dughail nach buineadh dhuinn.

'S tu bheireadh clothamh do 'd luchd cothaich,
 Gun fhios co e a throideadh riut,
 Am fine Reothach chuir thu fothad
 Ge mor leotha 'n gadarnas ;
 Ga 'n cuir romhad le ruith choimheach
 'S a 'm Baile nodha bhiodh na shradagan,
 'S na lasair anns' na speuran
 'Nuair dh' eireadh do chabar ort.

Chunnaic mi 's taobh tuath thu,
 'S gu 'm b' uachdran allail thu,
 Bha Cataich fo do churam,
 A's dh' umhlaich na Gallaich dhuit,
 'S gach ti bhiodh riut an diumba,
 'S nach durachdeadh seallamh ort,
 A faicinn bhi da 'n sgiursadh,
 Gu duthaich nach buineadh dhuit.

Le gasraidh inealt dheth do chinne,
 Nach gabh giorrag eagalach,
 Luchd chlogaid 's bhiodag, 's chorca driomunn,
 Cha philleadh luchd bagair iad,
 Thig feachd Mhic Shiùnidh gu do philleadh,
 'S ruitheadh iad gu saidealta ;
 'S gu 'n teich iad o lathair t-eudainn,
 'N tra dh' eireas do chabar ort.

'Nuair thig am Marcus thugainn dachaидh,
 'S na fir ghast gu freagairt leis,
 'S lionar marcaich thig gu d' charraid,

Null gu h-Asinn leanadh riut,
 Dheanadh *attack* air an Caisteal,
 'S cha bhiodh clach gu 'n leagail deth,
 'Nuair thogas Uilleam leibhidh,
 Gu 'n eirich an cabar ort.

Tha 'm brochan aig toirt saradh,
 Tha 'n càl aig toirt at oirbh ;
 Ach 's beag is miste 'n t-armunn,
 'Ur sàth thoirt a nasgaidh dhuibh ;
 Ge mor thug sibh chaise,
 Thair airinean Asinne,
 Cha 'n fhacas cuilm am Foluis,
 Ge mor bha do chearcan ann.

Caisteal biorach, nead na h-iolair,
 Bidh na gillean gortach ann,
 Cha 'n fhaicear biora ann ri teine,
 Mur bi dileag bhrochain ann,
 Choidhch cha 'n fhaicear ac' a mhairt-fheoil,
 Mur bi cearc am poit aca,
 'S ga 'n tional air an deirce
 'Nuair threigeas gach coisneadh iad.

Sporsail spaideil seol do bhagaist,
 Gur a fad o d'choluinn iad,
 Fhuair thu spadadh ri cois cladaich,
 Ghreas gu grad gu h-onair iad,
 Mu 'n d' thuair si fear gu 'n d' fhuair se bean,
 Cha 'n fhàs a chailleach torrách dhà,
 'S ann bha i leith chiad bliadhna,
 Mu 'n d' iarr crom-an danais i.

Cha 'n eil eun 's na speuran
 Is breine na 'n iolaire,
 Cha 'n ionunn idir beus d' i,

'S do dh' fheidh bhios 's na firichean ;
 Bidh iadsan moch ag eiridh,
 A feuchainn na biolaire ;
 'S bidh is' air sean each caoile
 A slaodadh a mhionnaich as.

Chuir i spuir a stigh na churach,
 As thug i fuil a chlaiginn as,
 An t-eun gun sonas, 'g iarraidh donais,
 Bidh na coin a sabaid r'i,
 'S breun an t-isein i air iteig
 Gun fhios c'ait an stadadh i ;
 Ma 's olc a lean i h-abhaist
 Cha'n fhearr far'n do chaidil i.

'S ioma buachaillle air fuar chnoc
 Agus cuaille bat aige,
 Ni guibhe chruaidh do bhean do shnuagh,
 'Sa bhuaileas o do thapadh thu,
 'Nuair bheir thu ruaig air feadh na 'n uan ;
 'S a bhios buaireis acrais ort ;
 'Nuair thachras cabar feidh ort,
 Gu'm feum thu bhi snasadhbha.

Cha'n eil eun 'san t-saoghal
 Dh' fhaodar r'i a chosmhàlachd,
 Cha'n ithear a cuid sìthne,
 Rinn firein a inallachadh ;
 Ged tha ort iteag dhireach,
 Mur fhior shaighdean corranach,
 'S ged thuirt iad riut am firein,
 Tha iongnan an donais ort.

Tha cabar fearunn Donuill
 Mur spòrs anns an talamhs' ac,
 Nach h-innseadh sibhse dhòmh's é

'S gu 'm b' eoil domh a charachadh,
 'S chuirinn fios gu h-eolach
 Gu Seorus au garaidheach,
 Gur h-e Coinneach Achadadonuill
 Le a lon chum an t-anam ris.

Bhiast gun mheas, gun mhiagh, gun phiseach,
 Riamh bu tric sa 'n talamhs' thu ;
 Dh' ol a's dh' ith thu trian do d' phiseach,
 'S tu a' t-isein amaideach ;
 Chuir na Reothaich thu air ghnothach
 'S tu a t-amhusg aineolach,
 'S ged thug Clann Choinnich miagh dhuit
 Cha b' fhiach thu 'n treas earrunn deth.

Faire, faire, shaoghail !
 Gur caochlaideach carach thu,
 Chunnaic mise Siophort
 Na 'm piob cruidhe sgalanta,
 Nach robh 'n Alba dh' aon-sluagh,
 Ged a shìneadh Mac Cailein ris,
 Na chumadh riut san éudann,
 Nuair dh' èireadh dò chabar ort.

Dh' eireadh leat an coir sa 'n ceart,
 Le trian do neart gu bagarach,
 Na bh' eidear Asinnt a's fa dheas,
 Gu ruig Scalpa-Chraganach ;
 Gach fear a ghlagadh gunna snaip,
 Claidhe glas no dagachan ;
 Bu leat Sir Donull Shleibhte,
 'Nuair dh' eireadh do chabar ort.

Dh' eireadh leat fir mhuideart
 'Nuair ruisgeadh do bhrataichean,
 Le 'n lannan daithte dughorm

Gu'n ciùirte na marcaich leo,
 Mac Alasdair's Mac Ionmhuinn,
 Le'n cuilbheirein acfuinneach ;
 'Nuair rachadh iad 'sa 'n iorghuill,
 Gu'm b' iongnadh mur tòideadh iad.

Bidh tu fhathasd gabhail aidhear
 Ann am Brathainn bhaidealach,
 Bidh cinne t-athar ort a feitheadh,
 Co bhrathadh bagar ort
 Bidh fion ga chaitheadh feadh do thighe,
 'S uisgebeatha feedanach,
 'S gur lionor piob gá'n gleusadh,
 'Nuair dh' eireas do chabar ort.

Diomoladh Chabair feidh.

Le ALASDAIR MAC DHONUILL.

Gu bheil mi air mo bho'radh,
 Le toghnadhbh na h-calainich,
 Bhi falbh air feadh an t-saoghal,
 Mur ghaoth chruaidh 's i sgalanta,
 Ged eireadh Iarla Shiophort,
 'S gach ni mur a ghealladh leis ;
 Tha fine anns' an Rioghachd,
 Bheireadh c'is a dh' aindeon deth.

Cha'n eireadh leat fir mhuideart,
 'S cha b' fhiu leo bhi 'n ceangal riut ;
 Gur mòr tha bhrigh do bheolsa
 Na chomhra' ro leamhanach ;
 Ach c' ait an d' fhuair thu dh' aodann,

Gad a dh' aontaich do theanga leat ;
 Na chruinnicheadh am porr ud,
 Sàr bhocain nuair chreanaicht iad.

Cha 'n eireadh leat fir Shleibhtc,
 'S na 'n eireadh b' e 'm breamas e,
 Le 'n aigne uasail uaibhrich
 Gu tuaireap nuair chreanaicht iad ;
 Le 'n oigridh sgairteil ghruamach,
 Co luath ris an dealanaich ;
 Gu 'n sgoilteadh iad Triath Shiophort
 An latha strith no fionnachais.

Cha 'n fhaod mi sheachnad 'sa 'n dol seachad,
 Gun a ghlacadh farasda,
 Cail a inharcuais air sgath facail,
 'S lagh ceart na mhearachd leis ;
 Ag coimeas Shiophort ri neart Rioghachd,
 Ann an gniomh no 'm fearachas ;
 Le ar leanmuinn bhuig gun eolas,
 A's moran d' i ro ain-eolach.

Ach ar leam flein gur gorach
 A dh' fhogradh Mac Ailein leibh,
 'S gur sgeul e chaidh o cho'strith
 Gur conspunn air aineol e,
 Le a chinne lionar laidir,
 'S iad dhasan cho charthannach ;
 'Na 'm faiceadh sibh air blar iad,
 Bu nar dhuibh comb tharruing ris.

Ach c' aite 'n cualas riamh 'ur cruidal,
 Ged tha sibh na 'r sluagh iomadai,
 Le 'r feachd tuathach 's iad neo bhuidhe,
 'S gainne crua's no giorrag leo ;
 Ged tha sibh laidir, lionar làsdail,

Sibh gu sasta cilleineach ;
 'N taobh muigh do 'n bhrataich Shàilich,
 Gu 'n d' thag sibh air Sliabh 'n t-Siorram i.

Gun tigh 'n air fine sonruicht ;
 Tha ioma seorsa bharrachd orra,
 Thall 'sa bhos 'san Rioghachd,
 Leis nach b' fhiù dol an coimeas riu ;
 Tha Tighearnan an taobh so,
 Gu 'm faodainn dhol am baranntas ;
 A nochdadhbh ruibh an aodainn,
 Ged tha sibh daonach fearunnach.

Tha iad gu meargant, feargaiddh, feargach,
 Dana gu garbh guinideach,
 Ri uchd naimhdean 'n am adbhsa,
 Ceannsgalach, cruaidh, curanta,
 Iad mur dheanndubh laidir neimhneach ;
 Sunndach an cas fuileachais ;
 Mur thoirreann eas le beanntaibh,
 Gù 'n cluinnte foirm 'ur gunnaichean.

Ach cuiridh mis thu 'n cuimhne,
 A's cluinn mi le faighidinn ;
 Na chuireadh thu sa 'n tuimhnich,
 Ge bruidhneach ro labhar thu ;
 'N cual thu la Uillt Eire,
 Bu cheiteill cinne t-athar ann,
 Gu 'n d' fhuair sibh ann déuchainn,
 O 'n dream nach éuradh fhathasd sibh.

Ghabh sibh maoim an aird an t-sleibhe,
 Bachd an fheidh cha ghabhadh sibh,
 Air bheag feum an cas Righ Searlais,
 Lomlan oillt a's gealtrais ;
 Ghuil na speuran, sgeith na reultan,

'G eigheach ruibh bhi aithiseach ;
 'Sann theap sibh ruith do'n Eiphit,
 Na'm bu talamh reidh bu rathad duibh.

Ach leugh thus' eachdraidh Mhontros,
 Ma shaoil thu gur bosd a th' agamsa,
 A's cinnidh tu 'n sin ni 's eolaich,
 Air seoladh a bhatailte,
 Mu'n d' thainig Moirfhear Gòrdan,
 Na duine choir na saboide ;
 'S ann thug sibh slinnein comhluath,
 'S cha mhor chaidh beo dhachaidh dhibh.

Theich iad uile, cha d' rinn fuireach,
 An treas duine bh' acasan ;
 Mur fhear da'n d' eirich le trom chreuchdan,
 Dol fo ghleus na saboide,
 As an deigh air feadh an t-sleibhe,
 'S cach na'n deigh na'm baidealaich,
 'Sann thug iad dhibh buaidh larach,
 'S rinn iad àbhair mhagaidh dhibh.

Bha Frisealaich, g'ar comhnugh :
 A's ioma seorsa bharrachd orra ;
 Bha Iomnhuirnis gle dhomhail,
 Le mor-shluagh a Ghearsadain,
 Ach 's aon cheithir chiad na'n ònar,
 A bha fodh ordugh Alasdair *,
 Thug bristeadh as 'ur morshluagh,
 'S bha ioma spoltadh salach ann.

Ma ghlac thu 'n cuidseal 's, feumail duitse,
 Bhi gu purpail ceannardach,

* Alasdair dubh Ghlinnegaraidh.

'S ma 's fear steids thu 's fheard thu eideadh,
 'S ioma speic a bheanas duit,
 O 'n 's pailte eucoir leat na reusan,
 Tha do chreuchdan salach dheth ;
 Tha chuis ud air a comhdach,
 O 'n 'se 'm bosd a chanadh leat.

Seinnear piob leinn, 's lionar pios duinn,
 'S cuirea-mid sios gu tartarach,
 Air ol fiona 'n ainm na ti ud,
 Dh' ordugh pris na 'm brataichean ;
 Cha dean priob a chuir gu h-ireachd,
 An tosta rìoghail againne,
 Ach toga-mid le foirm i,
 Le stoirm a's le beachdalachd.

A shiol na 'n Collaibh treubhach,
 Leis an eighte na batailean ;
 O 'n tharladh dhuinn bhi 's tabhairn,
 Gun bhairlinn gun teachdaireachd ;
 Gu 'n ola'-mid gu h-ordail,
 Gu morchuiseach, sméalpara,
 Deoch slainte 'n leoghuinn loinich,
 Nach maoimeadh roimh 'n t-snapaireachd.

Deoch slaint an leoghuinn threin chalma,
 Eugsamhail spraicealachd ;
 Na 'n tigeadh do chinn fheadhnaidh,
 Bu mheadhrach 'ur brataichean ;
 Cha b' fhiambach sibh 'n 'ur campa,
 Measg ghall feadh na 'm machraichean ;
 'S cha bu chabar stangach,
 Gun taing bheireadh snasadhbh oirbh.

Tha iad gu h-oirdhearg, geurbharr, coirilidh,
 Teintidh, foirdhearg, lasarach,

'S iad mur stoirm air mhire chonfhaidh,
 'S lainn na 'n dornn gu spealtaireachd,
 Le 'n geur cholg, a' strachdadadh bholg,
 Gearradh cheann a's chorpana,
 Cha bu chabar feadh na 'n gleann,
 Ag ruith' na dheann bu choltach riu.

'S e 'n leoghunn Riogh na 'n ainmhin,
 Air ainmealachd a's urrantachd,
 Air churantachd, 's air chruadal,
 Air uaisl' agus urramachd ;
 Air dhuinealachd, 's air ghairgead,
 'N am feuma ro fhuileachdach ;
 Gu cumpach, neartor, fuasgait,
 Gu luath chreuchdach, fuileachdach.

'S math do shuaithcheantas 'sa bhrataich,
 Dosgach, casgach, cumasgach ;
 Gu 'n eireadh sgairtealachd 's gach neach,
 Ri faicinn ceart do chularan ;
 Nuair a dhearcadh tu gle cheart,
 'S a bhiodh tu 'd bheachd gu furachail ;
 Gu 'n duisgte braise gun bhonn taise ;
 Le barrachd spraic 's na h-uile fear.

'S tur fhallain gath an leoghuinn ;
 Ri Strol a chrainn bhaidealaich ;
 Bu mhearsail, statail, ordail e,
 'N dorn an laoich aigionntaich ;
 Air itealaich gu cruadal,
 Dearg ruagh mur bharr lasarach,
 Gu 'n cuireadh e stoirm le sgeimhle,
 Siubhal sith fo ar casansa.

Gach neach sunndach sios sa 'n iorghuill,
 Le 'n culibheirean acsuinneach ;

Fead na luaidhe, scread na 'm faobhar,
 Surd neo chaomh ri stracaireachd ;
 Bidh lannan dughorm dol ga 'n dubhlan,
 Gearradh smuis a's aisnichean ;
 Bidh fanná-ghal truagh air feadh na h-araich,
 'S gearan craiteach acaineach.

Bidh gaor a's eanachainn ann na sgiodar,
 Le gliogartaich dhagaichean ;
 Cinn ga 'm pronnadh, 's cuirp ga 'n tolladh,
 Lainn ri ciogladh aisnichean,
 Picean geura ga 'm bualadh,
 Ri tarruing suas gu speachara ;
 Leis an aiteam bhiodh 's an fhuathas,
 'S a riamh nach d' fhuaradh ceachara.

Na fir chomasach na 'n sonnadh,
 Le fras a tolladh pheartsanna ;
 A dh' fhas somalt air a choinneadh,
 An am bhi sonnadh chlaiganna ;
 Sheinnte ponga air ur chlar lotma,
 'S pioban pronnadh ehaismeachdan ;
 Gu 'n cuirte anail anns na mairbh,
 A dhol gu foirgheus gaisgealachd.

Tharruing thu le d' bhoilich,
 Clainn Donuill an coimeas riut ;
 Mas fear thu bhios ri oran,
 Bi eolach mu 'n can thu e ;
 Na 'm faiceadh tu Diadornhnaich,
 Am por ud nuair tharruing iad ;
 Cha 'n aithnichte duine beo dhiu,
 Seach leoghuinn a's nathraichean ;

'N tus aif latha, bualadh chatha,
 Ga 'n crathadh gu rúcasach,

Le treun lamhan, 's le geur chlaidhe,
 Gearradh cheann a's chuisceannan ;
 Righ ! b' ait an t-aidhear bhi gá'n amharc,
 Gach saoi 's gach flaith aig tuiteam dhui ;
 'S gach treun laoch co bras gu feum dhui,
 'S gun cheann an fheidh ga'n cuideachadh.

Ach mu dheighinn céann ait fhéidh,
 Ghearr e leum 's cha b' builear da ;
 'S ioma miolchu bh' air a dlieigh,
 Le 'n ruith threun 's le 'n gunnaireachd ;
 Ach theich easań cho ro ghleusta,
 Mur bu bheus na h-uil uair dha ;
 'S cha robh a thrupairean an Alba,
 Eheireadh calg no fionnadh as.

Meirg a chabair thar i as,
 Gu 'n d' thug i mach na buidealaich,
 Cha d' rinn i stad gus 'n d' rain' i Peairt,
 Ruith gu bras an uidil ud,
 'S ann thar a h-Ainsein i na achlaistiliad
 Mur gu 'm paisgte cuigeal leis ;
 Cha robh bean Lot na 'm measg gu leir,
 Suil na 'n deigh cha tugadh iad.

Gun bhothair thu mo chluasan,
 Tha t-fhuaim ann mur dhrumachan,
 O 'n thog thu do cheann cracach,
 Na 's airde na bhvineadh dhuit ;
 A's mearsadh Earraghaidheal,
 'Sa thorc nimhe ri sgath a chularan ;
 Gu 'n sgoilte ceann an fheidh leis,
 Da reubadh na churagan.

Gu bheil mi air mo ghéisgeadh
 Le reicil an daimh Ghairrantaich,

Gun fhios nach ann 'sa bhuireadh,
 Air thus thig do mhearan ort ;
 Ma theannas tu ri buírich,
 Ri uinich na langanaich ;
 Rinn Dia dhiot creatair fiadhaich,
 Ro fhiamhach 'gu carachadh.

Ach 's beag bu choir a dh' fhear do chail
 Bhi labhairt an cas batailte,
 Gar am faiceadh tu do namháid,
 Ach air fàir gu'n starta' tu ;
 'S ann thugar caileachd anns a chas ud,
 Barr air ghearr na 'm machraichean ;
 Gu 'm foghnadh aón lasag fhudair,
 Chur sgeimhle dluth fo 'r casansa.

Duin do bhile 's gun thu t-fhilidh,
 Tog do d' learan spaglainneach ;
 Phocain ghoorraich thoir ort pilleadh,
 Tha 'n torc nimhe bagradh ort ;
 Tha saod millidh air do chinneach,
 Mu 'n fhine ud a thachair riut ;
 Gur maирg bheir culgein as a spiolainn
 'N am bhi sireadh sabaide.

Ach 's olc a bhagair thu cho ghorach
 Air an leoghunn againne ;
 Creatair aigionntach tha sonruicht
 Ri uchd gleois nuair tháchradh e ;
 Lean luaidh larach anns gach cas leis,
 Mur b' aibhist 's bu chleachda leis ;
 Gu maoimeadh feidh ná h Alba,
 Roimhe charbad na 'n caiste air.

'S tric a theich roimh d' dheudach
 Na creatairean bu churaistich ;

Am por bu ghann do shealgairean,
 A shealg anns na mullaichean ;
 'S ann latha 'n t Siorra miñir,
 A sgiùrs thu na h-urrad diu ;
 'S gun thàr a steach a Shruileadh
 Am suighleach a dh' fhuirich dhiu.

Na 'm faiceadh sibh 'n damh Saileach,
 Le bharr ard 's le ghliogaidean ;
 An cuamhlan glas fo 'n arma'
 Fir chearbach nach misneachail ;
 Cha saoileadh fear ri shealltainn,
 Gu 'n robh falls' no bristeadh ann,
 'S ann thar e mach air as an *ranc*,
 'Sa 'n ruaig gu teann ri easgaidean.

Ma ni sibh tathaich anns an rathad,
 Gheibh sibh caithream ghreadanach ;
 Le roinn na deannadh, dol gu 'r sagmhain,
 Aig leum a maide feadanach ;
 Gheibh sibh doinionn o Ghleanngaraidh,
 O chaithream na deaslainmh,
 'S o theanchair an leoghuinn bheucaich,
 'S cabar feidh cha teasraig sibh.

Bidh sibh fhathasd mur is cathair,
 Ann an tathaich eaglaisean,
 Le gair chatha 's le ceann claidhe,
 Cuir gu Brathainn teicheadh oirbh ;
 Cruaidh ga 'r caitheadh shios ga 'r sgathadh,
 Siorradh lann a's easgaidean ;
 'S gur lionar piob ag eigheach,
 Raitreut air a chabar ud.

Oran air blar na Tolainde a'n bliadhna 1799.

Le ALASDAIR MAC IONMHUINN, Coirpleir
bh'ann an Reisimeid, Mhoir-fhear Hunndaidh,
'sa nis air Gearasdan Ionmhuir Lochaidh.

Fonn—Alasdair duhh Ghlinne-garaidh.

AIR mios deireannach an fhoghair,
An dara là gur math mo chuimhne ;
Gluais na Breatunnaich o 'n *bhanca*,
Dh' iunnsaidh tachairt ris na naimhdean ;
Thug Eabarcrombaidh taobh na mara
Dhiu le chanain's mi ga 'n cluinntinn ;
Bha foirneadh aig *Mur* gu daingneann,
Cumail teine ris na naimhdean.

Thriall Eabarcrombaidh 's *Mur* na feile,
Le 'n laoich euchdail thun na batailt ;
Tharruing iad gu h-eolach treubhach,
Luchd na beurla ri uichd catha ;
'Nuair a dhluith na h-airm ri cheile,
Dhubhadh na speuran le 'n deathaich ;
'S gur lionor fear a bh' ann 'sa 'n eisdeachd,
Nach do gluais leis fein an ath-oídhch.

Dh' fhag iad sinne mur a b'annsa,
Fo cheannardachd Mhoir-fhear Hunndaidh ;
An t-og smiorail, fearail, naimhdeil,
Na 'n teannadh ain-neart ga 'r 'n ionnsaidh ;
Le bhrataichean shiod' a stranraich,
Ri 'n cuid crann a damhs' le muisig ;
'S na fir a' togairt thun na 'm Frangach,
'S iad mo ruinse chlann nach diultadh.

Bha 'n leoghunn colgara gun ghealtachd,
Le mhile fear sgairteil iamh-ruinn,

An Camashronach garg o'n Earrachd,
 Mur ursainn chatha's na blaraibh ;
 Dh'aontaich sinn mur aon 'sa bhatailt,
 Le faobhar lann sgaiteach stailinn ;
 Cha bu ghniomh le'r laoich gun taise,
 Fantail air an ais 'sa 'n lamhach.

Bhruchd na naimhdean le'n trom chàdaibh,
 Air muin chaich a' barcadh teine ;
 'Nuair fhuair Sasunnaich droch caradh,
 Phill iad o'n arach na'r coinneadh ;
 Ghlaodh Eabacrombaidh ri chuid armuinn,
 Tairngneadh na Gaidheil mu'n coinneadh ;
 'S tionndaidh iad an ruaig mur b'abhaist,
 An dream ardanach neo fhoilleil.

Greasad air an aghairt 'sa'n araich
 Ghluais na saighdeircan nach pillte,
 Mur iolairean guincach gun chaoimhneas,
 Nach b'fhurasta chlaoidh le mio-mhodh ;
 Thug iad sgrios orra mur bhoillsgeadh
 Dealanaich, ri oidhche dilinn ;
 Ri sior iomain romp' na'n naimhdean,
 'S neul fal' air roinn am picean.

'Nuair a dh' iondrain a chonspuinn
 Moir-fhear Gordan o uchd bualta ;
 'Sa chual iad gu'n robh e leointe,
 Dh'ùraich iad le deoin an tuasaid ;
 Mur mhaoim do thuil na'm beann mora
 Bruchdadhbh o na neoil mu'r guaillibh,
 Lean iad an ruaig le cruaidh spoltadh,
 Gu fulteach, mhor-bhuiileach, gruamach.

Bha Camshronaich an tus a chatha,
 Air an losgadh mur an ciadna ;

Leonadh an ceann-feadhnaidh sgairteal,
 Ri comhruig bhatailtean a liath e ;
 Gur sonruicht' coltach an dearcag,
 'Sa'n fheoil nach taisicheadh fiamh i ;
 Mu'n do chrom a ghrian fo cleochda taisgte
 Phaigh sinn air an ais na fiachan.

Ged bha na Rioghalaich o Albuinn,
 Na fir ainmeil, mheanmnach, phriseil ;
 Fada uainn ri nair a gharbh-chath,
 'S buaidh a b' ainm dhoibh ri uchd mhiltean ;
 Ghreas iad air an aghaidh g' ar teanachdad,
 'Nuair a chual iad stoirm na 'm picean ;
 B'e creach luchd na 'm breachdan balla-bhreac,
 Bhi le lasair marbh na 'n sineadh.

'Nuair chuireadh am batailt seachad,
 'Sa dh' aireadh ar gaisgich threubhach ;
 Bha ioma treun fhear 'sa'n deachamh,
 Le meud am braise 'sa'n streupaig ;
 Fuil a ruith air loctaibh frasach,
 O luchd na 'm breachdan an fheilidh ;
 'S i sior thaomadh leis na glacan
 'S truagh nach d' fhaod ar gaisgich eiridh.

Tha na Frangaich math air teine,
 Gus an teannar goirid uapa ;
 'S ann mur sin a loisg iad sinne,
 Ri deich mionaidean na h-uaire ;
 Ach 'nuair-a fhuair ar laoich gun tioma,
 Dhol an aite buille bhualadh,
 Bha roinnean stailinne biorach,
 Sathadh guinideach mu'n tuairmeas.

Gu'm b'i sin an tuairmeas smiorail,
 Chinnteach, amusach, gun dearmad ;

Thug na leoghuinn bhorba nimheil,
 Bu cholgail seallamh fo 'n arma ;
 Ri sgiursadh naimhdean mur fhalusg,
 A's driuchdan fallais air gach calg dhiu ;
 'S bha na Frangaich bruchdadadh fala,
 Cul ri talamh anns' a ghainmheich.

Mur neoil fhuilteach air an riasladh,
 Le gaoth a b' iargalta seideadh ;
 Ruith na 'm baidibh, ceigeach, liath-ghorm,
 'N deigh an cliathadh as a cheile ;
 Chithte na naimhdean gun riaghailt,
 Teicheadh gu dian o uchd streupa ;
 'S iad a leaghadh air ar bialadh,
 Mur shneachd am fiadhnuis na greine.

Ged a phill sinn o an duthaich,
 Cha do mhill sinn ar cliuth an crualad ;
 Bha sinn gach la ga 'n sgiùrsadh ;
 Mur chaoiribh aig cu ga 'n ruagadh,
 Dh' aindeoин an cuid sloigh gun chunntas,
 Tigh 'n o 'n Fhraing as ur 'g' ar bualadh ;
 Bu leisg ar gaisgich gu tionndadh,
 'Nuair a chord an Diuc ri 'n uaislean,

Nis o 'n chuir iad sinn do Shasunn,
 Ghabhail ar cairtealan geomhraids,
 Far am faigh sinn leann am pailteas,
 Ged tha mac na praisich * gann oirnn ;
 Olar leinn deoch slainté Mharcuis,
 Ar guala thaise 's ar ceannard ;
 'S tha sinn cho ullamh 'sa b' ait leis,
 Dhion a bhrataichean o ain-neart.

Cumha clann na Ceapaich, chuaidh a mhort le
clann brathar an athar ; le Jain Lom.

Fonn,—Gur a muladach tha mi
'S mo leanan air fas rium an gruaim.

'S TEARC an diugh mo chùis ghàire,
Tighin na ràidean so 'niar ;
'G amharc fonn Ionmhurlaire,
'N deigh a stràchdadh le siol ;
Tba Cheapach na fasach,
Gun aon aird oirre 's fiach ;
'S leir ri fhaicinn a bhraithrean,
Gur trom a bharc oirnn an t-sion.

'S ann oirnne thainig an diombuain,
'Sa 'n iomaghuin gheur ;
Mur tha claidhe ar fine,
Cho minig n' ar deigh ;
Pachda Thurcach gun sìreadh,
Bhi a pinneadh ar cleibh ;
Bhi n' ar breacain g' ar filleadh,
Measg ar cinne mor fein.

'S gearr o chomhairle na h-aoine,
Dh' fhag a choidhch sinn fo sprochd ;
O am na feillmìcheil,
Ge b'e nith rinn mo lot ;
Dh' fhag sùd n' ar miol-mhùir sinn
'Sna' r fuigheall spuirt air gach port ;
'Nuair theid gach cinneach ri chéile,
Bidh sinne sgaoilte mu 'n chnoc.

'S ann diasathuirne gearr uainn,
 Bhuaile an t-earrchull orm spot;
 'S mi caoidh na 'n corp geala,
 Bha call na fala mu 'm brot;
 Bha mo lamhansa croabh-dhearg,
 'N deigh bhi taosgadh 'ur lot;
 Bhi ga 'r cuir ann an cistidh,
 Turnn o 'm miste mo thoirt.

B' iad mo ghraidh na cuirp chùraidh,
 Ann 'm bu dluth chur na 'n sgian;
 'S iad na 'n sineadh air ùrlar,
 'N seomar ùr ga 'n cur sios;
 Fo chasan shiol Dùghaill
 Luchd spuilleadh na 'n cliabh;
 Dh' fhag àlach 'ur biodaig
 Mur sgaile ruidil am bian.

C' aite 'n robh e fo 'n adhar,
 A sheall ad bhathais gu géur;
 Nach tugadh dhuit athadh,
 Dh' fhear do labhairt's do bheus;
 Mach o chlainn bhrathair t-athar,
 Chuaidh 'm bainn an aibhisteir threin;
 Ach mu rinn iad ar lotne,
 'S trom a rosad dhoibh fein.

Tha thu 'd chadal 'n tigh duinte,
 Gun smuid deth gun cheo;
 Far 'n d' fhuair thu 'n garbh dhùsgadh,
 Thaobh do chùil a's do bheoil;
 Ach na 'm faigheadh tu ùine
 O luchd do mhi-rùine bhi beo;
 Cha bu bhaile gun surd e,
 Biadh air' air muirn 's air luchd ceoil.

A leithid do mhurt cha robh 'n Albuinn,
 Ged bu bhorb iad na 'm beus ;
 'S bochd an sgeul eidear bhraithrean,
 E dhol an lathair mhic De ;
 Mur am bàt air an lingidh,
 Ge b'e shireadh na dèigh ;
 Cha d'thain' a leithid do mhillleadh,
 Air ceann cinnidh fo'n ghréin.

Tha mulad air m' inntinn
 Bhi 'g innse 'ur beus
 'S ann a ghabh iad am fath oirbh
 'Nuair chuaidh 'ur fagail leibh fein
 'Sa chuir sibh cungaidh 'ur càsaibh,
 Ann an Aros na 'n téud ;
 'S 'ur buachaillean bàthchruiibh,
 Ann an garadh na 'm péur.

'S ann an sin a bha 'n cinneach,
 Bh' air am milleadh o 'n ceilidh ;
 Chuaidh a ghlacadh droch spioraid,
 Ann an ionad fiadh Dhe ;
 Sin am fath mu 'n robh sgianan,
 Cho minig n' 'ur deigh ;
 'Sa 'neach nach do bhualte,
 Bhi ga bhuan anns a bhréig.

Ach a Mhoir-fhear Chlann Donuill
 'S fad do chomhnuidh measg Ghall,
 Dh' fhag thu sinne n'ur breislich,
 Nach do fhreasdail thu 'n t-am ;
 Nach do gleidh thu na h-itean,
 Chuaidh gun fhios duit air chall ;
 Tha sinn corrach as t-aogais,
 Mur cholainn sgaoilte gun cheann.

Gur h-ioma oganach sgaiteach,
Lub bhachlach, sgiath chrom ;
Eidear drochaid Allt Eire,
'S Rugha Shleibhte na'n tonn ;
A dheanadh leat eiridh
Mu'm biodh do chreuchdan lan tholl ;
'Sa rachadh bras ann a t-eirig,
Dheagh Shir Sheimiš na'n long.

Chuir Dia oirnn craobh shiochain,
Bha da'r dionadh gu leoir ;
Da'm bu choir dhuinn bhi striochdad,
Fhad'sa'n cian bhiodh-mid bed ;
Ma sinn fhein a chuir dith oirr',
B' olc an dioladh sin oirnn ;
Tuitidh tuagh as na Flaitheas,
Leis an sgathar na meoir.

'N glan fhiuran so bh' agaínn,
'N taobh so Fhlaitheas Mhic De ;
Thainig sgiursadh a bhais air,
Chaill sinn thoirt le strachd geur ;
'N t-aon fhiuran a b' aillidh,
Bh' ann'sa phairce 'n robh speis ;
Mur gu'm buaineadh sibh ailein,
Le faladair geur.

Tha lionn-dubh air mo bhualadh,
'N taobh tuathal mo chleibh ;
'S mu mhaireas e buan ann,
B' fearr leam uam e mur chéud :
Gar an d' theid mi g'a innse,
Tha mi cinnteach a'm' sgeul ;
Luchd dheanadh na sithne,
Bhi feadh na tire gun deigh.

Iorram le Iain Lom do shiol Dughaill air son iad
bhi ga chuir air imrich, chionn e bhi labhairt
na'n aghaidh air son murt na Capaich.

'S TROM 's gur eisleineach m' aigne,
'N diugh gur feudar dhomh aideach,
O'n a dh'eigh iad riùm cabar's mi coir.

'S trom 's gur, &c.

Mi ga m' fhogradh a Clachaig,
'S mi gun mhanus gun aitreibh,
'S nach h-e 'mal a ta fairtleachadh orm.

Mi ga m', &c.

Mi ga 'm fhogradh a m' dhuthaich,
'S m' fhearrunn poist aig siol Dughaill,
'S iad am barail gu'n uraich iad coir.

Mi ga m', &c.

Mi ga m' fhogradh gun aobhar,
'S nach mi shalaich mo shaobhaidh,
Mur mhada-galla'sa chaonnag m'a shroin.

Mi ga m', &c.

Mo nith a's m' earnais feedh monaidh,
'S mi mur ghearr eidear chonaibh,
Gun chead tearnadh measg loinidh no feoir.

Mo nith a's, &c.

O nach d' fhas mi 'm sheár murta,
Gu bhi sathadh mo chuirce,
Mur bha na caraidean curta 'stigh mhor.

O Nach d' fhas, &c.

Fuil a taosgadh o lotan,
Dh' fhaoite thogail le copan,
Ruith na caochan mu bholtaibh am brog.

Fuil a taosgadh, &c.

A ruagh ropoach na 'maodal,
Ged a ropadh tu caolain,
Cha n' e do chogadh a shaoil mi theachd orm.

A rugh ropach, &c.

Cleas a bhinne nach mairionn,
Bha 'n Cille sgire Muicheallaig*,
'Nuair a dhit iad an gearran 'sa mhod.

Cleas a bhinne, &c.

Lagh cho chearr 'sa bha 'm Breatunn,
Rinn a' mearlach a sheasadhbh,
Bhi ga thearnadh o leadairt na 'n cord.

Lagh cho, &c.

Cleas dana mnaoi a chruiteir,
Mun ghniomhbh narach rinn musag,
Thug i lathn thun a phluice le dorn.

Cleas dana, &c.

A bhean choite gun obadh,
Bu choir a dochoir a thogail
Thilg a chlach anns an tobar 's i beo.

A bhean choite, &c.

* According to the law referred to in the text, women being appointed judges; a thief being brought before them for stealing a horse, the culprit was allowed to escape with impunity, while the horse was condemned to be hanged for allowing himself to be carried away.

'Nuair bha a bheisd air a buaireadh
 Na cionnta fein's i lan uaibhir,
 Theid an eucoir an uachdar car seoil.

Nuair bha, &c.

Faodar cadal gu seisdeil,
 Aig fadal Shir Sheinnis,
 Leig an ladurnas deistneach ud leo.

Faodar, &c.

Ach na m faicinn do loingeas,
 'S mi nach bristeadh a choinnéad,
 Na 'm biodh coiseachd air chomas domh beo.

Ach na 'm, &c.

Mire shrutha r'a darach,
 Ga cuir an uigheam gu h-aithghearr,
 Crainne ghiubhai's fo sparaibh a seoil.

Mire shrutha, &c.

'Nuair a lagadh a ghaoth oirnn,
 Bhiodh seol pasgaidh air a h-aodach,
 'S buidheann ghasda mo ghaoil ri cuir bhòd.

Nuair a lagadh, &c.

Raimh mu 'n dunadh na basaibh,
 'S iad a lubadh air bhacaibh,
 Sud a chùrsachd o'n atadh na leois.

Raimh, &c.

Buird ùr air a totaibh,
 'S i na deann thun na cloiche,
 Muir dhughorm a' spolltadh m'a bord.

Buird ur air, &c.

ORAN air latha blair IONMHUR-LOCHAIDH,
eidear CLANN DONUILL agus na CAIMBEUL-
AICH; le Iain Lom.

Fonn—Hug oirre ho, suas e bhraithrean.

Hi rim ho ro, ho ro leatha,
Hi rim ho ro, ho ro leathà,
Hi rim ho ro, ho ro leatha,
Chuaidh an latha le Clann Donuill.

'N cuala' sibhse 'n tionndadh duineil,
Thug an camp bha 'n Cille Chuimein;
'S fad chuaidh ainm air an urram,
Thug iad as an naimhdean iomain.

Hi rim ho ro, &c.

Dhirich mi moch maduinn domhnuich,
Gu barr caisteal Iomhur Lochaidh,
Chunnaic mi 'n t-arm a dol an ordugh,
'S bha buaidh a bhlair le Clann Donuill.

Hi rim ho ro, &c.

Direadh a mach glun Chuil-eachaidh,
Dh' aithnich mi oirbh surd ar tapaidh;
Ged a bha mo dhuthiaich na lasair,
'S éirig air a chùs mur thachair.

Hi rim ho ro, &c.

Ged bhiodh Iarlachd a bhraghad,
An seachd bliadhna so mur tha e,

Gun chur, gun chliathadh, na gun àiteach,
 'S math an riadh o bheil sinn paigthe.

Hi rim, &c.

Air do laimhse Thighearna Lathair,
 Ge mor do bhosd as do chlaidhe ;
 'S ioma oganach chinne t-athar,
 Tha 'n Ionmhur-Lochai na luidhe.

Hi rim, &c.

'S ioma fearr goirseid agus pillein,
 Cho math 'sa bha riamh do d' chinneach,
 Nach d' fhoad a bhotainn thoirt tioram,
 Ach faoghlum snamh air bun Ibheis.

Hi rim, &c.

Sgeul a b' aite 'nuair a thigeadh,
 Air Caimbeulaich na'm beul sligneach,
 H-uile dream dhiu mur a thigeadh,
 Le bualadh lann an ceann ga 'm bristeadh.

Hi rim, &c.

,N latha sin shaoil leo dhol leotha,
 'S ann bha laoich ga 'n ruith air reothadh,
 'S ioma slaodanach mor othar,
 Bha na shineadh air achadh an tothair.

Hi rim, &c.

Ge be dhireadh Tom-na h-aire,
 Bu lionor spog ur bh' ann air dhroch shailleadh,
 Neul marbh air an suil gun anam,
 'N deigh an sgiursadh le lannan.

Hi rim, &c.

Thug sibh toiteal teith mu Lochai,
 Bhi ga 'm bualadh mu na srona,

Bu lion'or claidhe clais ghorm comhnard,
Bha bualadh an lamhan Chlann Donuill.

Hi rim, &c.

Sin nuair chruinnich mor dhragh an fhalachd,
'N am rusgadh na 'n greidlein tana,
Bha iongnan na 'n Guimhneach ri talamh,
'N deigh an luthean a ghearradh.

Hi rim, &c.

'S lionor corp nochte gun aodach,
Tha na 'n sineadh air chinocain fhraoiche,
O 'n bhlar an greaste na saoithean,
Gu ceann Leitir blar a Chaorrainn.

Hi rim, &c.

Dh' innsinn sgeul eile le firinn,
Cho math 'sa ni cleireach a sgriobhadh ;
Chaidh na laoch ud gu 'n dichioll,
'S chuir iad maoim air luchd am mioruin.

Hi rim, &c.

Iain Mhuideartaich na 'n seol soilleir,
Sheoladh an cuan ri la doilleir,
Ort cha d' fhuaradh briste coinnidh,
'S ait' leam Barrabreac fo d' chomas.

Hi rim, &c.

Cha b'e sud an siubhal clearbach,
A thug Alasdair do dh' Albuinn,
Creachadh, losgadh, agus marbhadh,
'S leagadh leis coileach Strathbhalgai.

Hi rim, &c.

An t-eun dona chaill a cheuta,
 An Sasuinn, an Albuinn, 'sa 'n Eirinn,
 Ite a curr na sgeithe,
 Gur miste leam o 'n a gheill e.

Hi rim, &c.

Alasdair na 'n geur lann sgaiteach,
 Gheall thu 'n dé a bhi cuir as doibh,
 Chuir thu 'n raitreut a seach an caisteal,
 Seoladh gle mhath air an leantuinn.

Hi rim; &c.

Alasdair na 'n geur lann guineach,
 Na 'm biodh agad armuinn Mhuiile ;
 Thug thu air na dh' fhalbh dhiu suireach,
 'S raitreut air prabar an duilisg,

Hi rim, &c.

Alasdair 'Ic Colla ghasda,
 Lamh dheas a sgoltadh na 'n caisteal ;
 Chuir thu 'n ruaig air Ghallaibh glasa,
 'S mu dh'ol iad cal gun chuir thu asd' e.

Hi rim, &c.

'M b' aithne dhúibhse 'n Goirtein-othar,
 'S inath a bha e air a thothar,
 Cha 'n inneir chaorach, no ghobhar ;
 Ach fuil Ghuimhneach an deigh reothaidh.

Hi rim, &c.

Sgrios oirbh mu 's truagh leam 'ur caradh,
 'G eisdeachd an-shocair ur paistean
 Caoidh a phannail bh' ann 'sa 'n arach
 Donnalaich ban Earraghaidheal.

Hi rim, &c.

Oran do DHIUC GORDON, ri linn fogradh Righ
Tearlach a dhà, le Iain lóm, Fonn orain na 'n
casaga dubha, le Rob Donn.

SEISD.

LAMH Righ leinn a dhaoine,
C' uin' a chaochlais a bheart so';
'S gu bheil fios 'sa'n Roinn Eorpa,
Gur h-i choir tha sibh strachdadh;
Fhir a chruthaich o thus sinn,
Cuir a chuis gu treun taice;
Air na Banntairean * breige,
Rinn an eucoir a chleachdainn.

Mi "g amharc Strathchuaiche,
'S mor mo ghruaim 's cha bheag 'm eislein;
'S mi "g amharc na 'n gleanntain,
'N robh an camp aig Iarl Einne;
Ris an goirte 'n t-eun tuathach,
Nach d'fhuaradh ri brein-chirc;
Ged tha e 's an am so,
Gun cheann an Duneidionn.

Lamh Righ leinn, &c.

Gur mor mo chuis mhulaid,
'S mi air m' uilinn am onrachd;
'S mi "g amharc an ruithe,
Far 'n do shuidhicheadh bordaibh;
Tha i "n diugh fo ghleus chapull,
Eeur fada a's folach;

* Covenanter.

Aig aon stata na machrach,
Sar M̄harcus o Gordon.

Lamh Righ leinn, &c.

Naile chunnaic mi uair thu,
'S gu 'm b' uallach do loiseam * ;
Tighin a mach le d' gheard rioghail,
Air na grinneinean gorma. :
Luchd na 'n casagan sioda,
Ghlacadh pic gu gle mhodhar ;
'Sa bheireadh adbhansa,
An am dol an ordugh.

Lamh Righ, &c.

Bha mi eolach ad thalla,
'S bha mi steach ann ad sh̄eomar ;
Bhiodh ann iomairt air thaileasg,
'S da chlarsaich a co' strith ;
Gus am freagradh am balla ,
Do mhac talla na 'n organ ;
'S bhiodh fion spainnteach ga losgadh,
Am pairt a dh' obair na 'n or-cheard.

Lamh Righ, &c.

Cha d' fhoghaínn leo t-fhogradh,
Feadh fhrogan ga t-fhalach ;
Ach do thur-bhailtean mora,
Bhi gun choir aig Mac Cailein ;
'Nuair a fhuair iad thu t-onrachd,
Rinn iad oirnne gniomh alloil :
Bha t-fhuil rioghail gun fhotus,
Ga dortadh mu 'n scafal.

Lamh Righ, &c.

* A great company of gentry.

Ach a Thearlaich oig Stiubhairt,
 'S fad an dusgadh so th agad ;
 Gur fada ad shuain thu,
 'S tim dhuit glusad o d' chadal ;
 Mur eil t-aire gu direach,
 Air do Rioghachd fein a thagradh ;
 Leig dhiot 'sa 'n droch uair i ,
 Mur eil crualal a t-aigne.

Lamh Righ, &c.

'S math an cuideacha sluaigh dhuit,
 Thu bhi 'n uachdar na corach ;
 Gu coir t-athar a dhiuladh,
 Air na h-Iudhannaich dheoinidh ;
 Ach na faireadh iad baoth thu,
 No blas baoth air do cho'radh ;
 No mur chlaidhe bog staoinne,
 'N truaill chaoin air a h-oradh.

Lamh Righ, &c.

Tha uaislean do Rioghachd,
 Ga 'n sticeadh an claisean ;
 'S ga 'm falach an giusaich,
 'N deigh do chuinneadh a *phasadh* ;
 Daoine beag a rinn cillain * ,
 Do shiol *Skineirean* chraiceann ;
 Tha na 'm Parlamaid rioghail,
 'N deigh an Righ a chur seachad.

Lamh Righ, &c.

Tha na h-amraichean muine,
 Gabhail iul 'sa chuan fharsuing ;

* A store of money.

'Sa'n loingeas daraich a crionadh,
 Dh' oilte fion air an saitse ;
 Bhi ga'n tilgeadh air oitir ;
 As na porta' a chleachd iad ;
 'S ma mhaireas an tuil so ,
 'S mairg a dh' fhuirich ri fhaicinn.
 Lamh Righ, &c.

Oran le Iain Lom, air dha a chluinntinn an dara.
 Righ Tearlach bhi air a chrunadh.

Mi'n so air m'uilinn,
 An ard ghleann munaidh,
 'S mor fath mo shulas ri gaire.
 Mi'n so air, &c.

'S ge fad am thosd mi,
 Ma's e's olc leibh,
 Thig an sop a m' biaghad!
 'S ge fad, &c.

O'n bhà'sheanns' oirnne chluinntinn,
 Ged bu teann a bha chuing oirnn ;
 Gu'n do thionnaidh a chuibhleumur b'aill leinn.
 O'n bha, &c.

An ceum so air choiseachd,
 Le m' bhata's le m' phoca,
 'Sa'n lamh ga stopadh gu sarmhaith.
 An ceum, &c.

Gur h-olc an nith dhuinn,
 Bhi stad am priosan,
 'N am theachd an Righ g'a aite.

Gur h-olc, &c.

Thug Dia dhuinn fuitachd,
 As na cliabhan druidte,
 'Nuair dh' iarr sinn iuchair a għaraidh.

Thug Dia dhuinn, &c.

'Sa Thearlaich oig Stiubhaint,
 Ma chuaidhe an crun ort,
 Dia na fhear sdiuraidh air t-fhardraich.

'Sa Thearlaich, &c.

Ma chuaidh thu 'sa chathair,
 Gun aon bhuelle claidhe,
 'N ainm an athar 's an ard Righ.

Ma chuaidh, &c.

'S thu thigh'n dhachaidh gu d'"Rioghachd:
 Mur a b' oil le d' luchd mioruin
 'N coinne ri mile ciad tailte.

'S thu thigh'n, &c.

'S ioma *Subseig* mhor mhisgeach,
 'S measa run duit na mise,
 Tha cuir stigh am *petisein* an drasda,
 'S ioma, &c.

Luchd na 'n torra-chaisteal liatha,
 Air an stormadh le iarunn,
 B' olc na lorgairean rianih ann do gheard iad.
 Luchd na 'n, &c.

Cha b' fhas an dusgadh an cadal,
 Na madadh ruagh chuir a braclaich,
 'Nuair a fhuardh thu lag, ach bhi t-aicheadh.

Cha b' fhas, &c.

Na mearlaich uile chuaidh dh' aon-taobh,
 Ghearr muineal Mhoir-fhear Hunndaidh,
 'S math choisinn le bunntaisd am paigheadh.

Na mearlaich, &c.

Leam is eibhinn mur thachair,
 Mur dh' eirich do n bhraich ud,
 Bha gach ceann d' i na bachlagan bana.

Leam is, &c.

Cha robh uimhir na 'n cairtean,
 Nach robh tionnda' mi-cbeart orr',
 Bha mo shuilean ga m faicinn an trath ud.

Cha robh, &c.

'S olc an leasan diciadain,
 Mur a furtach thu Dhia air,
 Tha feitheadh air an Iarla neo bhaidheil.

'S olc an leasan, &c.

'N am rusgadh a cholair,
 Theid an ceann deth o choluin,
 Gloir agus moladh do 'n ard Righ.

N am, &c.

Le maighdionn scorr shuileach smachdail,
 Dh' fhagas gialan gun mheartuinn,
 Dhuineas fiaras a Mharcuis mhio-chairdeil.

Le maighdionn, &c.

'S ged 's e thus cha 'n e dheireadh,
 Do luchd dhusgadh an teine,
 'S mur mo run do 'n chuid eile da chairdean.
 'S ged 's e, &c.

Mur bha *Liusifer* tamull,
 'N deigh air thus bhi na Aingeal,
 Chaidh a sgiursadh le h-ainiochd a Pharais.

Mur bha, &c.

Bidh tu nis ann ad dheomhan,
 Dol timchioll an domhain,
 Bhrigh coltais toirt comh-fhillteachd dhasan.

Bidh tu nis, &c.

'S mor a b' fhearr dhuit na moran,
 No na chruinnich thu storas,
 Bhi tional an otraich gu d' gharadhd.

'S mor a b' fhearr, &c.

Na thu fhein 's do gheard misgeach,
 Bhi 'n ait as nach tig sibh,
 Mur sgaile *phictuir* 'sa 'n sgathan,

Na thu fhein, &c.

Na farabhalaich bhreaca,
 Bha tarruing uainn ar cuid beartais,
 Chuir an Righ mach a *Whitehall* dhuinn.

Na farabhalaich, &c.

ORAN air blar Tomaphubuill, eidear na h-Earra-
gha'laich's na h-Athollaich, le Iain Lom, 's e 'g
iomadan nach robh Moir-fhear Chlann Donuill,
aig an tigh, gu cuideacha' leis na h-Athollaich,
agus na h-Earragha'laich air faotainn buaidh.

SEISD.

Ho ro 's fada, \$ gur fada,
'S cian fada gu leoir,
O 'n a chuaidh thu air thuras,
Do bhaile Lunnainn na'n cleoc ;
Na 'n cluinneadh tu fathar,,
Le reothadh an eoin ;
'S gu n taoghladh tu 'n rathad,
'S mi nach gabhadh dheth bron.

'S ann air leith-taobh Beinne-buidhe,
Sheas a bhuidheann nach gann ;
Luchd dhearcadh an iubhair,
'Sa chur siubhal fo chrann ;
'S diombach mise d'ur saothair,
'Nuair a dh'aom sibh a nall,
Nach deachaidh steach air Gleannaora,
Ghearradh braoisiг na 'm beul cam.

Ho ro 's fada, &c.

A Mhoir fhear Chlann Donuill,
Chum thu chomhail gu duineil ;
'Nuair a shaoil an t-Iarl Aorach,
Do chuir gun aobhar a Muile ;
Bha thu roimhe 'n Duineidionn,
'S dh' fhag thu leigheart mu choinne.,

'S gun aon eislein a' t-aigne,
Dh' eisd thu chasad an Lunnaidh.

Ho ro 's fada, &c.

Ach a Mhoir-fhear Chlann Donuill,
'S fad do chomhnuidh measg Ghall ;
A laoich aigionntaich phriseil,
Oig riomhaich an àigh :
Tha maise an fhiona,
Ad ghruaidh dìreadh an àird ;
'S tha thu shliochd na 'n tri Cholla,
Ga 'm biodh loingeas air sàil.

Ho ro 's fada, &c.

'S truagh nach robh iad na ciadan,
Do luchd sgiath agus lann ;
Do na h-oganaich threubhach,
Nach euradh adbhang ;
Cha bhimid ag eigheach,
Co da 'n eireádh an call ;
'S ann aig geat Ionmhuraora,
Ghabh mo laoich gu camp.

Ho ro 's fada, &c.

'M bruadar chunpaic mi 'm chadal,
B' fhearr gu 'm faicinn am dhùisg e ;
'S mi nach fuireadh na b' fhaide,
Ann am plaide air m' àigh,
Seallamh 'n sin do d' ghnùis aobhach,
'Nuair a phlaosgadh mo shuil,
B' ionunn eiridh do m' aigne,
'S leum a bhradar am burn.

Ho ro 's fada, &c.

Gur mise bha tursach,
'N am dhomh dusgadh o m' bhruadar ;

Bhi faicinn do chursaibh
 Dol a null air Druim-uachdar ;
 Bhi gad chuir 'sa 'n toll-bùth,
 'S gun mo dhuil thu thigh'n uaithe ;
 Luidh sinal air mo shugradh,
 Gus an duisgear an uaigh dhomh.
 Ho ro 's fada, &c.

Tha pruip air do chulaobh,
 'S math a b' fhiu dhuit am faighneachd ;
 Eoin Abrach o 'n Ghiùsaich,
 Cha toir cubair a ghreim deth ;
 'S Gilleasbuig a Bhraighe,
 Gu latha bhrath nach bi 'm foill duit ;
 Mac Iain 'sa chinne,
 Gu 'n imicheadh an oidhch leat.

Ho ro 's fada, &c.

'S ioma marcaiche statail,
 Gar an àir mi ach cuid diu ;
 Eidear geata bhraigh Acuinn,
 Gu slios Blair na 'm fear luidneach ;
 Mur ghabh sud a s braigh Hàrdail,
 Agus braighe Bochuidir ;
 Ghabhadh leigeadh gu statail,
 'N eirig la Tomaphubaill.

Ho ro 's fada, &c.

'S ioma ogansch guineach,
 Laidir, duilich dobh aithnicht ;
 Eidear braighe uisge Thurraid,
 'S caol Mhuile na 'n canach ;
 Ghearradh beum le 'n arm guineach,
 Ga 'n iumann do 'n fheamuinn ;

Ann an eirig na 'm muineal,
Chuaidh a chur sa 'n Airdreanaich.

Ho ro 's fada, &c.

'S sad o 'n chuala' mi seanchas,
'S mi 'm sheana-ghiulan gòrach;
Mu 'n do chuir mi crios féilidh,
Os cionn leine no còta ;
Bhi ga innse gu soilleir,
Anns' gach coinne a's comhail,
Gu 'm bu chairdeach an sloinne,
Siol Mhoire 's Clann Donuill.

Ho ro 's fada, &c.

A Righ ! nach robh iad an geambairn,
Lan teambuill do shluagh ;
Do luchd na 'm beul cama,
'S cha b' ainid sud uainn ;
'S ioma claidhe geur guineach,
Laidir fulangach cruidh ;
Th' aig mo chinne ga 'm feitheadh,
'S aig Clann 'Illeain na 'm buadh.

Ho ro 's fada, &c.

'S b' fhearr gu 'n tigeadh iad fhathasd,
Clann 'Illeain na 'n tuagh ;
'S cha bhiodh sгian ann am fraighe,
No claidhe an truaill ;
Bheirte mach na h-airin chatha,
'S cha bhiodh an latha sin buan ;
'S ged bu ghuineach na Guimhnich,
'S iad siol Chuinn a bha cruidh.

Ho ro 's fada, &c.

Tha mo run air na gillean,
 Leis an cinneadh an t-sealg ;
 Dh' eireadh fearg orra 's frioghan,
 Dhol an iomairt na 'n arm,
 Dhol a null thair an lingidh,
 Le gillean na cairge ;
 'S ioma marbh bhiodh ri shireadh,
 Air an tilleadh do Chearara.

Ho ro 's fada, &c.

ORAN le **IAIN LOM**, oir latha blair na h-Airde-reanaich aig Ionmhuraora, far an d'fhuair na h-Athollaich buaidh ann an eirig latha Toma-phubaill.

SLAN gun dith dhuit a Mharcuis,
 Direach, maiseach gun chroma ;
 Da shuil ghorm fo d' chaol mhalaidh,
 Nach d' fhas gu balachail, bronnach ;
 Cheart cho chinnteach 'sa 'm bas,
 Ged tha thu 'n drasd as an t-seallamh ;
 Gu bheil mulad fo d' chom ort,
 Mu bhas Ghoud Iarla Moire *.

'S ceart 's cho cheart mur mo dhurachd,
 Le beachd mo shul gur mi chunnaic ;
 Cha robh againn do sgathan,
 Ach greasad trath do'n tigh ghrunnaich ;
 Aisling caillich mur a dùrachd,
 Gach mio-rùn bha do 'n duin ud ;

* See the sixth verse of the preceding Song.

Ged bu ladurna 'n culchainnt,
Stad a chuis air an iomull.

Cha b e aingeachd na tuatha,
Ghluaís aím Marcus le dhaoine ;
Ach togail a bhrataich,
'G iarraidh smachd air luchd aobhair ;
Fhuair thu iuchair na corach,
Gu t-ordugh le d' dhaoine ;
Agus fosgladh gach caisteil,
Fad slait Ionmhuraora.

Gheill Dunstaidhini's grad duit,
Innis fharsuing na 'm faochag ;
Ged bu daingeann a chlach i,
Fhuair thu steach air bheag saoithreach ;
Cha robh cuilibheir caol glaice,
No gunna praise gun sgaoileadh ;
Eidear Innis Chonnain na 'n canach,
Gu ruig bail' Ionnihuraora.

'S ard *Lieutenant* o 'n Righ thu,
Thug thu sgriob do dh' Earraghaidheal ;
Bu leat Tairbeart's Cinntire,
'S gach aon nith bh' anns an ait sin ;
Agus Ile bheag riabhach,
Mu 'n iath a mhuir shaile ;
'S goirt a chnead a ta'm chliabhsa,
Fhad's bha 'n t-iásaid gun phraigheadh.

Thighearn oig Ghlinne-garaidh,
Na bi falach do rùin oirnn ;
Oighre 'n duin' thu tha mairionn,
Tha thu 'd charaid dhuinn dùbait ;
Cha bheo e 's cha mhairionn,
Na ni ar sgaradh o d' chula',

A luchd na 'n ceanna-bhearta' crabhaidh,
Thionndaidh falachd a chrùin ruibh.

'S e do charaid mor dealaidh,
Mac 'Ic Ailein a Muideart,
Sliochd an Alasdair Gharaich,
Luchd tharruing na 'm fiuran ;
Cha do chuir cainb shalach ;
Na taibheid ealamh ri d' chul-chrann ;
Bheireadh beum air a h-athlorg,
Fhad sa mhaireadh a fiudhaidh.

Na 'm biodh Tighearn nà Learguinn,
Ann an Albuinn 's e mar-riut ;
Agus Tighearn an Tairbeirt,
'S iad nach tairgeadh do mhealladh :
Luchd na 'm peighinnean talmhaidh,
'S tu dh' fhaodadh earbs' asd gu daingeann ;
Cha 'n eil iad beo do shliochd Cholla,
Na ni 'n comunn ud aithris.

Gur a h-ioma fear goirseid,
Gunna stoitte, 's lann dughorm ;
Le 'n gunnaichean caola,
'S na daormuinn ga 'n giulan :
Mac Laomuinn 's Mac Lachuinn,
'S Mac-an-Ab o Ghleanndochart,
Mac Neachduinn, 's Mac Dhughail,
'S Mac Iain Stiubhairt o 'n Apuinn.

Cha 'n iongnadh thusa bhi fiamhach,
'N taobh shios do Bhunatha ;
Ged theid Guimhnich g'a 'n dichioll,
'S gu diodunn a chlaidhe ;
'S leat na thubhaint mi chiana,

Ceart cho direach ri saighead ;
 'S leat Mac Ionnuinn an t-Stratha
 Agus da Mhac Ghilleain.

'S fearr leam fhaicinn na chluinntinn,
 Gu 'n do stad a chuimh air am muineal ;
 Nis o 'n thionndaidh a chuibhle,
 'S fad bhios Guimhnich gun urram ;
 Ged a shaoil le Mac Cailein,
 E bhi na bharraich air Muile ;
 B' thearr dha chumail na bh'aige,
 Na bhi 'g agradh air tuille.

Na 'm biodh fear a bheoil mhoir ann,
 O nach doirteadh gloir bhreamais !
 Naile chailleadh sibh geoidh ris,
 Nach b' fhiach an rostadh ri teallach :
 Fhuair sibh sgapadh na 'n caorach,
 Na 'm biodh e dhaoine air thalamh ;
 'S ged a ghlac sibh le foill e,
 B' e fhein an saighdeir bu ghloine.

Gur mairg a dh' earbadh a cairdeas,
 Neach a dh' fhas air an t-sloinne,
 Na 'm biodh cuimhn' air an lath' ud,
 Fhuair iad t-athair fo 'n comus ;
 Chuir iad smuid ri tur-arda,
 Chaisteil Blhair gu gle shoilleir ;
 'S beag bha dh' fhiughair an la sin,
 Gu 'm biodh iad paighte na 'n comain.

'S mor tha eidear dha latha,
 Ged bha e grathunn gun tighin ;
 Chuaidh thu 'n cuirt na bu leatha,
 'N deigh t-athar a mhilleadh ;
 Gun aon bluille cláidh,

Gun sathadh biodaig no sgeine ;
 Mur gu 'm bathadh tu coinnlean,
 Chaill e 'n oighreachd 'sa 'n cinneach.

'S beag a b' fhiach do Mhac Mhoirich,
 Dhol n' ur coinne ach ainneamh ;
 Na ghabhadh mur chomppach,
 Ach fear da 'n geallt' bhi na charaid ;
 'N deigh a Chomasdair Stiùbhairt,
 Thain' sibh 'n tus air le h-ainiochd
 Thugadh an ceann deth gun sgruba,
 Air fearunn *Lady Murray.*

Buail an teud sin gu sealbhach,
 'S na dean searbh i gun bhinneas ;
 'S na toir t-agaidh neo chearbach,
 Ris 'n fhear nach earb thu do shlinnein ;
 Ma chuir an Righ an t-slat sgiùrsaidh,
 'N glaic do dhuirn gun a sireadh ;
 Uair mu seach air an fhurnais,
 Mur bhuill' uird air an innein.

Gloir do 'n Righ th' air a chathair,
 'S maирg a ghabhadh mu na chluinneadh ;
 No ghuidheadh na bhreig e ;
 Gach nith dh' eirich sa chunnaic ;
 Mu 's ann le droch-bheart Iudais,
 Dh' fhuaigh thu chlùd air an lunnainn ;
 Chaill thu 'n luireach 's na breidean,
 'S gach aon eideadh bha umad.

'N cuala' sibhse 'sa 'n duthaich,
 'N ranntar-buth bh' aig na luchai' ;
 'S iad a cruinneacha' ri cheile,
 Na 'n droch reisemeid churta ;

'Nuair bha eagal a chait orr' ;
 Chuaidh droch sgapadh an cuid diu ;
 'Sa bheisd inhor 'sa 'n robh phlaigh dhiu,
 Sgrios gun agh oirr' mur fhurtachd.

Sin 'nuair labhair Dubh-na-h-àmrai,
 A bheisd ghrannd 'sa chrain mhullaich ;
 Cha robh an sabhal na 'n amh dhiu,
 Beisd le 'n àl nach do chruinnich,
 Nuair bha 'm mod ga 'r cruidh sharach'
 'S na cuird a fasgadh mu 'r muineil ;
 'S ann an sud a bha 'n gàtur,
 Co a chaireadh iad umaibh.

B' ionunn sin sa 'm bun rutha,
 Cha 'n eil iad buidheach da' r 'n ainiochd ;
 Mur chlach an ionad an uighe,
 Na 'm biodh luitheachd na 'n teangaidd ;
 B' ionunn sin 's do shliochd Dhiarmaid,
 Bhi ga 'r biadhadh an ainiochd ;
 Math an aghaidh an uilc,
 Chuir mi luchd sa 'n Airdreanaich.

'Nuair bha 'n ad oirbh a nuiridh,
 Bha sibh urranta modhar ;
 Am bliadhna chaill sibh an currachd,
 'S eiginn suireach gle shamhach :
 Chaill an t-Iarl air 'ur turas,
 Mheud 'sa bhuinig e mhal oirbh ;
 Gar am b' fhiach leis an duin' ud,
 Bhi ri cruinneachadh cnamhaig.

B' olc a b' fhiach do Dhiuc Atholl,
 Dholl an coinne riut *Eardsaïdh*,
 'N déigh latha' Roinn Llothunn ;

Thug sibh locshlaint mur earlais,
 Mheall sibh null thair an amhuinn,
 Marcus Atholl 'sa bhrathair ;
 Chuir sibh 'n laimh an toll-buth iad,
 'S loisg sibh duthaich Iarl Earlaidh*.

Tha thu 'd Mharcus am bliadhna,
 'S ad shar Iarl air Tulaich-bhearduinn ;
 'S ged a dheanadh iad Diuc dhiot,
 'S ro mhath b' fhiu thu an t-aite ;
 Tha do thiotal cho lionor,
 Chumail dion air do chairdean ;
 Geard an Righ fo d' smachd orduigh,
 'S tha thu 'd Mhòir-fhear Baile-mhanaidh.

Oran air feachd Righ Sheimis a gluasad gu cumail
 blar Raoin-Ruairidh, 'n aghaidh na 'n Sasunn-
 ach, le Iain Lom.

Fonn—'Illean bithibh guineach.

'S MITHICH dhuinn marsadh as an tir,
 O 'n chuir sinn dith air feoil na 'm mart ;
 Tamull an ordugh, dhuinne 's d' ar mor-shluagh,
 Dh' imhich ar 'n oigridh uainn a mach ;
 A chuilein oig, ma tha thu leonta,

* A title formerly in Strathmore, now extinct.

Gu 'n seall an Righ mor riut anns gach beart ;
 Air mhaduinn di-mairt, rinn sinn naarsadh,
 'S facal gach seardsain a ruith oirnn mu seach.

Aig leith-taobh an t-saile, tharruing na h-armuinn,
 Suas na 'm bragadaibh gu gle cheart ;
 Mu bheul an anamoich, shuidhich sinn campa,
 A's dh' imich ar ceannard uainn a mach ;
 Facal ar Coirneil ri Sir Donull,
 Mur sud a's ar 'n ordugh bhi n' ar glaic ;
 " Na leigibh bonn dail, an seasamh a gheard,
 " Agus cumaibh ur naimhdean uaibh a mach."

Bu fhliuch a mhaduinn, a thog sinn ar breacain,
 'Sa chuaidh sinn air asdar gus an tigh ga 'n robh
 chait * ,
 'Nuair rinn sinn eiridh, gu 'n d' rinn sinn ar eideadh,
 A's chuaidh sinn 'n ar leum fo na cnapanna saic †
 'S bu lughaid ar 'n airtneal, nuair thainig am feasgar,
 'Nuair loisgeadh an lasag, bu lionor srad ;
 O Cheann-Lochiall, gu 'n d' rinn sinn triall,
 'S 'nuair chrom a ghrian, gu 'n d' rinn sinn stad.

Aig ceann Loch Lochai shuidhich sinn campa,
 Latha roimhe dhi-domhnuich 's da latha na dheigh ;
 Chruinnich ar cairdean uil' air an laraich,
 'S thog iad an lamhan an lathair Mhic De ;
 Bu bheag ar speis do dh' airgiod no spreidh,
 'S gu 'n d'fhag sinn n' ardeigh ar mnathan 's ar clann ;
 Cheart aindeoин an sport, ged chiuirte againn corp
 Cha dean sinn bonn clos, gus an cosgar leinn Gall.

* The billet-house.

† The knapsacks.

Labhair an Gramach a b' fhearr nadur,
 A chlanna na 'n Gàidheal na faiceam 'ur gruaim,
 Togaibh 'ur 'n ianntinn, thainig an tìm dhuibh,
 'S mithich dhuinn marsadh do'n tir so shuas :
 Dh' fhàlbh sinn a muigh cho ro statail,
 Gus 'n do rainig sinn braighe Ghlinn Ruaidh ;
 Mach ri Gleannturaid, a's monadh sin Dhrumuinn,
 Dh' imich gach duine bha guineach sa'n ruaig.

Mach monadh Dhruim-uachdair, dh' imich na
 h-uaislean,
 Bu mhòr crùadal 's bu bheag sgios,
 'Nuair rainig sinn Atholl, cha d' fhuair sinn ach
 mnathan,
 Chuaidh fir as an rathad, mu'n gabhte dhiu cis ;
 'N deigh mheadhon latha, sinn a falbh air ar'n
 athais,
 Aig leith-taobh na h-ambunn, ghabh sinn a sios ;
 Thainig marcaich a steach, air beula'a phas,
 Dh' inns' gu'n d' thainig am prasgán a's Coirneal
 Mac Aoidh.

B' aithghearr a cheilidh, thug muinntir Righ
 Sheimis,
 Leith-taobh an t-sleibhe ghabh iad a suas ;
 Bu lionor fallas air gach inala,
 Aig direadh a bhealaich an taobh mu thuath ;
 Ceann na cuimhne, roimhe mhuinntir,
 Pairt d' ar'n iondrain e bhi uainn :
 B' aigionntach sporsail, aigne Chlann Donuill,
 Ged fhuair iad an leonadh, bu deonach leo' nuair.

Għluais gach fine, gun tlaths gun tioma,
 Gun sgath gun għiorrag, na'n ionada' fein,
 Chuaidh simn cho statail, 'm brollach ar namhaid,

'S cha tilgte crann sathte an la sin gun fheum,
 Aig deireamh an latha, nuair tharruing sinn claidhe,
 Bha toiseach ar sgathaidh, 'n am laidhe do 'n
 ghrein ;
 Cheart aindeoin an sparraidh, ged bu laidir am
 barail,
 Gu 'n do chaill iad am fearunn sa t-anam na dheigh.

Ceannard an aigh, gu 'n do thuit thu 'sa bhlar,
 'S bu sgathach do lamh, gus an d' thainig a nuair;
 'S e do bhas a Dhuindithe, dh' fhag ormsa trom-
 lithe,
 Chuir toll ann mo chridh, 'sa dh' fhag snith air mo
 ghruaidh
 Bu bheag air son t-eirig, na thuit do na beisdean,
 An cogadh Righ Sheimis, ged dh'eirichleinn buaidh;
 Ach sgapadh na 'n cuileag, air muinntir Righ
 Uilleam ;
 Tha sinne fo mhulad, ged chuir sinn iad uainn.

Coirneal Ramsaidh, bu' mhor anntlachd,
 Anns an am ud tighin a steach ;
 Gu 'n robh sinn cho aingidh, anns an am sin,
 Greim air Gall cha leigimid as ;
 Choirneil *Balfur, ye son of a whore,*
I'll make you sure, ye'll come to the fight ;
 Bhrist iad do chrun, as t-ad air do shuilean,
 'S ghéarr iad do bhùtainn air cula' do chas.

ORAN air Righ Uilleam agus Ban-Righ Marai ;
Le Ian Lom.

SEISD.

Hì rin hè rin, hó ro o bha hó,
Hì rin hè rin, hó ro o bha hì,
Biodh gach duin agaibh bronach,
Air son foirneart mo Righ.

'N diugh chuala' mi nuaidheachd,
Air alt nach b' aimhealtach lèinn ;
Na 'n cumadh e chasan,
'S gu 'm biodh an t-ath-sgeul cho binn ;
Righ Seimus le farum,
Cur a dharaich na still ;
O'n 's leat uachdar na mara,
Gluais a's tarruing gu tir.
Hi rin, &c.

Mhic Muire na na h-Oighe,
Coimhead foirneart mò Righ ;
Co b' urrainn d' ar smaladh,
Ach do lamhans' bhi leinn :
Faic a nis Prionns' Orainns,
Cur na coir os a cinn ;
Ach as do chobhair a Shlan'ear,
Thig furtachd a's slaint air gach tinn.
Hi rin, &c.

A Righ chumhachdaich fheartaich,
Ga bheil beachd air gach nith ;

Cum air aghaidh an ceartas,
 An lagh seachranach pill :
 Faic luchd na 'm breid daithte,
 Bhi gun dealt ann am *prionnt* ;
 'S ma tha 'n eucoir na 'n aigne,
 Beuin do shlat os an cionn.

Hi rin, &c.

'Nuair a thainig thu Shasunn,
 'S tu rinn aiseag a bhreamais ;
 'Sheilbh coir thoirt air eiginn,
 O 'n athair-cheile thug bean duit :
 Cha b' i réul na 'n duilean,
 Bha deanadh iùl duit 'sa 'n aineol ;
 Mur bha riomhe na tri Righrean,
 'Nuair bha Iosa na leanabh.

Hi rin, &c.

Thug thu 'm follais an t-Slan'ear,
 Seula grain do luchd teagaisg ;
 'S gur mor am fath naire,
 'N coig aithne a bhristeadh ;
 A nighean fhein 's mac a pheathar,
 'N aghai labhairt an scriobtuir ;
 Mur blireun gearran 'sa chathair,
 'S nach b' shear tighe da 'n sliochd e.

Hi rim, &c.

'S flor mhallaichte 'n lamhnain,
 Thum an spain anns an roinn ud ;
 Seilbh coir thoirt a dh' aindeoin,
 Le muthadh malairt an traiteir :
 Ged a stadadh an claidhe,
 Gun bhuelle chaitheadh ach na rinn e ;

Bidh gach fuil ag eigheach am flaitheas,
Ad dheigh a latha sa dh' oidhche.

Hi rim, &c.

'S maирg a chreideadh droch nuaidheachd,
Thig roimh' amhuch a namhaid ;
Chuireadh fùdar na ghreadan,
An grunnd na h-eaglaise gnathaicht :
'S lionar lunn tha na teine,
'Sa ghrunnd 'n do spealadh an grain-shop ;
Ach chì sinn fhathasd sud diolte,
Mas a fior a ta 'n fhaistinn.

Hi rin, &c.

Nuaир chuaидh *IWhite Hall* a losgadh,
Bu mhall do choiseachd gun bhrogan ;
'S mi nach rachadh le pairtidh,
Air mhire bhathadh na tòite ;
Mas a doine rinn suas e,
B' fhaoin an cruadal 'sa 'n seoltachd ;
Cha 'n eil nì gearan mo thruaighe !
Ach a lughad sa fhuair dhiu an rostadh.

Hi rin, &c.

Cha tig ach rucas a's cealgan,
O chruitibh cealgach an ràbuill ;
Cuiridh 'n t-aibhisteur a sheul ris,
Bidh Dia a's daoine ga aicheadh ;
Cleas eud bean a chruiteir,
Fhuair a cursadh 'n sgath garaidh ;
Thog iad airsean mur ursgeul,
Gu 'n do mhurt e dhearbh bhrathair.

Hi rin, &c.

Gu 'm bu ghrannda na sgeoil sin,
Thug na deomhain ga dhiobairt ;

'S nach b' urr' iad ga dhearbhadh,
 Ach mur bhuelle searbh da 'n luchd mloruin ;
 Gu 'n cuirte isein a chlamhain,
 Ann nead clannach an fhireoin ;
 Mac muice a bhalaich,
 Shalcha' fala na 'n Righrean.

Hi rin, &c.

'S mairg Righ a rinn cleamhna,
 Ri Duitseach shanntach gun trocair ;
 Cha b' e 'n onair bu ghnaths da,
 Ged 's tu brathair mathar an rogair ;
 Ged a thug thu dha Marai,
 Air laimh chum a posaidh ;
 Ghabh e t-oighreachd a t-antoil,
 Thair do cheann a's thu 'd bheo-shlaint.

Hi rin, &c.

Bha mac aig Righ Daibhidh,
 'S bu deas aill air ceann sluaigh e ;
 Chuaidh 'n aghaidh an athar,
 'Sa 'm fear nach cathair da bhuaireadh :
 'Nuair a sgaoileadh am blar sin,
 Thug Dia paigheadh na dhuais da ;
 'S o 'n bu droch dhuine cloinn' e,
 Chroch a choill air a ghruaig e.

Hi rin, &c.

Ach buaidh an droch sgeoil sin,
 Do Phrionns' Orainns gun diagachd ;
 Ged a rachadh do bhathadh,
 Cha b' ionunn bas duit 'sa dh' iarrainn ;
 Ach na sùsain bhi t-fhaicinn,
 Eidear eacha' ga d' stialladh ;

Dol ad smaladh 'sa 'n adhar,
 Mur luaidh dhaithte ga criaradh.
 Hi rin, &c.

Sgrios gun iarmad gun duilleach,
 Cha 'n iarrainn tuille am dhan duibh ;
 Gun sliochd a dh' iathadh mu t-uilinn,
 Do ghniomh broinne droch Mharai ;
 Ged a ghlacadh na theum e,
 'S farsuing beul' a mhic lamhaich,
 A sheann staoile bhi 'n cuntart,
 Aig na rinn thu chruinneach' a graineig.
 Hi rin, &c.

Ach sèun gun tuisle air Marai,
 'S olc an lan tha na togsaid ;
 Nar fhaicear laogh càraig,
 Nuas gu lar as a poca ;
 Cha bhi 'n sean-fhalacal claoide,
 Air neo 's claon theid a thogail :
 Tha 'n da shannt 'sa 'n droch mhnaoi ud,
 'S annsa bodaidh no boban.

Hi rin, &c.

Ach na 'n tigeadh an Righ sin,
 'Sa Mhaç dileas air aidmheil ;
 Ged a theireadh Prionns' Orainns,
 Nach h-i choir a bhiodh againn ;
 Cha bu mho orra Uilleam,
 Air sraid Lunnainn an Sasunn,
 'N ceann fhuadach deth mhuineal,
 Na cluas cuilein an radain.

Hi rin, &c.

Prionns Orainns a mhlo-raith,
 Ma 's toil le a Righ thoirt gu creidimh ;

'S coir an duilleag so thionndadh,
 Air a Bhan-Righ nach creid e :
 Ma shaoil am biothuntach saanntach,
 Na mhac samhla ga ghoid sud ;
 Na a ruidheachd le a lannan,
 Air nighean *Seanalair Huitsein.*

Hi rin, &c.

B' fhearr gu 'm buaileadh e 'n *stàidse*,
 Tus a *bhaidse* bu choir dha ;
 Na 'm bu tuiteam 'sa phlaigh dhuinn ;
 Mur fhuair Righ Phara' 'sa sheorsa ;
 Mur bha chamhairle bhreige,
 Chuir Righ Seumas air fogradh ;
 Aithris cleas na 'n droch Righrean,
 Leis 'n do dhiteadh *Rehobotham.*

Hi rin, &c.

Sgeul buan e do 'n mhearcaid,
 'S nach tog a mac a cuid oighreachd ;
 'S ion d' i cùram a ghabhail,
 Mu 'n duinear cathair na soills oirr' ;
 Thoill i mallachd a h athar,
 O 'n ghabh an t-aibhisteir greim dh' i ;
 'S olc an duthchas a lean r' i,
 Chunnt i a sean'air na thraiteir.

Hi rin, &c.

'S math an toiseach air seannsa,
 Ma rinn am Frangach a thapadh ;
 Ma ghlacadh leis *Monsai*,
 Cha sgeul tumsegeul ach ceartas ;
 Bu mhath gu 'm biodh an adbhansa,
 Air a tionndadh gu Sasunn ;

Na gu 'm faicte an cunntar,
Cho ghrad ri tionndadh na 'n cairtean.

Hi rin, &c.

Ach ma stad air an Diuc sin,
'S nach h-e a run tighin ni 's faide;
Leig e cadal do 'n chìrein,
Stad a sgriob mur bu chleachd leis :
Ma leig gach saighdeir a ghleus deth,
'Nuair tha leigheart mu 'n chaisteal ;
B' fhearr gu 'm faicinn an coileach,
Na gu 'n goireadh a chaismeachd.

Hi rin, &c.

Ma tha e 'n dan duit teáchd dhachaидh,
'S nar dhuit t-fhaicinn gun speàrad ;
Ged a fhuair thu pairt leonaidh,
Ri am fogradh Righ Sheimis ;
Ma tha thu cruaidh air an raipeir,
Seall air slachdan a ghleusaidh ;
Leis 'n do spiosadh mo sgròban,
Ma's fior Tòmas an Réumair.

Hi rin, &c.

ORAN eidear Brian am bard Asuinneach agus Iain Lom; an dithisd air tachairt's gun aithn' ac air a cheile, agus Brian cuir soraidh leis an flear eile thun Iain Mhanntaich agus gur h-ann ri Iain Manntach fhein a bha e bruidhinn.

FONN.—Ma chuaidh thu null thair linntichean, &c.

THUIRT BRIAN.

THOIR soraidh gu Iain Manntach uam,
Rag mhearlach na 'n each breanndalach,
Gur tric a thug a mearlach ud,
Meann a mach o 'n chro.

Gur tric a thug, &c.

B' e fasan fir a Bhraighe ud
Da thaobh Loch-iall a's Arasaig,
Bhiodh sgian 'sa 'n dara brathair dhiu,
Mu uirread àra dh' fheoil.

Bhiodh sgian, &c.

IAIN LOM.

A theangaidh liotaich mhior'uiltich,
Nach tuig thu bhi gad dhìomoladh ;
'S mithich tarruing gu cloich shniaraidh leat,
'S gu 'n faigheadh Brian a leoir.
'S mithich teannadh, &c.

Cha bu chùpair a ghoid ghearran mi,
Cha do chuir mi ùidh 'sa 'n ealaidh ud ;

Cha mho chum e caithris orm,
Toirt mult a cara cro.

Cha mho, &c.

Do bheul 's e molach feusagach,
Lan smuig a's uilc a's réumannan,
Gur tric do bhrú 'sa gheisgil ort,
'N deigh fuigheal créis na 'm bord.

Gur tric, &c.

'Nuair bu dluithe 'n aileag ort,
Bu lion'or cù a's galla,
Bhiodh toirt na 'n sul 's na 'm mala dhiot ;
Le bruchdadh bola' feoil.

Bhiodh toirt na 'n, &c.

A sheann-tur leigh na 'n ursannan,
Is tric a dheith na cupachan,
'S tu 'd shìneadh anns na guiteirean,
'N deigh do ghucaig ol.

'S tu 'd shìneadh, &c.

Gur salchar seit a's urlair thu,
Lan sgeig a's uilc a's iombasaich ;
Mur bhairrille 'n deigh a thunndaidh,
Cur sgum gu barr-iall bhrog.

Mur bhairrille, &c.

Ged 's cam a stigh fo d' ghluinean thu,
Gur caime 's tigh fo d' shuilean thu ;
'S tu traiteir na 'n seachd duthchannan,
A reic an crùn air ghrót.

'S tu, &c.

Droch coinne ort a shìthcheartaich,
Mur caol a reic thu 'n fhirinn,

Air son na mine Lìtich *,
Nach deach, 'sa 'n íre chòir.

Air son na, &c.

ORAN air Aonghus Og Moir-fhear, Ghlinne-Garaidh, le Iain Lom.

Ach Aonghuis Oig Ghlinnich,
Cha robh sinn umad suarach ;
'Nuair a dh' éighe leat iomairt,
Bu mhor do chinneach ri għluasad ;
Thigeadh dream ort thair lingidh,
'N taobh so 'n Innein o thuath oirnn ;
Ceud conspunn gun għiorrag,
Nach tilleadh roimh fħuathas.

Sar mħarcaich each steud thu,
Thapaidh ghleusd air dheagh inneal ;
Bhiodh faicill math srein ann,
'Nuair a leumadh tu 'd *stiorap* ;
'Nuair a rachadh tu 'n réis leis,
Cha bu reidh dol ad philleadħ ;
Bhiodh lann thana ghorm għeurb ort,
Cur raitréut mur bu mhinig.

Gun robh maōim air do maimhdean,
Anns gach camp dħip, ri shireadh ;

* Damaged meal bought in Leith port, that was given as a reward for betraying the Duke of Montrose.

Bhiodh cuid dhiu na 'n luidhe,
 Gun lamhan r'a 'n slinnein ;
 Gun chlaigeann gun chluasan,
 Ach an cruacan a sileadh,
 Sgathadh chasan a's chruaidhchinn,
 Thaobh crualad a Ghlinnich.

Ach Aonghuis Oig Ghlinnich,
 Cha robh sinn umad eolach ;
 'S tu nach gabhadh a' ghiorrag,
 Dhol a philleadh na torachd ;
 Bhiodh an t-iubhar ga lubadh,
 Le fiùidhinnibh storach,
 Air a leigeil gu h-ealamh,
 Le taibheidean corcach.

B'e mo run an t-og meámnach,
 Sar cheannard air cheud thu ;
 Fhuair thu úram fir Alba,
 Ann an armachd sa 'n gleusdachd ;
 Mac Muire dhion t-anma,
 Anns gach cearna 'sa 'n theid thu,
 'S nach faodar do mhabhdadh,
 Gun earlais Mhic De leat.

Ge magail sibh 'n drasda ;
 Air mo ghradhsa do dh' fheara ;
 Mu 'n dicrite tha 'n Croideart,
 A bhi 'm poca Mhic Cailein ;
 'S ioma uisge bu lugha,
 Nach leigeadh cloathaire thairis ;
 As an tug thu do chasan,
 Thoirt coiseachd a dh' aindeo.

Mur hhith dhomh clibid mo theanga,
 Dheanainn seanchas mu 'n cuairt duit ;

Air do ranntainibh farsuing,
 A lub ghasda a chruadaii,
 Cha 'n eil Rothaich no Barraich,
 No Gallaich no tuathaich ;
 Nach dligheach bhi agad,
 Ann an caismeachd na h-uaire.

Mac Pharlain 'sa chinneach,
 Bu leat sud ri t-uair feòma ;
 'S Mac Mhoirich a Atholl,
 Ge grathunn o cheil iad ;
 Mur sud 's Mac-an-Aba,
 Le acfuinn mhath ghleusda ;
 Mac Laomainn 's Mac Lachuinn,
 Le 'n glas lannan geura.

'Nuair a dheante camp cruinn dibh,
 'S neart 'ur 'n ùillean ri cheile ;
 Co b' urrainn dhol eidribh,
 'Nuair nach seasadh sibh fhein e ;
 Ged thug ro mheud ur 'n uaibhir,
 Bhi ga 'r buaireadh o chèile ;
 'Se 'n stoc as 'n do bhuan sibh,
 Fuil uasal Chuinn Cheud-chathaich.

Cha 'n fhuil bhodach no graisge,
 No pràbar, no tuataidh ;
 Ach fuil an Iarl Iolaich,
 Bha air sìoladh 'n ar gruaidhibh ;
 Shliochd Mhìlidh na 'n cathan,
 Bha t-Athair coig uairean ;
 Dh' fhag sud crùdal ad lamhan,
 'N am claidhe a bhualadh.

'Nuair a dh' eighte Clann Donuill,
 Bha mi eolach sa bheachd sin ;

Gu 'n do chuireadh mu 'n cuairt e,
 Coig uairean 's mi 'm chadal ;
 Gar 'n do ghabh mi mor eolas,
 Air a Mhoirshear so thagaibh ;
 Sin a's onoir Shir Seumus,
 Sibh gu leir bhi dh' aon aigne.

Ged tha onoir Shir Seumus,
 Leat fein mur ata e ;
 B' ait leam oighreachd Righ Fionnaghail,
 Bhi 'n duthchas mur b'aill team ;
 Bheirinn bliadhna dheth m' shaoghal,
 'S gach ni dh'fhaodainn a tharadh,
 Chionn do choir a bhi sgribhte,
 O laimh an Righ gun dad faillinn.

'S co ni tapadh no tabhachd,
 No stath dhuinn air domhan ;
 Ma ni thu ar fagail,
 Tha sinn baitht' am muir dhomhain ;
 Duine dheanadh oirnn eucoir,
 No shaltradh ceim air ar gnothach ;
 'S tu b urrainn g'a reiteach,
 'Nuair a dh' eireadh tu romhainn.

Cha 'n iarrainn a bharant,
 Air bheula' barra no bìnne ;
 Ach Moirfhear og Ghlinne garaidh,
 'Se mo charaid glan rioghail ;
 'Se chuir maill air mo sheallamh,
 Agus eallach air m' inntiinn ;
 Gun do Mhac a bhi t-aite,
 Thun an la thig ceann crich ort.

Tha na 's mo orm mur iongnadh,
 An drasd anns an leum so ;

Meud ardain mo chinnidh,
 Dia ga 'm pilleadh gu rèite ;
 Air chumhnant bhi fallain,
 Thugabh aire do m' sgeulsa ;
 'S treise dithisd sa 'n amhuinn,
 Na bhi grathunn o cheile.

Marbhrann do Shir Seumas Mac Dhonuill,
 Le Iain Lom.

GUR fad tha mi 'm thamh,
 Thuit mo chridhe gu lar,
 Righ ! 's deacair dhomh tamh 's mi beo.
 Gur fad tha, &c.

'Se do thuras do 'n Dùn,
 Dh' fag snith air mo shùil,
 'Sa bhi faicinn do thur gun cheo.
 'Se do, &c.

Tha do bhaile gun speis,
 Gun eich ga 'm modhadh le stein,
 Dh' fhalbh gach fasan le Seumas og.
 Tha do bhaile, &c.

Nuair a rachadh tu strith,
 Ann an armait an Righ,
 Bhiodh do dhiollaид air mil each gorm.
 Nuair a racha', &c.

Nuair a rachadh tu mach,

B' ard a chluinnte do smachd,
Bhiodh Iain Muideartach leat 's Mac Leoid.

Nuair a, &c.

'S leat Mac Pharlain na 'n cliar,
Bh' aig fir t-aieasa riamh,
Mac-an Aba le chiad na dhò.

Fear chann, &c.

Clann Iain a nuas,
'S fir a bhraighe so shuas,
'S Mac Ghriogair o Rua'shruth chno.
Chlainn Iein, &c.

Clann Chamrshoin a nall,
O bhraighe na 'n gleann,
Chuireadh iubhar le srann am feoil.

Clainn, &c.

'S leat Mac Dhonuil a rìs,
Na 'm bratach 's na 'm piob,
Crunair gasda na 'n Righ bhrat sròil.
'S leat, &c.

Gu 'm faiceadh mo Dhia,
Do mhac air an t-sliabh,
Ann an duthaich na 'n cliar 's mi beò.

Gu 'm faiceadh, &c.

Thig a Atholl a nios,
Comhlan ghasda gun sgios,
Ceannard rompa 's e finealt og.

Thig a Atholl, &c.

Coinnlean geala do 'n cheir,

'S iad an lasadh gu geur,
Urlar farsuing mu 'n eighte 'n t-ol.

Coinnlean, &c.

Bhiodh do ghillean mu seach,
A lionadh dibhe b' fhearr blas,
Fion Spainnteach dearg aca 's beoir.

Bhiodh do, &c.

Uisge-beatha na 'm pios,
Rachadh 'n tairgiot ga dhiol,
Gheibhte 'n gloin e mur ghriog an oir.
Uisge beatha, &c.

'S ann na shineadh 'sa 'n allt,
Tha deagh cheann-tighe an aigh,
Ged a thuit e le dearmad leo.

'S ann na, &c.

Buidheann eile mo ghaoil,
Ga 'm bu shuaithcheantas fraoch,
Och mo chreach! nach d'fhaod iad bhi beo.

Buidheann, &c.

Buidheann eile mo ruin,
Air nach cualas mi chliu,
'Thig le Alasdair sunndach og.

Buidheann, &c.

Bhiodh mnaithean og an fhuilt reidh,
Gabhair dhàñ dhoibh le 'm beul,
Ann ad thalladh gu 'n eisdeadh ceol.

Bhiodh, &c.

Fhir a dh' fhuiling am bas,

'Sa dhoirt t-fhuil air ar sgath,
Na leig mulad gu brath na 'r coir.

Fhir a, &c.

Nis o n sgithich mo cheann,
Sior thuireadh do rannt,
Bidh mi sgur anns an am is coir.

Nis o 'n sgithich, &c.

ORAN DO DH' ALASDAIR MAC COLLA, 'N DEIGH
LATHA ALLT EIRE, LE IAIN LOIN.

GU MA SLAN 'S GU'MA H-EIBHINN,
DO 'N ALASDAIR EUCHDACH,
CHOISINN LATHA ALLT EIRE LE MHOR-SHLUAGH.

Gu ma slan, &c.

LE SHAIGHDEIREAN LAGHACH *,
'N AM GABHAIL AN RATHAID,
LEIS 'M BU MHIANNACH BHI GABHAIL A CHRÒNAIN.
Le shaighdeirean, &c.

CHA BU PHRABAIRE TLATH THU,
DHOL AN CAIGNEACHA CHLAIDHEAN,
'NUAIR BHA THU SA GHÀRADH A T-ÒNAR.
Cha bu, &c.

BHA LUCHD CHLOGAID A'S PHÌCEAN,
CUIR ORT MUR AN DÌCHIOLL,
GUS AN D' FHUAIR THU RELIOBH O MHONTRÒSA.
Bha luchd, &c.

* Laoghach.

'S ioma organach sulghorm,
 Bha fo lot na 'n arm ruisgte,
 Aig geata Chinn-Jùdaidh gun chòradh,
 'S ioma organach, &c.

Agus organach loinneil,
 Thuit an aobhar do lainne,
 Bha na shineadh am polla' ud Lòchai.

Agus organach, &c.

'S cha robh Domhach no Geinneach,
 Ann an talamh Mhic Coinnich,
 Nach d' fhag an aimr thein' air a mhointich.
 'S cha robh, &c.

Cha robh Tomai no Simidh,
 Ann an talamh Mhic Shimidh,
 Nach do thàr anns gach ionad am frogainbh.

Cha robh, &c.

Chuir sibh pairt diu air theicheadh,
 Gus 'n do rainig iad Muiri,
 'S chuir sibh lasraichean teine 'sa Mhorfhaich.
 Chuir sibh pairt, &c.

Marbhrann do dh' ALASDAIR dubh GHLINNE-
 GARAIIDH, Le Iain Lom.

Mi 'g eiridh 'sa mhaduinn,
 Gur beag m' aiteas ri sùgradh,
 O 'n dh' fhalbh uachdran fearail,

Ghlinne-Garaidh air ghiùlan ;
 'S ann am Flaitheas na failte,
 Tha ceannard aillidh na dùthcha ;
 Sar Choirnileir foinnidh ;
 Nach robh foilleil do 'n chrùn thu.

SEISD.

Ho ro 's fada 's gur fada,
 'S cian fada mo bhròn ;
 O 'n latha chàireadh gu h-iosal,
 Do phearsa phriseil fo 'n fhòid :
 Tha mo chridhse ciùirte,
 Cha dean mi sugradh ri m' bheò ;
 O 'n dh' fhalbh ceannard na 'n uaislean,
 Oighre dualchas an Tròim.

'S maирg a tharladh roimh' d' dhaoine,
 'Nuair thogte fraoch ri do bhrataich ;
 Dh' eireadh stuagh an clar t-éudainn,
 Le neart feirg agus gaisgidh ;
 Sud a phearsa neo sgàthach,
 'N t-sùil bu bhlaithe gun ghaise ;
 Gu 'm biodh maoim air do naimhdean,
 Ri linn duit spainnteach a ghlacadh.

Ho ro 's fada, &c.

Fhuair thu 'n cliùth sin o thoiseach,
 'S cha b' olc e ri innseadh ;
 Craobh chosgairt sa bhlàr thu,
 Nach gabhadh sgàth roimh luchd phìcean ;
 Na roimh shaighdeirean deurga,
 Ged a b' arinailtean Righ iad ;
 Le 'n ceannardan fulteach,
 'S le 'n gunnaichean cinnteach.

Ho ro 's fada, &c.

Gur a farsuing do ranntaibh,
 Ri sheanachas 's ri shloinie;
 Gur tu oighre 'n Iarl Illich,
 Nach do choisinn cùs le gniomh foilleil ;
 Marcaich ard na 'n each cruitheach,
 Na n srian ùr 's na 'n lann shoilleir ;
 Lamh threin ann an cruadal,
 Ceannard sluaigh a toirt teine.

Ho ro 's fada, &c.

Fhuair thu onair fir Alba,
 Bha meas a's ainn air fear t-fhaigsein ;
 Ann an gliocas 'sa 'n géire,
 An cliùth, an céuta 'sa gaisgeadh ;
 Thug Dia gibhtean le buaidh dhuit,
 Cridhe fuasgailteach farsuing ;
 Fhir bu chiùine na mhaighdeann,
 'S bu ghairge na 'n lasair.

Ho ro 's fada, &c.

'S goirt an t earrachull a thachair,
 O 'n chuaidh an iomairt so tuathal ;
 O latha blair Sliabh an t-Siorram,
 Chaill ar cinneach an uaislean :
 Thionndaidh chuibhl' air Clann Donuill,
 'N treasa conspunn bhi uatha ;
 Ceann a's colar Chlann Ràghnuill,
 'N fhuil àrd 's i gun truailleadh.

Ho ro 's fada, &c.

Nis o 'n dh' fhalbh an triùir bhràithrean ;
 Chleachd mur àbhaist bhi suairce ;
 Laoich o Gharaidh na 'm bradan,
 Caipteine' smachdail a 'chruadail ;
 Dh' fhalbh Sir Donuill a Sleibhte ;

Bu mhor reusan a's cruadal ;
 Cha tig gu brath air Clann Donuill,
 Triuir chonnspronng cho cruidh riu.

Ho ro 's -ada, &c.

Chriosda dh' fhuling am bàs duinn,
 O 'n 's tu ar *patron* ùrnaigh ;
 Cum an t-aog o dha bhrathair,
 Fhad 'sa b' aill leinn le dùrachd ;
 Dheanadh treise do 'n alach,
 So dh' fhag e gun sùilean ;
 'Sliochd an t-seobhaig 'sa 'n armuinn,
 Nach tugadh cach an sgiath chùil deth.

Ho ro 's fada, &c.

'Nuair threig càch an cuid fearuinn,
 'S nach d' fhan iad 'sa 'n Rìoghachd ;
 Sheas thusa gu fearail,
 'S cha b' ann le sgainnil a shìn thu ;
 Chuir thu fuaradh na froise,
 Seach ar dorsaibh g' 'ar dionadh ;
 Gu 'n robh t-fhaigsein cho làidir,
 Ri leoghuinn ard do 'n fhuil Rìoghail.

Ho ro 's fada, &c.

Cha robh Iarl ann an Albuinn,
 Gheibheadh earbsa na run riut ;
 Gu 'm biodh toiseach gach nuaidheachd,
 Gu lamhan a chùirteir ;
 Seòbhag firinneach suairce,
 Choisinn cruadal gach cùise ;
 Ceannard mhaitean a's uaislean,
 Aig an t-sluagh 's iad ga ghiùlan.

Ho ro 's fada, &c.

Sgeula b' ait' leam ri inseadh,
 'Sa bhi g'a leirsinn le 'r sùilean ;
 Do mhac oighr' ann a t-fhearunn,
 Mur bu mhath le luchd dùrachd ;
 Ach aon neach leis am b' oil e,
 Luaidhe għlas le neart fūdair ;
 Roimhe 'n eridh' air a fiaradh,
 Chor 's nach iarradh iad tionndadh.

Ho ro's fada, &c.

Marbhrann do dh' AONGHUS og MOIR-FHEAR
Għlinne-garaidh ; Le Iain Lom.

'S BEAG an t-iongnadh mi liathadh,
 'S i so bhliadhna bhuaile brog orm.
 'S beag an t-iongnadh, &c.

'N diugh 's mi gabhail an rathaid,
 'S trom a thathaich do bħron orm.
 'N diugh 's mi, &c.

Gu 'n do chaochail mi cular,
 M' fhalt mo spionna 's mo threðireachd.
 Gu 'n do dhaochail, &c.

Gur h-i dìliob na dunaidh,
 Tha mi buntainn a m' phocaid.
 Gur h-i, &c.

Għrabhat bha mu d' mħuineal,
 'S tric i cruinneachadh dheoir orm.
 Għrabhat bha, &c.

Dh' fhag mi taisgte 'n Duneidionn,
Na scar o cheile mo inhorchùis.

Dh' fhag mi, &c.

'N ciste chumhainn na 'n slios-bhord,
Fo lic na 'n stol yeota.

'N ciste, &c.

Fo chasan luchd bhrigis,
Gur a mis th' air mo leonadh:

Fo chasan, &c.

'S ann a thog thu 'n tur dealbhach,
Goirid gearr o Loch Lochai.

'S ann a thog, &c.

Chunnaic mis Ionmhur għaraidh,
Muirneach aidh'reach ceolar.

Chunnaic, &c.

Bhiodh an cup ann do chearr-laimh,
'S e dearr-lan gu dortadh.

Bhiodh an cup, &c.

Nuair a chuirte 'n lan strachd air,
B'e sin am fath chumail comhnard.

Nuair a, &c.

'Sa nis do thalla mor greadhnach,
Gun solus coinle gun cheol ann.

'Sa nis do thalla, &c.

'S do sheomraichean geala,
Gun smuid, guu deathach, gun cheo dhiu.

'S do sheomraichean, &c.

Mabhrann do 'n Mhoir-fhear cheudna ; Le Iain
Lom.

CHA b'e bas mo cheann cinnidh,
So chuir mi fein gu trom iomairt,
Ach gun t-oighre bhi t-fhine nuair dh'eug thu.
 Cha b' e bas, &c.

Fear mor curanta laidir,
Bh' aig gach duine mur sgathan,
Ged a tha e gun chainnt an Duneidionn.
 Fear mor, &c.

Gu 'n do chaireadh e 's talamh,
Fear a chonnsach Mhic Cailein,
Co b' urrainn an casadh na srein riut.
 Gu 'n do chàireadh, &c.

Thug thu Cnoideart dheth 's tuille,
'S lagh an Righ air do mhuineal,
Cha do chonnsaich e Muil' ach gu 'n d' éug thu.
 Thug thu, &c.

Rinn Mac Coinnich Cheanntaile,
'S Mac Shimidh na h-Airde,
Garbh choinne gu sàthadh le cheil ort.
 Rinn Mac Coinnich, &c.

Nuair a chunnaic an cairdean,
Nach deanadh iad stath dheth,
'S e gu mor a b' fhearr leo bhi réidh riut.
 Nuair a chunnaic, &c.

Cumha Aonghuis Mhic Raoghnui oig, chuaidh a mharbhadh latha blair Stron-chlachain, nuair a thog Clann Iain Ghlinne Comhunn creach Bhraidealbunn ; Le Iain Lom.

RIGH gur mor mo chuid mulaid !
Ged is fheudar dhomh fhulang,
Ge b' e dh' eisdeadh ri m' uireasbhuidh àireamh.
Righ gur mor, &c.

O 'n a chaill mi na gaodhair,
'Sa 'n t-eug ga 'n sìor thaoghal,
'S beag mo thoirt gar an toaghail mi 'm bràighe.
O 'n a chaill, &c.

'S eun bochd mi gun daoine,
Air mo lot air gach taobh dhiom,
'S tric rosad an aoig air mo chairdean.
'S eun bochd mi, &c.

Gur mi 'n giadh air a spìonadh,
Gun iteach gun lìnnidh,
'S mi mur Oisein fo bhinn an tigh Phadruig.
Gur mi 'n giadh, &c.

Gur mi a chraobh air a rusgadh,
Gun chnodhan gun ubhlan,
'Sa snodhach 'sa rusg air a fàgail.
Gur mi a, &c.

Ruaig sin Cheann Lochatatha,
'S i chuir mis ann mo dhabhaich ;

Dh' fhag mi Aonghus na luidhe 'sa 'n araich.
Ruaig sin, &c.

Mu 'n do dhirich sibh 'm brughach,
'S ann n' ar deaghaidh bha 'n ulaidh,
Bha glomanach gunn' air dhroch caradh.

Mu 'n do dhirich, &c.

Ged a dh' fhag mi ann m' athair,
Cha 'n ann air tha mi labhairt ;
Ach an druthadh rinn an claidhe mu t-airnean.

Ged a dh' fhag, &c.

Gur h-e dhrùith air mo leacainn,
'M buille mor bha 'd leith-taobh,
'S thu ad luidhe 'n tigh beag Choire-charmaig.

Gur h-e dhrùith, &c.

B' i mo ghradh do ghnùis aobhach,
Dheanaadh dath le t-fhuil chraobhaich,
'S nach robh seachnach air aodann do àmhaid.

B' i mo ghradh, &c.

ORAN do Mhoir-fhear Hunndaidh, nuair a ghla-
cadh e la Crùnair Mèinn ann am baile Strath-
bhalgaidh ; Le Iain Lom.

GUR a trom leam a ta mi,
Leis gach sgeul tha mi claisstinn,
'S mi tearnadh stigh braigh uisce Dhé *.
Gur a trom, &c.

* The river Dee.

Mi tearnadh air m' aineol,
 Gu braighe Obairpheallaidh,
 Gun aon luaidh air fear fharaid mo sgéul.

Mi tearnadh &c.

Cha b' e gaoir ban a Chlachain,
 So bha mise ag acain,
 Gar 'n tigeadh gin as do 'n choig céud.

Cha b' e gaoir, &c.

Ach ma ghlacadh am Marcus,
 Leis a Mheinnearach thachrais,
 B' e mo dhiùbhail na bh' aca's mo bhéud.
 Ach ma ghlacadh, &c.

'S mor an nuaidheachd e 'n Albuinn,
 Bog na-gaoidhe 'n Strath-bhalgaidh,
 Bhi ga chlaoidh le armaithean sréin.
 'S mor an nuaidheachd, &c.

Ceann uighe na 'n Gaidheal,
 Far an suidheadh mid saibhir,
 'S tu gu 'n taghadh gach aite dhuinn réidh.
 Ceann uighe, &c.

'S ann a b' abhaist dhuit suidhe,
 Ann an gàradh na 'n ubhal,
 Fo fhaile na 'n luidhean 's na 'm peur.
 'S ann a b' abhaist, &c.

ORAN DO MHAC MHIC RAOGHNUILL NA CEAP-AICH ; LE IAIN LOM.

Mi am shuidh air bhruaich torrain,
Mu 'n cuairt do Choire na Cléibhe.
Mi am shuidh, &c.

Gar nach eil mo chas crubach,
Tha lot na 's mù orm fo m' leinidh.
Gar nach eil mo chas, &c.

Gar nach eil mo bhian srachte,
Tha fo m' aisne mo chreuchdan.
Gar nsch eil, &c.

'S cha n' e curam na h-imrich,
Na iomaguin na spréidhe.
'S cha n' e curám,

Na bhi ga 'm chur do Cheanntaile,
'S gun fhios cia 'n t-aite da 'n teid mi.
Na bhi ga m', &c.

Ach bhi nochd gun cheann cinnidh,
'S tric 's gur minig leám fhein sud.
Ach bhi nochd, &c.

Ceann cinnidh na 'm Bràighdeach,
Chuireadh sgath air luchd beurla.
Ceann cinnidh, &c.

Cha b' e fuaim do ghreidh lodain,
Gheibhte sodraich gu feilltean.

Cha b'e fuaim, &c.

Na geim do bha tomain,
Dhol an coinneadh a ceud laoigh.

Na geim, &c.

Na uisge na 'n sluasaid,
Far druabras na féithe.

Na uisge, &c.

'S beag an t-iongnadh leam t-uaisle,
Thighin an uachdar air t-fhéudail.

'S beag an t-iongnadh, &c.

'Sa liuthad sruth uaibhreach,
As 'n do bhuaineadh thu 'n céud la.

'Sa liuthad, &c.

Ceist na 'm fear thu o 'n Earsaid,
'S o Cheapach na 'm péuran,
Ceist na 'm fear, &c.

'S o cheann-Dail na mine,
Gu Sron na h-Iolaire léithe.
'S o cheann, &c.

'S e bu mhiann le d' luchd tighe,
Bhi ga 'n tathaich le béusan.
S e bu mhiann, &c.

Mu dha thaobh Garbh a Chonnaidh,
Far 'm biodh na sonnanaich glé mhor.

Mu dha thaobh, &c.

Le 'm morbha geur sgaiteach,
 Fridh bhacach garbh léimneach.
 Le 'm morbha, &c.

Tha mo choill air a maolàdh,
 Nith shaoil leam nach éireadh.
 Tha mo choill, &c.

Tha mo chnothan air faoisgneadh,
 'S cha bu chaoch iad ri 'm téuchainn.
 Tha mo chnothan, &c.

'S nach eil agam dhiu tuaileas,
 Dh' shuirich iad uam am barr gheugan.
 'S nach eil agam, &c.

**ORAN do THIGHEARNA CHLUAINIDH; Le Pàl
Mac a Phearsain am Baideineach.**

DEOCH slainte Thighearna Chluainidh,
 Cuir mu 'n cuairt anns a chùp i ;
 Ged a chostadh i ginidh,
 'S mi fhin nach biodh diùmbach :
 Tha na dh' olas do shlainte,
 Chrùintean spainnteach am phuidse ;
 'N deigh am màl a thoirt seachad,
 Do dh' ath-chorc a Phrionnsa.

Ach tha bagar air t-fhearunn,
 Tha toirt gal air mo shùilean ;
 Mi air ùilleagan leapa,

Cha n'e 'n cadal tha shurd orm ;
 Tha bruaidlein inntinn,
 Orn sa 'n tim so le curam ;
 Mu na bharanta sharaidh,
 Tha tighin an aird oirnn o'n Diùca.

A cheanna feadhnaidh Chlainne Mhuirich,
 Leam is duilich ged chualadh,
 Gu 'n do buannaich thu 'n Fhraing oirnn,
 'S tu thighin slan as gach cruadal :
 Oig aigionntaich rioghail,
 'S mor pris aig na h-uaislean ;
 Fhir a chaisg oirnn gach trioblaid,
 'S mor is miste sinn uainn thu.

'N am thogail do bhrataich,
 Ann an caismeachd uaire ;
 Gheibhte mìle laoch gasda,
 Mu gheatachan Chluainidh ;
 Luchd na 'n osana' gearra,
 Thairngneadh lannan mu d' ghuaillean ;
 'N diugh 's faoin a tha 'm misneach,
 Gun do thiotal an uachdar.

Ach Eoghain 'Ic Mhuirich,
 'S fada t-fhuireach 'sa 'n fhasach ;
 'S e dh' fhag smal air mo leirsinn,
 Thu bhi 'g éiridh 'sna carnaibh ;
 Gur llionar bean bheildearg,
 Tha a breid air dhroch caradh ;
 Ged a dhean iad oirnn eucoir,
 Cha teid thu ga 'n rèidh teach.

Fhuair na Gàidheil an logairt,
 'N Cuileodair 's cha chròn e ;

Air an iathadh le buidseachd,
 Siol na muice fhuair cis diu ;
 Chluinnte farum an lamhaich,
 Mur thairneineach fridhe ;
 Fuaim na 'n canan ga 'n leigeadh,
 Cia mur sheasadh na saoithean.

Bhuaidh tha 'n iondraichinn chatha,
 Tha mi labhairt 'sa 'n tim so ;
 Ma sa cuimhne leibh fhathasd,
 An latha bha 'm *Piorat* ;
 'N am dhol sios anns a bhatailt
 'S maирg a chasadh do mhio-thlachd,
 Leat a dh' eireadh na gallain,
 Nach cuireadh carraig gu mìghean.

Bu llionar do chairdean,
 'S cha bu ghann iad ri léughadh ;
 'Nuair a chluinnte do chaismeachd,
 Thigeadh feachd dhiu a Eirinn ;
 Thigeadh streang dhiu a Uithisid,
 Air siubhal fo bhreid leat,
 Le reubadh cuain 's le seoil mhara,
 Na seoid bharrail nach geilleadh.

Cha b'e gadachd na h-oidhche,
 Na traiteireachd naduir,
 Chuir mo dhislean gu taice,
 Eidear *Chaiptein* a's *Chádai* ;
 Ach ma chuaidh sibh 'sna bruachan,
 Cha 'n e ur cruadal a dh' fhailing ;
 Leibh a dh' eireadh am baiteal,
 'S b' e ur cleachda buaidh larach.

Tha meirg air nighin Tearlaich,
 'S cha tar mi ga gleusadh ;

Cha chluinnear a lamhach,
 Tha i ghnà ann am féithe ;
 Tha gruaim air na Gaidheil,
 'S tha pairt orm fhein deth ;
 O 'n chuaidh ar n' uachdaran cliùiteach,
 Fo churam luchd béurla.

ORAN do RIGH SEUMUS nuair bha e anns an
 Fhraing; Le Sileas Nighean Mhic Raoghnúill
 na Ceapaich.

S' BINN an sgeul so tha iad ag radhainn,
 Mo Mhalai bheag o,
 Ma sheasas e gun fhaillinn,
 Mo nighean ruin o ;
 Righ Seumas bhi air sáile,
 'Sa tighin a steach gun dail oirnn,
 Chur misneach ann na chairdean.
 Mo Mhalai, &c.

Na 'n tigeadh oirnne Seumas,
 Mo Mhalai, &c.
 Le chabhlach laidir treunmhòr,
 Mo nighean, &c.
 Ged 's fada sinn n'ar n' eigin,
 Fo ainneart cuigse 's cléire,
 'S e sud a dheanadh feum dhuinn,
 Mo Mhalai, &c.

'S e sud a thogadh sunnd orm,
 Mo Mhalai, &c.

Mas fior na tha mi cluinntinn,
 Mo nighean, &c.
 Do loingeas bhi fo breidibh,
 'Sa 'n cuan a bhi ga reubadh,
 'S do naimhdean duit a' geilleadh,
 Mo Mhalai, &c.

Tha do chathair aig *Hanòbhar*,
 Mo Mhalai, &c.
 Do chrùn 's do chlaidhe còrach,
 Mo nighean, &c.
 Tha 'n sean-fhacal cho chinnteach,
 'S gur barail leam gur fior e,
 Nach marcaich muc an diollaid,
 Mo Mhalai, &c.

Ach Alba eiribh comhla,
 Mo Mhalai, &c.
 Mu 'n gearr Sasunnaich 'ur sgornain,
 Mo nighean, &c.
 'Nuair thug iad air son oir uaibh,
 'Ur creideas a's ur storas,
 Nach eil e 'n diugh n' ur poca,
 Mo Mhalai, &c.

Gur goirt leam thug iad sgriob oirbh,
 Mo Mhalai, &c.
 'Nuair dheasaich iad ur dinneir,
 Mo nighean, &c.
 'Nuair chuir iad uinnein puinsein,
 Ga ghearradh air gach truinnseir,
 Ma 's fhiach sibh bidh e cuimhnicht,
 Mo Mhalai, &c.

Chaill Sasunnaich an naire,
 Mo Mhalai, &c.

Ruith air beart mi-ghnathaitch,

Mo nighean, &c.

Tha mo dhochas anns an ard Righ,

'N Righ a thigin thair sail oirbh,

'S gu'n reitich sibh WHITE HALL da,

Mo Mhalai bheag o.

ORAN DO SHIR EACHUNN, MAC ILLEAIN

DHUBHAIRR, 'nuair a chualas gu'n robh e ri

fuireach anns an Fhraing.

Le Iain Mac Ailein 'Ic Iain 'Ic Ailein 'Ic Illeain.

Fonn. Fhir a bhata na ho ro éile, &c.

SEISD.

FAILL ill ho ro, tha sinn fo mhulad,

Tha ar cridh mur luaidh air truimead;

Fath ar call's ar campair uile,

An stads' tha thall air ceann na 'm Muileach.

Tha mi 'm chadal's gur tim dhomh dusgadh,
Mu Shir Eachunn na 'n lann's na 'n luireach;
Gu bheil do chairdean fo mhoran curam,
Nach faic iad sabhailt air lar do dhuthch thu.

Faill ill ho ro, &c.

'S truagh na sgeoil so tha daoine 'g radhainn,
'Sa teachd a nall air pheann's air phaipeir,
Gu'n d' thainig fluid air gniomh ro airid,
Air cinneach rioghail, fior ghlic statail.

Faill ill ho ro, &c.

Chlann Ghilleoin gu 'n robh sibh ainmeil,
 Fine rioghail na 'm piosan airgid,
 A liuthad du-ghall nach b' fhiu a sheanchas,
 Chuaidh gu h-uir le luths. 'ur geala-ghlac,
 Faill ill ho ro, &c.

Craobh ar sinnsreachd 's cha chrìn o 'n d' thainig,
 Bha fhios an sgeil sin aig geur luchd seanchais,
 Gu 'm bu shliochd Righ sibh o chrich na Spainnte,
 'S do shliochd *Gaitheulus* fhuair geill 'sa 'n Eiphit.

Faill ill ho ro, &c.

Ghin dibh uaislean fo chruadal einmein,
 B' ann diu Mac Milidh na 'n gniomh ro chalma ;
 Chog iad Eirinn le 'n treun lamhan,
 'S do bhuin iad puic do thriuir Mhic Eirmein.

Faill ill ho ro, &c.

Cha n' iongnadh baothachd no draoidheachd
 sheana-chleas,
 Ga 'n cuir air chul, cha b' fhiu leo 'n dealbh sin ;
 Ach cogadh dian gun sith gun tearmud,
 Gu onair gniomh neo dith an anma.

Faill ill ho ro, &c.

Air sliochd Eiribhin euchdaich ainmeil,
 Bha 'ur 'n uaislean fein, fir threuna chalma,
 B' ionunn duibh 's do 'n linn tha 'n seanachas,
 'S lean ruibh da'n dualchas bhi cruaidh air armachd.

Faill ill ho ro, &c.

Air teàchd na dheigh dhuibh niar do dh' Alba,
 Bu mhor 'ur fairneart le doidibh garbha,
 Gus'n d'thug Mac Dhonuill duibh coir bu daingne,
 Air Rioghachd na Dreollaínn, 'smor ni dh'anabharr.

Faill ill ho ro, &c.

Bu Sheanalair buadhach, uasal, ainmeil,
 Eachunn ruaineach, ruagh na'n garbh chath,
 Air son a ghuasaid bha fuath na'n Gall ris,
 'S gu'n d' thug e àr orra 'm blar chath Gairbheach.

Faill ill ho ro, &c.

Aig Iarla Mar bha freimh an'sgeoil sin,
 Am mac a dh' fhag e, bha ghnas mur leoghunn;
 Thug e comhail dàsan air lar Strathlòchai,
 'S e nis 'sa Ghreige gun eideadh comhruig.

Faill ill ho ro, &c.

Lean ruibh beus 's gur h-e chuir sios duibh,
 'Ur *faigsein* cruin's gach cuis g'ar diobradh,
 Thuit Eachunn ruagh an Ionmhur-Cheitein;
 Le sheachd ciad deug d'a threin fhuil dhirich.

Faill ill ho ro, &c.

Ge bu chraiteach le cach na sgeoil sin,
 Cha n'e an drasd is àobhar bhròin duinn;
 Ach an ti so dh' fhag sinn 'sa chuaidh air fògradh,
 As leith Righ Sheimis a threig an Dreolluinn.

Faill ill ho ro, &c.

Rug froiseadh garbh le gailbhinn shion oirnn,
 Aig meud a chall duinn cha b' arbhar sil e;
 Ach cruineachd gun fhotus, por sgiamhach,
 Ar cuirm, ar sogh, ar ceol's ar fion e.

Faill ill ho ro, &c.

'S tric do threud fo thearmunn mìghleidht,
 Gun neach fo'n ghrein mur sgeith g'ar dionadh,
 Ach mur ealta 'n t-sleibhe fo mhein an fhireoin,
 'S nach d' fhuirich té dhiu air ceud fear spionaiddh.

Faill ill ho ro, &c.

'S truagh a ta ar cas ri innse,
 Mur bhall arcain air traigh ga shior-ruith,
 Gun neach thoirt baigh dha, 'n aird no 'n iosal,
 Ach buille barach o laimh gach aon fhir.

Faill ill ho ro, &c.

A Righ na 'n dul, tha gun tùs gun fhinid,
 A ni reir t-ailleas. neach ard a's iosal,
 'S clann neo umhal sinn o thus ar linne,
 Na leag do lamh oirnn le strachd na 's diana.

Faill ill ho ro, &c.

Mur choill ged tha sinn, 'sa barr air crionadh,
 Gun mheas gun bhlath oirnn, ach tair a's diobradh,
 Thoir caochla' beus duinn fo sheul do shiochai',
 'S na sgath dhiot fein sinn mur gheugan criona.

Faill ill ho ro, &c.

Le tuigse maithreil da 'n gnath bhi fiorlag,
 Cha duth do Ghall ard bheann a dhireadh ;
 'S ma 's i so fein ar teirme finid,
 Gur truagh an sgeul e do fhreinidh ar linne ;

Faill ill ho ro, &c.

IORRAM le EACHUNN BACHDACH.

BIODH an uigheam so triall,
 Gu ceann uighe na 'n cliar,
 Far 'm bu shubhach 's bu mhiaghail seoid.

Biadh an uigheam, &c.

Gu tur meadhrach nach crion,
 Na 'n cinn fheadhna 's glan fiamb,
 Cuirt ghreadhnach o n rioghail stoirm.

Gu tur, &c.

Gu Aros mo ruin,
 'N cluinnte clarsaichean ciuil,
 Iomairt thaileasg air chruintean oir.

Gu Aros, &c.

Bhiodh mnai aillidh 'n fhuilt reidh,
 Gabhail dhana' le téud,
 Sior chur seachad na seisdeachd leo.

Bhiodh mnai, &c.

Bheir mi 'n ruathar so null,
 Shealltainn oighre Dhuntuilm,
 Gu meal thu 'n staoile o thus ri d' bheo.

Bheir mi, &c.

Iuchair gliocais nach bath,
 Chuireadh adharc thair chach,
 'S tu mo raoghaинns do 'n als' tha beo.

Iuchair, &c.

Mach o Mhoir-fhear na 'n steud,
 Leise 'n cluinnte orgainn na 'n teud,
 'S tu b' fhoirmleile beus tra nòin.

Mach o, &c.

'S leat Sir Donull o 'n chaol,
 'S Clann Donuill na laoich,
 Sud a bhuidheann nach maom 'sa n toir.

'S leat Sir, &c.

'S thig Aonghus ardanach treun,
 O Ghleanngaraidh na'n geug,
 'S na fir ghasda nach geill fo sgod.
 'S thig Aonghus, &c.

Thig Clainn Chamashroin a nall,
 Ort o bhraighe na'n gleann,
 'S iad cur fhiudhaidh le deann am feoil.

Thig Clainn, &c.

'S leat Mac 'Ic Ailein o'n chuan,
 Le a loingeas daraich lom luath,
 Luchd na'n leadan o'm buailte stroichd.

'S leat Mac, &c.

'S leat fir Eirinn a ris,
 Chuir thu schein air do thith,
 'S iad gu'n eireadh le strith mu d' dhorn.

'S leat fir Eirinn, &c.

Gur leat urram gach seilg,
 Le d' cheol druma ga sheinn,
 Roimh d' gheard Muileach nach meirbh sa'n toir.
 Gur leat, &c.

Macant', maighdeannail, ur,
 Faicheil, faidhreachail, ciuin,
 Marcaich greadhnach na'n cruidh-each gorm.
 Macant', &c.

Bhiodh eich sheanga na'n leum,
 'S iad na'n deanna' cur reis,
 'S fir a sreamadh an srein inu'm beoil.

Bhiodh eich, &c.

Chuir mi ceannard an t-sluaigh,
 Le dha leanabh 'sa 'n uaigh,
 Fath mo theannaидh 's mi fuasgladh dheoir.

Chuir mi ceannard, &c.

Fuireach Raoghnúill a ris,
 Chuis is miste mi 'm dhith,
 Chuir sud m'aigne sios tra noin.

Fuireach, &c.

ORAN DO SHIR IAIN MAC'ILLEAIN DHUBHAIRT,
 'nuair a chualas e bhi 'n Sasunn. Le Iain
 Mac Ailein.

SEISD.

Ho na 'n tigeadh, na 'n tigeadh do sgeul,
 'S gu'm faodainn bhi cinnteach as na dh innseadh
 dhomh 'n dé,
 Gu'n tilginn as m'fhochar an cochull gun fheum,
 'S gu'm faicte mi fhathasd air atharach gleus.

Na 'n tigeadh Sir Jain, mo chridhe 's mo chleibh,
 'S ann b'eibhinn bhiodh m'aigne, mur bhradan
 a leum,
 Thogadh cridhe do mhuinnitir, tha 'n cuntart dol eug,
 'S gu'n tigeadh do m'ionnsaidhs, mo shugradh beag
 Ho na 'n tigeadh, &c. [fein.

Tha do chinne 's do dhúalchas, 'n robh cruadal le
 chéil,'

Bu mhath an Raon Ruairidh, mu d' ghuaillibh' sa'n
 fheum,
 Iad a nis na 'm fath truaighe, mur chuagair gun
 fheum;
 Ged gheibh iad am bualadb, cha ghluais iad am
 Ho na 'n tigeadh, &c. [beul.

Ged tha sinn fo dhochair, Mur mholta mu chrò,
 Aig gachaon neach fo bhaoghal, toirt duinn aobhar
 ar leoin,
 Tha luchd spùillidh cur an drasd oirnn, mur thraig
 no Spain-bhrog,
 Cha 'n aithnear 'n teas la sinn, aig airdead ar croc.
 Ho na 'n tigeadh, &c.

'N ealta ro ghleusta, 'n robh eufachd gu leoir,
 Bhuidhneadh geall air gach tulaich, far an cruinn
 icheadh eoin,
 Thugan ite chùrr sgeuraidh, le 'n trein as an t-sròn,
 'S nach fearr iad air coinne, na cromana lòin.
 Ho na 'n tigeadh, &c.

Na 'm pilleadh a chuibile, far iomrull a seoil,
 'S gu 'n tionndadh i deiseal 'n taobh deas mur bu
 choir,
 'S ioma neach tha ga mhùchadh, sa cheann lubte
 na sgroib,
 Chuireadh bailc air a chasan, ann an taiseachadh
 Ho na 'n tigeadh, &c. [shròn.

Na 'm biodh e dhomh fagas, no goirid o laimh,
 Sir Iain na 'n caisteal, agus bachdach a bhlair,
 'N neach da 'n d' fhuling mi faobhach, mur
 chaoire mhaoil bhain,
 Thionndainn air mur an leoghunn, agus m' ordag
 Ho na 'n tigeadh, &c. [f'a shail.

'S leoir truimead 'ur cadail, ma tháchair sibh slan,
 Mu'n suidhich sibh cairtean, a ghlacas duibh cach,
 Tha sinn fo léir-sgrios, le féileadh a chlain; Mur faic thu fo dhion sinn, gur tinn sinn fo ghad.
 Ho ha'n tigeadh, &c.

Tha sinn tamull an iarguin, le fiabhras ro rard,
 'S faide la leinn g' ar pianadh, na bliadhna's sinn
 Ann am bruadar an fhaochaidh, tha daoine ag
 radh,
 Gur tearc Leigh ni aithn' air, seach teannadh a
 bhais.

Ho na'n tigeadh, &c.

'S mòr am farmud a th' agams, ri t-ad a's ri d'chleoc,
 'S iad air grianan na maisé, ri glacadh an soigh,
 Na'm b'e ni' fhortansa tuiteam, 'n roic bucla' do
 bhrog,
 'S e b'thearr mur shogh inntinn, na bhi 'n cròchan
 Righ mor.

Ho na'n tigeadh, &c.

Tha mi guidhe le m'rùn, 's le m' dhùrachd do
 ghnath,
 Air'n Ti chruthaich o thùs thu 'sa thug dhuinn thu
 mur bhìath,
 Tha m' earbsa 's mo dhochas, na throcair ro ard,
 Nach d' fhuair sinn uaith leasan, thun ar teagaisg
 Ho na'n tigeadh, &c. [a b' fhearr.

[Trio fhearr gur nì gool ris tuig an t-eòlachadh
 [lomha] [?]]

ORAN air blar na h-Eaglaise-brice, am bliadhna
1745.

Le Donnacha Bàn Mac an t-Saoir.

Fonn.—Alasdair dubh Ghlinne Garaidh.

Ged a tha mi 'n so am chruban,
Ann an seann-tigh udlaidh uaigheach ;
Bha mi roimhe marr-ri cuideachd,
Ged a thuit doibh ma chuir uapa,
'S tric mi 'g amharc ris an aonach,
'M faic mi t aogas Iain 'Ic Ruairidh ;
'S na 'm faicinn t-aogas a tighin,
Dh' eireadh mo chridhe o sinuairein.

Dh' eireadh m' inntinnse o smalan,
'Mi bhi marr-riut Iain 'Ic Ruairidh,
Dh' innsinn duit na bhiodh air m' aire,
'S bhithinn farraid na bhiodh uam dheth ;
'N la sin thug iad na buillean,
'S mise chunnaic bhi ga 'm bualadh ;
Chaidh 'n teiche air taobh Righ Deorsa,
'S ann oìrnne thainig sgeul an fhuathais.

B' e sgeul an fhuathais ri innse,
Gu 'n do theich an Righ 'sa mhuiantir ;
Ghabh iad eagal roimh na buillean,
'Nuair a chunnaic iad am Prionnsa,
Cha d' fhan duine dhiu ri cheile,
Eidear Duneidionn a's Sruidhleadh :

'S ioma baile 'sa 'n robh pairt diu,
Gabhail tamh air thigh'n na h-oidhche.

Bha sinne gu misneachail dàna,
Dol naird a dh' ionnsaidh an t-sleibhe,
'S mu 'n deachaidh sinn ceart an ordugh,
Thainig iad oirnne na réubail ;
Cha b' fhad a mheal sinn an àrach,
'Nuair a sganr' sinn as a cheile ;
'S ann an sin a bha 'n droch càradh,
Air na bha luchd aodaich dheirg ann.

Rinn e cuideacha' d' ar naimhdean,
Gu 'n robh dìth comannda oirnne,
Cha d' fhuair sinn ordugh gu lamhach,
'N am do chach bhi tigh'n n' ar comhail ;
'S ann a theichimid n' ar deannadh,
'S cha 'n fhanadh-mid ri bhi comhla ;
Cha 'n fhacas roimhe a leithid,
O 'n thugadh la Ionmhur Lochai.

Bha mise 's Calum Mac Pharuig,
Siubhal càthair agus mointich ;
'S mur a teichimid 'sa 'n am ud,
'S cinnt gu 'm biodh an calltach oirnne ;
Ghabh na bh' againn do luchd beurla,
An raitreuta roimh Chlann Donuill ;
B' e sud a ghoirraicheadh an saoghal,
Bhi dol air aodann na 'm fear mora.

B' e sud a ghoirraicheadh an saoghal,
Bhi dol air aodann na 'm fear mora ;
Thainig a chonnsachadh na Rioghachd,
As leith an Righ a's na corach,
'S ioma laoch gun atha laimhe,

Eidear Ceanntaile 's Strathlochaid,
 Chuireadh an guaillibh ri cheile,
 'S bu mhór am feum anns a chomhruig.

Bu mhór am feum ann 'sa chomhruig,
 Na fir mhóra bha neo sgathach ;
 Eidear Chamshronaich 's Chlann Donuill,
 'S na bha chomlainn ann am pairt riu ;
 'S na 'm faigheadh iad cothrom na Feinne,
 Eidear iad fein a's an naimhdean,
 Dh' aindeoin na bh' ann 'sa 'n Roinn Eorpa,
 Chuireadh iad Righ Deors as àite.

Chuireadh iad Righ Deors as àite,
 Na bha Ghaidheil ann an Albuinn ;
 Na 'm biodh iad uile mur bha iad,
 Bhliadhna thainig an armait ;
 Na 'm biodh iad uile ri cheile,
 Gu 'm b' iad fhein na trein fhir chalma ;
 Gu 'm b' iad fhein na trein fhir mhòra,
 Bha chomhnaidh measg na 'n Garbh-chrioch.

'N la sin thug iad Cuileodair,
 Cha robh fhortan sud ach searbh dhuinn ;
 Choisinn Diuc Uilleam 'sa 'n droch-uair,
 'S gur mor an rosad e d' ar cairdean ;
 Choisinn Diuc Uilleam 'sa 'n droch-uair,
 ,S gur mor an rosad e do dh' Alba ;
 'S cha bhi oirnn ach ad a's casag,
 'N aite na 'm breacana dearga.

Cha bhi oirnn ach ad a's casag,
 'N aite na 'm breacana ura ;
 Stocain agus brigis ghlasa,
 'S iad g' ar glasadhbh mu na glùinean ;

'Nuair a chailleas sinn ar 'n airm 's ar n' aodach,
 Cia mur dh' fhaodas sinn bhi sunndach ?
 Le ar casagan leobhar liath-ghlas,
 Nach robh roimhe riamh n' ar duthaich.

Cha robh roimhe riamh n' ar duthaich,
 Ach aodaichean ùra riomhach ;
 'Sa choidhch cha b' eiginn duinn am muthadh,
 Gus 'n do chaill sinn cliùth na Rioghachd ,
 Chaill sinn ris ar euid do 'n t-saoghal,
 Chaill sinn ar daoine 's ar nith ris ;
 Chaill sinn ar n' aidhear 's ar n' eibhneas,
 'S goirt an sgeul duinn bhi ga innse.

'S goirt an sgeula bhi ga iunse,
 Na chaidhe dhithi oirnn do na daoine ;
 Na thuit diu latha Chuileodair,
 'Sa fhuair an dochunn ann 'sa chaonnaig ;
 Thainig an trup órr' o 'n cula;
 Triuir mu 'n aon duin air an aodann ;
 'S na m faigheadh iad cothrom cuise,
 Rinn iad diubhail mu 'n do sgaoil iad.

Cha robh meas do chlanna Ghaidheal,
 O 'n dh' fhalbh Tearlach uainn air fogradh ;
 Dh' fhag e sinn mur uain gun mhathair,
 Gun aobhar ghaire guu sòlas ;
 Sinn a geilleadh do Shasunn,
 'Sa 'g eiridh am feachd Righ Deorsa ;
 Gur h-ann d' ar n' iartas a's d' ar n' athchuing,
 E dhol dachaидh do Hanobhar.

Bidh sinne fhathasd ann an dochas,
 Gu 'n tig Tearlach og do 'n Rioghachd ;
 'S na 'n tigeadh e oirnne chlisgeadh,

Dh' eireadh ar misneach 's ar n' inntinn ;
 Dh' eireadh leat a h-uile duine,
 'S bhiodh mid uile dhuit cho dileas ;
 An aobhar blair na 'n lathair cuinasg,
 Cha bhiodh cùntart oirnn gu 'n diobradh.

Choidhch cha diobradh mid gu brath thu,
 'S i n' athchuingidh a b' shearr leinn fhaotainn ;
 Gu n' tigeadh iad oirnne na Frangaich,
 'S Tearlach bhi air ceann na 'n daoine ;
 Dh' eireadh Camshronaich o Lochai,
 Donullaich a's Clann an t-Saoir leat ;
 'S cha robh a leithid anns na criochan,
 O 'n a chriochnaich Clanna-Baoisgne.

Dh' eireadh leat Clann-an-Aba
 Gu laidir, neartor, feachdail, rioghail,
 Gu targaideach, armailteach, tartrach,
 Luchd na 'n bratach 's na 'n cuillobhair,
 Ri am rusgadh na 'n lann glasa,
 Na 'm faobhar sgaiteach 's na 'm picean ;
 Builleach, guineach, beumnach, buidhneach,
 Bu laidir cliuiteach 'sa 'n dol sios iad.

Griogaraich gun fhailing cruadail,
 Bha iad riamh gu h-uasal rioghail ;
 'N am cogaidh, troid, no tuasad,
 C' ait an cualas bonn d'a 'm mì-chliuth ;
 Dhol an aghaidh teine 's luaidhe,
 'N am na ruaig cha b' iad a striochdadadh ?
 'S fhad 'sa leanas sibh r' ar dualchas,
 Cha toir iad buaidh oirbh luchd ar mloruin.

Eiridh gach fine o thuath leat,
 Eidear uaislean agus islean ;

Le toil an cridhe 'sà'n durachd,
 O 'n a chuir thu uigh 'sa'n fhirinn ;
 Bidh sinn uile 'sa'n aon run duit,
 O 'n is ionunn cuij mu 'm bi sinn ;
 Ann a t-aobhar Theatlaich Stiubhairt,
 O 'n 's e do chrun bheir dhuinn toilinntinn.

Cumha do fhear CHILLE MOIRE ; le Alasdair
 Mac Calum bh' ann an Laudail 'sa Mhorairne.

DH' fhalbh mi 'n dé gu sunndach, sunndach,
 Ghabhail cunntas Chille Moire ;
 'S cha do chuimhnich mi air bas,
 An fhir gun sgath a chite soilleir :
 'Nuair a rainig mi an larach,
 Sa 'n t-aite b' abhaist duinn coinneadh ;
 Cha deachaidh mi steach do d' sheomar,
 Cha d' leig m' fheoil dhomh dhol ad sheallamh.

Chunnaic mi gur bron bu cheol doibh,
 Ghabh mi seol a's rinn mi pilleadh ;
 'S thug mi 'n sgriob ud do 'n tigh osda,
 Ghabhail oran do na gillean ;
 Gar a bheil mi pait do storas,
 'S cridheil dh' olainn cupall ghnidh,
 Air chumhnanta 's gu 'm faicinn beo thu,
 Seach am bron tha air do chinne.

Fear mor rioghail, 's e do 'n fhior-fhuil,
 'S mor d' ar dith thu 'n am bhi togail,

Am feachd do dhuthcha dh aithnicht air thus thu,
 'Sa choisneadh cluith aig na fhuair thu sheallamh ;
 'S math thigeadh cota 's dag air oradh,
 'S breacan boidheach an euaich loinneil ;
 Cha do chuir e uigh am botainn,
 Fear garbh comhnard 's e gun choir' air.

'S mor an iondrain as a dhuthaich,
 Am fear mor chiuiteach dh' fhas gu maiseach ;
 Dhearrbh thu chuis ud 's cha bu chubair,
 Bheireadh cuis diot ri am glacaidh ;
 Bha thu siobhalta ri maighdinn,
 'S bha thu 'd shaighdeir ri uchd gaisgidh ;
 'S cha bu clearbach thu fo t-armachd,
 'N am bhi bhi seanchas ri luchd chasag.

Nis o 'n thainig feachd na truaighe,
 'S olc a bhuidh tha air ar cinneach ;
 'S tric an sgriob so a bheul uaighe,
 Air ar 'n uaislean, tha iad diomain ;
 Bu cheannard tuath thu, 's dhaoine truaghla,
 Cho math 'sa bha 'n taobh tuath do 'n lingidh ;
 An Tì thug uainn thu, cha bu chruaidh air,
 Oighre buan a chuir a t-ionad.

Mo thruaighe do mhathair 's fad a laithean,
 Guidhe a bhais a thigh'n da sireadh,
 Chaill i a sugradh 'sa ceol gaire,
 Gu la bhrath cha dean e pilleadh ;
 Cuis a chraidih i, laogh a h-ara,
 Bhi ga charadh aig na gillean ;
 'N ciste dhionnaich, fo bhrat sioda,
 Beul na firinn fear gun choire.

Mur biodh tu baidheil, iochdar, cairdeil,
 Theireadh cach gu 'n robh sud coireach ;

'Sa 'n fhuil uasal as 'n do ghluais thu,
 'S ga 'm bu dualchas a bhi soilleir ;
 'S mo is luath lean, dh' fhalaich uaigh thu,
 Fhir bha suairce ri daoin eile ;
 Do cheile bhroin na banutraich oig,
 'S i cumail seol air do chuid cloinne.

E' fhiach dh' i fhein sud, b' ur a ceile,
 Ceann na ceille 'sa 'n robh 'n gliocas ;
 Bu ghuala threun thu ri am feuma,
 'S goirt an t-eug thug uainn a nis thu ;
 O 'n dh' fhalbh bata, leat thair saile,
 Tha i craiteach 's bidh i 'n feasd ann ;
 Ga d' chuir air tir an Leitir Shiuna,
 Far 'n robh do dhuthchas 's b' ur na fleasgaich.

Na fir ura bha neo sgathach,
 B'e 'ur n' abhaist 'n am an fheasgair ;
 Gillean lamh ruibh, aobhar ghaire,
 Greis air thaileasg ga chur seachad :
 Sior ol fiona as na piosan,
 Aig fir ur na 'm piob 's na 'm bratach ;
 Do 'n fhnil uasail, sioghail, rhuairee,
 D'a 'm bu dual bhi ann 'sa 'n Apuinn.

An saoghal breugach, cha n' eil feum ann,
 'S mairg nach leughadh e le gliocas,
 Ma bhios sibh steidheil, na tugabh geill da
 Leigibh leic ann 's na biodh meas deth ;
 Nith no feudail na gabhadh speis deth,
 'Ur coinnseas fein na biodh g' ar 'n' ithe ;
 Gluaiseadh mid o cheim gu ceim,
 'S ni e feum ged threig e 'nis sinn.

Cumha do IAIN MAC DHONUILL fear Dhruim-na'n Torran 'an Suaineart. Le Alasdair Mac Calum ceudna.

Fonn—Murt Ghlinne Comhunn.

THUG Clan Donuill an latha,
 Gar ari b' ann leis a chlaidhe a truaill ;
 Ach le ordugh o'n Chathair,
 Tigh'n gach oidhche 's gach lath' oirnn a nuas ;
 Gur a truagh leam 'ur 'n athair.
 'S e gun sugradh gun aidhear gun snuagh ;
 Tha 'n aois air a luidhe,
 'S e g' ur caradh le a lamhan 'sa 'n uaigh.

Bu bhoidheach do ghilleann,
 Fir oga bha inealta luath,
 Chaidh pairt diu thair linge,
 Dheanadh feum na'n tilleadh iad buan ;
 Tha ar saoghalne diomain
 'S cha 'n fhaodar ar tilleadh o'n uair,
 'N uair a ghlaodhar as sinne,
 Chi sunn saoghal na'n spiorad tha buan.

'N t-aon fhear dhiu rinn posadh,
 Gu'n deanadh e Coirneal air sluagh,
 Ga'n robh nadur an Tighearn,
 Anns gach ait ann an suidhe e suas ;
 Gu'm b'e cridhe na feil e,
 'S e a luidhe 'sa 'g eiridh a suain,
 'S beag an t-iongnadh do cheile,
 Bean na h-aonar air feill a bhi truagh.

'S i do phiuthar ur aluinn,
 Rinn cinntinn an garadh na 'm buadh,
 'S i ur linathair bha àghar,
 'Nuair a rinn i ur fagail cho luath,
 Mu 'm fac i ach páirt dibh,
 G' ur ruitheadh 's g' ur càradh 'sa 'n uaigh,
 Sibh an dìugh air gach laimh dh' i,
 Ann an Rioghachd na 'n gras a cur suas.

'S gar an d' fhùasgail thu fearunn,
 Gu 'n robh firinn gun mhearrachd fo d' chleoc,
 Fhir a dh' ionnsaich an ceanal,
 Mu 'n d' fhag thu bhi 'd leanabh ro og ;
 Bu mhath do chuid ghearran,
 'S do chapuill le 'n searraich air lón,
 'S dh' fhag thu tigh an deagh uigheam,
 'S tha gach duine ro bhuidheach ad sheol.

Mu 'n taca so n uiridh,
 'S mi dh' fhalbhadh air thuras gun sgath,
 'S tu gu 'n d' thugadh dhomh cuireadh,
 Ged a chumadh tu fuireach air cach,
 Dhol a sheomar na 'n uinneag,
 A rinneadh a chuma' dh' Iain bànn ;
 A Righ ! gur mis tha fo mhulad,
 Nach d' fhaodar do chumail o 'n bas.

'S math dh' aithnich thu 'n saoghal,
 Cha d' rinn thu riamh caonnag mu 'n ol,
 'S cha mho rinn thu riamh éucoir,
 Air neach fo 'n ghrein a ta beo,
 'S ann a bhiodh tu ga 'n réiteach,
 Anns gach ait anns an eisdeadh do ghloir,
 'Sa nuair thigeadh diol déirce,
 Bhiodh do sporan gun éur ann ad dhòrn.

Leam bu duilich a *Bheatai*,
 Gu 'n d' thainig a chreach ort cho og,
 Nighin Aonghus o 'n Achai'*,
 O Ghleann uaine na 'm mart 'sa 'm bi ceo,
 Tha thu caoineadh 'sa 'g acain,
 Do cheile math leapa nach bed,
 'S e an ciste choail chumhainn,
 Air a charadh fo dhubhar na 'm bord.

'S iad Clann Donuill na 'n geur lann,
 Rinn amus ri ceile gle og,
 'Nuair a phos iad ri cheil sibh,
 Sibh a luidhe 'sa 'g eiridh 'sa choir ;
 Cum cuimhn' air do gheallamh,
 Thug thu uait e le barantas mor,
 Gabh curam d'a leanabh,
 'S cha bhi thu gun earras ri d' bheo.

Ged a ni mi mo dhichioll,
 Air innse na firinn tha buan,
 Tha 'n aois ga m' shior dhiteadh,
 Dh' fhag i mise gu diblidh bochd truagh ;
 'S mi an t-Oisein mur chi sibh,
 Ag osnaich 'sa caoidh na dh' fhalbh uainn,
 Tho mo chridh air 'ur deaghaidh,
 Mur gu 'm buaileadh an gobhainn a chruaidh.

Le cridheachan laga,
 Bidh ar suilean a leagadh na 'n deoir,
 Ged a theid sinn d' ar leabaidh,
 Cha 'n fhaigh sinn an cadal ach fòill ;
 Tha ar 'n inntinn cho luaimhneach,
 Ri gaoth deas, na gaoth tuath, na ri ceo,
 Sior chaoidh na dh' fhalbh uainne,
 'M fear a dh' fhanas 'se dhuais bhi ri bròn.

* Achairtiochadan.

Cumha do SHIR TORMAID MAC LEOID ; Le
Mairi Nighean Alasdair Ruaignh Mhic Leod.

Mo chradh ghal bochd,
Mur a tha mi nochd,
'S mi gun tamh, gun fhois, gun sùnnd.
Ma tha ghal, &c.

Gun surd ri stath,
Gun duil ri bhi slan,
Chaidh mo shugradh gu brath air chùl.
Gun surd, &c.

Chaill mo shusbaint a cail,
Fàth mo thursaigh gach la,
'S mi sior uirsgeul air gnaths mo rùin.
Chaill mo, &c.

Mu dheagh Mhac Ruairidh na 'n long,
Lamh liobhraigeadh bhonn,
'S bha measail air fonn luchd ciùil.
Mu dheagh, &c.

'S e bhi smuainteachadh ort,
A chràidh mi m' chorp,
'Sa chnamh na roisg fo m' shùil.
'S e bhi, &c.

Mi ri smuaintean bochd truagh,
'S ri iomradh baoth buan,
'S mi ga t-iondrainse uam 's tu b' fhiu.
Mi ri, &c.

'G iondrain Leodach mo ghaoil,
 Bhi 'sa 'n t-srol anard chaol,
 Gun chomhdach ri thaobh ach bùird.

'G iondrain, &c.

O 'n la għlasadh do bheul,
 Gu 'n deach' airc air luchd théud,
 'Nuair sgapadh tu fhein na crùin.

O 'n la, &c.

Thog na filidh ort sgeul,
 Fhad 'sa dh' imiċċ an ceim,
 Nach fhac iad na b' fhéile gnùis.

Thog na, &c.

Gu 'n robh mais ann a t-fhiamh,
 'Sin a's tlachd ort measg chiad,
 Rud nach cuala' mi-riamh air triùir.

Gu 'n robh, &c.

Tha Mac Leoids' air ar ceann,
 'S e fo thursadh nach gann,
 'S beag an t-iongnadh 's e chaill a sdiùir.

Tha Mac Leoids', &c.

Chaill é maothar a threud,
 'Sa 'n robh fradharc na 'n ceud,
 A's tagħha do dheagh chaitr iùl.

Chaill e, &c.

Deagh shealgair am fridh,
 Bha gun cheilg do thigh Righ,
 Agus seirbheiseach dileas crùin.

Deagh shealgair, &c.

Tha do chinne fo ghruaim,
 'S gach aon fhine mu 'n cuairt,
 O 'n làtha ghrinnicheadh t-uaigh sa chruist.

Tha do, &c.

Mu 'n t-sar ghaisgeach dheas threun,
 Ann am batal na 'n ceud,
 Cha bu lapach 'sa 'n leum ud thu.

Mu 'n t-sar, &c.

Lamh churanta chruaidh,
 Ann an iomairt 's gach buaidh,
 Cha 'n urrainn domh t-uaisl'a ruin.

Lamh, &c.

Do thigh talla fo ghruaim,
 'S e gun aidhear gun uail,
 Far 'm bu mhinig an d' fhuair sinn cuirm.
 Do thigh talla, &c.

Marbhrann do SHIR SEUMUS MAC DHONUILL;
 Le Gilleasbuig a bhrathair.

B' FHEARR am mor olc a chluinnian,
 Bhrigh iomra' na fhaicinn;
 Dhomhsa b' fhurasd' sud innse,
 Rug air 'm inntinn trèm sachd dheth;
 O 'n is mi bha 'sa 'n fhuilang,
 Bu chruaidh duilich ri fhaicinn.

Rainig croma-sgian o 'n aog orm,
Cha do shaor i bun aisne.

'S e dh' fhag fodha dhomh 'n coite,
Aon a mhoichead a dhujisg mi,
'S mi gun fhear air barr agam,
Thogadh 'm aigne a dùsal ;
'Nuair a bheum an sruth traigh orm,
Rug muir baitht' air a chul sín,
Cha d' fhiosraich mi 'm bas duit,
Gus an d' fhag mi thu 'n crùiste.

Fath m' acuin 's mo thùrsa,
Nach duisgear le teud thu,
Na le torgan na file,
Mo dhìobhail 's mo leir-chreach ;
Fhir a chumadh i dlonach,
Dh' aindeoин siontain ga geiread,
Thu 'n diugh fo leacan na h-ùrach,
Gun mo dhuil ri thu dh' eiridh.

'S bochd an ealtainns' thug sgriob orm,
Thug i dhiom m' earr a's m' fhéusag,
'S geur 's gur goirt spuir an ràsair,
Thruras cnamhan a's féithean ;
Dh' fnag sud mise dheth craiteach,
Dh' aindeoин dàil gu ro chreuchdach ;
Cha dean ballan no sabh dheth,
Mise slan gu la m' euga.

Ge b' e chuireadh dhomh 'n umhail,
Do mhor chumhá ga m' leonadh,
Na mo dhosan a liathadh,
Coig bliadhna röimh 'n ordugh ;
Tha mi 'n diugh a toirt paigheadh

Ann meud m' àilleas as m' oige,
 O'n rug deireadh do bhais orm,
 Os cionn chaich cha b'e m' ordugh.

'S fhad tha mi 'm Oisein gun mheadhail,
 As do dheaghaidh bochd dòlum,
 Osnachail farbairneach, frithir,
 Tha m' fheith-chridh air a leonadh ;
 Leigeam fios thun a bhreithe,
 Nach iarr slighe gu dòibheart,
 Gur h-e port Raoghuill uidhir,
 Mur nach bu dhligheach is ceol domh.

'S bochd mo nuaidheachd ra innse ;
 Ge b' e sgrìobhadh e 'n tàbhuinn ;
 O'n la rinn thu feum duine,
 Gus 'n do chuireadh 'sa 'n lar thu ;
 Bha mò dheas-lamh dol sios leat,
 An clachan crìche mo chràdh-shlat ;
 'S mor na b' fheudar dhomh fhulang,
 Mo bhuan fhuireach o m' brathair.

'S bochd an ruinnigil fhuathais,
 Rug air uaislean do chairdean,
 'S goirt a bhannag a fhuair iad,
 'N latha ghluaiseadh gu tamh leat ;
 Ge b'e neach is mo buannachd,
 'N lorg luaithe a bhais so,
 'S mise pearsa 's mo tuaирgne,
 'Sa 'nuair so th' air màruinn.

Cha chuis pharmaid mo leithid,
 'S ann tha mi 'n deaghaidh mo spùillidh ;
 Bhuin an t-eug dhiom gu buileach,
 Barr a's iomull mo chùirte ;

'S feudar tamailte fhulang,
 Gun dion buill' air mo chùla',
 Stad ino chlaidhe na dhuille,
 'S bath dhomh fuireach r'a rusgadh.

Bhuin an t-eug creach gun toir dihom
 Dh' aindeoin oigridh do dhùthcha ;
 Dh' fhag e m' aigne fo dhòruinn,
 'S bhual e brog air mo chuinne ;
 'S trom a dh' fhuasgal e deoir dhomh,
 Bu mhor mo choir air an dubladh ;
 Mu cheann uighe na 'n deoiribh,
 Bhi fo bhord ann an dunadh.

Bu deas dile mo shior-ruith,
 'S gu 'm bu dionach mo chlaraidh ;
 Bha mo chala gun diobradh,
 Ga mo dhion as gach saradh ;
 Riamh gus 'n d' thainig an dil orm,
 Dh' fhag fo mhighean gu brath mi' ;
 'S ard a dh' éirich an stailcs' orm,
 Chuir i as domh mu m' airnean.

Call gun bhuinig gun bhuannachd,
 Bha ga m' ruagadh' o 'n trath sin ;
 Cha b' i 'n iomairt gun fhuathas,
 Leis 'n do ghluais mi mur chearrach ;
 'N cluich a shaoil mi bhi 'm buannachd,
 Dh' fhauite ghluaasad air taileasg ;
 Thainig goin a's cur suas orm,
 'S tha fear fuar orm a' t-aite.

O 'n chaidh maill' air mo fhradharc,
 'S nach taoghail mi 'n ard-bheann ;
 Chuir mi cul ris an fhiadhach,

Pong cha n' iarr mi air clarsaich ;
 Mo cheol luidhe a's eiridh,
 M' osnadh gheur air bheag tabhachd ;
 Fad mo re bidh mi 'g acain,
 Mheud 'sa chleachd mi dheth t-ailleas.

Ach dleasaidh faighidinn furtachd,
 Nach faic thu chuisle ga luaithead ;
 Air fear na teasaich 'sa 'n fhiabhruis,
 'S gearr mu shioladh a bhruaidlein ;
 Muir a dh' eireas ga braisead,
 Ni fear math beairte dh' i suanach ;
 Ach e dh' iomairt gu tapaidh,
 Ceann da shlait thuig a's uaithe.

'Nuair a bha mi am ghille,
 'S mi 'n ciad iomairt Shir Seumus,
 Marr ri comhlan dheth m' chinne,
 Seoladh air spinneig a dh' Eirinn ;
 'S ann aig I Chalum Chille,
 Ghabh mi giorragh mu'd dheighinn ;
 Chaill thu lan meise feodair,
 Air do shroin do 'n fhuil ghle dhearg.

Luchd a chaitheadh na 'n cuantaibh,
 'S moch a ghluaiseadh gu surdail,
 Le 'n alach chalpanna' cruidhe,
 Bu hheag roimh' 'n fhuaradh an curam ;
 Bu choma co do na h-uaislean,
 Ghlacadh gluasad na sdiuradh ;
 'S fear math beart air a gualainn,
 B' urrainn am fuasgladh gach cuise.

'N am gluasad o thir dhuiinn,
 Bu neo mhiodhar ar loistean,

Cornach, cupanach, fionach,
 Glaineachan lionta a stopaibh ;
 Gu cairteach, tailisgeach distneach,
 'Stailc air uigh na 'm foirnibh ;
 Dhomhsa b' fhurasd' sud innse
 Bu chuid do m' gniomh o aois m' oig e.

Bu neo eimneach mo leabaidh,
 'S bha mo chadal gle chomhnard,
 Fhad 'sa dh' fhuirich thu agam,
 An caoin chadal gun fhotus ;
 Bu tu mo sgiath laidir dhileas,
 Ga mo dhion o gach dòruimm,
 'S e cuid a dh' aohhar mo leith-trom,
 Bhi 'n diugh a seasadh do chorach.

ORAN air latha Sliabh an t-Siorram.

Le Sileas Nighean Mhic Raognuill.

THA mulad, tha gruaim orm, tha bron,
 O 'n dh' imich mo chairdean air falbh ;
 O 'n chaidh iad air asdar gun chinnt mu 'n teachd
 dhachaидh,
 Tha m' iuntinn fo airtneal na leoир.

Gus an cluinn mi nuaidheachd is binn,
 Air gach duine a dh' imich o 'n tir,
 Gu 'm pilleadh sibh dhachaيدh, le cruadal a's
 gaisgeадh,
 'S gu n cruinte an Sasun leibh 'n Righ.

Beir soraidh gu Donull o 'n Dun,
 Gu h-Uilleam 's gu Seumas na 'n triuir,
 'Nuair chruinnicheas uaislean,
 Do d' chinneach mù n' cuairt duit,
 Glac an t-urram a fhuair thu le cluith.

Beir soraidh gu h-Alasdair liath,
 As do chruadal gu 'n earbainn deagh ghniomh,
 'Nuair a theid thu gu buillean,
 'S do naimhdean a dh' fhuireach,
 Gu cinnteach bidh ful air am bian.

Beir soraidh gu h-Ailein o 'n chuan,
 Bha greis ann 'sa 'n Fhraing uainn air chuairt,
 'S e ro mheud do ghaisgidh,
 Chum gun oighr' air do phearsa,
 Craobh chosgairt air feachd na 'n arm cruidh.

Beir soraidh an déigh na 'n laoch,
 Gus a bhuidheann ga 'n suaithcheantas fraoch,
 Gu ceannard a Bhraghad,
 'Sa chuid eile do 'm chairdean,
 Buaidh shithne 's buaidh larach leibh a choidhch.

Tha uracha' buidheann tigh'n oirnn,
 Mac Coinnich, Mac Shimidh, 's Mac Leoid,
 Mac Ionmhuiinn Strath-chuailte,
 'Sa 'n Siosalach suairce,
 'S e mo bharail gu 'm buailear leo stroichd.

Gigig thuirt au coileach * 's e 'n sàs,
 Tha mo sgoileirean ullamh gu blar,
 Am fuidse nach coisinn,

* The Cock of the North, the Duke of Gordon.

Cuiribh a cheann ann 'sa phoca,
 'S cha 'n fhiu dhuinn bhi 'g osnaich m'a bhas

Crath do chirein, do choileir, 's do chluas,
 Cuir sgairt ort gu feachd an taobh an tuath,
 Cuir spuir ort 's bi gleusda,
 Gu d' naimhdean a reubadh,
 'S cuir Mac Cailein fo gheill mur bu duall.

Thighearna Struthain o Ghiusaich na m' bcainn,
 Thug thu tamull a feitheadh 'sa 'n Flraig,
 Tog do phiob a's do bhratach,
 So 'n t-am dhuit bhi sgairteil,
 'S cuir na Caimbeulaich dhachaидh na 'n deann.

A Righ! 's buidheach mi Mhoir-fhear sin Marr,
 Leis a dh' eireadh a bhuidheann gun fheall,
 A liuthad Foirbeiseach gasda,
 Tha 'g iathadh m'a bhrataich,
 B' fhiach do Sheumas an glacadh air laimh.

Tha mo ghruaim ris a bhuidheann ud thall,
 A luaithead 'sa mhuth iad an t-sreang,
 Tha mi cinnteach am aigne,
 Gu 'm bu mhiann leo bhi againn,
 Mur 'bhithe Chuigse bhi aca mur cheann.

Far an robh sibh ri peidseachas riamh,
 'S cha b' ann 'g osnaich air mullach na 'n sliabh;
 A liuthead cùbaid tha 'n drasda,
 Fo churam na graisge,
 Agus easbuig fo ailleas na 'm biasd.

A dhonnachai * ma dh' imich thu null,
 Tha do chiabhan air glasadhbh fo chliuth;

Gu 'n cluinneam 's gu 'm faiceam,
Do philléadhsa dhachaidh,
'S do chinneach cha stad air do chul.

'Nuair a ruigeas sibh cuide-ri cach,
Cia mur chumas a chuirge ruibh blar?
C' aite bheil e fein aca?
An Albuinn na 'n Sasunn,
Nach gearradh sibh as mur an cal.

'Nuair a ruigeas sibh Lunnainn na 'n cleoc,
Sa bheir sibh an fhaistinneachd beo;
Bidh tomhas an t-sioda,
Le 'ur boghannan riomhach,
Air an drochaid as miltean f' ur sgod.

Am bruadar le IAIN DUBH MAC IAIN 'IC AILEIN
mu chor na Rioghachd, bhliadhna 1715.

SEISD.

Hei ho, tha mulad air m inntinn,
Cho trom ri cloich inhuilinn,
Air lunna' na sineadh,
O nach eil a h-uile-rud
Chunnaic mi sgribhte,
Cha bheo air a chruinne
Na 's urrainn da innse.

Hei ho, *

* Hei ho, is to be pronounced after the chorus as well as at the beginning.

Chunnaic mise 's mi 'm chadal,
 Gne aisling do bhruadar,
 Gu 'n do ghabh mi do dh' eagal,
 Nach do theap mi tigh'n uaithe ;
 Thug mi seallamh 's na speuran,
 'S ghlac maoim mi le fuathas,
 Bha Mar ann 'sa 'n leum sin,
 Na eideadh geal cruadhach.

Hei ho, &c.

'N toiseach a cho'strith,
 Chaidh Beulona a ghuasad,
 Gu 'n do nochd sinn ar b्रatach,
 Gu caismeachd thoirt uainne ;
 Sluagh cois agus marcachd,
 Dol seachad mu 'n cuairt duinn,
 Run feirg air gach gaisgeach,
 A lasadh gu cruidal.

Hei ro, &c.

Thug mi suil air 'an fhairge,
 'S cha bu dearmadach fiamh dhomh,
 'Nuair a chunnaic mi gharbh-luaidh,
 Chaidh mo mheanmna an islead ;
 Thainig smuaintean am eanchuinn,
 Na 'm bu sheanchas bha fior e,
 Gu 'm buailte an t-arm sin,
 Ann an targnaich na Rìoghachd.

Hei ho, &c.

'Nuair a chruinnich iad uile,
 Sluagh mara a's tire,
 Bu lionar na 'm measgsan,
Amunisein 's *probhisein*,
 Iad gu namhadach fuileach,

Gu buntainn gach cìs diu ;
 O linn Fhinn cha do chruinnich,
 An uiread do mhiltean.

Hei ho, &c.

Bu lionar na 'n campa,
 Gu galltrom a's pìoba,
 Fairgne na druma
 Cuir an curaids am fiacha' ;
 'Nuair fhuair gach comanndair,
 Ordugh teann thun a ghniomha,
 O 'n theann iad ri màrsadh,
 'S tùs blair e 's cha sith e.

Hei ho, &c.

Thuirt an guth rium am briathraibh,
 Ged 's fiambach na chi thu,
 Cha dean iad bonn lochd ort,
 Mur coisinn thu mìorun,
 An neach tha thu 'g iarraidh,
 Na fiaraich os 'n iosal ;
 Gus am faic thu mhuc iasaid,
 Ga stialladh aig miolchoin.

Hei ho, &c.

Chunnaic mise 's mi 'm chadal,
 Gu leoir fada na tim sin,
 Leigeadh leigheart mu 'r bailtean,
 G' ar glacadh os 'n iosal,
 Lamhach a chanain,
 Bristeadh bhallaibh m' ar fiaclan,
 Gaoir phaistean a's mhathanan,
 'Sa 'm fearaibh am priosan.

Hei ho, &c.

ORAN air latha **RAON RUAIRIDH**; Le Mac do
dh' Iain Lom.

Fonn. Call huill i rin ó, call o chall hui ri ho hì, &c.
Tha lionn dubh mòr, call och i rin ó air mo chlaoidh.

'N RAON RUAIRIDH SO bh'ann,
'S lionar ceann agus column ri lar,
Moran Ghaidheal a's Ghall,
Air chall 'sa 'n uileann ri blar,
'Nuair thainig a chlann
'N ar ceann an deireadh an là,
Cha bu tilleadh gun chall,
So shanntaich gillean mo ghraidh.

Bha 'n t-Alasdair ciar,
Gu dian le bhrataichean fein,
An am dol a sios,
Cha bu mhiann leis fuireach na 'n deigh ;
Cha bu chlaidhe no sgiath,
A bha mur dhion da fein,
Co chumadh ris strith ?
'Sa 'n Righ mur spionneadh da sgeith.

Bha Donull na 'n Dun,
Gu dluth air uilinn a bhlaibh,
Bha ghilleann r'a chùl,
'S cha seachnad iad cuis gun dail,
Fir ghásda mo ruin,
G' ar leanaitt gu dluth m' ar sail,

Fir ghasda mor ruin,
Ga 'n casgairt le luths na 'n lann.

Bha Leathanaich ann,
An dream bha fuileachdach riamh,
Leam is duilich an call,
Bha iad ann o cheann fhada na 'n cian,
Ged tha iad gun cheann,
Bidh e ann 'nuair is toileach le Dia ;
'S thig Muile na dheann,
A nall o luchd na 'm beul fiar.

Chlann Raoghnuill Ghlinn-Ruaigh,
Gu 'n d' thuair sibh leagadh gu leoир,
Na 'n eireadh sibh suas,
Le ar sluagh gun laigse gun leon ;
Ged tha sibh fo ghruaim,
A's gearasdan fuar m' ar sroin,
Nuair thig Ailein o 'n chuan,
Bidh gach sguab d' ar fearunn f' ur sgòd.

Tha fear an GleannRuaigh*,
Nach d' fhuair a dh' fhearrunn an coir,
Ach beagan do shluagh,
Theid suas le fead chinn a mheoir ;
Thainig feachd o 'n taobh tuath,
Chuir gearasdan fuar mu 'n sroin ;
Ach 's e fhuair iad mur dhuais,
Dol dachaидh 'sa 'n ruaig mu 'n tòin.

* MacDonell, Keppoch, a Chieftain, although a tenant to MacIntoch of Moyhall, keeping his rents unpaid with the strong hand, MacIntoch, with his men came to take MacDonell's means by force, but was beat back with great loss; see the following song on the battle of Mulroy, being the last of the conflicts between the clans.

Thug thu latha 'sa mhaoil,
 'Nuair bha thu gu h-aotrom og,
 Le do bhrataichean fraoich,
 'S bu lion'ar laoch ann ad lorg ;
 Tha mo ghuidhe air an Righ,
 Gun an t-aog a thighein ad choir,
 Gus am faigh thu a' dh. aois,
 A Cheapach bhi saor fo d' chòir.

ORAN air latha blair na Maoile-ruaighe, Eeidear
 Clann-an Toisich na Maighe agus Clann Raogh-
 nuill na Ceapaich. Le Donnacha Duileach.

Fonn.—'Se latha Raon Ruairidh, &c.

Ho fairigean o ho,
 Ho ro na co leatha,
 Gur h-e Colla 'n ceann-feadhnaidh,
 Gleachd mu 'n tom mu 'n robh athair,
 'S ioma spealp do dhuin' uasal
 Bha mu 'n cuairt duit an lath' ud,
 B fhearr 'na clogaide cruadhach,
 Mu d' ghuaillich gu t-amhuich.

Chulas nuaidheachd o t-armait,
 Na 'm b' aill leibh a labhairt ;
 Gach 'neach ga bheil fuath dha,
 Cuir na chluasan geur shaighead ;
 'S ioma cumha le storas

Gheibheadh tu o Thoiseach na Málige;
 Ach mur bha 'n donus ad ghòirseid,
 'S ann a chord e le claidhe.

Sud an cordugh gun ghliocas,
 Rinn thu nis ann a t-an-toil,
 Fhuair Colla fo chis thu,
 Cho min ris an lamhùimh,
 'S ioma cradh-leabaidh 's litir,
 Chaidh dh' Ionmhur-nis fo d' chaidribh,
 'S olc nach d' fhuair e disearsadh,
 Bhliadhna phaigh e am mal duit.

Bha thusa Cholla ro thapaidh,
 Mhic 'Lasbuig na mòr-chuis,
 Leig thu thuc' na coin thapaidh,
 Cha robh cadal air doigh ac' ;
 Ged a b' iongnach na cait iad,
 Cha robh chead ac do sgrobadh ;
 'Nuair a sgaoil thu do lionan,
 Thug thu mhiaghail a 'n srònán.

'S ioma musgaid 's pic iùbhair,
 Bha 'n cuideachd a mhi-raith,
 Ga 'n tilgeadh cho fada
 Ri cairteal a mhile ;
 Cha do smuaintich sibh teicheadh,
 O luchd na 'm feadana' cinnteach ;
 Ach am bathadh na 'm broilleach,
 Sud an cothrom a mhill iad.

Cha b'e sgobadh an t-seangain,
 Na mur gu 'm beanadh dhuit déargunn,
 Ach na claidhnean tana,
 Bh' aig na fearaibh mur armachd,

Leigeadh an smior ris,
 Far am beanadh gu 'n craoineadh,
 Bhiodh eanchainn am mullaich,
 Mu 'muineal ga 'n salachadh.

Dh' innsinn cuid d' ar beusan,
 Bhi treun ann an torachd,
 Bha bhuil air Clann Chatain,
 Gu 'm b'e sud fasan Chlann Donuill,
 Dhol treun air chois claidhe,
 'Nuair a chaitheadh iad lod orr ;
 Eidear fhearaibh a's ghillibh,
 Bhi le 'n sgianan na 'n sgornain.

'Nuair a rainig thu 'n larach,
 An robh abhaist do shean'ar,
 Bha Clann Chatan 'sa bhèucaich,
 'G iarruidh fabhair da 'n anam ;
 Sin nuair gheibheadh tu t-ailleas,
 Chuir am paipeir an ceangal,
 'S ged tha Cheapach na fasach,
 Tha i paighte le ceannaibh.

Ged a ghlaodh iad ruibh 'n ionaghlais,
 Mu anmociù an fheasgair,
 Chuir sibh sgapadh a mheanmh-chruidh,
 An luchd a inhàm thair a pheice ;
 Ga 'n ruith feadh an aonaich,
 'S ga 'n cuartachadh dhachaidh ;
 'S ga 'm paigheadh na 'm fiachan,
 Ach dh' iondrain iad Lachunn *.

Thig Mac Coinnich dhion' t-armait,
 'S bu mhor m' earbs' as a mhathas,

* Maicntosh.

Le shaighdeirean faoghlumt ;
 'S le 'n aodaichean daithte ;
 'Nuair bha dag air a *searsadh*,
 Sheall e geur anns an amharc,
 Sin nuair phaigh e 'n t-eudach,
 Bha mu earbull a mhnathá.

Thoir mo shoraidh le dùrrachd,
 Gus an triùir th' ann 'sa bhraighe,
 Gu Colla na laimh threine,
 E fhein 'sa dha bhrathair ;
 Gu 'n do sheas mac De leibh,
 Ann 'sa 'n leum so an drasda,
 'S gu 'n d' fhuair sibh an toiseach,
 Ann an toiteal na 'n claidhean.

Na 'm bu mhise b' fhear seolaidh,
 Air na h-oigeara' 'n drasda,
 Bhiodh fear air gach uilinn,
 Chor 's nach leagte 'n aon bħlar iad ;
 Cha robh eagal na giorrag,
 Air na gillean 'n robh 'n tabhachd ;
 Bha fear anns' gach uilinn,
 Mur sgiath chuntairt roimh' chairdean.

Bhuaidh sin mur mo-dhurachd,
 Tha e 'm run gu e thachairt,
 Thu bhi 'd thighearna duthcha,
 Eidear an Dunan 'sa Cheapach,
 Eidear Ruthain a's Spithein,
 'S Cill mo-niobhaig a chladaich,
 Ann am paighneachas sgribhte,
 'S lamh an Righ ris a chait ud.

C' uim' nach cuirinnse 'n cuartach ?
 Muigh Gleann Ruaigh an robh 'm baiteal,

Eidear monadh Dhruim-uachdair,
 Cnoc a Chuailte 'sa 'n Teagail ;
 Gun mhir a bhi uait deth,
 Ach cnuac Torra-an-easa ;
 Fearunn duthchas Mhic Mhairtein,
 Bu neo nadur' a bheagadh.

ORAN air latha Chuileodair agus air cor na 'n
 Gaidheal. Le Iain Ruagh Stiubhart *. Chinne-
 chairdin an Strathspéidh.

Fonn.—Murt Ghlinne Comhann.

GUR a mor mo chuis mhulaid,
 Ehi 'g amharc na guin a ta 'in thir,
 A Righ ! bi laidir 's tu 's urrainn,
 Chasg na 'n naimhdean tha dhuinne 's gach taobh
 Oirnne 's laidir Diuc Uilleam,
 'N rag mhearlach tha guin aige dhuinn ;
 B'e sud salchar na 'n steallag,
 Tighin an uachdar air chruineachd an fhuinn.

* This is the John Roy Stewart, the true and trusty friend of Prince Charles, one of his chief colonels, and the famous warrior very much spoken of in the history of the rebellion, and equally as good a poet as he was a swordsman in the field.

Mo chreach Tearlach Ruagh boidheach,
 Bhi ga dhiteadh aig Deorsa na 'm biasd ;
 B'e sud diteadh na còrach,
 An fhirinn 'sa beoil foipe sios ;
 Ach a Righ mas a deoin leat,
 Cuir an Rioghachd air seol a chaidh dhinn,
 Cuir Righ diligeach na còrach,
 Ri linn na tha beo os ar cinn.

Mo chreach armait na 'm breacan,
 Air an sgaoileadh 's air an sgapadh 's gach ait,
 Aig fior bhalgairean Shasunn,
 Nach no ghnathuich bonn ceartas na 'n dail ;
 Ged a bhuanndh iad baiteal,
 Chá b'ann da 'n cruadal na 'n tapadh a bha,
 Ach gaodh niar agus frasachd,
 Thigh'n a niar oirnn bhar machair na 'n Gall.

'S truagh nach robh sinn an Sasunn,
 Gun bhi cho teann air ar dachaidd sa bha,
 'S cha do sgaoil sinn cho aith-ghearr,
 Bhiodh ar dichioll ri seasamh na b' fhearr ;
 Ach 's droch dhraoidheachd a's dhrachdan,
 Rinneadh dhuinn mu 'n deachas na 'n dail,
 Air na fridhean eolach do sgap sinn,
 'S bu mhi-chombail gu 'n d' fhairtlich iad oirnn.

Mo chreach mhór na cuirp ghlé-gheal,
 Tha na 'n sìneadh air na sleibhtean ud thall,
 Gun chiste gun leintean,
 Ga 'n adhlacadh fhein anns na tuill ;
 Chuid tha beo dhiu 'n deigh sgaoileadh,
 'S iad a bruiche a chéil' air na luing ;
 Ehuair a Chuigs' a toil fein dinn,
 'S cha chan iad ach réubaltaich ruinn.

Fhuair na Gaill sinn fo 'n casan,
 'S mor a naire 'sa masladh sud leinn,
 'N deigh ar duthcha 's ar 'n aite,
 A spùilleadh 's gun bhlaths againn ann ;
 Caisteal Dhuinidh 'n deigh a losgaidh,
 'S e na laraich thursach gun mhiagh ;
 Gu 'm b'e 'n caochla' goirt e,
 Gu 'n do chaill sinn gach sochair a b' fhiach.

Cha do shaoil le mo shùilean,
 Gu 'm biodh gach cùis mur a tha,
 Mur sputadh na 'm faoilleach,
 'N am na 'n luidhean a sgaoileadh air blar ;
 Thug a chuibhle car tionndaidh,
 'S tha ioma fear aïme-cheart an càs ;
 A Righ seall le do chaoimhneas,
 Air na fir th' aig na naimhdean an sàs.

'S mor eucoir 'n luchd orduigh,
 An fhùil ud a dhortadh le foill ;
 Mo sheachd mallachd a Mhoir-fhear Deorsa,
 Fhuair e 'n lath' ud air ordugh dha fein ;
 Bha 'n da chuid air a mheoiribh,
 Moran giogan gun trocair le foill ;
 Mheall e sinne le chomhra',
 'S gu 'n robh ar barail ro mhòr air r'a linn.

Ach fhad 'sa 's beo sinn r'ar latha,
 Bidh sinn caoidh na ceathairn chaidh dhinn,
 Na fir threubhach bha sgairteil,
 Dheanadh feum le claidhe 's le sgiath ;
 Mur biodh siontain n' ar n' aghai,
 Bha sinn shios air ar n' aghairt gu dian,
 'S bhiodh luchd beurla na 'n luidhe,
 Ton thair cheann, b'e sud m' aidhear 's mo mhiann.

Och na 'n och ! 's mi fo sprochd,
 'S mi 'n so ag osnaich leam fein,
 'G amharc reismeid an Rosaich,
 'G itbe fèur agus cruineachd an fhuinn ;
 Reothaich iargalt a's Cataich,
 Tighin a nall oirnn le luchd chasag a's lonn,
 Iad mur mhiolchoin air acras,
 Siubhal chrioch, charn chlach, agus tholl.

Mo chreach duthaich air an d' thainig,
 Rinn sibh nis clar reidh dh'i cho lom,
 Gun choirce gun ghnaiseach,
 Gun siol taght' ann am fasach na 'm fonn,
 Prìs na circ air an spardan,
 Gu ruig a's na spàinean thoirt uainn,
 Ach sgrios na craoibhe f'a blath oirbh,
 Air a crionadh f'a barr gu a bonn.

Tha ar cinn fo 'n choill,
 'S eigin beanntain a's gleanntain thoirt oirnn,
 Sinn gun sugradh gun mhacnus,
 Gun eisdeachd ri binneas no ceol,
 Air bheag bìdh no teine,
 Air na stucan air am bi an ceo,
 Mur chomhachaig eile,
 Ag eisdeachd ri deireas gach lò.

ORAN leis a bhard cheudna, no mur their cuid a dhaoine, urnaigh IainRuaigh, agus e air siachadh a choise, nuair bha e air fogradh an deigh latha Chuileodair.

AIG toabh sruthain na shuidhe 's e sgìth,
Tha 'n Criosdaidh bochd Iain Ruagh,
Na cheatharnach fhathasd gun sìth,
'Sa chas air tuisleadh sa 'n tim gu truagh.

Ma thig Guimhnich no Cataich ad dhail,
Mu 'n slanaich air do lùithinean truagh,
Ged thig iad cho tric a's a b' aill,
Cha chuir iad ort lamh le 'n luath's.

Ni mi 'n ubaidh rinn Peadair do Phàl,
'Sa lùithean air fas leum bruaich,
Seachd paidir 'n ainm Sagairt a's Pàp,
Ga chur ris na phlasd mu 'n cuairt.

Ubaidh eil' as leith Mhuire na 'n gràs,
'S urrainn creideach dheanadh slan ri h-uair;
Tha mis' am chreidimh gun teagamh, gun dail,
Gu 'n toir sinn air ar naimhdean buaidh.

Sgeul eile 's gur h-oil leam gur flor,
Tha 'n drasd anns gach tir mu 'n cuairt,
Gach fear gleusda bha feumail do 'n Righ,
Bhi ga 'n ruith feadh gach crioch air ruaig.

Bodaich dhona gun onair gun bhrigh,
Ach gionach beag nith air son duais,

Gabhall fath oirnn anns gach ait ann 'sa 'm bi ;
 Cuir a chuibhle so Chriosd mu 'n cuairt.

Ma thionndas i seannsail an drasd,
 'S gu 'm faigt am Frangach am Flandurs buaidh ;
 Tha mi earbsach as an tairgneadh a bha,
 Gu 'n tig armait ni stath thair chuan.

Gu 'n tugadh fortan da diodunn le gras,
 Mur fhuair Maois le fàbhar mhuij ruagh ;
 'S gu 'm bi Deorsa le a dhrealainibh baitht,
 Mur bha 'n t-amadan Phara 'sa shluagh.

'Nuair bha Israel sgith 'sa 'n staid ghrais,
 Thagh e beusan Shàil mur Righ ;
 Thug e sgiùrsadh le miosguinn a's plaigh,
 Orra fhein, air an àl 's air an linn.

Samhuil sud 's mur tha Breatunn fo bhròn,
 O 'n a reic iad an coir do 'n Righ ;
 Rinn e 'n cronach' le corruiich ro mhor,
 Crom an donais chaith an seorsa 'n iasd.

A Righ shocraich Mhuire na 'n gràs,
 Thoir dhomhsa le' buaidh do chluas ;
 'S mi 'g umhладh le m' ghlùn air an lar,
 Gabh athchuinge airid uain.

Ma tha sinn a sireadh ach ar coir,
 Thug a Chuigs agus Deorsa uainn ;
 A reir do cheartais thoir neart dhuinn a's treoir,
 'S cuir ar naimhdean air fogradh uainn.

JOHN ROY STEWART's Psalm.

THE Lord's my targe, I will be stout,
 With durk and trusty blade,
 Though Campbells come in flocks about,
 I will not be afraid.

The Lord's the same as heretofore,
 He's always good to me,
 Though red-coats come a thousand more,
 Afraid I will not be.

Though they the woods do cut and burn,
 And drain the lochs all dry ;
 Though they the rocks do overturn,
 And change the course of Spey :

Though they mow down both corn and grass,
 Nay, seek me under ground ;
 Though hundreds guard each road and pass,
 John Roy will not be found.

The Lord is just. lo ! here's a mark,
 He's gracious and kind,
 When they like fools hunt in the dark,
 Like moles, he struck them blind.

Though lately straight before their face,
 They saw not where I stood,
 The Lord's my shade and hiding-place,
 He's to me always good.

Let me proclaim, both far and near,
 Through land, and air, and sea,
 That all with wonder plain, may hear,
 How good the Lord's to me.

Upon the pipe I'll sound his praise,
 And dance upon my stumps *,
 A fine new tune to it i'll raise,
 And play it on my trumps.

ORAN le duin uasal mhuiuntir, Apuinn Mhic Iain
 Stiùbhairt, a bha na Oifigeach leis a Phrionnsa,
 agus an t-arm dearg air a ghlacail na phriosan-
 ach, 's air a mhionnachadh gu bhi leotha sheiu
 na shaighdeir ghiulan gunna.

Fonn.—Shiubhail mi Cinntire,
 A's Ile o cheann gu ceann.

GHEIBH gach duin' a thuiteamas,
 'Sa chuid 'sa h-uile céim,
 'S ionunn sin 's mur thachair domh,
 O 'n taic so latha 'n dé;
 'S beag a shaoil leam dhol air seacharan,

* Having strained his ankle when under hiding, after the battle of Culloden; and while resting himself aside a cataract, keeping his foot in the spout, he composed the preceding song for a prayer, and these verses for a psalm.

O thaic mo mhuinntir fein,
 Na gu b' ann le Deors' a rachaimid,
 Ged fhaicimid e 'm feum.

Marbhaisg air an t-saoghal,
 Tha e caochlaideach 's gach gleus,
 Bha mise roimhe 'm Oifigeach,
 'S gu 'm b' onarach an ceim,
 'S mi 'n diugh air na coig sgillinnean,
 'S gach iomartas na 'n deigh,
 'S ioma te bheir crioman asd,
 'Sa their gu 'nimir i cuid fhein.

Ma 's e *Portmohon* is aite dhuinn,
 Bidh a mhuiir na clara reidh,
 Bidh gach duine sabhailt,
 Ach fear a ghearr a reis ;
 Ma sa fortan domhs' e,
 Gu dearbh tha mi na fheum,
 Ciod fhios nach bi mi 'm *Ghobhairneir*,
 Fo laimh Righ Deorsa fein.

Thoir soraidh uam le durachd,
 Do 'n duthaich 'n robh mi greis,
 Sios gu Leitir Shiuna,
 'S ann leamsa nach bu bheag ;
 Agus innis do Rob Stiubhart,
 Gu bheil mis air muthadh cleas,
 Gur beag a shaoil leis m' fhaicinn,
 'Sa mhusgaid ghlás ri m' leis.

'S na biodh sud mur iongnadh ort,
 Cha n' eil ann ach niuthadh beag,
 'Sa liuthad fasan th' ann 'sa 'n Rioghachd,
 Nach fiach a bhi tigh'n air ;

Bha mise uair 's cha n' aicheam,
 Ged 's ann leòsan 'n drasd is treis,
 Gu 'm bu doch a leam thu t-ònar,
 Na Deorsa 's na bheil leis.

Am fear a bhios a lathair,
 'S feudar clann a charadh ris,
 'S ionunn sin 's inur tharladh,
 Do 'n tha Deorsa 'g arach leis,
 Aithneidh e neo statail iad,
 'Nuair thig neart o 'n airde deas ;
 'Nuair thig Seumas 'sa 'n camp Gaidhealach,
 Bheir fear na dha as cleas.

Bidh mise measg na 'n daoine sin,
 Ma dh' fhaodas bidh mi ann,
 'S bliadhna leam gach seachduin,
 Gus am faic mi iad air falbh ;
 Theid gach eun g' a thraig,
 Ged ghabhadh cach ris fearg,
 'S b' e sud a bheart bu duineala,
 Na fuireach 'sa 'n arm dhearg.

O ! 's muladach a ta mi,
 'S gu brath cha tog mi fonn,
 Cha mho ni mi cridhealas,
 'S ann tha mo chridhe trom,
 O 'n chaidh na mionnan aindeoin,
 Tharruing as mo chom ;
 Aig iarruidh orm bhi dileas,
 Do 'n Righ 's nach d' theid e leom,

ORAN le Sileas Nighean Mhic Raoghnuill do
dh' arm Righ Sheimis.

GUR diombach mi 'n iomairt,
Chuir gach fine air fogradh ;

Tha ini ani chadal 's na duisgibh mi

Gun aidhear gun eibhneas,
'S gun reiteach o Dheorsa ;

Tha mi am chadal, &c.

Gur h-ioma bean uasal,
Tha gu h-uaigneach na seomar,
Gun aidhear gun eibhneas,
'S i 'g eiridh na h-onar,
Sior chaoidh na 'n uaislean,
A fhuair iad ri phosadh ;

Tha mi am, &c.

Mo thruaigh a chlann,
Nach robh gann na 'n curaidse ;

Tha mi am, &c.

'N am bualachd na 'n lann,
An am na 'm buillinean ;

Tha mi, &c.

Ged thà sibh 'sa 'n am,
Feadh ghleapn a's mhunainnean,
Gu nochd sibh 'ur ceann
'N am teanndachd mur churainnean,
'Nuair thig Seumas a nall,
'Si 'ur lann bhios fulcachdach.

Tha mi, &c.

'S e Righ na muice
 'S na Cuigse Righ Deorsa;
 Tha mi am, &c.
 Mu 'n d' thig oirnn an t-samhuin,
 Bidh amhuch 's na cordaibh;
 Tha mi am, &c.
 Na 'n eireadh sibh suas,
 Le cruadal a's duinealachd,
 Eidear islean a's uaislean,
 Thuath agus chumanta,
 Do sgiurseadh sibh uaibh e,
 'N Righ fuadain nach buineadh dhuinn;
 A's dheanainn an cadal gu sunndach leibh.

ORAN le ban-Stiubhartach mhuinnitir Strath-
speidh, ann an aobhar Thearlaich.

So an tim tha cuir as domh,
 Lan tuchain a's cnatain,
 Mo dhiubhail 's mo chreach cha b'e dh'fheumainn.
 So an tim, &c.

Ach bhi guidhe gu laidir,
 Le Righ dligheach na 'n Gaidheal,
 Theid a Lunnainn gun daill uainn le ceuta.
 Ach bhi, &c.

An t-og teannsgalach gasda,
 Prionnsa Tearlach na 'm baiteal,
 Theid mearlach Righ Shasunn a gheilleadh.
 An t-og, &c.

'S ioma leoghunn deas statail,
 Dheth mo chinne mor laidir,
 Bhios fo d' bhrataichean bana ag eiridh.

'S ioma leoghunn, &c.

Na Stiubhartaich ghasda,
 Fior chuirteil mu d' bhrataich,
 Bidh Iarla Bhoid 's fir na h Apunn gu leir leat.

Na Stiubhartaich, &c.

Coirneal Ruagh Chinne-Chairdin,
 'S clann uasal a brathar,
 Thog iad bratach 's cha 'n fhailing iad gleus lea.

Coirneal Ruagh, &c.

'S gur h-e 'n duine a Maidseir *,
 Mac oighre a mhathar,
 'N Righ ga neartach' an aird ann an céuta.
 'S gur h-e, &c.

'S beag an t-iongnadh an t-ardan,
 Dhol ad bhathais cho laidir,
 'Sa liuthad sruth ard as 'n do leum thu
 'S beag an t-iongnadh, &c.

Dh' fhuil Righ agus bharan,
 Do 'm bu dligheach am fearunn,
 Do 'n fhuil phriseil bha fearail ag eiridh.
 Dh' fhnil Righ, &c.

Thaobh eile do mhathar,
 Tha thu bhrollach na 'n Granntach,
 'N aon teaghlaich is fearr tha 'n Strathspeidh dhiu.
 Thaobh eile, &c.

* Gillios Mor Mac Bheathain fear Chinne-choille.

Dh' eireadh sud a's Iarl' Anndrum,
 Mar ri Tearlach an Teannsgail,
 'N Righ ga 'n greasad a nall dhuinn a Erinn.

Dh' eireadh sud, &c.

Na 'm biodh amhuch Righ Deorsa,
 Ann an lamhan Chlann Donuill,
 Gheibheadh i togha maith corcaich no stéinne.

Na 'm biodh, &c.

Na 'm biodh lanh an fhir ruaigh ort,
 Bha mo raoghainnse 'n uachdar,
 Gun aon duin' bhi mu 'n cuairt duibh le cheile.

Na 'm biodh, &c.

Am blar Chop fhuair thu 'n t-urram,
 Bu cheann feadhn' thair gach duin' thu,
 'S ann a shamlaich iad uil' thu ri Cléibhir,

Am blar Chop, &c.

'S tu gu 'n cuireadh droch sheol,
 Fo champa Righ Deorsa,
 'N ceann 's na casan 's na botainn gu leir diu.
 'S tu gu 'n cuiradh, &c.

Bidh e laidir g' ar congnadh,
 Duntuilm le Chlann Donuill,
 Thig Sir Alasdair mor oirnn a Slcibhte,
 Bidh e laidir, &c.

Thig Mac Mhic Ailein a Muideart,
 Mac Mhic Alasdair Chnòideart,
 'S Mac Mhic Raoghnill cha soradh leis eiridh.
 Thig Mac Mhic Ailein, &c.

Agus Tighearna Struthain,
 Thig e nuas oirnn o 'n ghiùsaich,
 Bidh e fein 'sa chuid cuirte gu leir ann.

Agus Tighearna, &c.

Agus Tighearn og Chluainidh,
 Leis an t-srol bhrataich uaine,
 'S Clann Mhuirich mu 'n cuairt da gu leir ann.

Agus Tighearn og, &c.

Bidh Clann Donuill na 'n uidheam,
 Cuir na ruaig ris a bhruthach,
 Le 'n arma' 's glan uidheam aig Seurlus.

Bidh Clann Donuill, &c.

Bidh Clann Donuill 's Clann Chamashroin,
 Sud na seoid a tha ainmeil,
 Am fior thoiseach na h-armait ag eiridh.

Bidh Clann, &c.

'S mas a beo mi coig bliadhna,
 Chi mi fhathasd droch dhiol,
 Air luchd sgathaiddh na 'm bian bhar na spréidhe.
 'S mas a beo, &c.

Air luchd chasaga' dearga,
 'S Mailisidh Earraghàidheal,
 Chi sibh fhathasd droch àird air na beisdean.

Air luchd, &c.

Gar 'm faic mis' e le m' shuilean,
 Gu 'm bi Dia leibh 's mo dhurachd,
 'S cha dean luaidhe no fudar bonn beud duibh.

Gar 'm faic, &c.

Gar am faic mis' a choidhch e,
 Ma thionndas a chuibile,
 Bidh Sasunnaich 's Guimhnich na 'n eiginn.
 Gar am faic, &c.

Bidh luaidhe ri earbull,
 Luchd chasaga' dearga,
 Aig Friseilich ainmeil na 'n geurlann.
 Bidh luaidhe, &c.

'S mi air thuras 'sa bhraighe,
 Cian fada o m' chairdean,
 Far nach cluinn mi ach rànuil an fheidh ann.
 'S mi air, &c.

Tha mi sgith 's mi lan airtneil,
 Naile fhin theid mi dhachaidh,
 Gu duthaich an fhasgaidh 's na geige.
 Tha mi sgith, &c.

Gu tir na 'm fear ura,
 Luchd sgapaidh an fhudair,
 'S nach diùltadh an crun doRigh Seurlus.
 Gu tir na, &c.

'Sa Thearlaich oig Stiùbhait,
 Chi sinne an crun ort,
 'S bidh tu fhathasd a sgiùrsadh na 'm beisdean.
 'Sa Thearlaich, &c.

Tha Seumus og uasal,
 Leis an Righ mur bu dual da,
 Sar cheannard air sluagh an t-oг treubhach.
 Tha Seumus, &c.

Agus Uilleam oig Ghart,
 Mo dhurachd dhuit thachairt,
 An Righ sin ga d' sheachnad o bheisdean.
 Agus Uilleam, &c.

Sar cheannard an t-saighdeir,
 'S cridhe soilleir gun fhoill doibh,
 'S gu meal sibh ur 'n oighreachd le cheile.
 Sar cheannard, &c.

ORAN do dh' ALASDAIR dubh GHLINNE GAR-AIDH agus d'a bhraithrean.

Mo run an t-Alasdair og,
 Beul meachair tana na m' pog,
 Gorm shuil an sgathan mor,
 'S amadan a thuirt mur ghloir,
 Gu 'n robh mo ghilleasa corr,
 'S comhnard o uilinn gu broig thu,
 'S deas thig a chosag sa 'n cleoc dhuit,
 He ho, i u ho, ho hi u ho,
 Ho i hu o, ho i aig ho.

Mhoire 's iad mo run na gillean,
 Clann na mna nach d' fhas binneach,
 Preas ùr na 'm boineidean bileach,
 Thogadh a mach ris an fhireach,
 Choisneadh cliu le h-airm 's le h-inneal,
 Bheireadh air inac na h-eilde pilleadh,
 'S nach cumadh ri namhaid slinnein.

He ho, i u ho, &c.

Mo run ceim eutrom air siubhal,
 'S ioma og a thig fo t-uidheam,
 Luchd osan ghearr a's bhrogan dubha,
 Saighdean le 'm bonnaibh iubhair,
 Air nach biodh an naimhdean buidheach,
 Dh' eireadh le fear ghruaige duibhe.

He ho, &c.

M' anam a's m' eibhneas a's m' aiteas,
 Oighre 'n fhir thu thog an Caisteal,
 Thig gairm an Righ ort a Sasunn,
 Their easan nach aill leis gun t-fhaicinn,
 Ghlac an t-og na shroin a bheachd ud,
 Aig a mheud sa tha na choir do 'n phailteas,
 Lamh dh' iomairt an oir le coir aite.

He ho, &c.

'Nuair a sgaoileadh tu an cleoca,
 Gur lionar og bhiodh an deigh ort,
 Clann Iain, Siol Ailein,
 Sann ad bharraiche fein iad,
 Mur sud 's Iarla Bhrathain,
 An latha bhios feum air,
 Ma 's fior iuchd mo sheanchais;
 Gheibh thu manran na maighdinn,
 Thig an t-eun Abrach,
 'S cha chaidil e 'n oidhche.

He ho, &c.

Mo run a'h t-og uasal,
 Uachdar na féile ;
 Dh' fhas gu furanach urranta treubhach,
 Lamh bhualadh na 'm buillean,
 'N cumasg na 'n geurlann,

'Nuair a thogadh tu 'n deaslamh,
'S ann leats gu 'n éireadh.

He ho, &c.

M' anam m' fheudail a's m' aiteas,
Seobhag sulghorm na 'n ciabh bachlach,
Tha mo ghuidhse dhuit gu 'n tachair,
Freagraidh 'n taobh tuath do t-fhacal,
Fhrisealaich, Granntaich, a's Cataich,
Reothaich na 'n cleoc 's doigh gur leat iad.

He ho, &c.

M' fheudail dh' fheara na greine,
Thog iad ort mur aithris bhreige,
Gu 'n deanadh Mac Cailein eiridh,
Air an latha chum sibh fein e,
Gus 'n d' rinn sibh cleas na spreidhe,
Bualadh chlaigne, scapadh béurla,
Tuiteam an ùillibh a cheile.

ORAN le saighdeir.

SEISD.

Ho m' fhaidhrein, he m' fhaidhrein,
Ho m' fhaidhrein ho ro,
Ho m' fhaidhrein, he m' fhaidhrein,
Ho m' fhaidhrein ho ro,
Ho m' fhaidhrein, he m' fhaidhrein,
Ho m' fhaidhrein, ho ro,
'S e goirteas mo choise,
Dh' fhag mise cho trom.

BHA mi uair do mo shaoghal,
 Cheart cho aotrom ri eoin,
 'S cha robh mi 'm barail no saoilsinn,
 Tigh 'n an taobh so ri m' bheo,
 Mi bhi 'n seirbheis na 'n Stataich,
 'S e bu phraighe dhomh gròt,
 Bhi 'n sheasamh air *seantraidh*,
 'S na Frangaich am choir.

Ho m' fhaidhrein, &c.

'S mi bhi 'm sheasamh air *seantraidh*,
 Ri oidhche gheamhraidh fhliuch fhuar,
 'S luaidhe dhu-ghorm na 'm Frangach,
 Mu m' cheann a's mu m' chluais,
 Ged a thigeadh an reothadh,
 Cur a's cathadh a tuath,
 O ! cha n' fhaod mi dol dachaидh,
 Gus am *pas* an da uair.

Ho m' fhaidhrein, &c.

Ach na 'm faodainn dol dachaидh,
 'Nuair a *phasadh* 'n da uair,
 Dhol a shealltainn na 'n cairdean,
 Tha uile tamh 'sa 'n taobh tuath,
 'S mor gu 'm b' annsa na oighreachd,
 Bhi ri straoilich le tuaigh,
 Na bhi uair sa 'n da bhliadhna,
 Faotainn biasd cota ruaigh.

Ho m' fhaidhrein, &c.

'Sin nuair labhair mo Chaiptein,
 O 'n 's e fhacal bu mhù,
 " B' fhearr dhuit leathchrún 'sa 'n t-seachduin,

“ Chasg acrais do bhrù,
 “ ’Sa bhi ’n aodach sa ’n anard,
 “ Cheart cho chionalt ri Diuc,
 “ ’S tha mi meallt ann am bharail,
 “ Mur coisinn t-onair dhuit cliù.”

Ho m’ fhaidhrein, &c.

Dith bìdh air do shroinse,
 O ’n tha do phoca fein lan,
 ’S dona ’m paighe an gròta,
 Ga thilgeadh ormsa gach la,
 Na ’n tarlainn ’s tigh leanna,
 ’S eigheach air drama na dha,
 ’N donas bonn a bhiodh agam,
 Chuir seachad na ’n trath.

Ho m’ fhaidhrein, &c.

’Na ’n tarladh dhomh bhi air mhisg,
 Gun aon bhonn gliocais am cheann,
 Bhiodh an geard ga mo fhreasdal,
 ’S ga mo għlasadh gu teann,
 Na ’m biodh duin’ idir ’sa ghàbhadh,
 ’S e Mac a Ghaidhil bhiodh ann,
 ’Sa nuair a thigeadh mo Mhaidseir,
 “ Bhùgair għraind tha thu ann.”

Ho m’ fhaidhrein, &c.

Gu ’n neartaich an Righ Clanna’ Ghaidheal,
 Anns’ gach aite mu ’n cuairt,
 Eidear Eaglaisean Lunnuinn,
 ’S ard bheannan ’n taobh tuath,
 Tha ’n Righ air a Chathair,
 Seoladh a chatha mu ’n cuairt,

'S dh' fhaoit gu 'm faighimid bâta,
G' ar toirt air saile 'n taobh tuath.

Ho 'm fhaidhrein, &c.

Marbhann do DHONULL MAC RAOGHNUILL
mhoir, fear Thir-na-dris ; Le Alasdair Cam-
shron Dhoch-an-asaidh 'n Lochabar.

Se mheudaich m' airtneal gu geur,
'S campar caisteil mo chleibh,
Chainnt a bh' aca an dé ag ol.

Se mheudaich, &c.

Mu 'n fhiuran sgiobalta gharg,
Bu mhor misneach a's dealbh,
Bu neo ghliogach fo t-arm thu sheoid.

Mu 'n fhiuran, &c.

Mu 'n leoghunn chlisgeant gun sgath,
Bha 'n Tirnadris sin na thamh,
'S mor am briste do bhas thigh'n oirnn.

Mu 'n leoghunn, &c.

Bu tu 'n curaidh gun sgath,
Dhol an cuntart na 'm blàr,
Bhiodh aimh ghuineach ad laimh fir oig.

Bu tu 'n, &c.

Bhiodh sgiath bhreac na 'm ball dluth,
 Air gairdein gaisgieil mo ruin,
 'S paidhir dhag ort nach duilt ri h-ord.

Bhiodh, &c.

Bhiodh lann thana gheur ùr,
 'S i gun smal oirr' o'n bhùth,
 Gearradh chlaigne a's smuis a's feoil.

Bhiodh, &c.

Cha b'e 'n t-iasaid a bh' ann,
 Ach siol na 'n Righrean o 'n Spainnt,
 Ga 'm bu lionar sgiath 's ceann-bheart oir.

Cha b'e &c.

'S e mheudaich m' airtneal's mo ghruaim,
 Na cinn fheachd ud dh' fhalbh uainn,
 Na fir ghasda bu chruaидh 's an toir,
 'S e mheudaich, &c.

B' ann diu 'n t-Alasduir treun,
 O Cheapaich na 'm peur,
 'S bha e barraicht air cheudaibh sloigh.

B' ann diu, &c.

Siol na 'n Colla bha treun,
 Sdiuradh loingeas fo bhreid,
 'S ard a shloinninn thu 'n ceim na dho.

Siol na 'n &c.

Lean thu 'n duthchas bu dual,
 Dhol gu dluth anns an ruaig,
 O 'n t-sliochd chliuiteach da 'n gluaiste strol.

Lean thu, &c.

'S ann ad theaghach nach crion,
 Chluinnte gleadhraich na 'm pios,
 Bhiodh fir mhor ann comh stri ag ol.

'S ann ad, &c.

'G eisdeachd eachdraidh na m bard,
 Agus caismeachd luchd dain,
 'S e bu chleachda bhi d' laimh an t-or.

'G eisdeachd, &c.

DAN GAOIL.

BHRUADAIR mi 'n raoir 's mi 'n chadal,
 Mi fhin a's mo ghaol bhi 'n leabaidh,
 'Sa nuair a dhuisg mi anns a mhaduinn,
 Ochoin ! gur bruadar a bh' agam.

Cadal cha 'n fhaigh mi no suain,
 Cha ghluais mi aidhear no ceol,
 Mo leigheas cha 'n eil e aig Leigh,
 Ach agad shein a mhaighdionn og.

Mhaighdionn og gur tu mo léigh,
 Amhairec ort fhein a's dean a choir,
 'S na leig dhomhsa bhi dol eug,
 Is furtachd dhomh fhein do phog.

Mu 's ann gu mis' a chuir eug,
 Rinneadh do bheul corcair ciùin,

Mu 's ann gu mis' a chuir bas,
Rinneadh do lanh 's do dhreach ùr.

Da shuil ghorm fo d' chaoin rosg,
Da chos gheal nach dochainn brog,
Molaidh mi thu a reir mo bheachd,
Eibhinn duit a mhaighdinn oig.

Eibhinn duit a mhaighdinn oig,
Is millse pog sa 's gile deud,
Cha 'n fhacas le fradharc mo shul,
Bean nach tu am flur thair cheud.

Nach tusa am flur thair cheud,
Rugadh 'sa Ghreig na 's an Roimh,
Mur tusa nighean Righ Greig,
Cha 'n idir mi fhein co thu.

CUMEA Aonghuis oig, Moir-fhear Ghlinne Garaidh, agus e bhi air a mharbhadh le urchair thuitimis, a mach air uinneig anns an Eaglais-bhric, le fear do na saighdeirean aca fein agus e glanadh a ghunna 'n deigh a bhlaир sin, am bliadhna 1745. Le bean Achadh-uaine.

Fonn.—Gaoir na 'm ban Muileach.

O ! gur muladach oirnne,
Ri am cuimhneach' a Choirneil,

Ceannafeadhna Chlann Donuill,
 Ri am catha no comhruig,
 'S maирg a chitheadh t-fhuil bhoidheach,
 A bhi taosgadh mu d' bhrogan,
 'S i bhi taomadh gun ordugh air causair.
 'S i bhi taomadh, &c.

Aonghuis oig a chuil dualaich,
 'S ro mhath dh' eireadh gach buaidh leat,
 Gus na chuir iad 'sa 'n uaigh thu,
 Gu 'n robh Tearlach an uachdar,
 Bha do bhuillean cho cruaillh leis,
 'S nach robh pilleadh da uair ac',
 Air mo laimh gur tu bhuaileadh 'n abdhansa.
 Air mo laimh, &c.

Aonghuis oig a chuil channaich,
 'S na 'n calpannai geala,
 Tha do shlios mur an eala,
 Mur la greine gun smalan,
 Tha do cheile 'n deigh sgaraidh,
 O 'n la chuir iad thu 's talamh,
 O 'n la dh' eug thu, Righ! b' ainneamh a gaire.
 O 'n la, &c.

Sinne dh' fhaodadh a radhainn,
 Na 'm faigheadh tu laithean,
 C' ait an robh e Mac mathar
 Ris nach seasadh tu aite,
 Dhol a 'dh' iarruidh na h-àraich,
 Na bhualadh do namhaid,
 Bhiodh luchd chotacha maduir dheth cailte.
 Bhiodh luchd, &c.

'Nuair a rachadh tu t-eideadh,
 Fo bhreacan am feile,

Thigeadh claidhe fo d' sgeith ort,
 Cuilbheir caol air dheagh ghleusadh,
 Air mo laimh bu mhor t-fheum leis,
 Dhol a bhualadh na 'n ceudan,
 Bhiodh fir Shasunn ag eigheach na h-ainneart,
 Bhiodh fir, &c.

Nuair a thogte leat bratach,
 Bhiodh lamh dhearg leat a's bradan,
 Fraoch dughorm na ghagain,
 Aig fir ura gun taise,
 Nach gabh curam na gealtachd,
 As na trupairean fhaicinn,
 Gheibhte cunradh do chlaigne gearrte.
 Gheibhte cunradh, &c.

Cuis bu mhath le Righ Deorsa,
 O 'n ka dh' inntrig an tos thu,
 Thu bhi dhith air do sheorsa,
 Dh' fhalbh iad uile mur cheo uait,
 O 'n la chuir iad fo n' fhoid thu,
 Nach d' fhan dithisd diu 'n ordugh,
 Och mo chreach ! nach bu bheo thu an la sin,
 Och mo chreach ! &c.

Cha bhiodh Diuc Uilleam,
 Cho trom oirnn' 's cha b' urrainn,
 O 's tu sheasadh gach cuntart,
 'Sa bhuaileadh na buillean,
 Na 'm fuireadh an gunna,
 Gun do bhualadh o'n uinneig,
 Gu'n robh Tearlach an Lunnainn roimh 'n ama so.
 Gu'n robh Tearlach, &c.

Dhomhsa b' ainneamh ri fhaotainn,
 Fear a dh' innseadh dhomh t-aogas,

Da ghruaidh dhearg mur an caorann,
 O thus barraich gu fraoch ort,
 Suil chorragh a t-aodann,
 Beul tairis 's e faoilidh,
 Och na 'n och ! tha do dhaoine dheth cailte.
 Och na 'n och ! &c.

Chraobh a b' aird' bha fo 'n adhar,
 'S i fo bhilath 'n deigh a crathaidh,
 Mur bha 'n luaidh 'n deigh do sgathaidh,
 Thug sud uaitse do labhairt,
 Beart bu chruaidh 's ann le t-Athair,
 Thu bhi uaithe gun t-fhaighinn,
 Och mo thruaigh ! tha do cheathairn a t-iondrain.
 Och mo, &c.

Dheagh Mhic Alasdair Mhor-thir,
 Ghlinne Garaidh a's Chnoideart,
 Fhuair thu 'n staoil' ud as t-oige,
 'S b' airidh air ri do bheo thu,
 Olc air mhath le Righ Deorsa,
 'S le Uilleam mur chomhluath.
 Thig t-oighre dhachaidh le solas o bhealltuinn.
 Thig t-oighre, &c.

Cha 'n fhaod sinne bhi 'g acain,
 Mu thig Alasdair dhachaidh,
 As a phriosan tha 'n Sasunn,
 O 'n Tur-uaine as na glasaibh,
 O 'n tha 'n saoghal so cleachdadh na h-ainnear.
 O 'n tha 'n, &c.

'S ioma duine bha bronach,
 'Nuair a chual iad an Coirneil,
 Bhi na shineadh gun chomhradh,

'S fhuil chraobhach a dortadh,
 'S i a sileadh m'a bhrogan,
 Bha daoine uaisle dheth bronach sa 'n am sin.
 Bha daoine, &c.

ORAN air Coirneil Dhuinidh.

BEIR mo shoraidh thair a bhealach,
 Dh' fhios an oigeir ullamh ealamh,
 Foinnidh fearail sugach.

Beir mo, &c.

'S tu 'm fear buidhe bachalach,
 Na 'n ciabh casbhuidhe,
 'S math thig ad os cionn do chasaig,
 Beul o 'm blasd thig sugradh.
 'S tu 'm fear, &c.

'S tu ogha 'n armuinn,
 Uasail, statail,
 Theireadh cach riut,
 Ogha 'n Fhrangaich,
 Aghaidh thlath gun smuirnein.
 'S tu ogha, &c.

'S tu mac an Athar,
 As glan caitheadh,
 'Sa bha fialaidh ri luchd tathaich,
 Deagh fhear tighe 's duthcha.
 'S tu mac, &c.

'Se sud a b' fhasan,
 Duibh sa mhaduinn,
 Piob ga spreigeadh mu na geataibh,
 Toirt dhuibh caismeachd dùsgaidh.

'S e sud, &c.

'Sa 'n am ar braicfeast,
 Fion ga scapadh,
 'G ol deoch slaint a piosaibh glasa,
 'S fidhlean daitht toirt ciuil duibh.

'Sa 'n am, &c.

'S co an duine chuireadh mulad,
 Air an leaghan thapaidh ghuineach,
 Nach biodh tuille 's diumbach.

'S co an duine, &c.

Bidh Clanna Chamshroin,
 Leat 's gu 'n earbainn,
 Luchd na 'n cuilibheirean 's na 'n targaid,
 Teachd fo 'n armaibh dubait.

Bidh Clanna, &c.

Thig deagh Mhac Shimidh,
 Leat 'sa chinnéach,
 Na fir gharga, bhorba, ghuineach,
 Gheur na 'm buillean dlutha.

Thig deagh, &c.

Thig Mac Antoisich,
 Leat sa 'n t-ogra,
 'S teaghlaich Aonghuis mur bu choir doibh,
 'S Leathanaich choire chuirteil.

Thig Mac Antoisich, &c.

Thig fear Dhungalain,
 Leat 'sa charraid,
 'S deagh Mhac Dhonuill duibh o 'n daraig,
 Cairiseach le dùrachd.

Thig fear, &c.

Thig Mac 'Ic Iain Ghlinne Comhunn,
 Tighearna Ghearrloch agus Ghrathaich,
 'N am do chlaidhe rusgadh.

Thig Mac 'Ic Iain, &c.

Na 'm biodh mo neartsa,
 Mur tha m' aigne,
 Bhiodh an Coirneileir na chadal,
 A nochd an Caisteal Duinidh.

Na 'm biodh, &c.

Ach o nach can mi,
 Na bheil air m' aire,
 'S o nach bard mi no fear ealaidh,
 Soraidh leibh 's mo dhurachd.

Ach o nach, &c.

ORAN le fear d' a leannan, agus i air posadh fir
 eile nuair a bha e air falbh as an aite.

Fonn.—Tha mulad orm fein,
 Mu 'n sgeul nach d' fhaod mi a chleith.

FHIR dh' imicheas mu 'n cuairt,
 Beir an t-soraidh so uam os 'n aird,

Dh' fhios na h-ighin so shuair mi,
 Cairdeil 's mi 'm bhuachuille bà ;
 Thug ise geallamh as ùr,
 Chaideh an comunn air chul a bha,
 'S ann tacan roimh 'n uair,
 A mhealladar uam mo ghradh.

A nighean, ciod am fath,
 Mu 'n do chuir thu mo ghradh air chul ?
 Gun chuimhn' air mur bha,
 O 'n ghlac thu air laimh 'm fear ùr,
 Mar thaisbein thu 'n gaol,
 Thug sinne mar aon an tus ;
 Cha chreidinn choidhch beul,
 'N deaghaidh mar dh' eirich dhùinn.

Beir an t-soraidh so uam,
 Thair bharraibh, thair stuagh, thair chaol,
 Gu bean og a chuil duinn,
 Cha robh ise dhuinn mar shaoil,
 Thug mise dh' i gradh,
 Measg cuideachd gu brath nach sgaoil,
 'S Bidh mo naimhdeas gu buan,
 Do 'n fhear a chum uam mo ghaol.

Ma ghlac thu e 'd dhòigh,
 'S nach d' fhaod thu bhi beo gun fhear,
 Gu'n do chuir thu fo d' bhonn,
 'N gaol a thug sinn gu trom o shean,
 Gu 'n do thagh thu dhuit fein,
 'M baolastair treun mur fhear ;
 Na 'm falbhadh tu leom,
 Gu 'n orduichinn saoi ad char.

O ! 's mise bha 'n geall,
 Air do phearsa 's cha n' ann air spreidh,

Air do chuideachda chaomh,
 Cha d' thug sibh riamh gradh do 'n bhreig,
 Chaidh mise gle og,
 N-ur caidribh 's bu choir sibh fein ;
 B' e m' aidhear 's mo mhiann,
 Bhi 'n tasgaidh n-ur lion gu m' eug.

A chiall na'n ciall,
 Gu 'n d' fhiosraich mi riamh do ghnè,
 B' e m' aidhear 's mo mhiann,
 Bhi 'n acraichean dion do chleibh,
 Sugradh do bheoil,
 Na 'm faighinn gu m' ordugh fhein,
 Na 'm faighinn gu m' mhiann,
 B' e m' aidhear bhi 'n riaghait do laimh.

Mur chraobh as teallaich,
 Tha 'n ainnir a 's aille suidh,
 Blas meal' air do phoig,
 Beul meachair nach d' fhoghlum breug,
 'S e mheudaich do chliu,
 'S a shlanuich co dluth do dheid,
 Shlanuighear na 'm buadh,
 Cha 'n aicheinn nach tu mo leigh.

O 'n tharladh mi 's tu,
 Thoir thairis co dhiu is fearr,
 Tha thus air dol réidh,
 'S tha mis air an fheill mar bha,
 Gheibh mise dhomh fein,
 Mo raoghainn do the no-dhà,
 'S bidh tusa gun speis,
 Aig balach gun fheum gu brath.

O 'n tharladh mi 's tu,
 Bu lughайде leom an cas,
 Na 'n cluinninn deagh chliù,
 Air an fhear thain' as ur am àit ;
 Na 'm b' organach treun,
 Bhuaileadh speic ann am blar,
 Ach sugradh mo ghaoil,
 Bhi aig umaidh mar chaoirich bhain.

Cumha Ceann-cinnidh na 'n Granntach, agus e bhi
 gu tinn ann an Sasunn,

Fonn. O ! gur muladach oirnne,
 Ri am cuimhneach' a Choirneil, &c.

'S mor bhron 's mo thruime-lighe,
 Chuir mo shuilean gu snithe,
 Dh' fhag sud toll ann mo chridhe,
 Nach leighis aon lighich,
 'N sgeul a chualas air Tighearna Ghrannta.
 'N sgeul a, &c.

Toiseach dligheach na 'n Spèitheach,
 Uasal aìgionntach treubhach,
 Glic misneachail ceutach,
 Da 'n robh misneach thair cheudaibh,
 'S tigh lagha, 's gu 'm b' fheumail an camp thu.
 'S tigh lagha, &c.

Tha mac Cailein 's Iarl Einne,
 Lan truime mu d' dheighinn,

'S beag an t-iongnadh dhoibh fein sud,
 Ursainn chàtha nach geilleadh,
 Dh' fhag do chinne mor fhein ann an campar.
 Dh' fhag, &c.

Mo bheud thu bhi 'n Sasunn,
 Fo thiamhachd na h-easlaint,
 'S do thur bhaile caisteil,
 Bha nà dhuthchas aig t-aiteam,
 Bhi as aogais do phearsa na bhànntraich.
 Bhi as aogais, &c.

A laoich chosgàra, ghargail,
 Bu nòs leat bhi armail,
 'S tric m' osnaich o 'n dh' fhalbh thu,
 A Righ! prosnuich a dh' d' Alba le shlaint thu.
 A Righ! &c.

Chunnaic mise ge b' og mi,
 Ioma cuilm a stigh mhor sin,
 Damhsail, urramach, ceolar,
 Mnaithean 's fleasgaichean oga,
 'S iad gu furanach ceolmhor a damhsa.
 'S iad gu, &c.

'Nuair a sgaoileadh tu bratach,
 Mu thimchioll do gheata,
 'S ioma sonn agus gaisgeach,
 Ghrad fhreagrachd a chaismeachd,
 'Nuair dh' aithneadh iad lasann na 'n ceannard.
 'Nuair, &c.

Luchd na 'm flasgaichean fùdair,
 'S na 'n cùibheirean dùghorm,
 Na 'n claidhnean cùile,

Na 'n dag air ghleus ùra,
 Bhiodh sgiath na m'-ball dluth ar gach aon shear.
 Bhiodh, &c.

'S ioma organach treubhach,
 Bu mhaiseach fo fheile,
 Lubadh deas air chul sgeithe,
 Ghrad fhreagradh an eighe,
 Tha fo mhulad mu d' dheighinn 'sa 'n am so.
 Tha fo, &c.

Sud am bosd as 'n do ghin iad,
 Dol le ordugh 'n Ceann cinnidh,
 Ann an dóruinn na 'n iomairt,
 Gun ghoruich gun ghiorrág,
 Cha bu dochas doibh pilleadh gun ainneart.
 Cha bu, &c.

A'ch a Righ a shuidhich an garadh,
 Dh' orduich meas agus blàth ann,
 O 'n a chinnich na h-armuinn,
 Cuir le h-iochd na 'n càs orr an ceannard.
 Cuir le h-iochd, &c.

ORAN air teachd **PHRIONNSA THEARLAICH,**
Le te mhuinntir Lochabar.

Fonn—'S e latha Raon-Ruairidh, &c.

'N ULAIDH phriseil bha uainne,
 'S ann a fhuair sinn an drasd i,
 B' i sud an leig bhuadhach,

'Ga ceangal suas leis na grasan ;
 Ged leig Dia greis air aghairt,
 Do 'n mhuic bhi cloothach a t aite,
 Nis o 'n thionndaidh a chuibhle,
 Theid gach traiteir f' ar sailtean.

Slan do 'n t-saor rinn am bàta,
 Thug sabhailt air tir thu,
 Slan do 'n iùldfhear neo chearbach,
 Thug do dh' Albuinn a ris thu,
 B' e sud am preas toraidh,
 Thug an sonas do 'n Rioghachd,
 'S lionar laoch thig fo d' chaismeachd,
 Bheir air Sasunnaich striochdadh.

Slan do 'n uachdran ghasda,
 Dh' shalbh bhar na Ceapaich di-haoine,
 Rinn an cruinneacha' rioghaile,
 Chuir fo fhiamh iad le muigheadh,
 Bha da Dhonull ri d' shlinnein,
 'S do chuid gilleann cha b' fhaoin iad,
 H-uile aon mar bu luaithe,
 'S cha robh uath' ach an saothair.

Ursainn chatha a chruadail,
 Thug thu dhualchas o t-Athair,
 Dia g' ur cumail an uachdar,
 Chosnadh buaidh anns gach latha,
 H-uile fear theid g' ur congnadh,
 Ged b' ann le comhrug a chlaidhe,
 Gu 'n robh Criosd agus coir leis,
 Chur Righ Deors' as a Chathair.

Thighearna oig o bhun Airceig,
 Ceannard feachd thu nach geilleadh,

Sibh fein 's fir a Bhraghad,
 Chuir ur nadur ri cheile,
 Dà chraoibh chosgar a chruadail,
 Air thoiseach sluaigh a rìnn eiridh,
 Aig a bhaile agus uaithe,
 Ur neart an guaillibh a cheile.

Thig dream foghainteach fearail,
 A Gleanngaradh 's a Cnoideart,
 Na cinn-fheadhna nach pilleadh,
 Nach gabhadh giorrag roimh chomhruig,
 Gu borb, armailteach, lionar,
 Rachadh sios ann ad chomhail,
 'S maирg a tharladh fo 'r buillibh,
 Shiол na 'n curainean coire.

Shir Alasdair uasail,
 Nach gluais thu air t-aghaidh,
 Leam 's fada tha t-fhuireach,
 Gun bhi air thuras na 'n deighidh,
 Le d' bhrataichean lionar,
 'S ioma ciad a th' ann a t-fhaodhaid,
 O 'n bu dual duit bhi fuileach,
 Leig do chuilein air aghairt.

Tha do chinneach fo mhulad,
 Fath t-fhuireach 'sa 'n uair so,
 O 'n 's ann uilinn ri uilinn,
 Bu mhath gach spionnad gu cruadal,
 Ciод a chuis tha fo 'n chruinne,
 Ris an cuireadh sibh gualainn,
 Nach biodh sibh 'n ur 'n urrainn,
 A chlacha' mullaich na buannachd.

Chlann Ghriogair a chruadail,
 O 'n bu dual duibh bhi tapaidh,

Fhuair sibh roimhe ur diteadh,
 O luchd ur mioruin gun cheartas,
 So an t-am dhuibh bhi dusgadh,
 Thoirt ur duchas fein dachaidh,
 'S ged 's fhad o 'n tha chuing oirbh,
 Theid na Guimhnich f' ur casaibh.

'Nuair theid gach cinne ri cheile,
 Eidear Sleibhte 'sa Cheapach,
 Eidear Uithist a's Muideart,
 'S Mac Iain Stuwart na h-Apunn,
 Bidh a Ghaidhealtachd uile,
 Gu treun fuileach 'sa bhaiteal,
 'S ged nach tigeadh na Guimhnich,
 'S beag ar suim do 'n phachd ud.

Sgrios le claidhe gun dearmud,
 Air gach cealgaire breige,
 Tha o dhuine gu duine,
 Cuir bun anns an eucoir ;
 Nis o 'n thainig an Rionnag,
 Teannaibh uile ri cheile,
 'S leibh clach mhullach a chausair,
 Anns gach aite g' a 'n d' theid sibh.

Bha 'n Sleanaileir gòrach,
 Tigh'n a chomhrug na 'r n' aghaidh,
 'S teann nach islich e shron,
 Ged thig e sporsail air aghairt,
 Ach na 'n cumadh e chomhail,
 Mur bha ordugh a cloothair,
 Bu lionar fear casaig,
 Gun cheann, gun chasan, gun fhradharc.

Deanaibh cruald a's misneach,
 'S ann a nis a tha 'n t-am ann,

O 'n thainig an solus,
 Thogas onoir na h-Alba,
 Fhir a sgaoil a mbuir ruagh,
 'Sa thug fuasgladh do dh' Abram,
 Bi mur gheard air a Phrionnsa,
 Air a chuit 's air a phairtidh.

ORAN do dh' ALASDAIR MAC COLLA;—Le
 Diorforguill N' Ic a-Bhriuthain bh'ann an Luinn
 an Lathurn-iochdrach.

ALASDAIR a laoigh mo cheille,
 Co chunnaic no dh' fhag thu 'n Eirinn,
 Dh' fhag thu na miltean 's na ceudan,
 'S cha d' fhag thu t-aon leithid fhein ann,
 Calpa cruinn an t-siubhail eutruim,
 Cas chruinneacha' 'n t-sluaigh ri cheile,
 Cha deanar cogadh as t-éugais,
 'S cha deanar sith gun do reite,
 'S gar am bi na Guimhnich reidh riut,
 Gu 'n robh an righ mur tha mi fhein duit.

E ho, hi u ho, ro ho eile,
 E ho, hi u ho, 's i ri ri u,
 Ho hi u o, ro ho o eile,
 Mo dhiobhail dith na 'n cinn fheadhnaidh.

Mo chruit, mo chlarsach, a's m' fhithioll,
 Mo theud ciuil 's gach ait am bithinn,
 'Nuair a bha mi og 's mi 'm nighin,

'S e thogadh m' inntinn thu thighin,
 Gheibheadh tu mo phog gun bhruthinn,
 'S mar tha mi 'n diu 's math do dhligh' oirr'.
 E ho i u'ho, &c.

Mhoire 's e mo run am firein,
 Cha bhuauchaille bho 'sa 'n innis,
 Ceann feadhna greadhnach gun ghiorrug,
 Marcaich na 'n steud 's leoir a mhire,
 Bhuidhneadh na cruintean d'a ghillean,
 'S nach seachnadh an toir iomairt,
 Ghaolaich na 'n deanadh tu pilleadh,
 Gheibheadh tu na bhiodh tu shreadh,
 Ged a chaillinn ris mo chinneach,
 Pog o ghruagach dhuinn an fhirich.

E ho i u ho, &c.

'S truagh nach eil mi mur a b' ait leam,
 Ceann Mhic Cailein ann am achlais,
 Cailein liath 'n deigh a chasgairt,
 'S a 'n Crunair an deigh a ghlacail,
 Bu shunndach a gheibhinn cadal,
 Ged a b' i a chreag mo leaba.

E ho i u ho, &c.

M' fheudail thu dh' fheara' na dile,
 'S math 's aithne dhomh do shloinne innse,
 'S cha b' ann an cagar fo 's 'n iosal,
 Tha do dhreach mar dh' orduich Righ e,
 Falt am boineid tha sinteach,
 Sar mhusg ort no cuiliobhair,
 Dh'eighe geard an cuirt an Righ leat,
 Ceist na 'm ban o 'n Chaisteal Ileach,
 Dorn geal mu 'n dean an t-or sniamhan.

E ho i u ho, &c.

Donullach gasda mo ghaoil thu,
 'S cha b' e Mac Dhonnchai Ghlinne faochann,
 Na duine bha beo dheth dhaoine,
 Mhic an fhir o thùr na faoileachd,
 Far an tig an long fo h-aodach,
 Far an oilte fion gu greadhnach,
 'S mo dhiobhail dith na 'n Cinn fheadhna.

E ho i u ho, &c.

Mhoire 's e mó run an t-oigeir,
 Fiughantach aigionntach sporsail,
 Ceannard na ceathairne moire,
 'S mise nach diultadh do chòradh,
 Marr-ri cuideachd no am onar,
 Mhic an fhir o 'n innis cheolar,
 O 'n tir am faighe na geoidh-ghlas,
 'S far am faigheadh fir fhalamh storas.

He ho i u ho, &c.

Bhuailte creach a's speach mhor leat,
 'S cha bhiodh chridhe tigh'n a t-fheoraich,
 Aig a liuthad Iarla a's Mòr-fhear,
 Thigeadh a thoirt mach do chòrach,
 Thig Mac Shimidh, thig Mac Leod ann,
 Thig Mac Dhonuill duibh o Lochaidh,
 Bidh Sir Seumas ann le mhor fhir,
 Bidh na b' annsa Aonghus og ann,
 'S t-fhuil ghréadhna fein bhi ga dortadh,
 'S deas tarruing na 'n geur lannaibh gorma.

E ho i u ho, &c.

'S na 'n saoileadh cinne t-athar,
 Gu 'n deanadh Granntaich do ghleidheadh,
 'S ioma fear gunna agus claidhe,
 Chotainn uaine 's bhreacan dathail,

Dh' eireadh leat da thaobh na h amhunn,
Cho lionar ri ibhte an draighin.

E ho i u ho, &c.

Ged tha mis' am phaiste suarach,
Thall sa bhos mu uisge Chuain so,
Na 'm biodh mo chrobb air na buailtean,
Mo ghreigh a taoghal na 'm fuanan,
'S mo chaoirich gheala ga 'n cuartach,
Ruibeinean ceangal mo ghruaige,
Gur lionar fear a bhithte luath rium.

E ho i u ho, &c.

Mhoire 's iad mo run an comunn,
Luchd na 'n cul buidhe a's donna,
Dheanadh an t-iubhar a chromadh,
Dh' oladh fion dearg na thonnadh,
Thigeadh steach air mointich thollaiddh,
'Sa thogadh creach o inhuinnтир Thomaidh.

E ho i u ho, &c.

Cumha do SHEUMUS MAC-A-PHEARSAIN *, fear
Ràt am Baideineach; Le Donnacha Mac
Aoidh, no mur chomh ainm, Donnacha Gobha.

CIA sibh a luchd aobhair?
Nach caoin sibh ur bochdainn,

* The translator of Osian's Poems.

Cha do dhealaich an t-aog ruibh,
 Gun fhiach a shaoithreach a chosgairt ;
 'S mor dosgainn na dùthcha,
 Dh' easbhui' cliùth agus fortain,
 'S mor is miste mi fhein e,
 Tha mi leughadh dheth rosad.

Shalaich an sannt ud ur cridhe,
 Cha dean cuibheas na 's leoir duibh,
 O nach tigeadh Elias,
 G' ur nigheadh an Iòrdan,
 Bheir sinn aite dh' Iehàbha *,
 Gus an naraich e beo sibh ;
 Leanaidh an luireach ur fardach,
 Mur grad thionndaidh sibh dochas.

'S aobhar mulaid d'a thuath e,
 Bhi mu 'n cuairt da na luidhe ;
 Ach cha 'n aithnich iad muthadh,
 Gus an turlaing an t-ath-fhear ;
 Math dh' fhaoite nach diu leis,
 Aon suil thoirt g'a 'n amharc,
 Ach an orduch' air faontradh,
 'S fear na daorsainn a ghabhail.

'S aobhar mulaid do t-uaislean,
 Bhi mu 'n cuairt do d' chorp flathail,
 Ged a ghabhadh tu gruaim,
 A nithe suarach gun chathadh †,
 'Nuair a lasadh an curam,
 Fad a null thair an amhuinn,
 Bu mhath ann air an cul thu,
 Chuir an cùisean gu tabhuill.

Bu tusa athair na 'n àsran,
 A dh' àrach na 'n dileachd,
 'Sa thogadh an aird iad,
 Do chairdean na 'm b' fhiach iad,
 'Sa ghleitheadh dhoibh an rathad,
 Gu fraigheadh na Criosdachd,
 'Sa ghleitheadh am *franc* dhoibh,
 Cho fada ri 'n sgriobhadh.

Chuir e or ann 'sa 'n talamh,
 Nach caraich fear feumach,
 'S nach urrainn fear rapach,
 A sgapadh o cheile,
 Tha e sgríbht' aig Mac Mhuirich,
 Ga chumail ri cheile,
 Thun an t-siolaig a b' isle,
 Bha e dileas da Iarlach.

'S math dh' aithnich e 'n saoghal,
 Gu 'm bu mhaorach neo ghlan e,
 Mur cheo anns a ghaoidh e,
 A chaochlais mur fhaileas,
 Bha thuigs' ann an réusan,
 Ri diol deirc agus aithridh,
 B' e chuibrinn a b' fhear dheth,
 Nach b' urra 'm bas thoirt o anam.

Chuir e chridhe 'sa chomus,
 An co-chomunn ri cheile,
 Sgrios e iomhaidh na h-airce,
 Sios o rampair a phélis,
 Rinn e cuilm ann na * luicheirt,

Thug e trusadh gu leir dhoibh,
 Bha e mur shéula 'n am siothchai,
 Bhi ri iobairt na reite.

A Righ gur bochd a tha mhuinntir,
 'Nuair a dh ionnsaich e riamh dhoibh,
 Bhi cluith air na h-urlair,
 Bha sgùirte le siabunn,
 'N diugh coimhead a phèilis,
 Mur sheann duine liath i,
 'S nach faic iad ri 'n saoghal,
 Fear aogais g'a riaghladh.

B' e urla nà maise e,
 Ri fhaicinn na eideadh,
 B' e rionnag a ghliocais,
 Anns gach cuideachd an eight' e,
 B' e ciobair a chinne,
 'S e lan giorrag mu 'n deighinn,
 'Sa 'n tim shuidhe na Parlmaid,
 'S mor an call doibh gu 'n d' eug e..

'Nuair bhiodh e air faiche,
 Ann an *coidse* na 'n séusa,
 B' e ordugh na botail,
 A chost agus eigheach,
 Ach 's e 'n togail mu dheireadh,
 A fradharc 's na céisean *,
 Bhios mur chuimhne do 'n t-seana-chloinn,
 Gu bhi ga sheanchas ri cheile.

* That he was covered with three different coffins,—a coffin of the fir of Glenfassy next his corpse, and that covered with a lead coffin, and a coffin of mahogany above all; which were his orders before his death.

Ged a gheibhinn e sgribhte,
 Na miorbhulean rinn e,
 'S na chost e dheth nith,
 Cur malailì air an oighreachd,
 Do na h-ailleagain pliriseil,
 Nach robh diomhain gun fhioinn doibh ;
 'S dubh a bhoile dhomh innseadh,
 'S nith diomhain duibh fhaighneachd.

Bha mise ga bheachdach,
 Na 'm b' aithne dhomh innseadh,
 O latha a bhaistidh,
 Gu latha a chriche,
 Ann an Albuinn na 'n Sasunn,
 Mur saltair mi 'n fhirinn,
 Cha b' aithne dhomh leithid,
 G'a chaitheadh 's ga dhianadh.

'Nuair mhiannaich sinn airgiod,
 Thainig meall oirnn gun fhios duinn,
 Lamh an t-sonais ga sgaoileadh,
 Nach do chaoin ann n' ar measg e,
 Ach tha moran dhiu 'g radh,
 'S beag is fearda na 's miste,
 Sud mur mbolar an t-armunn,
 Chuireadh plàst r' ar bristeadh.

Ged shirinnse deonach,
 Leis an eolais a rinn mi,
 Eidear caolas *King-horn*,
 Agus crò Ionmhuraora,
 Eidear geat' Ionmhurlochaidh,
 Agus Deo * uisce-speith so,

* Deo; Inver, or where water runs into the sea..

Cha 'n fhaiginn a leithid,
Dh' shear tighe ann am féileachd.

B' e thioma ri mnaithibh,
Na bh' air a dh' athais no dh' éucoir,
No na b' urrainn siol Adhamh,
A charadh ri chreubhaig,
Ach rinn trocair sin dha-san,
Nach d' fhailling 's nach steinneadh,
'S mar thruailleachd an fhasaich,
Gu 'n d' fhag e na dheigh e.

'S lionar baintighearna ghasda,
Mar shneachda na h-aon-oidhch',
Bhios ag iondrain a thlachda,
Aiteas, 'sa chainnte,
Bhios a deoiribh a frasadhl,
'S iad a tachairt air adhlaic,
Ach 's e aobhar an rachdaidh,
Nach glac iad air laimh e.

Gur a h-eiginn dhomh stad dheth,
Tha laigs' ann mo chuimhne,
Cha leir dhomh na 's faide,
Mu fhasan an oighre,
Ach ma thig e g'a dhuthaich,
Le a chuit ann an caoinhneas,
Bheir mise car fhathasd,
Air ratha na cuibhle.

Aon mhile, seachd ciad,
Siath diag a's trificheud,
Air feasgar diciadain,
Do 'n ath-mhios thainig bristeadh,
Fhuair e 'n-suman' a Ràta,

O 'n bhas le *comisein*,
 Dhol a Lunnainn do 'n àraich,
 Gu la bhrath as nach d' thig e.

Bu mhor a mheas a's ard urram,
 Air clach mhullaich a chausair,
 Le sholusa' ceire,
 Ann na choinnleirean airgid,
 Ann an Abailt na 'n Righrean,
 Na sheassadh dileas na 'n *rancan*,
 'S gu latha na criche,
 Gheibh sibh sgribhte fearr ainm ann.

Ma tha coigreach 'sa 'n lathair so,
 A dh' fhaerdeas m'a dhéighinn,
 Na stuic as an d' fhas e,
 'Nuair a thar e cho speiseil,
 Mac Muirich a b' aille,
 Chuir fa shailtean na ciadan,
 B' ann gu 'n sonas a bha e,
 Na 'm bu dail gu bhi liathl dha.

Bha beannachd a mhathar,
 A slanugh' a chreuchdan,
 Agus beannachd luchd cearde,
 Bha iad craiteach mu dheighinn,
 Beannachd bhochd agus tuatha,
 Aig an uan so chaidhe cheusadh,
 'S tha Leighich am Pharais,
 'S thug e slainte do Sheumus.

ORAN do DHONULL bànn MACDHONUILL duibh,
 Tighearna Lochiall ; Le Alasdair Camashron
 Dhochanasai' n Lochabar.

So deoch-slainte mo ghaisgich,
 'S coir a faicinn ga lionadh,
 'Sa cumail an cleachdadadh,
 Mur fhasan a-rireadh ;
 H-uile fear leis nach ait i,
 Fagam easan an iota,
 Bhi ga h-ol gur h-e b' annsa,
 Mas a branndaidh no fion i.

Mas a branndaidh math cruaidh i,
 Druid a nuas i ga feuchainn,
 'S gu 'n cuirinn lan cuaich dh' i,
 A suas fo chlar m' éudainn,
 'S olc an obair do chairdean,
 Bhi mi-ghradhach mu cheile,
 'Sa h-uile fear leis an aill i,
 So deoch slainte na'n réubal.

'Sa Dhonuill oig Abraich,
 Do shlaint' gu 'm faic mi mu 'n cuairt i,
 'N t-og firinneach smachdail,
 Nach robh tais an am cruadail,
 'S beag iongnadh an t-ardan,
 Bhi gu h-ard ann ad ghruaidhean ;
 'Sa liuthad ful rioghail,
 Tha sioladh mu d' ghuaillich..

Gur lionar ful fhrasach,
 Th' air a pasgadh fo d' leinidh,
 O shliochd Mhànuis Mhic C'airbridh,
 Bha gu h-armailteach treubhach,
 Le sgiathaibh breac dubait,
 'S le 'n lùiricheann treuna,
 'N am dhoibh dol anns' an iomairt,
 Cha b' e tilleadh bu bheus doibh.

Gur lionar do chairdean,
 Ann an Albuinn ri 'm feuchainn,
 'S car' thu dh' oighre na Dreòllainn,
 'S do Shir Donull a Sleibhte,
 Do Mhac Shimidh na 'm bratach,
 Nach robh tais an am féuma,
 Dh' eireadh Eoghun og Chluainidh,
 'Sa shluagh leat gun éuradh.

Gu 'n eireadh Diuc Pheairt leat,
 'S ard Mharcus na h-Einne,
 Mur sud as Clann Chatan,
 Le 'n glas lanna' geura,
 Mac Mhic Raoghnúill na Ceapaich,
 Le phrasgan glan treubhach,
 'S Mac Iain Stiubhairt o 'n Apuinn,
 Ceannard feachd e nach geilleadh.

'S tha thu cinnteach ad chinne,
 Anns gach ionad an d' theid thu,
 'S maирg dh' fheuchadh an ascaoin,
 Cha bu tais an am feum iad,
 Gu h-armach, acfuinneach, rioghail,
 'S cha n' e striochdadhbh bu bheus doibh,
 'S le farum an lamhaich,
 Gu 'm biodh an naimhdean gun éiridh.

'S dearbhadh air sin, Sliabh Chlamhain,
 Gu 'n d' fhuair sibh barrachd an cruadal,
 Thug thu 'n duthchas o d' shean'air,
 B' ard cheannard air sluagh e ;
 Tha mo dhUIL ann 'sa 'n Trianaid,
 Mas a nith thig gu buaidh e,
 Gu 'm faic mi thu 'd Dhiuca,
 'N deigh an crun ud a bhuanachd.

Là na h-Eaglais bh' aig Hàlaidh,
 Thug sibh barr air a bhuidhinn,
 Nuair a thionndaidh na naimhdean,
 Na 'n siath *rancan* 'sa bhruthach,
 Dhuit cha b' iomurla 'n cruadal,
 Ghlac thu 'n dualchas bu chuibhe,
 'Nuair theann do chinne ri cheile,
 Ghabh na beisdean mu shiubhal.

Cha b' e siubhal na slainte,
 Bh' aig a ghraisg ud a teicheadh,
 'S ioma cota ruagh maduir,
 Bh' ann 'sa 'n arach gun leith-cheann,
 Agus slinnein o 'n ghlualainn,
 Agus cnuac chaidh a leagail,
 Le luths na 'm fear laidir,
 Ghabh an t-ardan gun eagal.

'S maирг a tharladh riu crosgach,
 'N am dhoibh tachaирt ri namhaid,
 'S mo ghaols' air an toiseach,
 Craobh chosgaирt a bhлаir thu ;
 'Nuair a thogte do bhratach,
 Le fir ghasda neo sgàthach,
 'S ann le luths 'ur gaoirdein,
 Bhiodh luchd beurl' ann 'sa 'n arach.

ORAN do 'n fhreiceadan dubh Ghaidhealach ;
 Le Alasdair Mac Griogair Maigh'stir-sgoil an
 Dul, Apuinn a Mheinnearaich.

Air sonn an siubhail fein.

FAIGHEADH cliuth o gach rann-fhear,
 Gu ceolar 's gu binn,
 An dubh fhreiceadan Gaidhealach,
 Dh' araicheadh 's na Glinn ;
 Cuimir' fuasgalte' finealta,
 Slainteil 'sa chom,
 Fearail, ceansgalach, críadalach,
 Treun agus trom.

SEISD.

'S gu robh buaidh leis na seoid,
 Ghuinneach gharg agus bheo,
 Chaidh do bhuillsgein na 'm Frangach,
 Mur dhaimh dol 'sa cheo,
 'S nach d' fheuch fhathasd cul,
 Do 'n dream nach robh leo,
 Oir cha striochd sliochd na 'n Garbh-chrioch,
 A's annt-san an deo.

'S math thig breacan an fheilidh,
 Gu leir' do no suinn,
 Osain ghearr air an calpanna',
 Domhail, geal, cruinn,
 Iteagan dorcha, air slios gorm uigheam cheann,

Sud i éideadh na 'm blar,
 'S cha b' i 'n té fhada theann.
 'S gu robh buaidh, &c.

'S ceart a labhras iad canmhuin
 Na h-Alba o chian,
 Mur a bha i aig Fionn,
 Agus Oisein gu dian,
 Cha do ghluais thun na tuasaid,
 'Sa choidhch iad cha ghluais,
 Gun am bolg-fheadan meur-thollach,
 Fhuaimneach na 'n cluais.

'S gu robh buaidh, &c.

Cha tearc gabhadh a's àit
 As an d' thainig le buaidh,
 Gaisgich chalma na co'ruig,
 'Sna 'n dluth bhuillean cruaidh,
 Roimh diomhanas saobh,
 Aidhear, 's aoibhneas a thaobh ;
 Bhi deanadh an saorsa,
 An duthchas 'sa 'n lagh.

'S gu 'n robh buaidh, &c.

'S ioma deuchainn a fhuair,
 Na fir ardanach bhras,
 O nach geilleadh dhíu lamh,
 'S nach tionndadh dhíu cas,
 O nach faodadh gu 'n caochladh,
 An dualchas na 'n cleachd,
 Leis an d' fhagadh gun samhla ;
 An sinnsreadh 'sa ghleachd.

'S gu robh, &c.

Mur bhíath mhaduinn shamhraidh,
 Iad ciùin ann an sìth,

Ach mur gheamhradh na 'm beann aca,
 Geur ann an strìth,
 Sgaiteach, gruamach, a luaithreadh,
 Na 'n naimhdean le feirg,
 Ga 'n cas ruagadh 's ga 'n sguabadh,
 A àraichean dearg.

'S gu robh buaidh, &c.

Cha 'n eil iongnadh ni 's mo,
 Ruith dhàsan nach geill,
 Bhi mur dhearbh corp marbh,
 Gu 'm bu ghann e da cheil ;
 Seach an Ti leis nach b' fhearr,
 Gun an eigni bhi slan,
 Casadh riusan a suas,
 A ta millteach a's dàn.

'S gu robh, &c.

Mur is gairge an namh,
 Mur is cruidhe an cath,
 'S ann is airde 'n sin inntinn,
 Luchd trusgan na 'n dath ;
 Tha 'sa 'n doruinn a fàs,
 Ainm mor dhoibh air fad,
 Leis an reub, leis am mill,
 Leis an claoïdh iad gun stad.

'S gu robh, &c.

'S i so 'n fhirinn gu dearbh,
 Air gach seoil agus doigh,
 'S ga comh-dhaingneach gu dìlinn,
 Bidh la *Fontanòi* ;
 Sud an la a thug ainm,
 Dhoibh an tùs auns an fbeachd,

Bha an run uile dìleas,
 Do 'n Righ 's do gach reachd.
 'S gu robh, &c.

Chaidh an sàrach' 'sa 'n leon,
 A bha 'n ceud charraig teith,
 Aig Tecanteròca,
 Ged a chaill iad an leith,
 Na sheas, bhuanach leo congnadh,
 Na dh' aom gu ro threun,
 Rinn a cho' strith sò rioghail iad,
 Nuas feedh gach linn.

S gu robh, &c.

Rinneadh gniomhradh leo,
 Anns' gach tir chum an deach',
 Bhios na 'n iongnadh, 's na 'm mìorbhuite,
 Gu brath do gach neach ;
 Cha leig an saoghal air dearmad
 An treubbantas gu sìor,
 'M feedh bhios speis agus mor-mheas,
 Do shaighdeireachd fhior.
 'S gu robh, &c.

Ach co cheolraiddh na 'n teangair,
 Is oirdheirce th' ann ?
 'S urrainn innse mur bhuanach,
 'Sa 'n Eiphit a chlann,
 Luaidh neo-ghann, gathan lann,
 Sleaghan chrann chaidh gu luath,
 Am fir do bh-cheannsach do chàch,
 O na h-armuinn o thuath.

'S gu robh, &c.

As na gairdeana' lùth-chleasach,
 Feitheach, ghrad leum,

Goimh a's bas a chuir miltean,
 O chainnt a's o fheum,
 Ghabh na saoithean 'sa 'n am,
 Mire 'n t-searbh-chath a's conn,
 Dol troimh dhuintean a's àr-chlosach
 Naimhdean le fonn.

'S gu robh, &c.

'S glan a dh' éirich am buaireas,
 Air comhlan an àigh,
 Le léir-sgrios chaith Frangaich,
 A bhualadh gun bhàidh ;
 Thuit gach aon air an lar dhiu,
 Na sheimh chadal buan,
 'S thug na Gaidheil leo an stròl aca,
 Nall thair a chuan.

'S gu robh, &c.

Mur so buaidh leis gach seoid,
 Ghuineach, gharg, agus bheò,
 Theid do bhuillsgein na 'm Frangach,
 Mur dhaimh dol 'sa cheò,
 'S nar fheuch iad an cul taobh,
 Do 'n dream nach bi leo ;
 O nar striochd iad gu siorruidh,
 A's annt-san an deo.

'S gu robh, &c.

ORAN le AILEIN MAC DHUGHAILL, no mur cho' ainm, Ailein buidhe na 'n oran, tuathanach bha ann an Gleann domhain Taobh-lochatha, agus e ag iomadan an deigh na 'n companoch, a bha posadh agus a falbh anns 'sa 'n arm, ri linn Phrionnsa Thearlaich.

Fonn. Ged a tha mi 'n so am chriban ; le D. Ban.

'S mi am shuidhe air deisir a għlinne,
 Gun tuille ann do ghillean oga,
 'S beag an t-iongnadh mi bhi fo mhulad,
 Dh' fħag am miofhortan mi 'm onrachd,
 Ciod an stath dhomh bhi ga bhrujdhinn,
 Bu chompanach ro chridheil coir thu,
 'S cia b' e thig a' t-aite ridhisd,
 'S clach an ionad uighe dhomhs' e.

'N diugh 's ann leam gur a duilich,
 'S gnothach muladach am posadh,
 Chaill mi mo chompanach tuille,
 'S cha 'n fhaigh duine rùn mo chòraidh,
 Mire cha dean mi ri cruinneig,
 'S cha toir maighdeann chuimir pog dhomh,
 Chaidih a għlas għuib air mo mħuineal,
 Cha seinn mi luinnejag no oran.

Cha tog m' inntinn ri fidhill,
 Thuit mo chridhe fo dholas,
 Dh' fhas mi ceann-riabhach mur chuileig,
 Chuir aix mulud culaidh bhroin orm,

Cuimhneachadh mur bhimid cuideachd,
 'Sa chuireachd am bimid comhl'a,
 Leiginn riut 's cha chluinneadh duin' e,
 'S gheibhinn t-fhuran gus 'n do phos thu.

Gur bochd an reachd a tha n' ar duthaich,
 Bhi toirt dhiu na 'n gillean oga,
 'S coimhdheis fear coibe leo no suisde,
 Na fear nach do chuir ùidh ann ain posadh,
 Eidear siath-deug a's tri fichead,
 'S coinhdheis leo miotalt no fleodar,
 Le corr 's tri chait a dh' iarunn sgriosaidh,
 'S i leannan na misnich nighean Deorsa.

Cha do chuir mi ùidh 'sa 'n leannan,
 Ga 'm biodh an anail gun seal sroine,
 Chuireadh luaidhe għlas na deanna',
 'Nuair lubte mu 'n taruing an ordag ;
 Gar mor a b' annsa leam an cailein,
 Cho chaol mala 's ibht' an lòin-duibh,
 Ga 'm biodh an stiom air son anaird,
 'Sa lamhannan geala mu dornaibh.

Ach għlak mi 'n sin smuaintin aithgħearr,
 'S chuimhnich mi sean fhacal neonach,
 Gu 'n cuir duine snaoim le theangaidd,
 Nach fuasgħil ionga no ordag,
 'S rud eile ga 'n tug mi 'n aire,
 Nach gille-mirein am posadh,
 'S nach leighis aithreachas breamas,
 Ma ni fear dhiu gnothuċċ gorach.

D' fħag iad sinn mur choin air fuighlich,
 O 'n a chaidh na cuibħrich oirnne,
 Brigid ga druideadh m' ar cuinseir,

'S iall ga dunadh mu chul ar toine,
 B' annsa luidhe mach 'sa 'n oidhche,
 Na gu 'n cuirte cruinn an crò sinn,
 'S e achd is measa bh' ann r' ar cuimhne,
 Bhi g' ar cuir air luing do 'n Tòlaid.

Chuala' mi eachdraidh mur sheanchas,
 Gu 'n robh aig an Righ seana-dhàll eolach,
 'S rainig mi e dh' iarruidh comhairl' ;
 Cionnnus thaghainn mnathan oga,
 Nochd mi dha m' aodann a's m' aghaidh,
 'S thagh mi dha raogha mo chòraidh,
 O 'n fhuair e gliocas an doinhabit,
 Chuir a ghnothaichean an ordugh.

Bha 'm bodach gu samhach tosdach,
 'S e 'g osnaich air feadh a sheomair,
 Smuainteachadh air fear mo choltais,
 Choisich an t-asdar mor sin,
 Gu 'n robh mi cho ladurna dhana,
 'S thigh'n an lathair fear a chota,
 'S na 'n innseadh e bbarail saor dhomh,
 Gu 'n sgaoilinn e air an oigridh.

'S rud beag eile bha ormsa 'n daille,
 Nach robh soilleir dhomh as m' oige ;
 Co dhiu b' fhearr dhomh luaths no maille,
 Na 'n robh coire dhomh sa phosadh,
 Sin 'nuair a labhair Giollasbuig,
 Cha chron duitse smachd na h-òige,
 'Sa 'nuair nach gabh iad ann 'sa 'n fheachd thu,
 Gu 'n seasadh do mhac an seorsa.

Gur a tric mi ann an iomaguin,
 Agus cuir-iomachuir orm an comhnuidh,

Bhi giùlan gunna agus urachair,
 Nach deachaidh riámh ri cuimse sheoladh ;
 Ach na 'm faighinns' air a mhaoisleach fuireach,
 Am fasach 's nach cluinninn ri m' bheo e,
 Co dhiu bhiodh innte brais no giorrag,
 Chostainn dusan buill' an ord r'i.

'S e chum mi cho fad air an rathad,
 Eagal meathaíd 's gun bhi eolach,
 'Nuair thig am dhomh dol a luidhe,
 'S beag mo shunnd ri mnathan oga,
 Fasaidh nio cheann trom le cadal,
 O 'n chleachd mi bhi luidhe 'm onrachd,
 'Sa 'nuair nach deanainn cleas fo 'n phlaididh,
 Gu im biodh ise 'sa mhaduinn sròn-ard.

Ach ni giullan feum le dhurachd,
 'Sa chùis so gar 'n d' fhuair e fhoghlum,
 Obair gu dian air a ghlùinean,
 Aois agus tùr ga sheoladh,
 Ise air a druim gu h-umhal,
 'S easan air an sdiuir na onrachd,
 Ionnairidh mhor, luath as fuchdadhbh,
 Séitil agus ùinich mhor orr.

Latha dhomh 's mi siubhal romham,
 'Sa 'n rathad nach robh mi eolach,
 Chunnaic mi cama-chraos a bhothain,
 'S e gach latha 'm feum a chonhdach ;
 Chuala' mi glaodh aig a bhochdainn,
 Sgal-chuill aig docair ri dòlum,
 Clann ag caoidh, mnaith ag osnaich,
 Gur h-e 'n tigheadas chost an stròas.

Bidh ise gu cuibeineach odhar,
 'S bidh esan na ghobhainn duhh dòithe,

Am paist' cha 'n fhear e na 'n oibhisg,
 'N urra 's foghainntich do 'n t-seorsa ;
 'N te sin bha gu ruibeineach dreiste,
 Gu h-urar, fasanta, lomhar,
 Shruth i mur shobhrach ri fras sneachda,
 Shuidh a's sheachd i leis a phosadh.

Nuir chunnaic mi meud na trioblaid,
 Cheannaich mi brigis mhath chloithlein,
 Agus putain laidir mhiotait,
 Amhchunnan gu 'n diochdadh cord romp ;
 'S thug mi mionnan ard ri m phiostal,
 Na 'm bristeadh e gin do 'n t-seors ud,
 Gu 'n ceannchainn mogan glaise thiotadh,
 'S nach biodh e cho tric co shron-ard.

ORAN toirt comhairl do ghillean oga na tuatha,
 torhsainn ri 'n coimpirean fein, agus diomoladh
 na 'm ban uaisle. Le Ailein Buidhe.

Fonn.—'Se latha Raon Ruairidh, &c.

BHEIRINN comhairl air gach fleasgach,
 Tha 'n airde teas agus tuath dhiom,
 Iad thoirt lamh air an seise,
 'S gun bhi streap ri mnaoi uasail,
 O 'n tha sinn chomhnuidh 's na gleanna',
 'S gach earrach tigh'n cruaidh oirnn,

Ge math gréus chuir air anard,
B' fhearr dhuinn banarach buaile na te dhíu sin.

Gur h-ioma gille tha luidhe,
Gun bhean tighe gun triallachd,
Gun trom inntinn ach aidhear,
H-uile latha 'sa bhliadlina,
Aig ro mheud an amhairc,
'Mac 'sa 'n t-athair cho chiatach,
'N te gheibhear cha ghabhar,
'Sa 'n te nach fhaighear's i dh'iarrar mur eil e glic.

Gur h-ioma gille ro fhalamh,
Is aithne dhomh 'm eolas,
Thagh diasanach caileig,
'N teas a fala 'sa feola ;
'S ma tha e gun airgiod am bannaibh,
Gun chrodh ballach gun storas,
'S lamh chuir an toiseach na h-aimirt,
Dhol ga cheangal ri leoideig le ruibein breac.

Mas a fleasgach Ian boch thu,
Tagh do stochd 's do nith gluasaid,
Tagh da reir sin do leannan,
Mu 'n d' theid i tharad an uabhar,
Mas aill leat bhi socair,
Thoir bean a toiseach na tuatha,
Gur h-ioma fear chaidli a mhealladh,
Le dol an lann-fhuil na 'n uaislean's le ara-mach.

Tagh aobhrach mna tighe,
Bhios gu mathasach suairce,
Thogas laogh agus gamhuin,
'S ni crodh a's aighean a chuallach ;
Ma bhios 'n da cheaird air a lamhan,

Nar a lughaid ort uair i,
 Mu nj i gu ro mhath,
 Nigheadh, dreasad, a's fuaitheal, a's grinneas
 bhan.

Faigh deas i na pearsa,
 Air a cleachdainn ri fuaradh,
 'Sa bhios eolach air deisir,
 'Sa sheasas air tuathair ;
 'S mu ni i gu ro mhath,
 Greidheadh cartadh a's buain duit,
 Bidh tochar do mhnatha,
 Tigh 'n gach lath' air do bhuaillidh le cinneas math.

Gluais gu siobhalta farasd,
 'S dean do mhalairt measg tuatha,
 'S bi geur-shuileach ad sheallamh,
 Air gach caileig mu 'n cuairt duit,
 'S feuch an dean thu deagh aithne,
 Mu 'n tarruing thu suas r' i,
 Gur h-eunag ur ghlan i,
 Nach tilgear breamas na tuaileas ort as a leith.

Na tugadh tàir do na focail,
 Air son an stochd as 'n do bhuaing iad,
 Ged tha goraich na chlaiseann,
 Agus aigne so għluasaid ;
 Ge b'e bheireadh geur bharail,
 Air carachd an t-sluaigh ud,
 'S tric bha comhairlean ro mhath,
 'N ceann an amadain għuanaich bu don' air bith.

ORAN a moladh na 'm ban uasal, agus a diomalaadh na 'n cailean; Le Ailein Buidhe ceudna.

Air fonn oran na h-aoise.

'S MOR mo mhulad gu bràth,
 Cha chluinnear mo dhàn,
 Tha aithreachas a ghnà ga m' théumadh ;
 Bhi cuir chailean an àird,
 Ann an urram thair chàch,
 'S gun ach burrainnean làidir bréun annt ;
 Tha mise fo phnàmh,
 'S gu 'm fuiling mi 'm bàs,
 Aig ro mheud mo nàir mu 'n déighinn ;
 Mur gabhar gun dàil,
 Mo leith-sgeul ri càch,
 Gur breisleach bha 'n àite céill orm.

B' annsa maolanach og,
 Bhiodh staoigheas ga coir,
 Chumadh suidheacha comhnard cleibh oirr' ;
 Le gùn a's le cleoc,
 'S dreas do dheanas a meoir,
 A's ruibein ga chomhdach glé theann ;
 Gar 'm faighinn lea stor,
 Cha bhithinn ga bhrön,
 'S gu 'n tigeadh air da sheol ri chéile ;
 'S i 'm falachd cho mor,
 Gur taic i ri m' bheo,
 Ga m' sheasadhbh an coir 'sa 'n éucoil.

Bidh ise gu cruinn,
 Air cuibhill na still,
 Cuir uigheam ro ghrinn air éudach ;
 Fuaim roitheán na 'n deann,
 A's piurna le srann,
 Cuir cadal am cheann ga 'n eisdeachd ;
 Greis eil' air *Jack reel*,
 Cuir chutaichean cruinn,
 A bhuidhinn a ghill le gleusdachd ;
 Le h-orain cho grinn,
 'S gu 'm bu bhinne guth cinn,
 Na fithioll cuir fonn le teudan.

'S chumainn caile f'a laimh,
 Thuigeadh gach ceàird,
 Anns gach srath agus ard da 'n d' theid i ;
 Chuireadh fodar air aird,
 'N co' uigheam ri cach,
 'Sa dheanadh am barr a ghreidheadh ;
 Sheasadh sabhal a's amh,
 As ruideal na laimh,
 Dheanadh gabhail a's caramh na spreidhe ;
 Ghlacadh bara a's gràp,
 'Sa chuireadh dùnan air aird,
 'S dheanadh ùbraid laidir treùn duinn.

Ach mas bean leat nigh'n bodaich,
 Bh' aig doimeag ga togail,
 Gun fhaoileachd gun fhosgladh ri tréun fhear ;
 'Nuair thigeadh do charaid,
 Bhiodh gruaim air a malaidh,
 'Sa da shuil dol an ceannaibh a cheile ;
 'Nuair thigeadh chuideachd a thograinn,
 'S gu 'm bu spurt cuij d' ar n' obair,
 'Sa bhimid lan sodain le cheile,

Dheanadh a chaile gu h-obainn,
 Cleas na caoracha dodaich,
 Breab a bhualadh 'sa ghogan le breine.

Bhiodh mo chridhe fo bhron,
 Aig an dubh-chaile mhoir,
 Nach tuigéadh a chóir seach éucoir ;
 Ged bheireadh i stroic,
 Air obair na 'n dorn,
 Fhad sa chumainnse seol air bréineig ;
 'Nuair thigeadh tra nón,
 Bhiodh a tigh-sa na fhroig,
 Le dorchadas mor gun leirsinn ;
 Bhiodh a chaile na steoc,
 'Sa da laimh m'a glun mór,
 'G amharc eidear dha fhoid air érleig.

Cha bhiodh tuille ri fhaicinn,
 Dreach duin' air do phearsá,
 'Nuair gheibheadh i glas leis a chleir ort ;
 Bhiodh a chaile na cadal,
 Gun chuibheall bhi aice,
 Gun mhoch-eiridh mhaduinn 'n ain éiridh ;
 Gun chota gun bhreacan,
 A b' shiù do dhuin' fhaicinn,
 Latha math clachain nó féille ;
 'N ait' bhi 'sa 'n phasan,
 Le anarda' dreisde,
 Gu 'm bu duibhe na 'n phasair do léine.

Ach na 'm faighinns* beath ùr,
 A thuigeadh mo rùn,
 Ged bhiodh cuid-thruim na cùise bu treim orm ;
 'Nuair thigeadh fear ùr,
 'N am dheanadh an fùl,

Gu 'm foghnadh dhomh 'n t-suil a chéugadh ;
 'Nuair dh' eireadh i suas,
 'Sa chithinn a surd,
 Gu 'n eireadh mo shunnd r'a beusan ;
 Bhiodh ise 's b' e 'cliùth,
 Gu freasdalach dhùinn.
 Olc mhath ga 'm biodh a chuis da reir sin.

Gluais leá o aois t-òig,
 Gu faicilleach còir,
 Gun mhionnan, gun bhòsd, gun bhréugan ;
 Cum na faithntean mur 's còir,
 'S thoir gu daingeann do mhoid,
 Nach brist thu le d' dheoin aon te dhiu,
 'Nuair thig sumana' oirnn,
 A dh' ionnsaidh a mhoid,
 Gu 'm bath an cuan mor ar 'n éucoir ;
 'S ged tha failling n' ar feoil,
 Gu 'n d' rinn sinn do 'n choir,
 Na choisneas gloir da reir dhuinn.

ORAN molaidh Cruaich Narachain, le Ailein
 Buidhe.

AN t-urram do Chruaich Narachain,
 Seach fearunn tha fo 'n għrein,
 'M bi earbaichean le meannaibh,
 An glaic annasaich leo fein ;
 'S tric bha aobhar ghaire,
 Na 'n ruith roimh fhasach reidh,

Gaodhar bus-dubh mairt,
A's bochd laidir ceann dearg treun.

Gur tric ad ghlacan uaine,
Damh eangach 's luaithe ceim,
Gu cabrach, ceànnard, guanach,
Croiceach, 's uallaich ceim,
'S gur h-ioma fleasgach uasal,
Theid do 'n Chruaich na 'n deigh,
Le ghunna air a ghualainn,
'S le chuilein uain air eill.

Gheibhte sud a' t-àrd bheanna',
Na tàrmuchain 's na féidh,
An gleannaibh caol a fàsaich,
'S iad àilleasach air féur ;
Am fridh na 'n eilid cràdh-dhonn,
Bhiodh an àl na 'n déigh,
An damh a dol 'sa 'n càmhair,
Le a langan ard a leum.

'S bidh air gach tom, blar cathachaidh,
Gach cearc le h-aidhear fein,
'S gur h-ioma fear gun chlaidhe,
Bheir crathadh air a sgeith ;
'S aig meud an spurt bhi 'ga 'n amharc,
Cha 'n fhaighear chuir an ceil,
Bhiodh ciad luchd ceileir aidhearach,
Roimh' latha seinn am beus.

'S 'nuair dhireadh sealgair sunndach,
'Sa mhachuinn chùraidh chéit ;
Thogail ris na stùcan,
Far 'm biodh fear ciùil gun téud,
Gur moch a ni e urnaigh,

A sior thoirt cliuth do 'n ghrein,
 'Sa leannan air a chùla,
 'S cha lub i glùn g'a ghéard.

Thá Loch ad mhullach còmhinnard,
 Le a chlàdach bòidheach réidh,
 'S am bradan lannach geòbach,
 A' snamh le steòirn gu treun,
 Tarr buidhe mur òr air,
 A's giùran neonach reidh,
 'S e gu h-iteach seolta,
 Ri cuileig mhoir a leum.

'S i sud a Chruach bha ainmeil,
 'N tighe foirmeil bh' aig an Fheinn,
 Le 'n teaghlaich mor bha aincheartach,
 'S le 'n gillean meaninnach treun,
 Bha dusan tigh 'sa 'n talla ud.,
 Anns gach rum da aingeal deug,
 'S b' e 'n cunntas 'n am an garaidh,
 Mu gach aingeal fear a's ceud.

Latha dhomh 's mi cuartachadh,
 Na cruaich ud 's mi leam fein,
 B' iongnadh leam 'nuair chuala' mi,
 Inneall mur fhuaim theud;
 Ceol iollagach 's déagh fhuaim aig,
 Bu bhinneas cluas domh fein,
 Mur chluig chiùil a bualadh,
 No fithioll 's nuallan béus.

A's chunnacas cuideachd uallach,
 Dol suas r' a fear breig;
 Ciad smeorach le fead chuaiche,
 Ciad druid bu luaithe beul,

'S gach eun le 'n ceileir guanach,
 Cuir suas air gach teud,
 'S gu ma fearunn buan i,
 Do Dhonnacha Ruagh-na-seik.

ORAN bo dhaoine uaisle dh' fhag an duthaich air
 chuaireat; Le Ailein Buidhe.

MAOLACHADH a's Cailein Chruachain,
 dh' fhalbh uainn comhlà,
 S tric mi farraid ciod is gluasad
 do 'n da oigeir,
 Cha d' fhag iad an leithid mu 'n cuairt,
 do ghillean oga,
 Ach iad bhi amайдeach gu gruagaichean
 a phogadh.

An treasa fear cha 'n fhag mi diochuimhn,
 Màistir Cailein *,
 Chaidh e 'm falach an Loch-fine,
 's shluig muc mhar e,
 Liubhradh air traigh Lit' e
 gu bhi na mharaich,

* This gentleman was a young student; but preferring the occupation of a sailor to that of a minister, he put off his clothes on the shore of Lochfine, to make his friends believe that he had drowned himself, and went off to Leith, where he engaged himself to go to sea.

'S raoighnich e claidhe chinn Tlich,
air a chrannaig.

So beannachd o Sheumus Rudail,
la run slainte,
Le eibhneas thu thigh'n a rithisd,
do dh' Earraghaidheal,
Seas air t-ais le teistneas ceart,
o neart do namhaid,
Breab a ghealtachd air eagal maslaidh,
thoirt do t-àite.

'S gabhaidh theich e gun aobhar eagail,
le theann ruathar,
Thug e freiteach ris an éaglais,
ghabh e fuath oirr';
Gur truagh sgreadal luchd teagaisg,
mu na bruachan,
Glaodhaich air-san, e ga'm freagairt
as na cuantain.

Mur thug a mhuc mhar a Ninibhi,
'm faigh Ionas,
Ghlac long bhuiineadh do Shasunn,
stigh air bord e,
Feitheadh ri fulangas Iob,
'n am a dhoruinn,
Mur thain' e ruisgte thun an t-saoghail,
d' fhalbh an t-oigeir.

Cha do thuig Seanadh Earraghaidheal,
aobhar fhuadaich,
Sgeul a thainig da ionnsaidh,
bha ro chruaidh leis,

Gu 'n do reubadh leis na Frangaich,
 Cailein Chruachain,
 'S nach robh coltas air a choluinn,
 tighin uaithe.

Sin 'nuair dh' fhalbh Maistir Cailein,
 le aon ruathar,
 Na oighre air an fhaidh, Elija,
 thoirt o uaighean,
 'N tanam a leum as a choluinn,
 fad choig uairean,
 Fhuair an duine so le aon athchuing,
 Air ais a nuas e.

'Nuair a dh' eirich iad le h-aidhear,
 na tri Ghuimhnich,
 'Sa chaidh Cailein a leigheas,
 o'n chneadh phuinnsein,
 Mas a fior do dh' fbear mo nuaidheachd,
 bhrigh mo chuimhne,
 Gu bheil iad a damhsa fhathasd,
 an teas ruidhlidh.

Beannachd Sheimis an Druim-daraich,
 a null d'a 'n ionnsaidh,
 'S e cuimhneachadh a mhór fhalachd,
 do Righ na Frainge,
 'Nuair chuir e Tearlach thairis,
 air bheagan campa,
 Ar daoine shein bha sinn a' gearradh,
 measg ar naimhdean.

Mheud 'sa dh' fhalbh uainne thairis,
 leis a Phrionnsa,

Iochd a's trocair da'n aham,
thugaibh dhoibhsean,
Geallaibh dhoibh fein an cùid fearuinnt,
gu ro thaingel,
Còir o laimh an Righ 's Mhic Cailein,
do gach aon-fhear.

Ma thig Diuc sin Pheairt n'ur caraibh,
Moir-fhear Drumad,
Lochiall mor 'sa ghilleann geala,
's na dh' fhalbh leis uile,
Cuiribh tonn bhaitht air gach falachd,
o linn Sliabh 'n t-Siorram,
'S gu 'm b' fheard Alba ri am cabhaig,
an da churaidh.

'S ma thainig bas orr' gu h-aithghearr,
thug uainn uil iad,
Tha againn s'héinn d'a 'n cairdean mairion,
daoine duineil,
Na chuireas Righ Déors' gu h-ealamh,
na sheilbh ullamh,
Olaidh iad deoch slaint' a ghallain,
na Righ an Lunnaidh.

'S teaghlaich rioghail Mhic Ic Ailein,
na 'n arm guineach,
Gheibhte n' ur còt arin-air a' ghearradh,
lamh dhearg fhuileach,
'S ioma laoch bu' ghaig an caraid,
nach iarradh gunna,
Lann chlaiseach dhubhorm g'a tarruing,
toirt buaith urram.

Agus failtichibh Mac Lachuinn,
o 'n Fhraing churta,

Fear Innis Chonuill an Caiptein

Mur do thuit e,

Ge math leibh Tearlach na 'm bratach

thoirt duibh furtachd,

Papanraig is fearr leibh agaibh,

ach 's annsa Cuigse.

Ma bhios fear air bith a farraid,

mu fhearr m' ainm-sa ;

'S mise Seumas an Druim-daraich *,

thuirt an seanchas ;

Mi shliochd dhireach Ghlinne Garaidh,

o thus m' aimsir ;

'S nar a slan do dh' fhearr na fanaid,

thuirt ruinn Cama-bheul.

ORAN suireadh, le Ailein Buidhe,

THA mi ga m' phianadh,

'S mi 'g iarruidh chaileagan,

Cha 'n fhaigh mi 'm bliadh'n' iad,

Ma 's fhiach mo bharail-sa,

Cha toir iad domhsa,

Geallamh posaidh,

Le gainne storais,

'S mi gorach aimideach.

* This poet very often charged others with composing the songs which he had composed himself.

Na m' biodh mo chòraichean,
 Air an deanadh daingeann domh,
 Le tuille storais
 A's seol air fearunn doibh,
 Da dhusan bò,
 Barr coirce 's eòrna,
 Da ghearran òga,
 Làir mhòr a's searach aic.

Cha n' eil gill' og,
 Gheibh greim do 'n earras ud,
 Nach aill leis posadh,
 Ri maighdeann fharumaich ;
 Cha chuirinn geall ruibh,
 Ge mor 'ur mangnus,
 Nach eil sibh 'n samhradh,
 An t-saoghal shalaich so.

Ach 's duilich ciall,
 Chuir ann 's na h-amadain,
 Tuigse 's riaghailt,
 Cha 'n fhiach leo leanaitl ris,
 Ach bhi leigeil sriantain,
 Le 'n ana-miannaibh,
 'S gu bheil trian diubh,
 Aig toirt an aire dhoibh.

Tha sinne gorach,
 Ro cheolar amaideach,
 Air feill na 'n coisridh,
 Bhios moran bannail ann,
 Ma chi sinn sgòdag,
 Le ceap a's cloca,
 Ma tha i boidheach,
 " 'S i sud mo leannan-sa.

Gur té 'sa chiad,
 Bhios ciallach banail diu,
 Mur easgunn liathghlas,
 An cliabh lan nathraichean,
 Thoir lamh g'a h-iarruidh,
 Ad dha dhusan bliadhna,
 'S le sdiùradh ciallach,
 Gu 'n dean thu aithn' oirre.

Na tagh leoideag,
 Bhios mor mur mhaireist ort,
 Air bheagan storais,
 Ach seorsa falachd innt',
 Ma bhios i sonruichte,
 Dh' ionnsuidh sgrobaidh,
 Gu 'n toir i 'n roibein,
 'N taobh eile 'n teallaich dhiot.

Gur mor a b' annsa,
 Te narach bhanail diubh,
 Nach cumadh canran,
 No dràndan teallaich rium ;
 Bheireadh gradh dhomh,
 Le gean 's le gàire,
 'S gu 'm b' iad mo chairdean,
 A b' fhearr lea thoileachadh.

Cha 'n iongnadh failing,
 Bhi anns na boinionnaich,
 'N nuair thig iad cearr oirnn,
 Bu choir an cronachadh,
 Mur rinn ar Slan'ear,
 Chiad bhean 'sa gharadh,
 Gu 'n d' aom i Adhmh,
 'Nuair bhuaир an donus i.

ORAN le Ailein Buidhe ; 'nuair chaidh e cheann-
ach an tombaca.

TURAS chaidh mi sios an gleann,
'Sa 'n tombac bhi gann oirnn' shuas ;
Rainig mi 'n tigh an robh 'n leann,
'S ghlaodh mi air dram gu luath.

'S e sin thuirt Deorsa Chuil-Phail,
Thainig an traigh 's cha b'i 'nuair,
Cha n' eil againn do stuth blath,
Na chuireas dhiot grain an fhuachd.

Ach tha nigh'n dubh na 'n srad air dàir,
'N aon bhò 's fearr tha mu 'n cuairt,
'S cha 'n fhada dhuit feitheadh r' a h-àl,
Mas a bard thu sheinneas duan.

Bha ann Tearlach Bheàlach na 'n sachd,
Duin' eil' air nach fhacas gruaim,
Duine deas dìreach gun mheang,
Mur digte air cam a bruaich.

Shuidh sinne 'n sin n' ar triùir,
Air inneal ciùil bu bhinne fuaim,
'S mu 'n do theirig binneas duinn,
Leig i air a glun an ruagh.

Bhuail oirre tinneas an laoigh,
Gnusgaich agus geimních chruaidh,
'Sa 'n aon sine bha as a tarr,
Bha seachd cairt na dhol mu 'n cuairt.

Dheirich bean a chridhe mhoir,
 'S rug i air stop a's air cuaiach,
 Ghlac i 'n t-sine ud na dorn,
 'S fhuair sinn deoch ri ol mu 'n cuairt.

Bha ainm faoileachd na Feinne,
 Do Dhonnacha na feile 's taobh tuath,
 Ach coimeas do Dheorsa Chuil-Phàil,
 Cha 'n eil e 'sa 'n àls' r'a luaidh.

ORAN le DONULL MAC DHONUILL, bard Ionmhuirnise, d'a leannan, agus sgeul bhi air a thogail gu 'n robh i torrach aige, 's e 'g innseadh cho math 'sa bhiodh e dh' i ged a b' fhior mur chaidh a radh.

FHUAIR mi sgéula moch an dé,
 'S cha deach' mi 'n éis ri chluinntinn,
 'S cha d' thug mi geill nach deanainn feum,
 Le gaol do 'n te mu 'n d' innseadh,
 'S cha toir mi fuath dh' i, 's beag mo luaidh air,
 Ged a fhuair mi cinnt air,
 'Sa dh' aindeoin cruadail gu 'n toir cuairt sinn,
 Gheibh sinn uainn ri tim e.

A ghruagach dhonn, ma dh' fhas thu trom,
 Tha mis, air bhonn nach diobair,
 Gu 'n seas mì thu, air bheula cuirt,
 'S cha 'n ann an duil do dhíteadh,

Tha mi air bheachd gu 'n seas mi ceart,
 Ged bheir am parson cìs diom,
 'S gu 'm paighinn daor air ràdh do ghaoil,
 Na 'm fàrainn saor 'sa 'n tì so.

Gu 'm paighinn daor gu t-fhagail saor,
 Mu 'n leiginn t-shaodann' nàrach',
 Air beula cuirt mur fhasan ùr,
 'S nach robh e 'n rùn do naduir,
 Cha n' eil mi 'n dùigh thu dhol na 'n luib,
 Mur d' thig a chuibhle cearr oirnn,
 'S ma chumas airgiod thù o chìs,
 Gu 'n seas mi fhìn a' t-aite.

Gur fad a rachainn ann ad leithsgeul,
 Gu do sheasadhbh cliùiteach,
 'S ghabhainn uile orm an seisein,
 Gu d' leith-trom a ghiùlan,
 'S ged chumadh iad mi ann gun lasadh,
 Gus 'n atadh mo shuilean,
 Mur diobair ceartas mi, cha 'n fhaicear,
 Choidhchh thu ac' fo mhuisig.

A Righ na 'n dul ! nach mi bha 's tu,
 Dol fo na siùil a dh' Eirinn,
 Na thîr eile 's faide uainn,
 Nach d' ruig air suaimhneas fheutainn,
 'S truagh nach fhaicinnse bhi seoladh,
 A's sinn air bord le chéile,
 Gun duil a choidhchh thigh'n air ar 'n eolas,
 Gus 'n Roinn Eòrp na dheigh sin.

Ach cia mur 's urrainn domh bhi beo,
 'S cho mor sa thug mi spéis duit?
 Na cia mur dh' fhaodas mi bhi stoilte

'S mi gun choir air t-fheutainn ?
 Ged fhaighint airgiod na Roinn Eorpa,
 Agus òr na h-Euphaid,
 Cha chumadh e suas mi mionaid uaire,
 'S tu bhi uam gun sgeul ort.

Ach cuis mo chruadail, 's fhaide uam,
 An diugh da uair na 'n dé thu,
 'S ma leanas tu mar sin air luaths,
 Gu 'm bi sinn cuairt o chéile,
 Ach ma thionndaidh thu do shlios rium,
 'S fiosrach mi mur dh' eireas,
 Gur gearr an ùine thamhas tu,
 'Nuair thig do chùl na dheigh sin.

Mas e gun chuir thu rium do chùl
 Ann an duil mo threigsinn,
 Gus an cuir iad mi 'sa 'n uir,
 Cha dean mi turn ad dheighse ;
 Cia mur dh' fhaodas mi bhi saor,
 'S nach dean an saoghal feum dhomh ?
 Mo chridh air fhalach fo do ghaol,
 Gun duil a choidhch ri fheutainn.

Tha gaol na 'm boinionnach o 'n oige,
 Mur an ceo 'sa cheitein,
 Luidbe e ri maduinn dhriùchd ;
 Mhain cho dluth 's nach leir dhùinn,
 Chi mi 'n t-adhar agus beanntaibh,
 Dol an ceann a cheile,
 Ach sgaoilidh e ri ùin ro ghearr,
 Gun fhios cia 'n t-àit an d'theid e.

Gur mor a bh' agam ort do mheas,
 Nach d' thug mi fios do chach air,
 'S o 'n is beart e tha gun fhios,

Cha 'n innis mis gu brath e,
 Gu bheil an sean-fhacal o shinnsear',
 Tighin gu cinnt an drasda,
 Gur faide uam an diugh na 'n dé,
 A bhean nach dteid mi thaladh.

Cha n' eil mo chadal domh ach ciùirt,
 'S cha n' eil mo dhuisg ach cianail,
 Cha n' eil an obair dhomh ach cradh,
 'S cha n' fhearde mi bhi diamhain,
 Cha dean luidhe dhomh ach creuchdan,
 'S cha toir eiridh dhiom iad,
 Cha toir asdar mi gu slainte,
 'S cha 'n phasa tamh no gniomh dhomh.

Ged a tha mi 'n so 'sa ghleann * ,
 Cha b' e bhi ann a b' fhearr leam,
 'S mur b' e cruidhead mo chomannd,
 Bu luath mo dheann ri fhagail,
 Gur fada 'n aimsir tha o 'n uair,
 A chualas bhi ag radhaiinn,
 Gur cruidh an reachd a bhi fo smachd,
 'S bidh mise nochd mur tha mi.

Cha b' e chùis bhi nochd an glais,
 Na 'n tiginn aisde a maireach,
 Ach bhi 's na fiabrais fad sheachd bliadhna,
 Gun la riamh dhiu tearuint ;

* Strathconnan, where the poet then resided, and where he composed a number of excellent songs ; it is the general opinion of all those who know his talents, that, if premiums were given to the best poets, he should be entitled to a first prize among the competitors on the present stage in the north.

Cha robh uair gun chuartach ur dhomh,
 Gur ciuirte rinn iad m' fhagail,
 Nis o 'n lagaich iad mo phearsa,
 Tha mo sgairt air m' fhagail.

ORAN DO DHONNACHA MAC AONGHUIS, da 'm
 bu cho' ainm Donncha na beurla*; Le Iain
 Mac Thearlaich oig, duin' uasal bh' ann am
 Muile.

Fonn.—'Se latha Raon Ruairidh, &c.

CHA n' e goirteas mo shròine,
 Ged tha dòruinn na mullach,
 Chuir m' aigne cho brònach,
 Na mo chòradh fo mhulad;
 Ach sar oigeir na béurla,
 Air gach feill a fhuair urram,
 'N deigh a bhristeadh le beisdean †,
 'S tric bha 'n geimnich am Muile.

Ruigidh bristeadh a Chaiptein,
 Cluasan claisleachd a Phrionnsa,
 Fear a fhrcasdail na airc e,

* This hero proposing to have the Prince crowned after the battle of Culloden with the assistance of three men, blaming those who were at that battle for not doing so when so many of them were together.

† Being formerly a drover, but failed.

'S cha bu tais e mór dhiùnlaoch ;
 'Nuair a théich na bha aige,
 'Sa sgap iad gach aon-ṭaobh,
 Sin 'nuair mhearsail an gaisgeach,
 Le chomhlan ghasda g' a ionnsaidh.

Tha thu shliochd na 'm fear gasda,
 Bha 'm baiteal Chath Gairbheach,
 Rinn tiomna gun taise,
 Agus gaisgeadh le 'n armaibh,
 'Nuair thog iad corp Eachuinn,
 O chasan an naimhdean,
 Air an tuaghannaibh sgaiteach,
 G'a ghiùlan dachaidh roimh 'n Ghalldachd.

'Nuair a spreigte piob mhòr leat,
 'S thu cuir an ordugh do bhrataich,
 'S thu togradh gu comhruig,
 Dhol an còmhail na 'm marcach,
 'Nuair a ruisgeadh tu spòlta,
 Nach robh lodail ri fhaicinn,
 Cha bu shlachdan aig oinnsich,
 Claidhe mor thoirt do 'n ghaisgeach.

'S math thig boineid le fabhar,
 Air cul fainneach donn socair,
 Dol an coinneadh do namhaid,
 Air falair ard na sàr choiseachd,
 Cha b' e fuath Mhic a Mhàili,
 Fear do ghnath na do choltais,
 'N am suidhe 's tigh thairne,
 'S tu gu 'm paigheadh na botail.

'S na 'm biodh Uilleam * a's tù,

Ann an tùs an total,
 Deanadh casgairt le 'r lùth-chleas,
 'S tusa bhuidhneadh an trod ud ;
 Na 'n leigt' thu da ionnsaidh,
 Le d' chlaidhe cùil an ceann socair,
 Gu 'n robh Uilleam le d' shùgradh,
 Call a mhùin an Cuileodair.

Sud na h-airm dhuit a thaghainn,
 'S thu dol air t-aghaidh gu meamnach,
 Gunna, sgiath, agus clogaid,
 'S claidhe socrach an ceanna-bheart,
 Agus ciad do luchd brochain,
 'S na 'n droch chosaga' dearga,
 Chuir a' t-aghaidh gu cogadh,
 'Sa 'n deomhan gog dhiu nach marbh thu.

Cumha Mhaighistir Choinnich 'Ic Coinnich fear,
 a Chnocain Ruaigh, lamh-ri Ionmhuir-feorain,
 duin uasal deth ard fhuil, agus a choisinn cliuth
 thair moran eile, agus is mò ionndrainn anns an
 aite sin deth na chaochail beatha o chionn
 ioma linn ; Le fear airid, mur gu 'm b' ann le
 Coinneach Dingeil, gille bh' aige fhein ré ioma
 bliadhna roimhe bas.

Fonn ; Cumha Huistein 'Ic Aoidh, le Rob Donn.

RICH gur muladach tha mi,
 Ri bhi 'g aireadh ar truaighe,

Mu 'n uasal so dh' fhag sinn,
 Rinn ain bas a thoirt uainne,
 Gur a lionar iad cràiteach
 Nach robh an cairdeas riut fuaighe,
 'S e sud aobhar mo chlisgidh,
 Do chur an citse na h-uaighe.

Tha 'n Cnocan-ruagh so na fhasach,
 O 'n a chaireadh sa 'n uaigh thu,
 'S ged tha sinne dheth craiteach,
 'S goirte caradh na h uasail,
 Do bhanstrach o 'n dh' eug thu,
 'S tric deur air a gruaidhean,
 'S cha 'n iongnadh dh' i fhein sin,
 As do dheigh gur a truagh i.

'S e fath m' acain 's mo dhiobhuil,
 Bhi 'g innseadh do bhuidhean,
 'S cha chuir mi uile an ceil iad,
 Ged bhiodh cleireach ri m' ghualainn,
 'S e ro mheud an eolais,
 Gu bheil e dhomhsa na chruaidh-chas,
 Agus barrachd a mhulaid,
 'Sa 'n tuil air mo ghruidhean.

Bha thu uasal 's bu choir dhuit,
 Gun bhi spòrsail no uaibhreach,
 Cridhe glan mur an *doimean*,
 Gun fhoill na gun fhuath ann,
 Bu tu sheasadh ar coir dhuinn,
 Ann am mod na an cruaidhchasa;
 Anns na chaidhe riut earbsa,
 Cha bu clearbach a fhuaradh.

Bha thu iochdar ri feumach,
 Bha thu deirceach ro thruacant',

Bha thu 'd charaid 'n am feuma,
 Gu ar eiginn duinn fhuasgladh,
 A' t-aobhar eagaif do d' namhaid,
 Sa 'nuair a thàraidh tu buaidh air,
 Ach easán bhi 'n lochdar,
 Sin nuair bhìodh tu ris suairce.

Bha thu 'n urram sa 'm prìs,
 Aig gach iosal a's uasal,
 Ad cheann feadhna math tighe,
 Agus ro mhath do 'n tuaithchearn,
 'S nach feileadh sa mhal iad,
 Ach bheireadh dail doibh a's fuasgladh,
 'S ged bhiodh iad air deireadh,
 Nach cuireadh orr' fuadan.

B' e sud an ceann teaghlaich,
 Bha gu meadhrachail uasal,
 Ann ad thighse cha 'n fhaicte,
 An t-airceas no ghruaimein,
 Bu tu cridhe na faoileachd,
 Bha gu daontachail suairce,
 Bu tu fhein am Mac Coinnich,
 Bha gu loinneil 's bu dual duit.

Leat bu toil a chainnt Ghailic,
 Anns gach abhachd a's duanag,
 Sa 'nuair a sheinneadh tu luinneag,
 Guth bu bhinne cha chualas ;
 Bu toigh leat bardan a's pìobrain,
 'S i do chis nach biodh suarach ;
 'S ged tha do leaba 'n diugh iosal,
 Cha 'n eil e air diochuimhn do shuaирceas,

'S anna' uasal tha 'n drasd ann,
 Sheasas t-aite 'n am cruadail,

Cha robh idir air sloinne,
 Chloinn Choinnich na b' uaisle ;
 Ge mor againne Siophort,
 Cha strìochdadh tu uair dha ;
 'Nuair bhiodh bochdan 'na 'n éiginn,
 B' ann riutsa leughadh iad an cruidh-chas.

Ach an t-Alasdair og ud,
 Tha fiachan mor air a ghuailibh,
 Mu 'n lion e do chota,
 'N am bhi fairneadh na tuaithchearn ;
 Ach tha mo dhuilse ann fathasd,
 Mac an athar bha suairce,
 Air chionn deireadh a bheatha,
 Nach bi na 's lugha ri luaidh ris.

Ged is iomadaidh bliadhna,
 Bha mi fo 'd riaghailt 's fo dhuais leat,
 Cha do mliothaich mi riamh uait,
 Droch bhriathran no bruайдlein,
 'S a nis o 'n a-thriall thu,
 Chaidh mo riaghailt air għluasad ;
 Ach fhad sa bha thusa mairrionn,
 Bho mo charaid ri m' ghualainn.

B' e sud latha ar creiche,
 Thain' an teachdaire cruidh ort,
 'N siath latha de 'n chéitein,
 Rinn an t-eug do thoirt uainne,
 'M bliadh'n' ochd ciad deug sa h-aon deug dhiu,
 Bliadh'n' ar leiridh 's ar cruidail ;
 'S gur h-ioma neach dheth tha bronach,
 Mu Ionmhuirfeorain o 'nuair sin.

ORAN do Mhoir-fhear Mac Shimidh, leis a bhard
Mac Mhathan, air dha gunna fhaotainn uaithe.

GUR h-uasal am macan,
A ghluais uainn air asdar di-mairt,
Gheibhte iasgach mu d' bhaile,
Agus fiadhabh ad bheannaibh gu h-ard ;
Guidheam bliadhna mhath ur dhuit,
Mhic Shimidh 'o Dhuinidh na 'n carn,
Gu ma buaghail do 'n aiteam,
Togail suas a chuid bhrataichean ard.

Thriath na Mòr-fhaich gu 'm b' ait leam,
Bhi triall gu do gheataibh gach lo,
Dh' amharc tighe na 'n steuda,
Gu 'm b'e 'n t-aighear leam ihein dol na còir ;
Rioghainn ùr na 'n ciabh clannach,
Air am faicte fiamh glan anns an lò,
Sud an ceile tha marr-riut
'S-tric a dh' eisd mi ri farrum a ceoil.

B' ann deth d' chleachdain-sa 'n comhnuidh,
Dheagh Mhic Shimidh na 'n cornu a's na 'm pìos.
Gach feasgar 'n deigh nòine,
'G ol gu frasach air beoir a's air fion ;
Bhiodh do mhaighdionnan grìnne ;
Cuir an caoimhneas am binnid le gniomh,
Le ceol agus àhhachd,
Ann an talla na 'n clàrsach 's na 'n cliar.

Bidh do mhaighdionnan riomhach,
Air an earradh an sioda 's an sròl,

N' 'Ic Illeain a Muile,
 'S Ni' Mhic Dhonuill o chular na 'n seol,
 Agus steud an fhult riomhaich,
 O Thuiteirean dileas na 'n corn,
 'S tha do chairdeas gun teaga,
 Ri oighre Dhuinbheagain Mhic Leoid.

Dheagh Mhic Shimidh na 'n luth chleas,
 'S na 'm brataichean cùraidh deth 'n t srol,
 O Dhuinidh na 'n seang-each,
 Far 'm bu mhuirneach luchd tighe ri ol;
 Mus a triall duit air asdar,
 A nunn uainn do Shasunn na 'n cleoc,
 Gu ma slan thig thu dhachaidh,
 Gu do thir am bi farrum a cheoil.

Seobhag shuairec' thu fo iteach,
 Leis an eireadh na Friseilich og,
 Sud am boinne deas direach,
 Deth 'n chinne cho dileas 's tha beo,
 Ge b'e chuireadh ort gruaman,
 N' am tarruing na bualadh na 'n stroc,
 Gu 'm biodh spéic na 'n lann geala,
 Tarruing t-eirig a dh' aindeoин no dheoin.

Thoir soraidh na dhà uam,
 Gu fearaibh Cheanntaile so shuas,
 Far an cinnteach a tha mi,
 Am'bheil' do dheoch slainnte ga luaidh ;
 Bidh mac na cléithe na shiubhal,
 Air an sheil mur bu chuibhe 's bu dual,
 'S mo mhive beannachd leibh uile,
 'S bidh mi falbh le mo ghunna fhéin uaibh.

Gluaisidh mis le mo chuiliobhair
 Thilgeas fada, caol cuimseach, le fuaim,

'S cluinnear sgeul air an armachd,
 Aig fir a's aig seanchaidh 'n taobh tuath;
 Gluaisidh mise mar 's eol domh,
 O Mhac Shimidh na 'n ròiseal o 'n d' fhuair;
 'S na 'm biodh a gheals' air a chuspair,
 Bhiodh mo lamhsa g'a druideadh ri 'm chluais.

**Cumha le AONGHUS MAC LAOMUINN, ann an
I. Chalum Chille do leanabh leis fein.**

GUR a mis tha fo mhublad,
 Air m' uilinn 's mi m' onrachd,
 'S mi caoineadh an lurain,
 Tha mi uime ro bhronach,
 O 'n a chaidh thu sa 'n tulaich,
 'Am bheil tuille do d' sheorsa,
 Gur h-e sgeula mo dhunaidh,
 Nach d' fhuirich thu Dhomhuiill.

'S gur h-oil leom a thachair,
 Gun do ghlacadh cho og thu,
 Leis an teacaire dhàna,
 Gun chairdeas do m' dhoruinn,
 Thug a broilleach do inhathar
 Thu a ghraidh gun chead còraidh;
 Oir is mis th' air mo chràdh-shlad,
 O 'n la chaireadh toi 'n fhoid thu.

Orinsa rug an fhras ghàbhaidh,
 'Nuair a chaireadh air bord thu,

Ann ad bhradan geal lamh riùm,
 Gun chail ann ad choradh,
 Gur h-i nollaig mo ghreadaidh,
 A leag mi le doruinn,
 O 'n la chuir iad thu sinte,
 Anns a chill fo na bordan.

Bha mo chion air an leanabh,
 Dh' fhas gu ceanalta modhar,
 Riut a thogadh mo chridhe,
 Thu bhi tighin am chomhail,
 'S tric a rinn mi riut mireag,
 Gu h-iollagach ceolar ;
 Leam, a luaidh gu 'm bu mhilis,
 Bhi gu minig ga d' phogadh.

'S gu m' b'i sud an t-suil aluin,.
 Bh' aig mo phràpanach boidheach,
 Beul bu mheachaire gair' thu,
 Pog mur fhaile na 'n rosan,
 O d' shailtean gu d' mhullach,
 Bu leat urram na h-ògraidh,
 'S na 'm faigheadh tu saoghal,
 Bu tu gaol na 'm ban òga.

Bu tu m' abhull a's m' ubhlan,
 'S bu tu m' ùr ros an garadh,
 Bu tu mo chaineal 's mo shiucar,
 Mo chruit ciùil 's m' aobhar ghaire,
 Bu tu m' aidhear 's mo shugradh,
 'S bu tu 'n ur ghibht a chraidh mi,
 O 'n la chuir mi fo 'n uir thu,
 Tha mi bruite fo 'm airnean.

'S gur tric tigh'n am aire,
 A liuthad car a bha d' lamhan,

Do luth-chleasan beadrach,
 Ri cleasachd a's abhachd,
 'Nuair a dheanainn do ghlacadh,
 Ga t-altruin o d' mhathair,
 Bhiodh mo chridhe lan aiteas,
 Bhi macnus rim' gbradhsa.

'S cha n' e t-fholachd na t-uaisle,
 So ghluais thun na dàin mi,
 Na soileas bhi 'g innseadh,
 Do dhisleau 's do chairdean,
 Ach a thoileachadh m' inntinn,
 Mur chuimhneachan bais ort,
 Los gu 'm faicinn a ruin-ghil,
 Do ghnuis mur an sgathan.

'S c'uime tha mi cho gorach,
 'Sa bhi bronach ga t-aireadh,
 O 'n's e 'n Ti is fearr coir ort,
 Thug dhuit ordugh ar fàgail,
 Dh' fhios na h-urach ga 'm buin thu,
 'Sa 'n duslach o 'n d' thainig,
 'Sa 'n t-anam gu rioghachd,
 Na Ti a thug fas dha.

'S ged tha mise 'n so lathair,
 Ann an sgaile na feola,
 Agus tusa gu sabbhailt,
 Cò-ri Abram 's r'a choisridh,
 Tha mo dhuill anns an t-Slanear,
 Gu 'n tar e sinn comhlá,
 Chum cliu thoirt do 'n Ard-Righ,
 Ann am Pharais na gloire.

'S tha mi nis an tim sgur diot,
 O 'n a chuir mi thu comhl'ri,

Do pheathraighean àluinn,
 'S do bhràthair bha boidheach,
 Ach na 'm faighinn-sa m' àilleas,
 O ghrasan na trocair,
 B'e mo mhiann bhi riut sinte,
 'Nuair a chrionadh am foid mi.

ORAN le Iain Mac Codrum, agus e bhi diombach
 air son an eididh Ghaidhealaich thoirt uaithe, 'n
 deigh bliadhna Thearlach.

Fonn.—Marbhrann na h-aigionnaich.

THA mi craiteach tinn, 's tha mi sgith lan dochair,
 Ceangal air mo bhuill, cha dean mi ceum cois-
 eachd,

Mallachd air an Righ, thug na breachdain dhinn,
 Guidheam air beul sios on a shin e 'n t-osan,
 Ged tha 'n stocaidh fada 's i na cochull farsuing,
 B' annsa 'n t-osan gearr nach biodh réis o 'n t-sàil
 an gartan.

Luthaig thu ar cota na sgeol fharsuing,
 'S luthaig thu ar brogan na 's leoir phailte ;
 Mheudaich thu ar cis, 's laoghsaich thu ar ni,
 'S dh' fhag thu sinn gun phris, cha 'n eil direadh
 againn,
 Thug thu dhuinn a bhrigis, theannaich thu ar 'n
 easgoid,
 B' annsa 'm breachdan sgaoilte, 'n t-aodach aotrom
 sgiobalt.

'S olc a chulaidh oidhche, bhi 'n luib na casaig,
 Cha 'n fhaigh mi cas a shineadh, cha 'n fhaigh mi
 cadal,

B' fhearr an sòlas inntinn, na deich slatan singilte,
 Chuirinn anns an fheile, 'n am eiridh sa mhaduinn,
 Sud an t-aodach dreach'or, chumadh gaodh a's fras
 uam,

Mallachd an da shaoghail air aon fhear chuir as e.

Cha 'n eil culaidh shamhraidh is fearr na 'm
 breachdan,
 Tha e eutrom fonn'or an am an t-sneachda,
 Bha e cleacht' r'a 'n cùmhcadach, aig na gaisgich
 lùth'or,
 'S acaid air an giùlan nach eil e aca ;
 Chulaidh bha cur fasgaidh, air na Gaidheil ghasda,
 Righ gur mor am beud, le pléid a chuir a fasan.

Cha 'n fhaca' tu mac mathar, air sraid no faiche,
 Is deise na Mac Gaidheil, le shàr phearsuinn,
 Breachdan air am feile, sa chlaidhe air cul sgéithe,
 Le dhagaichean cho ghleusda, nach eisd iad sradag,
 Sgiath air gual' a ghaisgich, claidhe caol na achlais,
 Cha 'n eil Gall sa 'n t-saoghal, nach caochladh,
 roimh fhaicinn.

'S math thig boineid ghorm, air chul borb an
 cocadh,
 Cota gearr a's feile, air sleisdean nocte,
 Dhol an lathair cruadail, gu fulteach neimhe
 buailteach,
 A leadairt na 'm fear ruagha, bhiodh smuais ga
 fhosgladh,
 Neart treun na 'n curaidh, cuir na 'n lann ga 'm
 fulang,

Bhiodh luchd na 'n casag millte, sa 'n cinn dhith
a' muineil.

'Nuair chruinnicheas na Gaidheil, an lathair
troda,
Le 'n geur lannan spainnteach 'sa 'n dearsadh
chlogaid,
Paighidh iad gu daor, ann am fuil sa 'n gaor,
'S cha bhi bonn gun diol do bhlar Chuileodair,
Cha 'n eil urra chaidh a chreachadh, na urra
chaidh a ghlagadh,
Nach fhaigh iad luchd am mioruin, gu 'n raogha
diol thoirt asda.

'Nuair chluinneas fir na h-Alba, do dhearbh
chais meachd,
Theid iad gu neo chearbach, fo d' dhealbh bhra-
taich,
Donullaich bu dual, 's dàine theid sa 'n ruaig,
Tailleirean cloth ruaigh, gar nach fuaign ach
strachdad,
Le 'n cruaidh lannan sgaiteach, snaitheadh chluas
a's chlaigeann,
'S gu 'm bi àireamh cheann air a h-uile ball 'sa
bhreachdan.

Gur h-oil leam ar 'n eideadh, bhi air chaochla
cuma,
Ach chi mi bhi ga dhioladh mu gheata lunnainn,
Leis na fleasgaich bhiodheach, chluicheas mur na
leoghuinn,
Chuireas geillt air Deorsa, 's nach faod e fuireach,
Theid Righ Deorsa dhachaidh, sa 'm Prionns' og
a ghlagadh,
'S bidh Tearlach na Righ, 's fearda pris na 'm
breachdan.

'S ionunn 'sa bhi 'm priosan, bhi dhith a bhreach-dain,
 Deanmaid urnaigh dhichiollach, a's gheibh sinn taice,
 'Nuair thig iad a nall oirnn, coig ceud mile Frangach,
 Bidh Tearlach air an ceann, bidh am ball fo 'n casan,
 Sud an sluagh beachdail, chuireas an gleo reachd'or,
 Armailteach gu leoir, a luaiteas an cloth Catach,
 'S nuair thcid a mhuc a dhathadh, 'sa cuid uircein shaileadh,
 Air claidhe na air breachdan, cha bhi tuille bach-daidh.

Cumha fhir Shìormhoin agus a mhic ; Le Iain Caimbeul maor.

Fonn.—So deoch slainte Thighearna Chluainidh,
 Cuir mu 'n cuairt anns a chùp i, &c.

THA mo cheim dol an truimead,
 Tha mo mhalad fàs dùbailt,
 Bhi cuimhneach' na 'n armunn,
 Chaidh an tamh anns an ùir uainn ;
 Ged a fhuair sinn ar losgadh,
 Mun ghabh 'n toiseach air thus uainn,
 'S e 'n sgeul so uile a chraidih sinn,
 Bhi ga d' charadh-sa Dhughail.

O 'n taice so 'n uiridh,
 'S trom am buill' thug am bàs duinn,

Ar n-oighreachean fearuinn,
 Gun aon duine dhiu' làthair ;
 Far am faighte cuirt ghreadhlinach,
 'S gu faoileachd flòn Spàinnteach,
 'S uisge-beatha nà 'm feadan,
 Gun easbhui' guñ tràghadh.

Ach Alasdair chliùitich,
 'S mòr mo dhiùbhail nach bedò thu ;
 Bu tu cridhe na feile,
 Lan sheudan do 'n mhòrchuis,
 Inntinn sgaoileadh a phailtis,
 Lamh a sgapadh an òir thu,
 'S bha thu shìol na 'm fear ceutach,
 Chur nan ceudan an ordugh.

'S fad o 'n chuala' mi seanchas,
 Gu 'm b' ainmeil 's an uair ud,
 'Nuair thug Dughall na 'n Allta',
 Adbhans 's an taobh tuath orr',
 Closnach Chatach a's Ghranntach,
 Gun taing 's Tighearna Rùthain,
 Mar sin a's Diùc Gordán,
 Thug e comhail d'a shluagh-san.

Ionmhur-Atha 's an Triath sin,
 Mu 'n iathadh na gaisgich,
 Gheibhte sibh anns a chogadh,
 Air thoiseach 'n tùs brataich,
 Sud na teaghlaichean làidir,
 Chaith mu lär ann an gradaig ;
 Mar dhaoin' òg nach do liathadb,
 'S caol ur n-iarmud ri fhaicinn.

Tha Siormhoin na fàsach,
 Sgeul ro àirid so chreach sinn,

O 'n chuir sinn ar daoine,
 Taobh ri taobh fo na leacan ;
 B' iad nach féileadh 'sa mhàl sinn,
 Ach bheireadh dàil duinn a's meàcháinn,
 'S ioma teaghlaich 'n d' theid sgaoileadh,
 O 'n ghlaodhadh sibh dhachaidh.

'S ioma rusgadh th' air t-fhearunn,
 O 'n a dh' fhalaich am fòid thu,
 Agus *factairean* lionar,
 Chuir gach cis ann am mòid oirnn ;
 Ach na 'm biodh tu mairionn,
 'S gu mealadh tu chòir ud,
 Dh' aindeoin islean a's uaislean,
 Cha ghluaisesti ri m' bhed mi.

'S trom an sachd so th'air m' aigne,
 Mu mharcaich deas nan each gleusda,
 O 'n chuireadh thu 'n tasgaidh,
 An cistidh ghlaist' fo na céudan,
 Fear t-euguis cha n' fhaic mi,
 Là clachain no féille,
 Bu ghuala threun thu measg mhìltean,
 'S thu cho shìobholt ri maighdinn.

Bu bhlath an ceann tuath' thu,
 Ged bu chruaidh thu 'n tir àmhaid,
 Ach a Dhe gabh truas dinn,
 Sinn mar uain bhiodh gun mhathair,
 'Nuair a dh' eireadh tu suas leinn,
 Co bhuaileadh le tair sinn,
 T-aon leithid cha leir dhomh,
 Nis gu léir am measg Ghaidheal.

Ach 's e sgeula na dunaidh,
 Dhuinne ullachd 'sa thriall thu,

'Sa thainig an teachdair,
 O Iosa g'a t-iarruidh,
 Chaill sinn' ar cul-taice,
 Chumadh 'reachd ruinn a's riaghait ;
 Ach na 'n cinneadh do mhac leinn,
 Bha sinn ceart o laimh Dhia leis.

Ad dheigh-sa chunnaic mi 'm bruadar,
 Dhuisg le fuathas gun dàil mi,
 An còta bh'air m' uachdar,
 Bhi tigh'n a nuas na smàl diom ;
 Do thigh mor ga shìor sguabadh,
 'S craobh ga buain ann ad ghàradh,
 Ghrad bhual sud am inntinn,
 Gu 'n do chuimhnich am bàs ort.

Gu 'n do chuimhnich am bàs ort,
 A ghraidh do na fearaibh,
 'S tha do mhathair mu d' dheighinn,
 Gun leirsinn gun seallamh,
 Cha b' iongnadh dh' i fein suđ,
 B' ùr gleusd thu mur leanabh,
 'S dh' fhag thu uile fo bhròn sinn,
 'S cha duisgear ceòl ann ad thalla.

Cha duisgear ceoil ann ad chìirt-sa,
 O 'n a rùisgeadh an uaigh dhuit,
 'Sa thain' an teachdaire dàna,
 Mar bha 'm bàs a thug buaidh ort,
 Sud am propanach aluinn,
 Chaïdh ains a chàs chrùaidh leis ;
 'S 6 na bitheams' ri m' shaoghal !
 Ann an teaghlaich bu truaighe.

'S lom a chì mi do làrach,
 O 'n chaill sinn ar n-uachdrain ;

Ach a Thi a tha làidir,
 Cuir na 'n àite ceann tuatha,
 Bhios gu h iorasal bàidheil,
 Cruaidh dàna 'n am cruadail,
 Ann an aite nan daoine,
 Nach robh 'sa 'n t-saoghal na b' uaisle.

Tha mo chiabhan air glasadh,
 Cha n' fhaic mi, 's cha léir dhomh,
 O 'n thriall iad na gaisgich,
 Fo bhrataich mhic De uainn,
 Mhic an Righ ga bheil feartan,
 Dean an rathad sin réidh dhomh,
 'S gur h e m' aidhear 's mo mhiann-sa,
 Bhi triall as an deigh-san,

Cumha Thighearna Bharrachalltainn a bh' ann
 mu dheireadh ; Le Seumas Mac Ghille-sheath-
 anaich, bard Loch-na 'n-eala.

Fonn.—Murt Ghlinne Comhunn.

Moch 'sa mhaduinn 's mi 'g éiridh,
 'S mor mo mhulad a's m' éislein 's mo sprochd,
 Fhuair mi nuaidheachd an dé,
 'S chuir e maill agus éis air mo thoirt ;
 Thainig oirnn a Dunéidionn,
 Litir bhais leag déuraibh na 'm bochd,
 'S beag an t-iongnadh leam fhein sin,
 'S iad mur spréidh gun fhear gleidh' air an cnoc.

Fhir Bharra-challtainn na 'n tuireid,
 Tha do chairdean fo mhulad 's an am ;
 Cha n' eil sin leam na iongnadh,
 'S iuchair ghliocais an cuise air èchall ;
 Bha thu mathasach cluiteach,
 Bha thu seirceil ri d' dhuthaich 's gach am,
 'S tu nis ga d' chàradh fo 'n fhuar-lic,
 'N leabaidh chumhainn 's an uaigh gun smid
[chainnt.

Bha thu iorasal bàidheil,
 'S bha thu faighidneach tlath ri luchd feum,
 Ach 'n uair a ghabhadh tu àrdan,
 'S gheibheadh aithghearra nàduir ort teum ;
 Na 'n leigte seachad e 'n tràth sin,
 'S tigh'n le gearan fo fhàbhair do sgéith,
 'S ioma neach dhìu' tha statail,
 Tha tigh'n beo air do sgath le d' chuid fein.

'S lionar beannachd na 'm bochd,
 'N dorrus fardaich gun ghort nach robh cròn,
 'S cha b' e bonn an da fhairdein,
 Gheibhte ann ach an t-sath-lan bidh ;
 Bha do chomhairlean laidir,
 Thoirt ordugh do chach bhi ga dhìol,
 'Sa reir geallamb an ard-Righ,
 Tha fios agad-sa 'n drasd gur a fior.

Cha n-ann an Galltachd na 'n Sasunn,
 Chuir thu duil a bhi sgapadh do mhail,
 Na bhi ga chluich air na cairtean,
 Na cuir gheall le fior bhrais anns na bàil ;
 Ach bhi gu stéitheil aig baile,
 Deanadh feum 'sa toirt arain do chach ;
 'S goirt leam osnaich do thuathli-chearn,
 O 'n diordaoin air an cualas do bhàs.

Bhiodh an gearan r'a ghabhail,
 H-uile latha bha Alasdair beo,
 Chionn gu 'n tuigeadh tu fhein iad,
 'S gu 'n sgoilteadh 's gu 'n leughadh tu choir ;
 Cha robh thu trom air fear falamh,
 Mur a tuiteadh e am mearachd d'a dheoin,
 'S thu dol a nis a dh' Airdchatan,
 An leabaidh uaigneach ad chadal gun deo.

Cha leir gaineamh an fhìor-uisg,
 Gu la bhràth gus an islich an tuil ;
 Ach 's math thuigeas fear lombair,
 Ciod am feum th'anns an tonn ri la fluich ;
 Gheibhearr fasgadh ri fuachd ann,
 Le bhi daonnaн mu 'n cuairt air a bhun ;
 Ach chi iad fhathasd le 'n leirsinn,
 Nach b' ionunn do 'n dé 's do 'n la diugh.

Cha do chuir thu ùigh ann an armachd,
 'S cho mho chleachd thu bhi falbh ann am feachd,
 Na bhi trusadh do thaith-chearn,
 Le smachd a toirt uatha 'n cuid mac ;
 B' fhearr leat seisreach mhath ghearran,
 Obair fogharaidh 's earraich mu seach,
 Bhi 'n lathair cur agus buana,
 Laoigh a's bainn' agus buaile mhath mhart.

Ach thoill am peaca' am bas duinn,
 O 'n dh' ith a bhean anns a gharadh am meas,
 Cha d' thainig oirnne o 'n am sin,
 Na rinn suas sinn 'sa chall a bha 'n sin ;
 Thuit sinn uil' ann am failing,
 Mur dean sinn aithreachas làidir a nis,
 Gun fhiос aig aon-neach do 'n t-sluagh,
 Cia i mhionaid na 'n uair air an d' thig.

Nis na 'n leigimid dinn,
 An saoghal salach 's gach ni do na th' ann,
 'Sa bhi toirt oidhreap le dichioll,
 Ghleidheadh coir air an Rìoghachd tha thall ;
 Fhuair sinn fios leis a Bhòbull,
 Dearbhadh soilleir gur firinn tha ann ;
 Air sgath fulangais Chriosda,
 Dean rì ar n-anam sith roimhe 'n am.

An duine 's pailte do stòras,
 'Sa neach is bochda tigh'n beò tha fo 'n ghréin,
 So i 'n duais tha d'a leanait,
 'S nach faodar a ceannach le spréidh,
 Rinn an saoghal ar mealladh,
 Laigse nàduir g' ar tarruing ris féin,
 A Righ glan duinn ar cridhe,
 Ann an dochas ar slighe bhi reidh.

Tha mo dhuil anns an Trianaid,
 Dh' ordreich gealach a's grian air an spéur,
 Gu 'n seas do mhac ann a t-àite,
 Ghabhail curam do 'n àl th' as do dhéigh,
 Thoirt toilinntinn d'a mhàthair,
 Ghleidheadh onair da chàirdean 's da fhein,
 'S do 'n chuid eile do d' shliochd,
 Saoghal buan ann an gliocas 's an ceil.

ORAN DO SHIR IAIN CAIMBEUL, Tighearn na 'n
Ard so th' ann ; Leis a bhard cheudna.

'Fonn.—**Mo nighean donn na buaile,**
Gun bhuaire thu mi gun amhrus, &c.

SEISD.

DEOCH slainte Chaiptein Chaimbeil,
Thoir dhuinn a nall gu h-ealamh i,
Ga glaoedhaich le toilinntinn,
'S ga lionadh as na searragan,
Ged choṣt i ginidh òir domh,
Ga cuir mu 'n cuairt mu 'n bhord so,
Fear 's am bith nach òl i,
Cha suidh e 'n seòmar maille-ruinn.

Co air bith a dh' fhàirdeas,
Co dhà a rinn mi 'n ealaidh so,
Do Thighearn og na 'n Ard,
Tha mi 'g radh a's thugaibh 'n aire dhomh;
Duin aoidheil, cridheil, suairce,
Deth 'n fhion-fhuil tha gun truailleadhbh,
Slat deth 'n iudhar uasal,
A bhuaineadh a tigh Chaladair.
Deoch slainte, &c.

'N taobh eile o 'n do chinn thu,
Air m' fhìrinn b' fhiach dhomh tarruing orr',
Na fir o Ioninbur-Aora,
Na laoich, cha b' fhaoiq 'sa charraid iad ;
Gur mairg a bhiodh roimh 'n angar,

'Nuair ghluaiseadh iad le ceannsgal,
 Bu shoilleir anns gach camp iad,
 'S cha tugte geall le cearraig dhiu'.

Deoch slainte, &c.

B' iad sin a bhuidheann shùrdail,
 Fhuair moran cliù 'sa b' airidh air,
 'N am suidhe 'n tigh na cùirte,
 Cha tugte cùis d'a 'n aindeoin diù',
 Air fhad 's ga 'n d' fhuair mi dearbhadh,
 Air m' inntinn o luchd seanchais,
 Bha onair aig na h-Earraghalaich,
 'S dhearbh iad e 's gach carraid diu'.

Deoch slainte, &c.

Mo dhurachd-sa do 'n Ghàidheal,
 'S gach là gu 'm bi mo bheannachd leis,
 'Nuair theid thu 'n lathair cruadail,
 Bu dual duit bhi fearachail,
 Bhi ealamh, clis, grad, luath-lamhach,
 Gu clach a's ord a bhualadh,
 Chuir tein' am fudar cluaise,
 Chum luaidhé chuir a bairille.

Deoch slainte, &c.

Tha eireachdas na dhà ort,
 Aig càch ri thoirt an aire dha,
 Cho socair 's tha do nadur,
 'S thu ciallach lan do dh' fhaighidinn,
 Gur maighister math tuath thu,
 Cho socair 's tha mu 'n cuairt duinn,
 Gur h-og a ghabh thu 'n t-uallach,
 Mu d' ghuaillich, 's thug thu 'n aire dha.

Deoch slainte, &c.

Thig suaithcheantas nan Gàidheal,
 'Nuair chàirear e ort gu ro mhath dhuit,
 Boneid ghorm 's coe-ard innt,
 Lann Spàinnteach a's i 'n tarruing ort,
 Cha mheas' thig cota sgàrlaid,
 Ort ùr o laimh an tàilleir, .
 Gu'n gleidh ni math thu 'd chairdean,
 Chionn 's maighistir math fearuinn thu.

Deoch slainte, &c.

Gur gasd thig osan gearr ort,
 Bròg Ghaidhealach a's barr-iall innt,
 Gartain ùr bhundàidh,
 'S iad ur o làmh na ban'iche, ^ , 1
 Mu d' chalpanna' geal liontach,
 Air chuma bhradain fhior-uisg,
 Troigh chruinn a 'hol roinsh' n ridhleadhb,
 'S ceol file toirt ort carachadh.

Deoch slainte, &c.

Gur buidhe dhaoin' tha falbh leat,
 'S gu dearbh cha ghabh iad aithreachas,
 Cha till thu orra cùis
 Deth na cumhnantan tha 'n gealla' dhoibh,
 Tha mulad air an cairdean,
 An oigridh bhi 'ga 'm fagail,
 Cha 'n eagal doibh gu brath,
 'S Tighearn og nan ard toirt air' orra.

Deoch slainte, &c.

Gur h-eireachdail do chòmhlan,
 'S gur bòidheach an am tarruing iad,
 'S gun annt ach gillean oga,
 Cho seocail a's is aithne dhomh,
 'Nuair ghlaodhar gu rebhiù iad,

'Sa sheasas iad ri d' chìla',
 Gu cinnteach cha bhi diu,
 Ann aon fhear do 'n ghabh agad.

Deoch slainte, &c.

'Nuair a ruisgear piob dhuit,
 'S toilinntinneach ad leanailt iad,
 'S ullàmh iad fo 'n armaibh,
 'S neo chearbach an am cabhaig iad,
 H-uile fear dhiu' 'n òrdugh,
 Na sheasamh far 'm bu chòir dha,
 'S gur freagach do t-òrdugh,
 'N oigridh dh' fhalbh o 'n bhaile leat.

Deoch slainte, &c.

Air fhad 's 'ga 'n lean mi 'n t-òran,
 Trian do d' sheòl cha 'n aithne dhomh,
 A chuir a mach le m' inntinn,
 Gach buaidh le sith tha 'n ceangal riut ;
 Ach uar mheal mi 'n còta,
 Na 'm biodh a chùis gu m' ordugh,
 Iain oig 'Ic Iain 'Ic Dhonuill,
 Mur d' orduich mi thu 'd sheanalair.

Deoch slainte, &c.

ORAN leis a bhard cheudna, deanadh a gneàrain
ris an tuathanach, bhliadhna thainig càin air na
h-eich.

SEISD.

Ho ro ho, laill ho ho,
Laill ho ho, ro hì
Ho ro ho, laill ho ho,
Laill ho ho, ro hì,
Ho ro ho, laill ho ho,
Laill ho ho, ro hì,
Bu toilichte sinne,
Na 'n dtigeadh an t-sith.

Gu 'n innsinn duit sgéula,
Nan éisdeadh tu riùm,
Tha e soilleir dhuit fhéin,
Ann an leirsinn do shùl,
Mur paigh thu gach deacha',
Theid a leagail as ùr,
Tha thu 'g aicheadh an Righ,
'S theid do dhiteadh 'sa chuirte.

Ho ro ho, &c.

Tha mise fo mhulad,
Agus 's duilich e leom,
Tha thu charaid 'ga m' aicheadh,
'N uair a tharlas tu rium;
Ged a ni thu rium tachairt,
An clachan na 'n cùirt,

'S ann bhios mi an ag,
Gur a Sasunnach thu.

Ho ro ho, &c.

Tha spòrs agus ainmhein,
Ri anabarr d'ar call,
Dol an aodaichean fada,
Ann am fasan na 'n Gall,
Chaidh an t-eile a meas,
O 'n 's i bhrigis tha ann,
Tha ar reachd air a bhristeadh,
'S tha mhisneach air chall.

Ho ro ho, &c.

Ma leanas an riaghailt so,
Bliadhna na dhà,
Ged a chi thu do charaid,
Ann an cabhaig no 'n càs,
Ma tha e gun bhéurla,
Cha 'n eil speis agad dà,
'S do nadur air tionndadh,
Mur bhruid as an tràigh.

Ho ro ho, &c.

'S nach gòrach an seann-duin'
Th' ann an geamhradh a là,
Tha e 'n deireadh a thim,
'S tha e 'n liontaibh a bhàis,
Tha gliogaich na chasan,
'S tha 'm bata na laimh,
Leig e bhoineid a fasan,
'S gheibh e ad mur th'aig cùch.

Ho ro ho, &c.

'N uair chunntas tu 'n toiseach,
Gach costas gu t-fheum,

Gur beag do thoil-inntinn,
 Do gach ni th' agad fein,
 'Nuair a phraigheas tu deacha',
 Air son t-each anns an éill,
 Gur daoire na 'm màl,
 H-uile cain th' ann ad dhéigh.

Ho ro ho, &c.

Tha sannt agus farmud,
 Ri anabarr d' ar call,
 Mar gu 'm biodh fear fradhairc,
 A bruidhinn ri dall,
 'N sgeul a dheanar le barail,
 Tha e anabarr meallt,
 Tha e duilich rì chunntas,
 Co dhiu bhios ann.

Ho ro ho, &c.

'Nuair a ghineadh ar nàisinn,
 O Adhamh a's o Eubh,
 Bha sinn uile n-ar braithrean,
 'S n-ar cairdean d'a chéil',
 Rinn an saoghal ar buaireadh,
 'S ioma truaigh tha n-ar déigh,
 Rinn am peacadh ar mealladh,
 'S tha e leanaitt antréud.

Ho ro ho, &c.

Nach bòidheach am fiambh,
 Tha air ianlaidh nan speur,
 Ni'n leaba 's an fhasgath,
 'S an ceann taisgte fo 'n sgéith,
 Tha iad toilicht na 'n nadur,
 Le 'n talanta' fhein;

Gur son' iad seach sinne,
 'S ioma diomaidh n ar deigh.

Ho ro ho, &c.

'S ioma organach tapaidh,
 Chaidh thairis do 'n Fhraing,
 Thainig deireadh a shaoghail,
 'S nach d' fhaod tigh'n a nall
 Ach chi sinn le ar sùilean,
 A chùis a bhios ann,
 Cheann deireadh na h-iomairt,
 Gu 'm bi sinne 'sa chall.

Ho ro ho, &c.

ORAN DO BHONIPART ; Leis a bhard cheudna.

SEISD.

A Righ gur h-aotrom leinn an t asdar,
 Bimid sunndach air bheag airtneil,
 Dhol an comhail Bhoiniparti,,
 Chionn bhi bagairt air Righ Deòrs.

'Illean cridhe bimid sunndach,
 Seasamaid onair ar duthcha,
 Fhad ṣa mhaireas luaidhe 's fùdar,
 Ciod a chuireas curam oirnn.

A Righ gur, &c.

Thoisich thu oirnn o cheann fada,
 Le bòsd, le bòilich, 's le bagradh,

'S ged thig thu air tir an Sasunn,
Cha d' theid thu dhachaidh ri d' bheo.

A Righ gur, &c.

Ged theannadh tu fhein 's na Frangaich,
Ri tigh'n a Bhreatunn le d' chabhlach,
Cuiridh sinn a null gun taing thu,
'S b' fhearr dhuit fuireach thall ad dheoin.

A Righ gur, &c.

'Nuair chuir thu 'n Fhraing thair a cheile,
Dh' fhalbh thu mur shloightir do 'n Eiphte,
'Nuair a chaill thu 'n coig ciad deug,
Gun theich thu fhein air eiginn beò.

A Righ, &c.

Bha luchd nan adaichean croma,
Na 'n luidhe air blar g'a 'n lomairt,
'S e mo dhiùbhail bh' anns a choinne,
Nach d' fhan Ebarcromai beò.

A Righ gur, &c.

An t-seann Reisimeid dubh mheasail,
An dara te sa 'n da fhichead,
'Nuair fhuair i suas riut a chlisgeadh,
Chuir i bristeadh ann ad chrò.

A Righ gur, &c.

Nis dh' eirich na *Bholuntiars*,
'N onair an Righ 's mhoir-fhear Iain,
Chur na 'm Frangach gu 'n cridhe,
Chionn bhi bruidhinn tigh'n d' ar coir.

A Righ gur, &c.

O 'n fhuair sinn deise nan Gàidheal,
Boineidean 's cotaichean sgarlaid,

Suaithcheantas an Righ mar fhabhar,
Le coc-ard a dh' ite 'n eoin.

A Righ gur, &c.

'S na 'm biodh againn mur bu dual duinn,
Lann chinn Ilich air ar cruachainn,
Sgoltadh nan ceann g'a 'n guaillibh,
Ga 'm bualadh le smuais nan dorn.

A Righ gur, &c.

Gu bheil Albuinn agus Sasunn,
A guaillibh a cheil' an ceart-uair,
Tha iad aig fuaim an aon fhacail,
Mar shrad eidear clach a's òrd.

A Righ gur, &c.

Dh' fhalbh thu mar shloightir air chuan,
Mu 'n d' amhairc sinne mu 'n cuairt oirnn,
'S ged thug thu Hanobhar uainn,
Ge b' oil leat cha d' fhuair thu 'n t-òr.

A Righ gur, &c.

Ach ma gheibh sinn ann an sàs thu,
'N dearbh cha 'n fhaigh thu moran dàlach,
Do chrochadh an la 'r na mhàireach,
Le fiach cota-bhàin a ròp.

A Righ gur &c.

Ged thig thu air tir an Albuinn,
'N dochas losgaidh agus marbhaidh,
Tha againne suas do dh' armait,
Na shrachdas t-eanchainn agus t-fheoil.

A Righ gur, &c.

Tha saighdeirean Earraghaidheal,
Fearachail, foghainteach, daicheil,

'S chuireadh iad eagal a bhais,
Air h-uile namhaid a ta beo.

A Righ guí, &c.

ORAN do dh' Fhiunnla Marsanta, air son e a chuir
as a cheile, thogail tighe dha fhein, sean chuirnn
agus clachaibh iobairt, aite bha na aon do
dh' iongadais mhor na h-Alba.—Le Seumas
Mac 'Ille-sheathancich.

Fonn.—Alasdair dubh Ghlinne Garaidh.

CHUNNAIC mi bruadar air Fiùnnla,
'S chuir e iongnadh orm ri fhaicinn,
'S ghabh mi iongadas ro mhor dheth,
Gu sonruicht o 'n bha mi 'm chadal ;
Thuirt an guth rium dol da ionnsaidh,
Dh' innse nach e cùis a b' phasa,
Dol a rusgadh carn na 'n Druidhneach,
Na 'n car a thoirt a muinntir Ghlascháin.

Ach dh' fharraid mi co as a dh' fhalbh e,
'S fhreagair e le seanchas grad mi,
Thuirt e gu 'n robh a chairdean dileas,
Eidear a Chill 's Allt-na-dacha ;
Bha cuid air an Dun so shuas diu,
'S bha uair a bha iad na bu phailt anna ;
'S cha 'n eil mi buidheach a dh' Fhiunnla,
Dhol ga 'n dusgadh as an cadal.

'S chi thusa fhathasd le d' shuilean,
 Ma bhios tu 's duthaich ri fhaicinn,
 Gu 'n d'theid an gnothuch so dhiùladh,
 Cho chinnteach 'sa bha 'n crun an Sasunn,
 'S goilt e 'n steith bh' ann an uachdar,
 Chlaothaich e 'n uaigh fo na leacan ;
 E gun fhios co dhiu bha innte,
 Mac an Righ na sliochd a bhaigeir.

'N saoil thu fhein nach robh e dàna,
 Marsanta maileid no pacá,
 Dhòl a rusgadh an ait lobairt,
 'S ioma linn a chuir e seachad ;
 'N t-aite 'n robh cnaimhèan an t-seannduin,
 'N tiolacadh ann o chionn fada ;
 Mu 'n d' theid an gnothach gu crich,
 Gur duilghe dha e na fiach a *bhlastaidh*.

Ma dh' eircas mise 's mo luchd leanmhuinn,
 Gu 'm bi gnothuch garbh as duthaich,
 Theid Mac Ille-dhuibh a mharbhadh,
 'S cha dion a chuid airgid Fiunla,
 Leagar an tigh air sa 'n sabhal,
 Sgriosar am bathar sa 'm bùth air,
 'S theid Gilleasbuig ri posta,
 Agus crochar mac a chùbair.

Eiridh an tubaist do 'n chiobair,
 'S luidhe binn air Mac na Cearda,
 'S ma dh' orduicheas e gu h-olc e,
 'S gnothuch neo-chiontach sud dàsan,
 E na sheirbheiseach aig Fiùnnla,
 Tuille a null gu feillmartuinn,
 'S ina-chuireas e nall na leacan,
 Ma bhios meachainn ann sann dàsan.

Bhi cuir fudair anns na creagan,
 Chuireadh e eagal air bocain,
 Bhi ga 'n tolladh leis an tora,
 'S bhi ga 'n sparradh leis na h-ordan,
 Daoine inarbhadh bhi ga 'n gluasad,
 'S gnothuch uainhraidh gu leoир e,
 'S na 'n leanainn e gu grunnd an t-seanchais,
 B' ainmeil e na arm Righ Deòrsa.

'S cha d' theid a chorp fhein gu dilinn,
 Thiolacadh an aite gràsmhor,
 'S ann theid a losgadh mur iobairt,
 Air a dhiteadh leis na faidhean,
 Theid a luath chuir le abhuinn,
 'N aite nach fhaighear gu brath i,
 'S cha 'n fhaigh e ach rud a thoill e,
 Chionn gu 'n d' rinn e gnothuch graineil.

Ach dh' fhalbh an guth 's thug e chul rium,
 Agus thionndaidh e gn h-ealamh,
 Thuirt e rium gu 'n d' rinn e diochuimhn,
 'S e ga innse dhomh mur charaid,
 Fios a thoirt dh' ionnsaidh Dhughail,
 Gu 'n robh a ghual a's uird ro ealamh,
 Dheanadh torachan a Dh' Fhiunnla,
 Chuir fùdair an Dail a charra.

Smaointich mi so ann am inntinn,
 Nach bithinn a diteadh Dhughail,
 Thuirt mi ris gur duine grinn e,
 Do dh' fhuil na 'n Righrin na 'n Stiùbhart,
 Tha e fhein na dhuine toileil,
 Dheanadh gnothuch do dh' fhear duthcha ;
 'S on bha Fiùnnla na chabhaig,
 Cha bu mhath leis bhi ga dhiultadh.

'Nuair a dhuisg mi ghabh mi eagal,
 'S e na sheasadh air an ùrlar,
 Dh' fheuch am faighinn reidh air falbh e,
 Los nach coisninn na lorg diùmба ;
 Tha Dughall trom air an Tombaca,
 'S tha pailteas deth sin aig Fiùnnla ;
 'S o 'n a labhair mi cho deas ris,
 Ghabh e pairt do leith-sgeul Dhughail.

'S ann a tha 'n nuaidheachd so cinnteach,
 Ged shaoileadh sibhse gur bosd e,
 Cha 'n innis mi a neach gu brath e,
 Ach do chuideachd araid eolach ;
 Cha robh a leithid riamh ri innse,
 Eidear an Sithein 's Lag Chòthain,
 Co dhiu th' ann breug no firinn,
 Sin agaibh mur dh' innse dhomhs e.

Cumha do Shirom og, MAC MHIC DHUGHAILL
 MHOR-THIR, a mhilleadh ann am bliadhna
 a 1812, le' urchair thubaisteach o ghunna
 fhein ; Le Iain Mac Ghillebhrà, piobaire
 fir Ghlinn Aladail.

'S TRIC mi tionndadh am leabaidh,
 'S gun mo dhuil ris a chadal,
 'S beag an t-iomgnadh sud 's m' aigne cho chrait-
 'S tric mi, &c. [each

Fhuair mi sgeula sa mhaduina,
 Throimach eislein fo m' aisnean,
 'S cha tuig leigh na fear m' fhaicinn mur tha mi.
 Fhuair mi, &c.

Gu 'n do chiuradh am faillein,
 Bh' air friamh dhuthchais na 'm meangan,
 Craobh a b' ùire measg dharag a gharaidh.

Gun do, &c.

Mile marbhaisg air an t-saoghal,
 'S maирg a bheireadh ro ghaol da,
 'S nach eil ann do na daoин ach an sgàile.

Mile marbhaisg, &c.

'S tric ar n' uaighean ga 'n cloothach,
 'S uainn ar n' uaislean ga 'n taghadh,
 'S grad a bhuaineadh oirnn raogha na 'n agan.
 'S tric, &c.

Mhic 'Ic Dhugaill o 'n Ghainmhin,
 O bhun stuc beinn an t-sealgaich,
 'S goirt a chunntadh an aimsir so 'd chairdean.
 Mhic 'Ic Dhugaill,

Ghnuis a b' aillidh r' a sireadh,
 'N t-sùil bu bhlaithe gun tioma,
 'S deacair aireadh aon ghin a thug barr ort.
 Ghnuis a, &c.

Alach prionnsail a chruadail,
 Sgathan sambuill na h-uaisle,
 'S goirt ri chluinntinn gun sguabdh ar larach.
 Alach, &c.

'S beag an t-iongnadh do dhislean,
 A bhi tursach na 'n inntinn,
 'S gu 'm bu mhuirneach a chis thug am bàs diu',
 'S beag, &c.

Chraobh is faide fo fhriambach,
 Gur h i 's aith-ghearra chrionas,
 'S tric tha tobraichean fior-uisg a tràghadh.
 Chraobh is faide, &c.

'S ioma latha mor meadhnach,
 Air bharr aidhear a's greadhnais,
 Thug na maithibh an teaghlaich na Tragh ud,
 'S ioma latha, &c.

Mo chreach leir Clann Mhic Dhughail,
 'S iad mur choill air a rusgadh,
 Co nis sheasas an cùis an am gabhaidh.
 Mo chreach, &c.

O 'n a dh' fhalbh an sgiath dhiodainn,
 Bha na dion aig an sinnsribh,
 Iuchair ghleidhete nach diobradh na 'n càs iad.
 O 'n a dh' fhalbh, &c.

Na 'm b' e iomairt no eucoir,
 Leis an rachadh do chreuchdad,
 Air mo laimh nach biodh t-eirig gun phraigheadh.
 Na 'm b' e, &c.

'S lionár curaidh deas dealbhach,
 Rachadh ullamh g' a dhearbhadh,
 Sheasadh duineal fo aim an am tairnge.
 'S lionar, &c.

'S ann diu fior shliochd do thighe,
 Rachadh sios leat gun' athadh,
 Dheanadh gniomh an am crathadh na stailinn.

'S ann diu, &c.

Sin 'sa 'm Moir-fleara Sléibhteach,
 Air bharr corra-ghleus 'nuair dh' fheumadh,
 Le laoich fhoirmneil nach geilleadh 'n am gabhaidh.

Sin 'sa 'm, &c.

'S laidir gaisgich Chlann Raoghnuill,
 Mur bharr lasrach a't-aobhar,
 'S cha b' e b' phasan doibh claoindh sna blaraibh.

'S laidir gaisgich, &c.

Oighre Chnoideart a bharraich,
 Da 'm bu choir a bhi fearail,
 'S cian a sheorsa 'm Bun Ghraaidh an tamhachd.

Oighre, &c.

Sin a's foirnidh * na choinneadh,
 Sliochd Iain oig as na Ghleannaibh †,
 Bhiodh ad chongnadhbh le barrantas laidir.

Sin a's foirnidh, &c.

Mur choin shealgaich air lomhainn,
 No barr gailbhinn a's reoghaire,
 Comhlan borb Ghlinne Comhunn 'sa Bhraghad.

Mur choin, &c.

Ciod am fath dhomh bhi sireadh,
 Na bha deurach mu d' mhilleadh,
 'S nach till trein-fhir a chruinne gu brath thu.

Ciod am fath, &c.

*S trom na 's feudar a ghiùlan,
 *S goirt gach creuchd mar is àire,
 Ged 's e 'n t-eug is ceann iùil do shliochd adhamh.
 *S trom na 's, &c.

Ach 's e 's cuibhe dhuinn striochdadhbh,
 Leis gach nith bheir a chrioch dhuinn,
 O 'n 's ceann uighe dhuinn sioruichd gun aireamh.
 Ach 's e 's cuibhe, &c.

Fhir thug Pòl as na h-iaruinn,
 'Sa thug Iob as a phiantaibh,
 Nochd dhoibh sòlas gun chrioch ann am Phàrais.
 Fhir thug Pol, &c.

ORAN do dir' EOGHUN MAC-A-PHEARSAIN, Tigh-
 earna Chluainidh ; Le Donnacha Gobha.

A CHUIDEACHDA' na 'n eisdeadh sibh,
 Ri pairt do m' sgeula chlaistinneachd,
 Gu 'n innsinn mur a dh' eirich dhuibh,
 O leir thogail na Gaidhealtachd ;
 O 'n theann a chlann ri mìothlachd ruibh,
 'S nach d' rinneadh Righ do Thearlach dhuibh,
 Deanaimid urnaigh dhichiollach,
 Gu 'n gleitheadh Criosd an t-aite dhuit.

Slan iomra' dha n' ur 'n uachdaran,
 Gur cinnte buaidh 's gach arachdh dha,

'Nuair thogte 'n srol a b' uaine leis,
 Sa 'm fraoch 'sa chnuaic a b' aird agailbh ;
 'N am dhol sios bu rioghail sibh,
 O 'n t-sreang a b' isle thairngneadh sibh,
 'Nuair chluinnte fuaim 'ur lamhaich,
 Air 'ur naimhdean bu neo sgathach sibh.

Mu chùis an leoghuinn bheuchdaich so,
 Bu cheannard treud bha foirmeil e ;
 Bu lionar crioch a dh' eireadh leis,
 A rachadh air ghleus gu colgara ;
 Cha b' urrainn dhomh trian dheth d' threubhantas,
 A leughadh ged a thoisichinn,
 Gur lionor cuirp bhiadh ciuirte
 Aig luchd spuillidh 'n taobh a sheoladh sibh.

Ach c'uime 'n leiginn mighean ort,
 'S gur h-e so Righ a bhuanneacheas ;
 'S gur h-i so bliadhna dhìreas,
 Gach ti a chaidh 's na bruachan uainn ;
 Gu 'n gleidheadh Dia gu 'n Rioghachd iad,
 Chaidh dh' fhaighinn sith thair chuantaibh uainn,
 Sgrios air do luchd mìoruin-sa
 'S do shith thoirt le neart chruaidh lanna'.

Gur a lionar cairdean duit,
 Cia b' e thairngneadh eucoir ort ;
 Bu lionar as gach aite iad,
 Gach sar-bhratach ag eiridh leat ;
 Bidh thaobb do mhathar pairt diu ann,
 Na Camshronaich nuair dh' eireadh iad,
 'S iad gun sgraing gun tuchan,
 Bu neo bhràuite 'n am an fheuma iad.

Bidh t-ite fhein ga d' threorachd,
 Na Toisich nuair a dh' eireas iad ;

'Sa 'n tuasaid air a h-airde,
 Gu 'm bu bu gharg a dol le chéile sibh,
 Gur lionar marcach stranna-inhor sin,
 Thug adbhangs le ceuta dhuibh ;
 'Sa dh' aindeoин Righ a's Parlamaid,
 Gu 'n crunar Tearlach treubhach leibh.

'Sa 'n ealta' so tha sinte riut,
 Nach diobradh 'n am an fhuathais thu ;
 'N t-ard Fhrisealach gu dileas leat,
 Nach cumadh sld air fuairread uait ;
 Preas dosrach 's cha bu chrionach iad,
 Dhearrbh an gniomh air chruadalachd ;
 Fir dheas ro bhras am fior chleasan,
 Bhuidhneadh cis an tuasaidean.

Streang eile c' uime 'n díochuimhninn,
 Nach fagadh shios le eucoir thu ;
 Gu dualach, cuachach, sniomhanach,
 Gur borb ro rioghail treubhach iad ;
 Gu lannach, dughorm, targaideach,
 'Sa 'n argumaid 'nuair a dh' eireadh i,
 Clann Donuill gu treun gailbheach leat,
 Ge garbh an tir o 'n eighear iad.

'Nuair thainig spairn 'sa 'n Rioghachds' oirnn,
 Am *Piorat* co rinn tearnadh dhuinn ;
 Gu bheil sibh fhein cho chinnteach dheth,
 'S ged bhiodh e sgribht' air phaipeirean ;
 Gu 'n d' thug e 'n ionnsaidh dhichiollach,
 Mu 'm buinteadh cis aig namhaid oirbh ;
 'S gu 'n chuir e 'n ruaig gu fior-chleasach,
 An tim dhol sios 's na h *eidseachan*.

'Nuair chrom na laoich 'sa 'n anamoch,
 Bu neo clearbach sios gu foirmeil iad ;

Bu bheo na 'm feoil 's na 'm mail'ean iad,
 Bu gharg an gnìomh air cholgarachd ;
 'N am rusgadh lann a's fhaobhar duibh,
 Bha sgaoileadh an luchd chòtachan ;
 Bha maoim am fiadh ur namhaid,
 Leis na bh' air an sail 'ga 'n lorgaireachd.

Cha labhair mise tabhachd ort,
 Ach Dia mur gheard ann t eireadh leat ;
 Gu 'n deachaidh t-ainm air shabhalachd,
 Cha fada thall a's Eirinn uainn ;
 Gur gaisgeill, smachdail, laidir thu,
 Gu'n caisgte mearla 's eucoir leat ;
 Shir Eoighin oig a Cluainidh,
 Righ ! gu 'n cluinninn buaidh le céuta ort.

ORAN air a chall mhòr thachair ann an Gadhaig,
 fridh na 'm fiadh aig Diuc **GORDAN**, am Baid-eineach, ann am bliadhna, 1800.

AN nollaig mu dheireadh do'n chiad,
 Cha chuìr sinn i 'n cunntas na 'm mìos,
 Gu ma h-anamoch thig i rìs,
 Bù ghriomach a bhean tighe i.

Cha d'fhag i subholtach sinn,
 Cha d'fhuair i beannachd 'sa 'n tir,
 Cha d' tbainig sonas r'a linn,
 Ach mi thoilinntinn s an-schocair.

Sheid a ghaodh am fridh na 'm fiadh,
 Nach cualas a leithid riagh,
 Chuir i breitheanas an gniomh,
 A bha gun chiall gun fhathamas.

Dalladh a bhreitheanais chruaidh,
 Mhurt e fhein 's na bh' ann a shluagh,
 Bha Prionns' an athar mu'n cuairt,
 'S gu 'n d'fhuair e buaidh an latha sin.

Duisgibh mu 'm fas sibh liath,
 'S dluitheadh ur cas air an t-sliabh,
 Feuchaibh 'm bi air fasga' deant',
 Mu 'n d'theid a ghrian a luidhe uaibh.

Rinn sinn an cruinneacha fann,
 'S cha b'ann gu cluich air a bhall,
 Spionadh na 'n corp as an fhang,
 'N gniomh a bh'ann bu sgrathail e.

'S duilich leam ni eile th'ann,
 Air am bi moran a cainnt,
 Bha eirir na 'n corp air a cheann,
 Na dh' iompaich ann an plathadh iad.

Fhuair a cholunn a ceusadh cruaidh,
 'Sa ghleann dorcha 's nach robh truas,
 Mu 'n do thog na spioraid suas,
 Gu sonas buan na 'm flaitheibh iad.

Mur shaighdibh teine 'n cridhe 'n t-sluaigh,
 O 'n thog e chreach 'sa 'n an-uair,
 Ach cuiribh ur doigh am ful an uain.
 'S gu 'm faigh sibh 'n suaimhneas roimhjh biad.

Bha cruaidh fhortan dha 'sa 'n dan,
 Thionail e fear dheth gach sràid,
 Gu bothan nach do choisrig iad,
 Mu thoiseach snoaim na 'n clachairean.

Bu chruaidh an cath 'sa 'n seideadh garbh,
 As nach b' urrainn aon fhear falbh,
 Dh' innseadh cia mur chaith do 'n t-sealg,
 Dheth 'n laraich mharbh thoirt nuaidheachddhuinn.

'S coma cia mur thig am bas,
 Co dhiu 'sa mhùir na 'sa charn,
 Moladh sibhse Ti na 'n gràs,
 Gu bheil fear tearnaidh feitheadh ruinn .

Na tugaibhse breth lochdach luath,
 Air cia mur thainig an uair,
 'S ann o'n bhreithe mhor tha shuas,
 Gheibh sinn duais 'n ar n' abhagais.

Recruitigeadh dubh gun àgh,
 Cha robh e riagh leis ach na spairn,
 'S chuir e saltraigeadh dheth ainm,
 Bhios lu chd ainigidh 'g aithris air.

A chasg mìoruin a's droch sgeul,
 Tha trian m' orain-sa gu leir,
 'S tha teaghlaich Baile-chrothain fhéin,
 Cuir mo speis an aimhuras.

Gur h'-e 'n t-Oicheir dubh so bh' ann,
 Chuir e cul r'a thigh 's r'a chlann,
 Na'n tuiteadh e 'n cath na Fraing,
 Cha bhiodh a bhàs cho farranach.

Domhull MacFhiunnlaidh na 'm beann,
 Domhull na Tulaich a bh'ann,
 Le a lothainn ghasda gun fheall,
 A's Seumus Grannt a feitheadh air.

'S mor an iondrainn duibh è,
 An tim faothaid chuir 's gach beann,
 Eidear machair shios na 'n Gall,
 A's suas gu ceapn Strath-haragaig,

Bu ghill' e bheireadh spors do Righ,
 Le choin 's le ghunna gun chlith,
 Bha e conspuinneach 'sa 'n srith,
 'S bu mhìn 'sa ghabhail rathaid e.

Donnacha MacPharlain gun fheall,
 B'e deagh fhear an tighe bh'ann,
 Lamh fhoghainteach an srath sa'n gleann,
 Nach faiceadh call an atharaich.

Bu mhath leis pailteas m'a lajmh,
 'S cha b' ann gu fhalach air each,
 Air a sporan cha bhiodh snaoim,
 'Nuair thigeadh am a chaitheadh dha.

B' fhear spòrs e; còmuinn a's graidh,
 Ged thug e seal uainn air chall,
 Mu 'n d' fhas e odhar, anard chaich,
 Thug pailteas lamh gu cairidh e.

Bha Iain og a Fatharais ann,
 An geard a bhailie rinn e bearn,
 Ged thagadh e athair dall,
 Cha b' innisg ann 'sa bheathas' e.

Bha e og gu tighin m'a chainnt,
 Cha robh m'eolas air ach gann,
 Tha mi cluinntinn aig luchd daiinh,
 Gu 'm b' iondrain ann 'sa 'n talamhs' e.

Sguiridh mi thuireadh nach fhiach,
 Cha 'n urrainn mi tuilleadh chuir sios,
 'S don' an ceol do 'n nollaig i,
 Aig a mheud 'sa sgar i sinn.

'S lòn d'ar 'n anamaibh ar sìth,
 'S na h-ainmeannan fhaighinn sgríbht;
 'N oighreachd is gile na ghrian,
 Choisinn Righ na 'n aingeal duinn.

Gach neach tha 'gimeachd fo an spéur,
 Their gur h-e a neo-chiont fhein,
 Tha ga shaoradh o dhroch théum,
 Tha spiorad breig a labhairt ris.

Ach bruidhnidh 'n linn a thig a naird,
 Am mìle bliadhna so slan,
 Air a bhreitheanas so bh' ann,
 'Sa 'n sgrios a bh' ann 'sa chathadh ud.

A cheathrar a fhuair pronnadh chnamh,
 Tha 'n làtha tighin gun dàil,
 'Nuair dh' fhosglair leabhar na 'n gràs,
 Gu 'in faighear sabhailt fhathasd iad.

Gàdhaig dhubbh na 'm feadan fiar,
 Nach robh ach na stròpaich riamh,
 Na bana-bhuidsich ga 'n toirt 'sa 'n lion,
 Gach fear leis 'm bù mhiannach luidhe lead.

ORAN le BARBRA FRIOSAL, Dhùinidh, an uair
chaidh a cuir air imrich a Dùinidh, do dh' Acha-
naclaidhe, am braighe Aird Mhic Shimidh, an
deigh bàs a fir agus a mic bu shiñe.

Gu bheil mise gun tamh,
Gach aon oidhch agus là,
O'n chuir iad gu braighe bealaich mi.
Gu bheil mise, &c.

'S ged a ghoideadh mo nìth,
Cha dean mi riu strith,
O'n chuir mi 'sa chill na leanadh iad.
'S ged a ghoideadh, &c.

Na fir ghasda gun ghruaim,
Nach bu tais am beart chruaidh,
Ge b'e bheireadh rud uath' gu 'm b'aithreach dha.
Na fir ghasd, &c.

'Nuair a ruitheadh tu air falbh,
Cha bu ghealtach do cholg,
Gur tu bheireadh an lorg air bhealaichean.
'Nuair a ruitheadh, &c.

'Sa nuair a ghabhadh tu mu thamh,
Cha bu sgrubaire clair,
Gu 'n gleidheadh do chairdeas caraid duit.
'Sa nuair, &c.

'S bu tu 'm biataiche bùird,
Bhiodh gu math ri luchd dùthch,
'S nach gabhadh a mhùig ri aithnichean.
'S bu tu 'm biataiche, &c.

Bu tu m' aidhear 's mo mhiann,
 Dheth na chunnaic mi riamh,
 Fhir a chridhe 's e b' ainm dhuit Alasdair.

Bu tu m' aidhear, &c.

Gu 'n d'fhuair mi thu og,
 As a chlachan rium poist,
 'S na 'm biodh tu beo cha b'aithreach leam.

Gu 'n d'fhuair, &c.

Ach an samhradh na dhéigh,
 Fhuair mi buille ro ghéur,
 Chuir air m'uilinn mi' fhein 's gu'n d'fhan mi ann.

Ach an samhradh, &c.

Gu 'n do chaill mi mo sdiúir,
 'S mo chrann taic' anns gach cùis,
 Fear dheanadh mo thurnn gu'n do ghearradh uam.

Gu 'n do chaill, &c.

Bu tu 'n saighdeir bha garg,
 Ort a luidhe na h-airm,
 Bha do chlaidhe 's thu marbh an tarruing ort.

Bu tu 'n saighdeir, &c.

'N iongnadh mise bhi liath.
 'S ged a ghlasadhbh mo chiabh,
 'Nuair chuir mi 'n aon bhliadhna 'sa 'n talamh sibh.
 'Niongnadh mise, &c.

Ach a Chriosd ud tha shuas,
 Gabh ri mo leithid-sa truas,
 O'n is bean mi a fhuair a carachadh,
 Ach a Chriosd, &c.

Ma 'sa teann rium am bàs,
 Gabh ri m' anam-sa tlaths,
 'S cuir mo pheacaine 'n aite falaich uam.

Ma sa teann, &c.

**ORAN do fhear DHUNGALAIN, 's e bhi dol
 as an Rioghachd.**

GUR cràiteach a mheadhail,
 Tha 'n dràsd a tigh'n fodhainn,
 Ann an trath an fhoghair 's na buana.

Gur cràiteach, &c.

Fhuair mi sgeula mo sgàraidh,
 'S cha bu spreidh bha mi gearan,
 Ach do thoirt shir Dhungalain air chuan uainn.

Fhuair mi sgeula, &c.

Marcaich sunndach na 'n seang-each,
 Mor, cruidheach, gorm strannach,
 Thug thu 'n duthchas o d' shean'air an cruadal.

Marcaich sunndach, &c.

'Nuair a bhiodh tu 'n Dunéidionn,
 B'ann do t-fhasan 's do d' bhéusan,
 Bhi cuir bhòd a's geall réis ri daoin uaisle.

'Nuair a bhiodh, &c.

'Nuair a thigeadh tu dhachaidh,
 Gu Tur meadhrach a phailtis,

Bhiodh do ghilleann na 'n draip air an luaithead.
 'Nuair a thigeadh, &c.

Ach cha b' uileir dhuit dithisid,
 Dhol a riachadh dibhe,
 Anns an t-seomar an suidheadh na h-uaislean.
 Ach cha b'uileir, &c.

Gheibhte ceol as gach feadan,
 Ann ad sheomar mu fheasgar,
 A dheagh mhic 'Illeasbuig so għluais uainn.
 Gheibhte ceol, &c.

'Nuair bhiodh fang air na h-eāchaibb,
 Gheibhte branndaidh ga sgapadh,
 Anns a ghleann 'n tric a leag thu damh cluas-dearg.
 'Nuair bhiodh, &c.

Dh' olite fion leat gu frasach.
 'S tu gu 'n dīoladh e farsuing,
 Leis an lionadh bhà pailt mu do għuaillibh.
 Dh' olite fion, &c.

'S mi air taobh an Tom bhuidhe,
 'S goirt 's gur deurach mo shuidhe,
 'S tric na deoir a sruthadh le m' għruaidhibb.
 'S mi air taobh, &c.

Cumhadh an Alasdair phrīseil,
 Dh' fhalbh uainn as an Rìoghachd;
 'Se comisein a niħi-raith a fhuair e.
 Cuinhadh an Alasdair, &c.

'S truagh nach mise a dh' fhalbh leat,
 Ged nach pillinn do dh' Alba,

Mhic an fir 's mor a dhearbh a bhi uasal.
 'S truagh nach mise, &c.

'S ann a b' iosal am beachd leam,
 Do dh' fhear t-fhiamh agus t-fhasain,
 'Nuair a striochd thu bhi 'd Chaitpein air sluagh
 'S ann a b' iosal, &c. [dhoibh.]

'S na 'm biodh fios aig fir Shasunn,
 Am beachd meamnach bha t-aigne,
 'S ann a dheanadh iad Admaral cuain diot.
 'S na 'm biodh, &c.

'S ioma Diùc a ghabh beachd ort,
 Agus Baintighearn og thlachdmhor,
 Leis 'm bu mhiann thu bhi aic air a gualainn.
 'S ioma Diùc, &c.

'Nuair a rachadh tu t-éideadh,
 Fo bhreacan am féile,
 Gu 'm bu cheannard roimh chéud mile sluaigh thu.
 'Nuair a rachadh, &c.

Ged bu chruaidh 's ged bu chràiteach,
 Leinne goirteachadh Thearlaich,
 'S ann an diugh tha ar làraichean sguabte.
 Ged bu chruaidh, &c.

ORAN le fear Ionmhurchadain ann an Raineach.

Fonn.—Mile marbhaisg air an t-saoghal,
'S carach baoghalach a dhail, &c.

Ach na 'n d' thigeadh Tearlach Stiùbbhart,
Leis gu sunndach bhimid falbh ;
Dh' eireadh ar cridhe 's ar tiunnsgal,
Mar 'sa bhurn am bradan ban ;
Cha 'n eil gearasdan 'sa 'n dùthaich,
Nach biodh ciùirte dheth gun dail ;
'S bhimid paighte anns a phlunndrainn
'S anns an rusgadh rinn na Caim *.

Tha choir air leaghadh anns na criochan,
'S tha i iosal uile 'n drasd ;
Sinn g' ar leònadadh aig na biasdan,
Leis 'm bu mhiann ar slugadh slan ;
Ach 'nuair ruisgear riu na h-iaruinn,
Tha fo 's 'n iosal feadh na 'n carn,
Bidh ar cornaibh air an lionadh,
'S bidh iadsan sianail thun a bhais.

Ach 's leir a léus air Clanna' Ghaidheal,
A Pharlamaid so tha g'a 'n cradh ;
Gun airm, gun eideadh, gunn earrlaid ;
Gun a chearbog theid mu 'm màs ;
Ged rinn dioghaltas ar tearbadh,
'S earbasach mi gu bheil e 'n dan ;
Gu 'm bi sinn an uachdar le 'r feara-ghniomh,
'S dearganaich fo chis na 'n cnamh.

* The Campbells burnt his dwelling-house.

Mosglaibh uile gach treun-laoch,
 'S bithibh gleusda mar a b' àbhaist ;
 Mur thràillean na deanaibh geilleadh,
 Fhad 's bhios fuil n-ur séithean blàth ;
 Chuala' mi a bhi leughadh,
 Bharr air *Reumair*, ioma fàigh,
 Gu bheil curainean aig Séumas,
 Ni treubhantas an deigh bhi marbh.

Mosglaibh uile, gach duine,
 Anns a chumasg bithibh garg ;
 Deòrs a's Uilleam rinn ar guineadh,
 Sud na cuileinean gun dealbh ;
 Choidhch cha toir a chràin na 'n cullach,
 Am feasd buinig as ur n arm ;
 'S fuadaichibh a mhuc le gusgal,
 Marr-ri h-uircinean th' air fairg.

'N Righ ga dhiodainn a's a dhislean,
 Air an fhior-fhuil gu 'n robh sealbh ;
 Air crun Alba o linn Raibeart,
 A reir na 'n eachdrain is fearr ;
 Bidh cinn-fheadhnaidh 's iad gu greadhnach,
 Feadh do théaghlach 'sa *White-Hall*,
 Mur bhalla praise mu 'n cuairt duit,
 Cabhlach cruadalach air sail.

'Nuair a theid an crun mu 'n òigeir,
 'S lionmhор Mor-fhear bhios mu d' shàil ;
 Seanalairean le 'n campa 'n ordugh,
 'S iad gun sgur ag ol do shlaint ;
 Gloineachean ga 'n lionadh 's bòlaibh,
 Le fion or-chostach na spainnt,
 'S iad ga 'n aiseag sios air bordaibh,
 Measg an t-sloigh o laimh 'gu lainh.

ORAN DO CHLANN GHRIOGAIR 'n uair a bha 'n
ruaig orra, agus na coin dubha as an déigh ; an
tòir air tighin teann air pairt diubh gu tigh far
an do stad iad ghabhail trath beidh, ach leum
bean an tighe a mach gu ro thapaidh, agus
shuidh i aig taobh an rathaid, gabhail nuaidh-
eachd na toir, a deanadh an orain so, gu maille
chuir orra, gus an d' fhuair Clann Ghriogair a
mach air taobh cùil an tighe.

Fonn.—Mo nighean donn bhoidheach,
Bha buain an sfeor an de marr-rium, &c.

'S MI am shuidhe 'n so 'm ònar,
Air comhnard an rathaid ;
'S mi am, &c.

Dh' fheuch am faic mi fear fuadain,
Tighin o Chruachan a cheathaich.
Dh' fheuch am, &c.

Bheir dhomh sgeul air Clann Ghriogair,
No fios cion a ghabh iad.
Bheir dhomh, &c.

Cha d' fhuair mi da 'n sgeula,
Ach iad bhi 'n de air na Sraithibh.
Cha d' fhuair, &c.

Thall sa bhos mu Lochfine,
Mas a fior mo luchd bratha.
Thall sa bhos, &c.

Ann an Clachan an Dìseart,
 'G òl fion air na maithibh.

Ann an, &c.

Bha Griogair mor ruagh ann,
 Lamh chruaidh air chul claidhe.

Bha Griogair, &c.

Agus Griogair mor meadh nach,
 Ceanna feedhn' air luchd tighe.

Agus Griogair, &c.

Mhic an fhir a Straith-hardail,
 Bhiodh na baird ort a tathaich.

Mhic an fhir, &c.

'Sa bheireadh greis air a chlarsaich,
 'S air an taileasg gu h-aidhear.

'Sa bheireadh, &c.

'Sa sheinneadh an fhithioll,
 Chuireadh fiughair fo mhnathan.

'Sa sheinneadh, &c.

'Sann a rinn sibh 'n t-sitheann ananoch,
 Ann a gheleann an bi 'n ceathach.

'S ann a rinn, &c.

Dh' fhag sibh an t-Eoin boidheach,
 Air a mhointich na luidhe.

Dh' fhag sibh, &c.

Na starsnaich air féithe,
 'N déigh a reubadh le claidhe.

Na 'n starsnaich, &c.

'S ann a thog sibh ghreigh dhùghorm,
O luban na h-abhunn.

'S ann a thog, &c.

Ann am bothan na dige,
Ghabh sibh dion air an rathad.

Ann am bothan, &c.

Far an d' fhag sibh mo bhiodag,
Agus crios mo bhuilg shaighead.

Far an d' fhag, &c.

Gur i saighead na h-araich,
So tharmaich am leathar.

Gur i saighead, &c.

Chaidh saighead am shliasaid,
Crann fiar air dhroch shnaitheadh.

Chaidh saighead, &c.

Gu 'n seachnadhbh Righ na 'n dul sibh,
O fhùdar caol neinihe.

Gu 'n seachnadhbh, &c.

O shradagan teine,
O pheileir 's o shaighead.

O shradagan, &c.

O sgian na roinn caoile,
'S o fhaobhar geur claidhe.

O sgian na 'n, &c.

'S ann bha bhuidheann gun chòradh,
Di-domhnaich 'm braigh bhaile.

'S ann bha, &c.

'S cha dean mi gàir éibhinn,
 'N am éiridh no luidhe.

'S cha dean mi, &c.

'S beag an t-iongnadh dhomh féin sud,
 'S mi bhi 'n deigh mo luchd tighe.

'S beag an t-iongnadh, &c.

CUMHA le nighean do Dhonnacha dubh, Moir-fhear Bhraigh-dealbunn, an uair a thug a h-athair, agus a brathair an ceann deth a fear, Griogair Mac Griogair, agus a ciad leanabh air a glùn.

MOCUH maduinn air la lunasd',
 Bha mi sugradh mair-ri m' ghradh ;
 Ach mu 'n d' thainig meadhon latha,
 Bha mo chridhe air a chradh.

Ochain, ochain, ochain uiridh,
 'S goirt mo chridhe laoigh,
 Ochain, ochain, ochain uiridh,
 Cha chluinn t-athair ar caoidh.

Mallachd aig maithibh 's aig cairdean,
 Rinn mo chradh air an doigh ;
 Thainig gun fhios air mo ghradh-sa,
 'Sa thug fo smachd e le foill.
 Ochain, ochain, &c.

Na 'm biodh da fhear-dheug deth chinneach,
 'S mo Ghriogair air an ceann ;
 Cha bhiodh mo shuil a sileadh dheur,
 No mo leanabh fein gun daimh.

Ochain, ochain, &c.

Chuir iad a cheann air ploc daraich,
 'S dhoirt iad fhuil mu lar ;
 Na 'm biodh agam-sa 'n sin cupan,
 Dh' olainn d'i mo shadh.

Ochain, ochain, &c.

'S truagh nach robh m' athair an galar,
 Agus Cailein ann am plaigh ;
 Ged bhiodh nighean * an Ruthainaich,
 Suathadh bas a's lamh.

Ochain, &c.

Chuirinn Cailein liath fo Ghlasaibh,
 'S Donnacha dubh an laimh ;
 'S gach Caimbeulach th'ann am Bealach,
 Gu giulan na 'n glas lamh.

Ochain, &c.

Rainig mise réidhlein Bhealaich,
 'S cha d' fhuair mi ann tamh ;
 Cha d' fhag mi ròinn do m' fhalt gun tarruing,
 No craiceann air mo laimh.

Ochain, &c.

'S truagh nach robh mi 'n riochd na h-uiseig,
 Spionnaidh Ghriogair ann mo laimh ;

* Her mother.

'S i chlach a b'airde anns a chaisteal,
 Chlach a b' fhaisg do 'n bhlar,
 Ochain, &c.

'S truagh nach robh Fionnlairg na lasair,
 A's Bealach mor na smal,
 'S Griogair ban na 'm basa' geala,
 Bhi eidear mo dha laimh.
 Ochain, &c.

'S ged tha mi gun ubhlan agam,
 'S ubhlan uil' aig cach ;
 'S ann tha m' ubhal cùraidh grinn,
 A's cul a chinn ri lar.
 Ochain, &c.

Ged tha mnaithibh chaich aig baile,
 Na 'n luidhe 's na 'n cadal seimh ;
 'S ann bhios mis' aig bruaich mo leapa,
 A' bualadh mo dha laimh.
 Ochain, &c.

'S mor a b' annsa bhi aig aig Griogair,
 Air feadh coille 's fraoich ;
 Na bhi aig Baran crion na dalach,
 Ann tigh cloich a's aoil.
 Ochain, &c.

'S mor a b' annsa bhi aig Griogair,
 Cuir a chruidh do 'n ghleann ;
 Na bhi aig Baran crion na dalach,
 'G ol air fion 's air leann.
 Ochain, &c.

'S mor a b' annsa bhi aig Griogair,
 Fo bhrata ruibeach ròinn ;

Na bhi aig Baran crion na Dalach,
Giulan siod a's sròil.

Ochain, &c.

Ged bhiodh cur a's cathadh ann,
A's latha nan seachd sion ;
Gheibheadh Griogair domh-sa cnagan,
'Sa 'n caidlimid fo dhlon.

Ba hu, ba bu, asrain bhig,
Cha n' eil thu fhathasd ach tlath,
'S eagal leam nach tig an latha,
Gu 'n diol thu t-athair gu brath.

ORAN gaoil, le duin' uasal araid.

Fonn.—“ Neil Gow's Strathspey.”

LUINNEAG.

Mo chaileag bhian-gheal, mheall-shuileach,
A dh' fhas gu fallain, fuasgait,
Gur trom mo cheim o 'n dhealaich sinn,
Aig Clachan Ghlinndarua'il.

Di-donaich rinn mo cho' lachadh,
Bean og is mòthair gluasad,
Tha 'guth mar cheol na sméòraiche,
'S mar bhile 'n ròis a gruaidhean.

Mo chaileag, &c.

'N uair b' fhileant' bhriathra' mhinisteir,
 A fiosrachadh mu 'r truailleachd ;
 Bha mise coimhead durachdach,
 Na seirc' tha d' shùil neo-luainach.

Mo chaileag, &c.

Cha suaimhneas oidhch' air leabaidh dhomh,
 Ga t-fhaicinn ann am bruadar ;
 'S am Biobull fein cha laimhsich mi,
 Gun t-iomha' ghraidh ga 'm bhuaireadh.

Mo chaileag, &c.

Ged shuidheas Cléir na tire leam,
 'S mi sgriobhadh dhoibh le luath-laimh ;
 'S ann bhios mo smuainte diomhaireach,
 Air Sine dhonn a chuach-fhuilt.

Mo chaileag, &c.

'S caoin a seang slios furanach,
 Neo-churi * a ceim uallach ;
 Tha 'gairdean ban gle chumachdail ;
 'S deud lurach n' a beul guamach.

Mo chaileag, &c.

'S ro fhaicilleach 'n a comhradh i,
 Gun sgilm, gun sgleo, na tuaileas ;
 Gur flathail coiseachd sraide i,
 Air bheagan stàit na guaineis.

Mo chaileag, &c.

Ged bheireadh DEORSA aite dhomh,
 Cho ard 's a tha measg uaislean ;

* Neo-churi'—Gentle.

Air m' fhacal 's mor a b' fhearra leam,
Bhi 'n Coir-chnaimh ri buach'leachd.

Mo chaileag. &c.

O 's truagh nach robh mi 's m' ailleagan
Air Airi cois na 'n 'm fuar-bheann!

Bu shocair, seimh a chaitilinn,
'S i m' achlais, air an luachair.

Mo chaileag, &c.

Ach 's eagal leam le m' cheileireachd,
Gu 'n gabh an seisein gruaim rium :
Ged fhog'ras iad do 'n Tolaint mi,
Ri m' bhèo cha toir mi suath dhuit:

ORAN le gille bha aig duin' uasal, agus e air fo-garadh, an deigh nighean a mhaistir fhaotainn torrach, agus bag'ràdh bhi air, gu a thilgeadh.

OCH na 'n och mar a ta mi,
'S mi gu brath aig a mhulad
Mur a furtach thu trath orm,
Gu 'n d' fhag thu mi 'n cunntart
Aig a mheud 'sa thug mi ghaol duit,
'S nach d' fhaodar a chumail
'S truagh a Righ nach b'e 'm bas domh,
Air na traighibh gun fhuireach.

'S truagh a Righ nach bu bhas domh,
'N uair bu phaistein beag og mi,

Mu 'm facas bean t-aogais,
 Nach d' fhaodar a phosadh,
 Troigh chruinn am broig chumhainn,
 Ga 'm bu chuibhe bhi sporsail,
 Fo d' chalpanna' min-gheal,
 Nach islich am feòirnein.

'S maирг nach seallamh roimhe,
 Air na mnathan ga 'm boidhchead,
 Mu 'n gabhadh iad a pheacadh,
 An cuir seachad le goraidh,
 Tha bhuaидh sin air fad orr,
 Bhi gu socharach gorach,
 'S e fhuair mi mar thochar,
 "A chroich no gabh fog'radh."

Tha mo mhaistir priseil,
 Fo mhi-ghean 's an uair so,
 Cha d' theid mi 'n a sheallamh,
 Ma 'n rughaich a ghruaidhean,
 Gur h-e sgeula na dunaidh,
 Fhuair sinn uile 's an uair so,
 'S ann a dh' iarr e le gradaig,
 Mo spadadh le lusathe.

'S maирг nach giùlain' an copan,
 Gle shoc'rach 's e dearr-lan,
 'S ionunn sin 's mar rinn mise,
 Gus 'n do bhris mi fhein bearn as,
 Gur h-e ro-mheud an uaigneas,
 Thug do 'n ionragan mearladh,
 Bhi mu bhruachan do leapa,
 Chuir mi fada o m' chairdean.

Cha d' theid mi do 'n chaisteal,
 Na 'n taice ri 'm failteachd,

Bidh piob ann, bidh fithioll,
 Bidh damhs ann, bidh clarsach,
 Cha 'n eil ceol tha fo 'n adhar,
 Nach bi feitheadh mo ghradh-sa,
 'S truagh a Righ gun bhi marr-riut,
 Gheung na 'm meall-shuilean tlatha.

Thig an samhradh 'sa bhruthainn,
 Thig a chubhag 'sa chéitein,
 Thig gach eun bhar na mach'rach,
 'S iad an taice ri cheile,
 Gheibhte ceol ac' air chrannaibh,
 'S air bharraibh na 'n geugan,
 Ach tha mo ghruidhean-s' air seachdad,
 'S nach faic mi bean t-eugais.

ORAN allabain suireadh ; Le Piopaire fior
 Ghlinn-Alladail.

SEISD.

Thug mi 'n oidhche raoir sa 'n àiridh,
 Thug mi 'n oidhche raoir 'sa 'n àiridh,
 Thug mi 'n oidhche raoir gu caoineil,
 Marr-ri maighdionnn na h-àiridh.

Mile marbhaisg air an t-suireadh,
 'S bochd le neach da 'n d'theid i iomrull,
 Bidh inntinn fo lan iomaguin,
 Gluasad cho simblidh ri mearlach.

Thug mi 'n, &c.

Oidhche dhomh 's mi 'm bun na tire,
 'S mi goirid o bheagan nionag,
 'Smaointich mi gluasad os 'n iosal,
 Nochdadhbh mo bhriodail le gradh dhoibh.

Thug mi 'n, &c.

Nuair rainig mi tigh an Dunain,
 Bha chomhla ac' air a deagh dhunadh,
 'Sa dh' aindeoin m' eolais a's mo thuir,
 Gun thoisich na goid chuil ri rànaich.

Thug mi, &c.

Labhair mo chompanach runach,
 Dean stad 's feuchaidh sinn cleas ur dh' i,
 Faigh thusa boiseag dheth 'n bhurn,
 'S gu 'n cum sinn na lùdagan samhach.

Thig mi, &s.

Fhuair sinn stigh gun dad uamhainn,
 'S bha sinn farasda n' ar gluasad,
 Rainig sinn leaba na 'n gruagach,
 'S chuir mi fhin le stuaim mó lamh orr'.

Thug 'mi, &c.

Thuirt i riùm, na tig ni 's faide,
 'S leanabh te eile am achlais,
 Cha 'n eil rum agad fo 'n phlaide,
 'S bi tilleadh dhachaidh mur thainig.

Thug mi, &c.

Thuirt mise, na bi cho doichiollach,
 Fuirich gu siobhalta socrach,
 Dad a mhlo-mhodh dhuit cha nochd mi,
 Gus 'n eirich thu moch a maireach.

Thug mi, &c.

Thuirt i, ma ta cuir dhiot t-aodach,
 Bheir mise nochd mo leith-taobh dhuit,
 Air eagal 's gu 'n dean thu m' aoireadh,
 'S cha 'n ann air son gaol do mhanrain.

Thug mi, &c.

Mu n' d' fhuair mi mi fhin gu socrach,
 Ciod a rinn am paist ach mosgladh,
 'Sa nuair a ghrios mi e bhi tosdach,
 'S ann theann e 's droch-uair air ranaich.

Thug mi, &c.

Thuirt bean an tighe le dearras,
 A chlann a chum mi am chaithris,
 Ar leam gu 'm feumadh sibh anail,
 Gur siùblach ur teanga le Gailic.

Thug mi, &c.

Chuir a briathran mi o thapadh,
 Eidear seorsa naire 's gealtachd,
 'S cha robh driuchd a bha roimh 'm chraicionn,
 Nach cuireadh cnag air an lar dheth.

Thug mi, &c.

Dh' eirich i ionunn 'sa bhi ruisgte,
 'S theann i ri lasadh a chrùisgein,
 'S mu 'n d' fhosgail i ceart a suilean,
 Bha mis air taobh cuil na fardaich.

Thug mi, &c.

Ach flir tha fuireach 'sa bhaile,
 Giùlain mo shoraidh gu Anna,
 'S innis d' i gu 'n d' d' rinneadh ealaidh,
 Do 'n luchd faire bh' air an àiridh.

Thug mi, &c.

ORAN a tabhairt comhairl' air na h-igh'nean òga;
Le Sileas nighean Mhic Raoghnuil.

Fonn.—Mi shuidhe 'm ònar, air tulach bhoidh-each, &c.

'S mi 'n toiseach m' aimsir, 's m' uigh ri bargan,
Gu 'n robh mi 'n earbsa nach cealgte orm ;
Cha chomhradh clearbach, air ro bheag tairbhe,
O thus mo leanbaidh so chunntadh orm,
Nis o 'n chi mi cor na 'n daoine,
Le 'n comunн gaoil 's gur faoin an gloir ;
Cha chreid an saoghal aig meud an saoiread,
Nach eil gach aon diu air aon chainnt beoil.

Le teangaидh leacaich, na 'm briathran tearca,
'S e goraich fhacal thug sachd dom leon ;
Gu bheil mi 'g altrum, fo m' thaobh na tacaid,
Rinn mo ghlacadh, 's mo ghreas' fo 'n fhoid ;
Mar shamhla dha sud, mar ghaoidh a mhait ud,
O thraighe gu traigh, 's nach taobh i seor ;
'Nuair gheibh e mhiann d' i, gun toir e bhriathran,
Nach fhac e riamh i, 's car fiar na shroin.

Gach fear dhiubh thriallas a dhol a dh' iarruidh,
Na mnatha 's miann leis a bhi da reir ;
Gur cailin suairc i, nach leig a stuamachd,
Dhol an uaigneas le fear fo 'n ghrein,
Mur shamhla bhà sud, a bhrigh a nàire,
Dhol na 's daine na manran beul ;
Bheir fear gun riaghailt, 'n sin a bhriathran,
Gu 'n robh i fialaidh 's nach b' fhiach a beus.

Ach fheara' oga, cia mor ur boilich,
 Gu 'm b' aithne dhomhsa cus mor da 'r gnas ;
 Gu barrail boidheach a tigh 'n am chomhail,
 Le 'r teangaidh leomaich 's le 'r comhradh bath;
 Ach ceanglar geall leibh an aodann goraig,
 'S mur bi i eolach gu 'n gabh i e ; .
 'Nuair bhios e stoilte, 'sa gheibh e coir dh' i,
 Gu 'm bi ochòin aic an lorg bhi bàth.

A mhairi dheud-gheal an fhuilt theud bhuidh,
 Gleidh do cheutfai fo d' cheud bharr ur ;
 Na creid breugan no deacair sgeula,
 Ged thig fear ceum air do dheigh sa chùil ;
 A dh' aindeoin uaignis 's raspars uasal,
 Na leig e 'n uachdar air cruas a ghluin
 Ach cum e 'n iochdar ge b' oil le fhiacaill,
 Mur toir e bhriathran gur fiach leis thu.

Bha mi uair 'nuair bha mi 'm ghruagaich,
 Gu 'm faighinn uaigneas gun fhios do chach ;
 Mur shamhla bruadair a bhi g'a luaidh rium,
 Gun fhios cia a bhuanachd ach buaidh mur ghna ;
 An gealla' gle-mhor a gheibhinn fhein uapa,
 Chor 's nach treigeadh iad mi gu brath ;
 Nis is leir domh na rinn mi dh' éucoir,
 'N deigh na dh' eisd mi da 'm breugan bath.

A nighean cheillidh na creid fhein,
 'N car fo 'n sgeith bhios ann na 'n gradh ;
 Cha n' eil e 's t-saoghal nach creid an saoiread
 Ach neach a dh' fhaodadh a chaochla' ràdh ;
 Iarr an intinn mur is cinnte,
 A's eirig aotrom na ghaol thoir dà ;
 Sa dh' aindeoin fhocail, sa bhreugan brosguill,
 Na dean do luchd leis an t-sochair bháth.

Nach faic thu oigeir na 'm meall shuil boidhch,
 Le theangaidh leomaich, 's e labhairt rium ;
 Mur mhil a phògan air sgath an reota,
 Le chorra-cheann spòrsail an or fhuilt duian ;
 Chlann na eisdibh, ri 'n gloir gun eufachd,
 'S na tugabh geill d' a 'n sméadadadh sul ;
 'S gur h-aobhar reusain choidhch an treigsinn,
 'S ann aca fhein tha gne na 'n lub.

ORAN GAOIL.

A CHUACHAG na 'n craobh, nach truagh leat mo
 chaoidh,
 'G osnaich ri oidhch cheothar ;
 Shiubhlainn le m' ghaol, gu urlar na' n craobh,
 Gun duin, air an t-saoghal fheoraich ;
 Thogainn mo ghaol ri monadh an fhraoich,
 Mo leaba ri taobh dòruinn,
 Do chrutha geal caomh sinte ri m' thaobh,
 'S mise ga d' chaoin phogadh.

Chunnaic mi fein, aisling 's cha bhreug,
 Dh' fhag e mo chridh bronach ;
 Fear marr-ri te a pògadh a beul,
 Briandail an deigh posaidh,
 Dh' uraich mo mhiann, dh' atharaich mo chiall,
 Ghuil mi gu dian deonach ;
 Cha robh cuisle no féith, 'n uachdar mo chleibh,
 Nach do bhrosnaich gu leum comhluath.

Ort tha mi 'n geall, chaill mi mo chonn,
 Maille àm aosaid ;
 Thogainn ort fonn, gu soimhe, 'gheal donn,
 A's ghabhainn ort am eiginn ;
 Thiginn ad dhail, ghleidhinn ort fath,
 Bhithinn a ghraidih reidh 's tu ;
 Mulad gach la, sior thigh'n am dhail,
 'S mis th' air mo chradh mu d' dheighinn.

Thuit mi le d' ghath, mhill sud mo rath,
 Striochd mi le neart dòruinn ;
 Saighdean do ghaoil, saitht' anns gach taobh,
 'Sa thug dhiom gach caoin còmhluth,
 Mhill diom mo dhreach, striochd dhiom mo neart,
 S mheudaich e gal bròin domh ;
 'S mur fuasgail e tràth, le t-fhuran 's le t-fhàilt,
 'S cùideacha, bàis dòmhs' e.

Mallachd an tus, aig a mhnaoi ghlùin,
 Nach do mhuch anns a chuil og mi ;
 Mu 'n do ghabh mi ort iùl, ainnir dheas ur,
 'S nach dùraichd thu 'n tus pòg dhomh ;
 Tinn gun bhi slan, dusg' as mo phramh,
 Cuimbneachadh dàn posaidh ;
 Mo bheannachd ad dheigh, cheannaich thu fein,
 Le d' leannanach gle og mi.

Cairibh gu geur, clach agus creith,
 Mu m' leabaiddh-sa bhrigh uaisle,
 'S fad tha mi fein a feitheadh ort fein,
 'S nach togair thu gheug suas leam ;
 Na m' bu tusa bhiodh 'n teinn, ainnir dheas threun,
 Rachainn-sa gheug suas leat ;
 Ach 's goirid an dail, gus am faic sibh an la,
 'M bi prasgan mu bheul 'm uaigh-sa.

'S tu 's cama-lubaich falt, fanna-bhuidh na 'n
cleachd,

'S fabhradh na 'n rosg àluinn ;
Sùil chorragh ghorm chaoin, broilleach mur aol,
Mhill diom gach caoin shlainte,
Gus an cuir iad mi steach, an ciste fo lic,
Bidh mi fo neart cràidh dheth,
Le smuaintean do chleas, 's do shugraidh mu
seach,
Fo dhuillreach na 'm preas blàthmhor.

'S tu 'n ainnir ghlan reidh, is craobhaich fo
bhreid,

Suil air dhreach airneag,
Ghiulaineadh breid, uallach gu feill,
'S uasal an reul aluinn,
Ach 'struagh gun an teud, tha 'n uachdar mo
chleibh,
Gad bhualadh-sa 'n ceud aite ;
Na 'm faighinn thu fein puiste o 'n chleir,
B' fhasa dhomh fhein tearnadh.

'S tu 'n ainnir tha grinn, fileanta binn,
Le d' cheileire binn oran ;
Ged fhaighinn ort fath cha rachainn ort dàn,
'S ann agad tha ghnuis aluinn,
Gur gile do bhian, na 'n sneachd air an t-sliabh,
Do mhulad a lion trath mi ;
Tha saighead do ghaoil annam 's gach taobh,
'S cha labhair mi choidhch dàn duit.

'S tric mi gun dail, cuimhneach' a ghraidh,
Car tamull mar bha do dheigh orm ;
Glac misneach sa nuair, 's tu fhein tha mi luraith,
A choidhch gus an gluais eug mi ;

Caol mhala gun ghruaim, cha 'n fhaigheadh tu
 'm fhuath,
 Do mhulad chuir an luaths aois orm ;
 Do phearsa dheas ùr, cha chuirinn air chùl;
 Ged fhaighinn ri phùsadh Iarla.

Cas a dhireadh na 'n stùc leis a ghunna nach
 diult,
 Bhiodh fuil air an driuc mu 'n eirinn ;
 Le d' mhiolchona seang, air lothainn ad laimh,
 Bhiodh puthar air eoin 's air feidh ann,
 Gheibhte sud aig mo ghaol, coileach bhar geig,
 Mu 'm biodh air fear eile a leine ;
 'S e thaghainn dhomh fein, deagh shealgair an
 fheidh,
 'S cha 'n fhaicinn e choidhch na eiginn.

Cul buidh' ort mur or, blas meal air do phoig,
 Cha ghabhainn ort òr no feudail ;
 'S tu ceist na 'm ban ur, nach caidleadh sa 'n
 smur,
 'Sa mhaidinn 'n am tus eiridh ;
 Gur guirme do shuil, 's maiseach do ghnuis,
 'S tlachdmhor air tus daoin thu ;
 Le d' bhreacan deas ur, paisgte mu d' ghlun,
 Cha 'n fhaca mo shuil t-éugas.

T-eugas ri luaidh, m' eudail do 'n t-sluagh,
 Cha d' thugainn duit fuath na 'm feudainn ;
 Cha luidhe orm aois na 'm faighinn mo ghaol,
 Poiste le deoin cleire ;
 M' ulaidh 's mo mhiann, m' aidhear 's mo chiall,
 Caol mhala o 'm fèidh 'n tig gaire ;
 Cha 'n eil e fo 'n ghrein, na thaghainn ad dheigh,
 Na 'm bithinn an deigh t-fhagail.

ORAN air latha Sliabh an t-Siorram ; Le Sileas
 Nighean Mhic Raoghnuit.

Dh' innsinn sgeula dhuibh le réusan,
 A b' fhiach dhuibh eisdeachd anns an am ;
 Bhi murt a cheile a leith Rig Shéimis,
 Agus e fhein bhi anns an Fhraing ;
 Mu dheighinn Dheorsa, cha n' eil ann ach bocan,
 Ged chuir an storas an crun m'a cheann ;
 Mu 'n d' thig an lunasdal, lagaidh chuis air,
 'S theid a sgiursadh a null do 'n Spainnt.

Moch di-sathuirn, air uachdar Ardacha',
 Gu 'n robh ar bragadaibh a tigh'n n' ar coir,
 Fhuair sinn sgeula mu bheul an anamoich,
 Gu 'n robh ar naimhdean ceart lamh r' ar laimh ;
 Sinn dhol air aghairt, a ghabhail fradhairc,
 Gu baile laoghach a thachair oirnn ;
 Far.'n d' rinn Clann Donuill an greadan dòithte,
 Air 'n arbhar bhoidheach bh' anns an lainn.

Moch di-domhnaich a dol an ordùgh,
 Bu lionar srol bha 'ga 'n cuir ri crann ;
 Fhuair sinn ordugh na breacain fhagail,
 'S cha b' ann do 'n t-searmain a ghluais a chlann ;
 Gach fear bu luaithe a's fhuil'na ghruaiddhibh,
 'S iad na 'n cruaidh cheim suas an carn ;
 Co thachair oirnne a tighin n' ar comhail,
 Ach luchd na 'n goirseid 's nan cota dearg.

Chaidh Clann Dònuill 'n sin an òrdugh,
 'S Clann 'Illeain nan ròiseol ard ;
 Sgiob' Bhraidealbunn, a bhratach bhallabhuide ;
 Bu bhuidheann ainmeil sud aig Marr ;
 'Nuair a ruisg iad na lannan dùghorm,
 Bha fuil 'ga sputadh ar feadh a bhlair,
 Bu lionar spainnteach 'sa cheart am sin,
 Ga cuir an sàs ann an cota dearg.

Theich Moir-fhear Hunndaidh, nan each cruidh-each,
 'N coinne a rumbuill as a *ranc* ;
 Iarla Siophort nan each prìseil,
 Bu nàr ri innse mur dh' eirich dhà ;
 Lochiall 'sa mhuinntir a's Mac Iain Stiùbbhart,
 'S Tighearna Struthain o 'n t-Slios gharbh ;
 Cho cheart 'sa 's beo mi 'sa 'n ath chomhail,
 Dh' aindeoin Dheorsa gu 'n gearr iad cnaimh.

Mhic 'Ic Alasdair na feileachd,
 Bu lamh fheum thu anns gach cas ;
 Leat bu taitneach bhi 'sa 'n t-seorsa,
 Leat bu deonach bhi dol na 'n dail ;
 Chaill thu iteag chul na sgéithe,
 'N t-seobhag treun nach d' éur adbhangs ;
 Mac Mhic Ailein, oighre Mhuideart,
 Marcaich sunndach nan each seang.

Dh' fhalbh a choir a's thain' an eucoir,
 'S anhäirc fhein a deigh an t-sluaigh,
 Tha Tomas ag innse ann na fhaistinn,
 Gur Clanna Gaidheal a bhuidhneas buaidh,
 Bidh fallas fala air gach mala,
 Cur a chatha thall aig aig Cluaith ;

Ni Sasunn striochdadadh ge mor an inntleachd,
Dh' iarruidh sith air an Righ tha uainn.

Bha mi miomhail, a's rinn mi diochuimhn,
'S bu choir domh innse anns an am,
Na 'm biodh Iain Bhraidealbunn, na leith-chiad
bliadhna,
'S na bha Fhrangaich aige fhein,
'Nuair a rinn sibh an seasamh suarach,
A's moran fuachd oirbh air an fheur;
Cha deachaidh muinntir Dheorsa, g'a 'n aite
comhnuidh,
Gun an toireachd bhi air an déigh.

ORAN air latha Chuileodair ; Le Coirneil Ruagh
Stiubhart Chinne-Chairdein,

O ! gur mis' th' air mo chràdh,
Thuit mo chridhe gu làr,
'S tric snithe gu m' shàil o m' leirsinn.
O ! gur mis', &c.

Dh' fhalbh mo chlaistinneachd uam,
Cha chluinn mi 'sa 'n uair,
Gu mall na gu luath ni 's eibhinn.
Dh' fhalbh mo, &c.

Mu Thearlach mo ruin,
Oighre airid a chruin,

'S e gun fhios ciod an tùbh gu 'n d' theid e.
Mu Thearlach, &c.

Fuil rioghail na 'm buadh,
Bhi 'ga diobairt 's an uair,
'S mac diolain le a shluagh ag éiridh.
Fuil rioghail, &c.

Siol na 'n cuilein a bha,
Ga 'n ro mhath chinnich an t-al,
Chuir iad sinn' ann an cas na h-éiginn.
Siol na 'n cuilein, &c.

Ged a bhuanndach sibh blar,
Cha b' ann d' ur cruadal a bha,
Ach gun ar shluaghainn bhi 'n dail a cheile.
Ged a bhuanndach, &c.

Bha iad iomadai' uainn,
Do gach fine mu thuath,
'S bu mhiste sinn' e ri uair ar féuma.
Bha iad, &c.

Coig brataichean sròil,
Bu ro mhath chuireadh an lò,
Gun duine dhiubh chòir a chéile.
Coig brataichean, &c.

Iarla Chrombaidh le shlòigh,
Agus Barasdal òg,
'S Mac Mhic Ailein le sheoid nach geilleadh.
Iarla Chrombaidh, &c.

Clann Ghriogair na 'n Gleann
Buidheann ghiobach nan lann

'S iad a thigeadh a nall na 'n eight' iad.

Clann Ghriogair, &c.

Clann Mhuirich na 'm buadh,

Iad-san uile hhi uainn,

Gur h-e sud m' iomadan truagh r'a leughadh.

Clann Mhuirich, &c.

A Chlann Donuill mo ghaoil,

'Ga 'm bu shuaithcheantas fraoch,

Mo chreach uile nach d' fhaod sibh eiridh.

A Chlann, &c.

An fhuil uaibhlreach gun mheang,

Bha buan cruadalach ann,

Ged chaith ur bualadh an am na téugbhail,

An fhuil, &c.

Dream eile mo chreach,

Fhuair an laimhseacha' goirt,

Gu 'n cinn am Frisealach gasda treubhach.

Dream eile, &c.

Clann Fhiunnlaidh Bhraidih-Mharr,

Buidheann theannsgalach gharg,

'Nuair a ghlaoideadh adhbhans' 's iad dh' eireadh.

Chlann Fhiunnlaidh, &c.

Mo chreach uile 's mo bhrón,

Na fir ghasd' tha fo leon,

Clann Chatain an t-sroil bhi dhéi-laimh.

Mo chreach uile, &c.

Chaill sinn Donull donn suairc,

O Dhùn Chrombaidh so shuas,

Marr-ri Alasdair ruagh na feile.
Chaill sinn, &c.

Chaill sinn Raibeart an eigh,
'S cha bu sgrubaire e,
Measg chagnadh lann, a's bhéigneid.
Chaill sinn, &c.

'S ann thuit na rionnagan gasd;
Bu mhath aluinn an dreach,
Cha bu phraigheadh leinn mairt na 'n éirig.
'S ann thuit, &c.

Air thus an latha dol sios,
Bha gaodh a cathadh nan sion,
As an adhar bha trian na réidhте.
Air thus, &c.

Dh' fhàs an talamh cho trom,
Gach fraoch fearunn a's fonn,
'S nach bu chothrom dhuinn lom an t-sleibhe.
Dh' fhas an talamh, &c.

Lasair theine ná 'n Gall,
Frasadh pheileir mu 'r ceann,
Mhill sud eireachdas lann 's bu bheud e.
Lasair, &c.

Mas fior an dana g'a cheann,
Gu 'n robh Achan 'sa champ,
Dearg mhearlach nan raud 's na 'm breugan.
Mas fior, &c.

'S e sin an Seanalair mor,
Gràin a's mallachd an t-sloigh,

Chreic e onoir 'sa chleochd air eucoir:

'S e sin an, &c.

Thionndaidh e choileir 'sa chleoc,
Air son an sporain bu mhò,
Rinn sud dolaidh do sheoid Righ Sheimis.

Thionndaidh, &c.

Ach thig cuibheall an fhortain mu 'n cuáirt,
Car o dheas na o thuath,
'S gheibh ar 'n eas-caraid duais na h-eucoir.

Ach thig, &c.

'S gu 'm bi Uilleam Mac Dheòrs',
Mur chraoibh gun duilleach fo leon,
Gun mheur, gun mheangan, gun mheoran géige.

'S gu 'm bi, &c.

Gu ma lom bhios do leachd,
Gun bhean, gun bhrathair gan mhac,
Gun fhuaim clarsaich gun lasair chéire.

Gu ma lom, &c.

Gun sòlas, sonas, no seanns,
Ach dòlas dona mu d' cheann,
Mur bha air ginéalach clann na h-Eiphit.

Gun solas, &c.

A's chi sinn fhathasd do cheann,
Dol sa 'n adhar ri crann,
'S eoin an adhair ga theann réubadh..

A's chi sinn,

'S bidh sinn uile fa-dheòidh,
Araon sean agus og,
Do 'n Righ dhligheach 'ga 'n coir a' géilleadh.
'S bidh sinn, &c.

ORAN a bhranndaidh ; Le Coirneal Ruagh Stiùbh-art Chinne-chairdin.

Fonn.—Wha wad na' be in love
Wi' bonie Maggy Lauder, &c.

MILE marbhaisg air a ghoraich,
'S maирg a dh' oladh branndaidh,
Lionaidh e lan gaoidh a's bosd sinn,
'S mor a bhios do chainnt uime ;
'S ionunn sin 's mur dh' eirich dhomhsa,
Rinn mi ol 'sa ghleann so ;
'S ann a leig e air mo bhuaireadh,
'S bhual e anns a cheann mi.

Ciod sa 'm bith a mhathas mise,
Do dhaoine glice coire ;
Cha mhathainn bheag idir do bhalach,
Ged bhiodh earras mor aige ;
Cha mhathainn mhac bodaich mo bhualadh,
Ged bhiodh buaile bho aige ;
Gloir do 'n Righ tha air a Chathair,
Gu 'n d' thug e paidhir dhorn domh.

Cia mar dh' fhaodainn gun dol thairis,
Lion a chaile ghorach ;
Tri dramachan gun fharruid,
Thairis air a choir domh ;
'S cha bhuidheach tha mi do na balaich,
Lion iad lan an stoip dhomh ;

Fhuair mi sud gu m' chuir am chabhaig,
Agus glaine beorach.

Shaoil iad nach b' urrainn mi ceartach',
Carachadh no tionndadh ;
Ach gur math thug mise an aire,
Do 'n chainint bh' aig balla 'n téampuill ;
Chunnaic mi ann na innathan,
'S tharruing mi gle theann orra ;
'S e theireadh gach te dhiu ag radh,
'S maирg ait am bi an t-antlachd.

'S maирg a rachadh dh' iarruidh cairdeas,
Paighe no gealltnas ;
Air cuid do mhnathan Chinnichairdin,
'S nàr leam bhi cainnt orra ;
'Nuair is mo bheir mi ghradh dhoibh,
'B' fhearr leo gu 'm biodh àm aca ;
Air scian bhi reiteacha' mo mhionaich,
Ge milis ni iad cainnt riум.

'S diombach tha mi do na mearlaich
Mu 'n phaирt thug iad domhsa ;
Mu 'n iom thainig air an truinnseir,
'Sa 'n fheoil shailte roiste ;
O 'n bha mi fhein am ghiullan narach,
Cha d' fhuair mi lan mo bheoil d' i ;
Bha iadsan chuice na 'n lonaibh.
Mar gu 'm bu chonaibh mor iad.

C' uime an deanainn fhein an cealach,
'S ro mhath b' aithne dhomhs' iad ;
Iain Ruagh Stiubhart mo charaid,
Ceannaich Muileann an Loine ;
'S barail leam nach do ghabh e 'n deideadh,

'S ro mhath 'n deudach bheoil th' aige ;
 Dh' fhag mi iad turamanaich le cheile,
 Aig Seumas Mac antoisch.

Ho ! gur diombach a tha mise,
 Do na daoine bh' air an adhlacadh,
 Nach do rinn iad mis a cheangal,
 'S mo sparradh ann an alldan,
 No nach d' fhag iad mi 's tigh *sheinnse*,
 Glaiste ann am pannraigdh ;
 Mu 'n do leig iad anns a ghaoith mi,
 'Sa mheud s' bha chaothach cainnt orm.

Ach ged bhithinns 'n deigh caithris,
 Teas a's fallas damhsa ;
 A dhaoine bheil sibhse am barail,
 Ged dh' olainn galan braindaidh ;
 Gu bheil do dhaoine anns a bhaile,
 Na chuireadh thairis mi do m' antoil ;
 Ach 's eiginn domh aideacha' a nis,
 Gu 'n robh misg orm aon-uair.

ORAN connsachaidh eidear fear agus bean mu'n
 ol; Le Barbra Friseil, bean uasal bha ann an
 Dùnidh, an Aird Mhic Shimidh.

Fonn.—'S mise th'air mo bhodh'radh
 Le solas na h-obair nogha, &c.

Ise.—'S tric ag amharc sios mi,
 Lan mlothlachd mu fhear mo thighe,

Ach mu chaidh thu'm fiadh orm,
 Mo bhriathar cha mhath an nuaidheachd;
 Dh'fhalbh thu di-ciadain,
 Dh'ol fiona do Bhaile na h-amhunn;
 'S dh'faodadh tu bhi riaraicht,
 Mo bhriathar air miad do phaithidh.

Mas tu bha cumail feill ann
 Gu'm b' fheúmaile dhuit a thigh'n dachaидh;
 Mas tu bha ga h-eigheach,
 Bha feum ort ann o chionn seachduin;
 Ga'n cumail r'a cheile,
 'S na na ceudan deanadh am marcaid;
 'Nam dhoibh bhi sgaoileadh,
 Bu shaoithreachail thu toirt *pas* doibh.

Esan.—Fire faire a Bharbra,
 Cha'n earbaínn gu'm biodh tu fanoid;
 'S mi 'g ol do dheoch slainte,
 Anns gach ait' an deanainn a ceannach;
 O'n a dh'fhalbh gach *tàbhairn*
 'S gach pairtidh bh'ann o chionn tamuill;
 'S mithich teannadh lamh-riut,
 O'n dh'phas mi am dhuine falamh

Ise.—Cha'n eil mi ga t-iarruidh,
 Cha'n fhiach leam do chaithe beatha;
 Dh'faodainn-sa bi eolach,
 Mu'n phoc nach deanadh an gleidheadh;
 Gur h-e sud a leon mi,
 Mo storas bhi feadh na'n tighean;
 Ga chaitheadh gu roipeach,
 Ann an stopan an uisge-bheatha.

Esan.—Bhean tog dhiom do d'thuailleas,
 Cha chualas gu'n robh mī misgeach;

'S mis a bheireadh duais duit,
 'S na luaidh e ged tha mi nis ann ;
 'Nuair thachradh orm pairtidh
 Bhiodh cridheil, cairdeil rium m'n *liquor* ;
 B'olc am fasan domhsa,
 Bhi 'g ol sa gabhail a bhristidh.

Ise.—O! Cha d' iarr mi riāmh ort,
 Bhi crion ann an aite duine ;
 Ach mur fhear do'n phairtidh,
 Ged bu chàrt bhiodh air gach urra,
 O'n 's e t-fhasan-sa paigheadh,
 'S gach aite an dean thu fuireach ;
 'S giorra bu chàra dhuit,
 Tamh a mach air do thuras.

Esan.—Bhean tog dhiom ad ghoraich,
 'S mi brònach an deigh mo dhibhe ;
 'S daor an ceannach dhomhsa,
 Air an sdoras na ni thu bhruidhinn
 Cha n'fhaigh thu fear gun duais,
 Theid suas air bealach-an-ruidhe ;
 Ma chuireas tu sios e,
 Gu'n iarr e ort airgiod dibhe.

Ise.—'S mor a b'fhasa dhomhsa,
 Airgiod stoip thoirt do mo sgalaig
 Na thusa bhi'n comhnuidh,
 An seomraichean 'g ol na'n galan ;
 O'n is duine poiste thu,
 Cha choir dhuit a bhi ri breamas ;
 Le cuid dhaoine coire,
 Cuir còmhroinn mhòr deth anns gach bairill

Marbhrann do Chaitrlona N' Ic a Phearsain, a
 chaochail na h-ighin oig, ann an Sioramachd
 Pheairt, agus a bha thair cumantas, ann am
 meas, an cliuth agus an eireachdas ; Le Minis-
 teir airid.

Chualas sgeul tha ro chruaidh,
 'S gann is urrainn mi luath,
 Ceit Nic Mhuirich mo thruaigh cha bheo.
 Chualas sgeul, &c.

Agus b'e sud an sgeul,
 'S goirt a chraidh sinn gu leir,
 Uaip gu'n d'thugadh le eug an deo.
 Agus b'e sud ; &c.

Sluagh ga cuir anns an uir,
 A corp aluinn deas ur,
 Ghorm gheug na'm blath shùl cha bheo;
 Sluagh ga cuir, &c.

Bu bhlath seallamh a sul,
 Bha i daonnan caomh ciùin,
 'S fiadh ghaire air gnuis na h-oigh,
 Bu bhlath, &c.

Aghaidh narach gun grhuaim,
 Bu dearg ruthadh a gruaidh,
 'S bha a bilibh air snuagh an rois,
 Aghaidh narach, &c.

Bu gheal a deud a's bu dluth,
 Bha gach ailleanachd na gnùis,
 'S bha oirre falt dù-dhonn torr.

Bu gheal, &c.

'S mar gheal eiridh na'n tonn,
 Bha a broilleach min trom,
 'S mur dheo grein' i gu bonn a brog,
 'S mur gheal, &c.

Co's urrainn a luaidh,
 Gach sgeimh tlachd bh'oírr' a's buaidh,
 Och! 's luath thugadh i uainn, an oigh.

Co's urrainn, &c.

Ach co dh' innseadh a beus,
 Tha e dobh chuir an ceil,
 Riamh cha chualas a breug na bosd.

Ach co dh' innseadh, &c.

'S tu ad nadur bha grinn,
 Cha robh crion ort ri sheinn,
 'N diugh, gur iosal guth binn a cheoil,
 'S tu ad nadur, &c.

Bu tu aidhear gach te,
 Ghabh eolas ort fein,
 'S bha iad uile ad dheigh fo bhrön,
 Bu tu a dhear, &c.

'S og a fhuair thu deagh chliuth,
 Bhi do gach neach an deagh run,
 A's riamh cha do mhuth thu seol,
 'S og fhuair, &c.

Cha chuala' caraid no namh,
 I ri casaid no càin',
 'S riamh cha d'eisd i air càch droch sgeoil.
 Cha chuala, &c.

Bha i truacant d'i féin,
 Do na bochdan toirt speis,
 'S tric a thug i do'n fheumach lon.
 Bha i truacant, &c.

'S tha do mhathair ad dheigh,
 Mur a mhaidneag 'sa'n speur,
 'S gearr a cuairt an deigh reult feadh lo.
 'S tha do mhathair, &c.

'S tha t-athair e fein,
 Mur an dealt air an fheur,
 Theid air tiom' le teas grein' na cheo.
 'S tha &c.

Och! do pheathraichean stuam,
 'S tric a tha thu na'n smuain,
 'S tha do bhrathair gach uair fo leon.
 Och! do pheathraichean, &c.

'S tha na ciadan osbarr,
 Air an lionadh le cradh,
 'S och! tha mise mur chach fo bhrön.
 'S tha na, &c.

'S mor bha dh'eagal na Tì
 Thug air falbh i chum sith,
 Gabhail combnuidh an cridh na h-oigh.
 'S mor bha &c.

B'e a raoghaínn gu fíor,
 A toil, a tlachd agus miann,
 Bhi gluasad gu diaghaidh còir.

B'e a raoghaínn, &c.

Nis, thug mor-Righ na'm buagh,
 Da'n aithne gach sluagh,
 'N fhior mhaighdeann ud uainn gu gloir.

Nis, thug mor-Righ &c.

Nis' thug an t-ard Righ,
 O'n bha i glan ann na crìdh,
 I dh'ionnsaigh toil-inntinn mhor.

Nis thug &c.

'S tha oran nuadh binn,
 Do 'n Righ naomh aic ga sheinn,
 'S i nach eil mar tha sinn fo bhrón.

'S tha oran, &c.

Ann an solas fíor ghrinn,
 Marr-ri naomh sluagh gach linn,
 Agus cruin air an cinn do ghloir.

Ann an solas, &c.

Marr-ri ainglibh sa'n ait',
 'S ri Trianaid na'n gràs,
 'S cha bhlaisear lea bas ni 's mo.

Marr-ri, &c.

Ach co riamh ghabh air fein,
 Bhi na's glic' na'n Ti threun,
 Da n'aithne 's da'n leir gach doigh.

Ach co riamh, &c.

'N Ti do'n aingidh bheir dàil,
 Oir cha tlachd leis a bhas,
 Ach na naoimh bheir e trath chum gloir.
 'N Tihl do &c.

Ach na'm facite mar tha,
 Le dochas, creidimh a's gradh,
 Bhiodh fadal ga'r cradh's cha bhrön.
 Ach na 'm facite, &c.

Gus am bimid na deigh,
 Le bhi siubhal do 'n eug,
 'S co agaínn nach d'theid an ròd.
 Gus am bimid, &c.

Cha n'eil oirnn aic' ach tùs,
 Do 'n bhàs theid sinn gu dluth,
 S uaithe cha cheannaichear a h-aon le òr.
 Cha n'eil &c.

Na biodh na 'r n'aithreachas dail,
 Bimid subhailceach trath,
 'S air a mhath gach aon la-an toir.
 Na biodh, &c.

'N sin bheirear dhuinn buaidh,
 Air gach trioblaid a's truaigh,
 S gheibhear flaitheas mar dhuais fa-dheoidh,
 'N sin bheirear, &c.

ORAN eidear oige-fhear agus a leannan, a freagaradh a cheile.

Esan.—MADUINN dhomhs' an coillidh chuaidh,

'S glaine faile shruthain lubach,
Thachair orm ann gruagach chul-donn,
'S rinn mi umhlachd dh'i gu lar.

Run mo cheille air do cheann dubh.

Gorm shuil mhiogach bian mar an gruth,
Beulan siobhalt 's mala gun ghoimh,
'S e do ghuth mo raogha ceoil.

Failt a's furan dhuitse og bhean,

'S deirge beul, a's gruaidh mur rosaibh,
Tha mi toileach air a chomhail,
'S le d' chead pogaidh mi do lamh.

Run mo cheille, &c.

Chuir i car na inuineal bian-gheal,
Gabhairl oirre bhi ro fhiadhaich,
Thog i a ceann a's sheall i fiar orm,
'S thuirt i, shiadair tha thu ann.

Ise.—Tosd; cha 'n fheud mi aideach thoirt duit,
'S mealta t-eudan, 's milis do ghuth,
'S caillt mi choidhch ma fhreag'ras mi dhuit,
Teannsa uam, 's leig uait mo lamh.

Esan.—Thuirt mi r'i, a dheo-ghrein shul-ghorm,
Aobhach, chairdeil, chridheil shugach,
Tha mi 'n tithe do phogan curaidh,
'S bas as ur domh bhi da 'n call.

Run mo cheille, &c.

Ise.—Tha chleire cruidh, 's tha mathair agam,
 Bhios ga m' laimhseach ann am chadal,
 'S mu bhios mo chiochan, lan no atar
 Dh' aindeoin feachd, tha mise cailt.

Tosd ; cha 'n fheud, &c.

Esan.—Na biodh eagal ort a' d' mhathair
 Crua's cleir', na aobhar naire,
 Ged luidheas mis' am bhreacan lamh-riut,
 Air mo laimh nach eagal call.

Run mo cheille, &c.

Ise.—Thuirt i rium tha oig-fhir meallta,
 Tarruing bhan le comhradh fallsa,
 'N te nach eaglaich roimh sgaltadh,
 Tha i caillte bhos a's thall.

Tosd ; cha 'n fheud, &c.

Esan.—Dh' fhuilginn bas mu 'n tairginn mio-
 mhodh,
 Chuilein chas duinn, an shuilt shniomhain,
 'S air na chuairticheas a ghrian,
 Cha duraichdinn duit giamh no call,

Run mo cheille, &c.

Ise.—'S e thuirt i, cha 'n fhaigh thu aoidheachd,
 'S cha leig mi leat do lamh am ruidheachd,
 'S fearr bhi sgaoilte o do dhraoidheachd,
 Na bhi caoidh mo mhaighd'nis cailt.

Tosd ; cha 'n fheud, &c.

Ghuidh a's dh' aithn i gun a masladh,
 Gun ach gann a pog a bhlasad,
 Mur b' e mo run le cead a Pharsoin,
 Ise ghlacadh le cridhe 's lamh.

Tosd ; cha 'n fheud, &c.

Esan.—Na biodh aobhar eagail agad,
 Ni sinn banais, posadh 's leabaidh,
 Bidh sinn sunndach eibhinn aite,
 Sint am ghlacaibh 's lamh fo d' cheann.

Run mo, &c.

Ise.—Na 'n saoilinnse thu bhi rireamh,
 Chionn do gheallain bhi cho lion'or,
 Cha bhiodh maille ann ad iartas,
 'S cha bhiodh miothlachd ann ad chainnt.

Tosd ; cha 'n fheud, &c.

Esan.—Sonas dhuitse ainnir ghaolach,
 C'aite bheil do luach 'sa 'n t-saoghal,
 Tha mi rireamh 's na cuir baothal ann,
 'S leig do thaobh ri m' uchd gu teann.

Run mo, &c.

Ise.—Geillidh mi gun strith do 'n oig'ear,
 'S leat mo chridh, a ghraidh 's mo chombra',
 Luidhe mi ad bhreacan boidheach,
 Fhleasgaich oig 's mo lamh fo d' cheann.

Run mo cheille fear an fhuilt duibh,
 Rachainn eug mur deanadh tu guth,
 'S leatsa fheudail mise an diugh,
 'S deansa rium an so na 's aill.

ORAN GAOIL.

Fonn.—'S i so 'n aimsir an dearbhar,
An targanach dhuinn, &c.

THA mo chridhe ciùirte,
'S neo shunndach mi 'n drasd ;
Mu dheighinn an fhiùrain,
Dh' fhag an duthaich di-mairt ;
Mu dheighinn an oigeir,
Is boidhche no cach ;
Gur gile thu fo d' chòta,
Na 'n sneachd og ga chur tlath.

Oganaich threibhich,
'S mor t-fheum anns gach càs ;
Gur mor thug mi speis duit,
'S cha bhreug tha mi 'g radh,
Gur mor thug mi ghaol duit,
Ge faontrach mi 'n drasd ;
'S gus an dean thù pilltim,
Bidh m' inntinn gu lar.

Tha mo chridhe mur an lùaidhè,
Cha għluais e ach mur lic ;
Ged theid mi measg oīgridh,
Ged ol mi 's ged ith ;
Tha m' aigne trom fo thùrsadh,
Gar an rùisg mi e ri càch ;
Mu dheighinn an fhiùrain,
Dh' fhag an duthaich di-mairt.

Oig ghasda a chuil dualaich,
Marcaich uaibhreach nan srann ;

B' e sud an nì bu deoin leat,
 Bhi 'n coisridh nach gann ;
 Cha b' ann mar bhalach na mar umaidh,
 A ruisgeadh leat cainnt ;
 Beul a labhradh an fhìrinn,
 Mar gu 'n sgribhte i le peann.

Mar ùr-ros an garadh,
 Nach d' fhas air mbeangan dris ;
 Ceann tighe na 'm fear ùra,
 Mar chraobh a lubadh le meas ;
 Gur mise bha ro dheonach,
 Air do phosadh gun fhios ;
 B' fhearr na mar rinn thu m' shagail,
 Mo charadh fo lic.

O 's beag an t-iongnadh dhomh-sa,
 Bhi bronach ad dheigh ;
 'Sa liuthad latha bha sinn,
 A manran leinn fein ;
 A mire a's a cluaineis,
 An uaigneas air chàch ;
 'S ma dh' fhalbh thu uainn air chuantain,
 Mo thruaighe mi gu brath.

Esan.—O cha 'n aobhar thruais thu,
 Mo ghruagach għlan og ;
 Gar an dean mi pilltinn,
 Tha thu cinnteach as mo stòr ;
 'S tric shiubhail mi 'n oidhche
 Air caoimhneas do phoig,
 'S bu bhalach mi na 'n diochuimhninn,
 Briodal do bheoil.

Ise.—'S neo bhalachail a dh' fhàs thu,
 'S tu 's aille th' ann mo bheachd,

Gur guirme do shúilean,
 Na 'n driuc air an t-slait,
 Gur binne leam do chòradh,
 Na smeorach am preas,
 Gur milse leam do phogan,
 No beoir agus mil.

Ach a Chaiptain oig
 Cha 'n e do stòr air bheil mi 'n deigh,
 Gu 'm b' annsa na 'n crobh guaill-fhionn,
 Bhi gluasad a d' dheigh,
 O 'n fhuair thu 'n t-eideadh ùr,
 'S tric na deoir a ruith le m' ghruaidh,
 'S mor b' annsa thu bhi 's duthaich,
 Ann 'sa 'n Dun mar bu dual.

Thug mise ann 'sa 'n Dun ud,
 Gle shunndach car seal ;
 A mire a's a sugradh,
 Am muirn a's an cion,
 Ach tha mi nis mar chluaran,
 Ga 'n dualchas fas ban,
 Gus am pill an t-uasal,
 A ghluais uainn di-mairt.

ORAN GAOIL.

SEISD.

Gu ma slan a chi mi,
 Mo chailin dileas donn,

Air an d' fhas an cuaillein reidh,
 'S air an deise dh' eireadh fonn ;
 'S e cainnt do bheoil bu bhinn leam,
 'Nuair bhiodh m' inntinn trom ;
 'S tu thogadh suas mo chridh,
 'Nuair bhiodh tu bruidhinn rium.

Gur muladach a ta mi,
 'S mi nochd air aird a chuain ;
 'S neo shunudach mo chadal domh,
 'S mo chaidreadh fada uam ;
 'S tric mi ort a smaointeach',
 As t-aogmhuis tha mi truagh ;
 'S mur a dean mi t-fhaotainn,
 Chá bhi mo shaoghal buan.

Gu ma slan, &c.

Suil chorragh mar an dearcag,
 Fo rasg a dh' iadhas dluth ;
 Gruaidh dhearg mar an caorann,
 Fo 'n aodann tha leam ciùin ;
 Mur d' aithris iad na breugan,
 Gu 'n d' thug mi fhein duit rùn ;
 'S gur bliadhna leam gach la,
 O 'n uair a dh' fhag mi thu.

Gu ma slan, &c.

Theireadh iad mu 'n d' fhalbh mi uait,
 Gu 'm bu shearbh leam dhol ad chóir ;
 Gu 'n do chuir mi mo chul riut,
 'S gu 'n do dhiult mi dhuit mo phòg ;
 Na cuireadh sud bonn curam ort,
 Tha 'n ùine gearr na leoир ;
 Tha t-anail leam cho chùraidh,
 'S tha 'n driùc air bhar an fheoir.

Gu ma slan, &c.

Tacan mu 'n do sheol sinn,
 'S ann a thoisich càch ;
 Ag innse do mo chruinneig-sa,
 Nach tillinn-sa gu brath ;
 Na cuireadh sin ort gruaman,
 A luaidh ma bhios mi slan,
 Cha chum dad idir uait mi,
 Ach saighead chruaidh a bhàis.

Gu ma slan, &c.

Tha moran do luchd aimilisg,
 'Sa sheanchais an droch sgeoil,
 An cridheachan mar phuinnsein,
 'S cha chuimhnich iad air gloir ;
 Ach na creid an sgeul ac' ;
 O 'n fhuair a chleir oirnn coir ;
 'S na 'm fanamaid o cheile,
 'S i 'n eigin bheireadh oirnn.

Gu ma slan, &c.

Tha Caimbeulaich mar chairdeas,
 Ga ardachadh le strith ;
 'S gu bheil cuid diubh 'g radhainn,
 Gur taire mi na i ;
 Ach mur biodh i deonach,
 Cha phosamaid a choidhch ;
 'S c' ar son a chaill i a fradharc,
 'Nuair ghabh i a raoghainn mi.

Gu ma slan, &c.

Ach tha snaoim a nis ceangailte,
 Gu daingeann a's gu teann ;
 'S their luchd na fanoid rium,
 Nach eil mo phrobhaid ann ;
 Am fear air bheil fortan,
 Tha crois a tigh'n na cheann,

'S tha mise taingeil toilichte,
 Ged tha mo sporan gann,
 Ga mor slan, &c.

ORAN connsachaidh mu 'n t-suireadh, eidear fear
 agus a mhathair.

BHA mi fhein 's mo mhathair,
 Di-mairt anns an t-seomar,
 'S bha i rium ag radh,
 Gu 'm bu nàr dhomh bhi gòrach ;
 A luidhe leis na caileagan,
 Gu 'm b' amайдeach an seol e ;
 'S nach posadh te gu brath mi,
 'Sa ghraisg ud an toir orm.

SEISD.

Hill ù hill in hó ro,
 Ho ró hill in h-éile,
 Hill ù hill in hó ro,
 Ho ró hill in h-éile ;
 Air faill ill hó ro,
 Ho ró hill in h-eile,
 A nighean donn an t-sugraidh,
 Mo dhurachd bhi reidh riut.

Thuirt mi fhìn gu diblidh,
 Gu cinnteach gu 'm b' fhior sud ;

'S nach bu duine fior-ghlic,
 Bhiodh strith ris a ghniomh ud ;
 A cost a chuid le mì-chliuth,
 'S le mi-cheut' a mhiannaibh ;
 Ach sguiridh mi ri m' bheo dhetk,
 Ochòin, 's beag mo mhiann air.

Hill u, &c.

Ise.—Sin 'nuair thuirt mo mbathair,
 B' fhear leam gu 'm b' fhior sin ;
 Gu 'n sguireadh tu gu brath dheth,
 'S gu 'm fasadh tu ciallach ;
 Gur a h-ioma càineadh,
 A's fàithnì thug mi riamh dhuit ;
 Ach leigeadh tu mu d' chluais e,
 Le buaireadh na 'm biasd ud.

Hill ù, &c.

Esan.—'S ioma fear a b' fhearr na mi,
 Dh' thailing 'sa cheim sin,
 Ministeirean, pairt diubh,
 Air airdead 's gu 'n leugh iad ;
 A bhean, an cual thu 'in Pàpa
 Rinn paisd anns an Eipheid,
 Na 'n cual thu mu Righ Daibhi,
 Chuaidh dàn air Bath-shéba.

Hill ù, &c.

Ise.—Ministeir no Pàpa,
 Dheth 'n dh' thailing 'sa ghniomh sin,
 Olc air mhath ga 'n d' rinn iad ;
 Cha 'n fhaighneachdar diots' e ;
 'S b' fhearr dhuit bhì ceillidh,
 A ceusadh do mhiannaibh ;
 'S ma rinn iad san eucoir,
 'S iad fhein a bheir diol ann.

Hill ù, &c.

Bu mhath an duine Daibhi',
 Ged dh' fhaling e 'n uair sin,
 Bha e cneasda naomha,
 'S bha gaol aig an t-sluagh dha,
 Cha choimeas thu do 'n Righ sin,
 Le d' mhì-bheusan truaillidh,
 'S thu 'd mhì-loinn anns an t-saoghal,
 A ghaolaich le do għluasad.

Hill ù, &c.

Esan.—A bhean, an cual' thu Sola',
 Bha mordhalach flor-ghlie ;
 Aig 'n robh urram fogħlum,
 Eolas a's criontachd ;
 'Nuair phos e seachd ceud,
 'S ochd fishead deug diolani ;
 'S their thusa nach fiach e,
 Fear dh' iarras a tri dhiubh.

Hill ù, &c.

'Nuair bhios mo chlann-sa laidir,
 'Sa dh' fhasas iad crionta ;
 Gu 'n d' theid mi null air sàil leo,
 Gu sraidi Charolina ;
 Sin an uair a dh' fhaodar,
 Gach aon a chuir ri gniomh dhiubh ;
 Bidh duin' air ceànn gach feuma,
 'S mi fhein a bhi diomhain.

Hill ù, &c.

Gu 'n dean Niall an t-aiteach,
 'Sa mhart cur an t-sil dhuinn ;
 'S ni mac N' 'Ic Cathail buachaille,
 Chuallaicheas nì dhomli ;
 Gu 'n dean i banas-tighe dhomh,
 'S gur laoghach i Caitriona ;

'S bidh Fionnaghal bheag ruagh ud,
Ri fuaidheal a's ri sniomh dhomh.

Hill ù, &c.

Gur mise bhios gu statail,
A sraideamachd 'sa 'n am sin, !
Mu 'n cuairt do mo phlanntachan,
'S mo bhata ann mo laimh agam ;
Cha dean mi ach an t-ordugh,
Gu sporsail thabhairt doibh-san ;
'S fearr dhomh sin na posadh,
Ochòin 's beag mo thaing ris.

Hill ù, &c.

ORAN na brigis lachduinn.

Le fear Shrathmhaisidh.

'S coma leam a bhrigis lachdunn,
B' annsa 'm feile beag 'sa m breachdan,
Cha do ghabh mi riamh bonn tlachd,
Do 'n fhasan a th'aig clann na 'n Gall.

Cha mhinisteirean 's cha 'n Easbuigean,
Chum a bhar an t-seisein mi ;
Ach a bhrigis leibideach,
Nach deanadh anns na preasan clann.
'S coma leam, &c.

Ged tha bhrigis mìothlachdar,
Gur feumail anns na criochan i,

Gach fear a bhios ri diolanas,
 Gu 'n d' thoir i striochdadh air gun taing.
 'S coma leam, &c.

Ach cuiribh air na mnathan i,
 'S ann orra 's fearr a luidheas i,
 Gur sgiobalt' air feadh tighe i,
 'S b' e 'n ceol am faighinn innt a damhs':
 'S coma leam, &c.

Gur mise bh' ann 'sa 'n eisdeachd,
 'S na mnathan 'g radh ri cheile,
 Gu 'm b' fhearr leo orra shein i,
 Na bhi ceusadh an fhir chaim.
 'S coma leam, &c.

Cha mhath gu direadh bruthaich i,
 'S cha 'n fhearr thun an t siubhail i,
 'S cha 'n eil mi idir buidheach,
 Do 'n fhear a luthaig i bhi ann.
 'S coma leam, &c.

Cha mhath an t eideadh idir i,
 'Nuair theid sinn anns an uisge lea,
 'Nuair lubas i m' ar 'n iosgaidean,
 Gu 'n d' thoir i niosgaid air gach ball.
 'S coma leam, &c.

Brigis dubh gun sianadh,
 Chuir as an t-aodach briatha,
 Bhiodh fosgaitt air ar bialadh,
 'S nach iarradh a chumail teann.
 'S coma leam, &c.

Chuir i mach do 'Shasunn sinn,
 Le surd a bhi sgaireil oirnn,

'S leig i rithisd dachaiddh sinn,
Gun fhiu a Chaiptein air ar ceann,
'S coma leam, &c.

Ged thug iad dhuinn 'sa 'n fhasan i,
Cha 'n eil i idir taitneach leinn,
'S truagh a Righ nach robh e tachte,
'M fear a thug an t-achd a nall,
'S coma leam, &c.

ORAN eidear an sealgar 'sa 'm fiadh, agus am fiadh
cuir duileachd air an aodach ghalla 'n deigh
bliadhna Thearlaich; Le fear Shrathmhaisidh.

Sealgair.—Moch 's mi' 'g eiridh 'sa mhaduinn,
Gu h-airtnealach pramhail,
Togail a mach ris a mhunadh,
'S muladach a ta mi,
Gun bhi sa 'n eideadh a chleachd mi,
Ach mar bhaigeir Gallta;
Cha 'n aithnich uiread na'm fiadh mi,
'S fiadhaich leam a dh'fhas iad,

Fiadh.—Sin nuair labhair damh nan cabar,
Stad air t'ais mur tha thu;
Naile bheirinn-sa ort comhairl,
Mur choimhearsnach cairdeil;
B'fhearr dhuit fantail aig a bhaile,
'Sa 'n air' thoirt air do phaisdean,
Na bhi 'n duil gu mealladh tu mise,
Le d' bhrigis, mo naire!

Sealgair.—Ge blath 'n t-aodach a bhrigis,
 Cha b'e sud a b' fhearr leam ;
 B'annsa leam am feile preasach,
 Gu deas air a charadh,
 Sin 's mo bhreachdan air m'uachdar,
 Cumail fuachd na'm beann diom;
 Seach slaodaire dubh do chasaig,
 Crochte mu mo mhasan.

Fiadh.—Chunnaic mise sud ort roimhe,
 Ge coimheach an drasd thu ;
 'S tric a thachair sinn air fuaran,
 Shuas ann am Beinn Eallair ;
 Agus a loisg thu rium do luaidhe,
 Le fuaim am measg mo chairdean ;
 Ach ni luchd nan cotan ruagha,
 Thusa fhudach as an fhasach.

Sealgair.—'S truagh nach fhaighinns thus' a's
 Seorus,
 Comhluth fo 'n aon lamhach ;
 'S gach aon duine mor 'sa 'n Rioghachd,
 Tha ri diteadh Thearlaich ;
 Gar an toimhsinn troigh thair disinn,
 Ach mo shith bhi' 'm Pharais ;
 Naile chostain-sa mo phearsa,
 R'ar toirt dachaидh maireach.

Fiadh.—Ach cha'n fhaigh thu sinn le cheile,
 'Sa bheinn fo'n aon lamhach ;
 'S ma chluinnear gu bheil thu fhein ann,
 Eighear thu ad mhearlach ;
 Ach na'm b' aithne dhomh-sa 'n rathad,
 Rachainn gu Bruchmari,
 Dh' innse gu bheil gunna 's breacdan,
 Agads' ann an aite.

Sealgair. Ach a laimh do chluais a ghealtair,
 Stad air t-ais mar tha thu ;
 Ma leigeas mi riut mo chuirein,
 Cha'n urrainn thu ga fhagail ;
 Thug mi 'n eigh ris a ghille,
 Leig an Ibheis bhan ris ;
 'S cha do mheall i mi a'm bharail,
 Ghràd chuir i gu bas e.

LUINNEAG.

Thug ho o, laill ho o,
 Thug ho o ro 'n aill leibh,
 Thug ho o laill ho o,
 Seinn ho o ro 'n aill leibh.

Moch 'sa mhaduinn 's mi dusgadh,
 'S mor mo shunnd 's mo cheol gaire ;
 O'n a chuala mi 'm Prionnsa,
 Thigh'n do dhuthaich Chlann Ràghnuill.

Thug ho o, &c.

O'n a chuala mi 'm Prionnsa,
 Thigh'n do dhuthaich Chlann Ràghnuill ;
 Grainne mullaich gach Righ thu,
 'Slan gu'n till thusa Thearlaich.

Thug ho o, &c.

Grainne mullaich gach Righ thu,
 Slan gu'n till thusa Thearlaich ;
 'S ann tha 'n fhior-fhuil gun truailleadh,
 Anns a ghuaidh is mor naire.

Thug ho o, &c.

'S ann tha 'n fhior-fhuil gun truailleadh,
 Anns a ghruaidh is mor naire :
 Marr-ri barrachd na h-uaisle,
 'G eiridh suas le deagh nadur.

Thug ho o, &c.

Marr-ri barrachd na h-uaisle,
 'G eiridh suas le deagh nadur ;
 'S na 'n d' thigeadh tu rithisd,
 Bhiodh gach Tighearn na 'n aite.

Thug ho o, &c.

'S na 'n d' thigeadh tu rithisd,
 Bhiodh gach Tighearn na 'n aite ;
 'S na 'na cairicht' an crun ort,
 Bu mhuiirneach do chairdean.

Thig ho o, &c.

'S na 'n cairicht a crun ort,
 Bu mhuiirneach do chairdean ;
 'S bhiodh Lochiall mar bu choir dha,
 Cuir an ordugh nan Gaidheal.

Thug ho o, &c.

'S bhiodh Lochiall mar hu choir dha,
 Cuir an ordugh nan Gaidheal ;
 A's Clann Donuill a chruadail,
 Choisinn buaidh anns na blaraibh.

Thug ho o, &c.

A's Clann Donuill a chruadail,
 Choisinn buaidh anns na blaraibh ;
 'S iad gu 'n cumadh a chomh-strith,
 Ri luchd chotaichean maduir.

Thug ho o, &c.

'S iad gu 'n cumadh a chomh-strith,
 Ri luch chotaichean maduir ;
 Sud a chuideachd bhiodh foirmeil,
 Le boineid ghorm a's coc-ard innt'.

Thug ho o, &c.

Sud a chuideachd bhiodh foirmeil,
 Le boineid ghorm a's coc ard innt' ;
 'S bhiodh am feile 'sa 'n fhasan,
 Marr-ri gartana' sgarlaid.

Thug ho o, &c.

'S bhiodh am feile 'sa 'n fhasan;
 Marr-ri gartana' sgarlaid ;
 Feile cuaiich air bhachd easgaid,
 Paidhir phiostial 's lann Spainnteach.

Thug ho o, &c.

Feile cuaiich air bhachd easgaid,
 Paidhir phiostial 's lann Spainnteach ;
 'S na 'm faighinn mo dhurachd,
 Bhiodh an Diùc air dhroch caramh.

Thug ho o, &c.

'S na 'm faighinn mo dhurachd,
 Bhiodh an Diùc air dhroch earamh ;
 Gu 'm biodh bùidseir na feola,
 Agus a chorcach m'a bhraghad.

Thug ho o, &c.

Gu'm biodh bùidseir na feola,
 Agus a chorcach m'a bhraghad ;
 'S gu'n gibhtinn a mhaighdeann,
 Mar oighreachd d'a bhrathair.

Hug ho o, &c.

'S gu 'n gibhtinn a mhaighdeann,
 Mar oighreachd d'a bhrathair ;
 Ach slan gu'n d'thig thu 's gu 'n ruig thu,
 Slan gu'n d' thig thusa Thearlaich.

Hug ho ro, &c.

ORAN do 'dh' Alasdair Mac Dhonuill, no mar
 chomh-ainm, Alasdair Ruagh Mathanach' aig
 baile Pheairt, air son e bhi mi-mhodhail ri fear
 araid bha 'n 'sa 'n aite sin air chuairt.

Fonn.—Alasdair dubh Ghlinne Garaidh, &c.

Bu chaoineil riumsa 'm baile Pheairt iad,
 Cridheil gun airceas na gun dòlum ;
 'S toigh leo uile gu leir a Ghaidhlic,
 'S tha iad baidheil ri luchd oran :
 Choisinn iad gu'n d'thugainn cliuth orr,
 Ach ni mi fear nach fiù dhiubh fhogradh ;
 Le druma o chath-chliabh * Dhunchaillinn,
 Fuadaicheam o'n bhaile Mac Dhonuill.

'S olc an t-intleachd rinn sibh thuradh,
 Daoine tha cho iular choir ruibh ;
 A leithid-san do shamhla salach,
 Bhi 'm port ur baile n'ur coir ann ;
 'Sa phort mu dheas tha'n duine suairce,

* The toll-bar at Perth on the road leading to Dunkeld.

Ach 'sann mu thuath tha'n truaghan bronach ;
 C'air son nach d' fhuair sibh leithid Mhic Griogair,
 'N aite bhriogair ud Mhic Dhonuill.

Ged a thuirt iad riut Mac Mhathan,
 Cha mhor do 'n mhathas tha riut fuaighe ;
 Tha thu ann ad phearsa biogach,
 'S tha do chridhe spiocach truaillidh ;
 Chuir thu orm fad latha maille,
 A chridhe na faille 'sa 'n duaircis ;
 'S mo mheas a rithisd mar dhiol deirce,
 'N ait' mi fhein bhi riut cho uasal.

Cha d'rinn mis' mi fhein a nochdad,
 Mur dhuine bochd riut-sa thruaghain ;
 'Sann a ghlaodh mi air a bhotal,
 'Sa phraigheadh as mo stochd gu h-uasal:
 'Sa 'n uair bha thusa 'g ol na deoch ud,
 Gheall thu le sodal bhi suairce:
 Ach an uair bha t-ainm r'a sgriobhadh,
 Leig thu air dlochuimhn na fhuair thu.

A mhial chartain 'sa phartain spagaich,
 'S maирг aite dh'araich riamh thu :
 Thaoghain ghroid bhrein an òtraich,
 Gur th'ann diot tha 'n töchd ro fhiadhaich:
 'S tu mhial-mhoine 'sa 'n dearc-luachrach,
 'S tu 's taire 'sa şuaraich do na biasdan:
 A chorr-losgann ghon an t-saoghal,
 'S na 'm fiodadh tu gu 'm b'e do mhiann e.

'S tu mhial iongnach 'sa 'n séillein,
 'S tu bòguis eitidh an droch fhàilidh.
 'S tu a mhuc a's broc na breine,
 'S tu 'm fitheach nach d'thug sgeul do'n airce:

Tha thu lan mlo-loinn agus musgainn,
 'S ad bhall cuspaireachd aig bardaibh,
 Cha 'n fhad o'n fhuair thu chath-chliabh chuspainn,
 'S cha mheal thu thrusdair fad an t-aite.

Bhiodag thubaisteach.

Dh' innsinn sgeul mu 'n mhalairt duibh,
 Na 'm fanadh sibh gu fòill,
 Mur dh' eirich do 'n chall bhreamais domh,
 'Nuair chaidh mi do Dhungleòis ;
 Air bhi thall an Sgalpa dhomh,
 Air cuilm aig Lachunn og ;
 Fhuair mi bhiodag thubaisteach,
 Le a caisein-uchda mòr.

Bu mhath a chuilm a bh' ann an sin,
 'S mo bheannachd-sa na deigh ;
 Bha dubhlan duine chunnaic i,
 Na diomoladh gu leir ;
 Ach fhuair mi shin bloidh biodaig ann
 Nach tig an la ni feum,
 A's stiallaire mor feosaig oirr',
 Mur fhear d'a seorta fhein.

Mas oil leibh an athais ud,
 Gu 'n robh si agabh ri amh ;
 Loinidean a's òghnaichean,
 An conuidh dhuibh bu bhiadh ;
 Ged dheanadh sibh cruinneachadh,
 Tuille a's coig ciad ;
 'S tearc fear gun chaisein-uchd aige,
 Cho gharbh ri muice fiadh.

Chuir an tir so 'n duileachd mi,
 'Nuair chunnaic iad mur bhà ;
 Bha gach neach ga choisrigeadh,
 Roimh 'n dos a bha f'a barr ;
 Bha sgonn do mhaide seilich innt ;
 Bu gheinneanta rinn fàs ;
 Thug an saor neo chronail aisde,
 Crois do loinid bhàin.

Chuir Mac Ionmhuinn bairlinn,
 An trath so mach sa 'n tir,
 Chuir e na seachd barranntais,
 Gu Donnacha Mac a Phi ;
 Gabhail gu caol Arcaig leo,
 Mu 'n ghabh i tamh sa 'n tir,
 'Sa muinntir fein thoirt coinne dh' i,
 'S gur soilleir i do m' dhith.

Cha 'n ion-mholaidh ghrabhata sin,
 Thug thu steach thair chaol,
 An t-arm a bha gun choisrigeadh,
 'Sa b' olc leom air mo thaobh ;
 'S maирg sliasaid air am facas i,
 'S i bhiodag phaiteach mhaol ;
 B' iomlaideach air bhordaibh i,
 Sgian dubh a sgornain chaoil.

B' i sud an t-arm gun choisrigeadh,
 'Sa b' olc leom air mo chlia'ich,
 'S ruagh-mheing uile 's coltas d' i,
 Fo dhos do dh' fhionnadh liath,
 Bha maide reamhar geinneach innt
 'S car na h-amhuich fiar
 Cha ghearradh i sgiath cuileige,
 Le buille no le sgriob.

Bu mhath sa bhruthainn chaorainn i,
 'Sa 'n caonnag na 'm fear mòr ;
 'S e Fionn thug dh'i an latha sin,
 An t-ath-bualadh na dhorn ;
 Thug i na brath-mhionnan sin,
 Nach d' fhag i duine beo ;
 'S nach robh neach ga 'm beanadh i,
 Nach gearradh i' g'a bhròig.

Thuirt mi fhìn nach b' fhior dh' i sud,
 Gur h-ann chaill i a ciall le h-aois ;
 Co i a chuimhne 's faid agad,
 Gu 'n stad thu o bhi maol ;
 Chaidh mi air mo ghlun d' i,
 Mu 'n do rùisg i rium a taobh ;
 'S thug i na seachd sgairtean aisd,
 Gus 'n d' thug Mac Talla glaodh.

'Nuair chaidh mi dh' iarruidh breitheanais,
 Cha d' fhuair mi a leithid riabh ;
 Sin nuair thuirt an t-Sàileineach,
 Sann chairich e rium biasd ;
 Duirceach do chuirec Mhor-thirich,
 Da bheil an roibein liath ;
 Duirceall dubh gun fhaobhar,
 'N am taobhsainn ris a bhiadh.

Bu cheithir bliadhna-fithchiad d' i,
 Bhi 'n citsein Mhoir-fhear Gall ;
 'S fhuair i urram cocaireachd,
 Thair moran do na bh' ann ;
 Bha Mac Aoidh ga teachdaireachd,
 Mu 'n deachaidh 'n chogadh theann,
 B' iomlaideach 'sa choradh i,
 Sgian dubh an sprogain chaim.

Ged thigeadh Clann Donuill,
 'S na seoid a tha mu thuath,
 Mac Aoidh an tus feachda leo,
 'S garbh bhratach an taobh tuath ;
 'Nuair thig a bhratach Cheanntalach,
 'Sa thairngnear r'i a suas ;
 'S tearc fear gun chaisein uchd g'a chiochan air,
 Gu ruig gial a chluas.

Murchael + not in
Vd III Popular Tales.

LAOIDH AN AMADAIN.

'S geul uaigneach chualas gun blireug,
 Air òinid da 'n geill na sloigh.
 Laoch meamneach air nach dearg arm,
 Da 'n ainm an t amadan mòr.

2 Curaidh cha do chuir air fiamh,
 'S ni mo strìochd e riamh do shloigh;
 Nach d' rinn uaill a sgiath na lann,
 Gach neart a bh'ann na dha dhòrn.

3 'S deimhinn leam gu bheil sud fiòr,
 Mu'n d'fhuair e gach tir f'a smachd ;
 'S geul beag gearr air a dheireadh thall,
 Tuigear leinn gu bheil sud ceart.

4 Là do n amadan mhòr,
 Bhi 'n crìochan Lochlainn na'n ceol caoin;
 E thein 's aon mbàca mnà.
 'S bu leoir a h-ailleachd mur mhnaoi.

5 Tharladh an Gleann diamhair dhoibh,
 Nach ròbh iad ann roimhe riamh,
 B'aille slios, feur a's fonn,
 'S fuaim a tonn ri' slios a léig.

6 Chi misé arsa Gile-bhan og,
 Gruagach gun stroth fo bhrön bhrot;
 Saothach do 'n or dhearg na dhorn,
 Cosmhail ri cornn am biodh deoch.

7 Ni 'n robh mise roimhe riamh,
 Aon uair is mò mo thart;
 B' ait leam a chosg cia b'e i,
 Diòlfaidh mi cis air a son.

8 Aon athchuing do iarrams' ort,
 Na h-ol a dheoch 's na h-ith a bhiadh;
 Biosa subhach oglaoich mhoir,
 Deànsa suidhe 's ol deoch.

9 'S na comainibh ceudna dhò;
 Labhair easan an gloir mhir;
 Thug e'n sitheadh baobhaidh borb,
 'S cha d'fhag braon sa chornn nach d' ibh.

10 'N sin dh'imich gruagach a chuirnn,
 'S neo bhuaghach a chuilm ra h-ol;
 Na cosan fo na gluinean shios,
 Do bhi dhith air an fhear mhor.

11 Labhair an sin an Gile-bhan og,
 'S mor an leon so th'air breith ort;
 Cha 'n eil do charaid sa 'n domhan mhor,
 'S cha n' oil leo thu bhi gun chos.

12 Eisd thusa Ghile-bhan og,
 Tog do d' bhron 's do d' mhor sprochd ;
 Cha bhi cosan anns an tir,
 Neo gheibh mi ris mo dha chos.

13 Dh' imich iad an sin araon,
 A bhean sa'n laoch bu truime toirt ;
 Bu luaithe esan air a dha ghlun,
 Na caogad le luths an cos.

14 Dh-ionnsaidh 'n fhirich do ghluais iad,
 Chunncas fiadh air bheanntaibh borb ;
 Sa 'n gaothar ban air a dheigh,
 A tathum gu geur air a lorg.

15 Chuireadh le neart lamh an laoich,
 An t-sleagh tre da thaobh an fheidh ;
 Rug e air a ghaothar bhan,
 'S chuir se e na laimh air eill.

16 Rug e air a ghaothar bhan,
 Chuir se e na laimh air eill,
 Bidh tu agamsa fo chuing,
 Gus an tig fear iul ad dheigh,

17 Chi mise arsa Gile-bhan og,
 Gruagach armach earraidh oir ;
 Lann leadara air a thaobh clith,
 'Sa dha shleagh gun sgios na dhorn.

18 Bheannaich gruagach an earraidh òir,
 Do 'n amadan mhor 's da mhnaoi ;
 Ach dh' fhiosraich iadsan gu glic,
 Ciod an t-ait am biodh an saoi.

19 Falbhaidh mise nis a shealg,
Do'n uaimh dhearg fo Ghleann Smeoir;
Coimhead thusa charaid ghraidh,
Cabhair mo mhna sa cuid oir.

20 Air fhaidead 's ga 'm bi mi muigh,
Na coidil 's na crom do eheann;
Na leig duin' idir a steach,
Na neach a mach do na th-ann.

21 Choidil an sin an t-oglaoch mòr,
As thainig oglaoch eile steach;
Le ceuma cabhaig ghabh e suas,
S do mhnaoi a ghruagich thug se pog.

22 Dh'eirich Gile-bhain 'n sin a nuas,
Spionadh leis gu cruaidh a cheann;
Eirich as a sin gu luath, luath,
Ma tha thu 'd shuain cha b'e 'n t-am.

23 Mur bithinnu am shuain gu mòr,
Cha leiginn dhosan teachd a steach; 45
S ni mo leiginn duine mach,
Gùs 'n tigeadh Gruagach Dhun an òir.

24 Dh'eirich an sin an t-oglach mor,
'S do chois an doruis gun shuidh se,
Cha d'rinn gobhainn, ceard, no saor,
Comhla bu daingne na'n laoch borb.

25 Dh'eirich a Gruagach a ris,
'Sa lann liobhar na dheas laimh fein;
Eirich as a sin oglaoich mhoir,
Cha 'n aite coir 'n do shuidh thu fein.

- 26 'S mise gruagach a ghaothair bhain,
 Air do laimhsa mhacain mhoir;
 Ruidire Corca 'se m' ainm,
 Anns gach àit gu'n d' thugainn buaidh.
- 27 Bheirinnse dhearbhadh sin duit,
 Arsa 'n oineid le mor sprochd;
 Nach bi Gruagach a ghaothair bhàin,
 Ri ràdh riut as a so.
- 28 C'uim' nach foghnadh leat fhir mhoir
 Leith-trom na dho bhi sa'n roinn;
 An t-sealg uile bhi air do laimh,
 'Sa 'n gaothar ban a leigeadh leam.
- 29 'S mise fein a rinn an t-sealg,
 Arsa 'n t-amadan bu gharg fiàmh;
 Ge b'e fear is treise lamh,
 'S leis an gaothar ban sa 'm fiadh.
- 30 O'n a thachair mo ghaothars ort,
 'S na cosan a bhi do d' dhith;
 Biadh a's eudach air do réir,
 Bheirinn sin duit fein 's do d' mhnaoi.
- 31 Gabhsa sud, arsa Gile bhain og,
 'S thoir an gaothar ban do,
 Gheibh e sin sa'n gaothar breac,
 'S ged a dh'iarradh ni bu mho.
- 32 Dh'imich iad an sin na'n triùir,
 Anns an iùl a rinn am fear,
 Thog se air a mhuin am fiadh,
 An crannagan a sgiath sa bhean.

An Gleann Sìth sa 'n Gleann r'a thaobh,

Lan draoidheachd 'ta se do ghna;

Far nach tearuinn duine beo,

Ach thusa oineid 'sa macan mnà.

Dun an oir 'ta air an Dùn,

Annis am faigh thu muirn a's ceol;

Ach na coidil ann gu brath,

Mu 'n d'thig amhghar ort ni's mo.

Air cromadh dhoibh anns an Dun,

Chunnacas ùr-bhean na'n sùl gorm;

S gile na 'n canach a cneas,

Deud mur chaile a's beul mur ròs.

Dh'fhiorsraich am macan mòdhar,

Do 'n ghruagaich le eolas geur

Ciod i m macan deud-gheal og

Na 'm fear mor da 'n tug i speis.

S mise fein thug spéis dhò,

Arsa Gill-bhan bheil-dearg og,

Fir an domhain bhi f'a mhèin,

Ni mo gheilleadh e do shloigh.

'S iongnadh leam na tha tu 'g radh,

Arsa 'm macan deud-gheal og;

Ciad, an sluagh a fhuair air neart,

Trid nuair leig e chosan leo.

Bheireamsa dhearbha sin duit,

Arsa Gile-bhan steud gheal og;

Mur bhith draoidheachd a chuirn chros,

Cha leigeadh e a chosan leo.

40

Thug mise briathran na dhò,
 Ged thigeadh cach mu do cheann ;
 Nach d' theid duin' idir a mach,
 Na neach a steach ach na th-ann.

41

Gheibheadh tusa sud fhìrt mhoir,
 Tri lan dabhaich do dh' or glan ;
 Crobh, a's eich, a's fearunn saor,
 'S nighean Righ o thir na m'fhlath.

42

Fanaidh tu fhathasd gu fòill,
 Ged 's fior bhosd a ta tu ràdh,
 Gus 'n d' thig Gruagach Dhùin an oir,
 'S gu'n dioladh e pog a mhna.

43

Gheibheadh tusa sud oglaoich mhoir,
 Mo chulaidh oir agus m' each, — *Irish from sounds*
 'S coimh dheas leis fairge no tir,
 S leat mo Rioghachd 's leig mise mach.

44

Fanaidh tu fhathasd gu fòill,
 Ged 's fior bhosd na tha thu 'g radh ;
 Gus 'n d' thig Gruagach Dhùn an oir,
 S gu'n dioladh e pog a mhna.

45

Thug mise o Ghruagach a chùirn,
 À leith chas a's e dol na luing a steach ;
 Chuirinn i fothads' i gun leon,
 S mo leigeil gus an ròd a mach.

46

Tha saod agadsa gu pailt,
 Air m'asdarsa chumail mall ;
 Chas eile bheireadh tu uait ;
 Ge bu chruaidh leat e na do cheann.

47 Nuair bha 'n t-oglach na chas cruaidh,

Ieum e suas an uchd a mhna;

Iarram do chomraig a bhean,

Dean a chosg a's glac mo lamh.

O! cha'n eagal duit am bas,

48 Cha nann an cas a ta thu fein,

Thoir thusa a chasan-sa uait,

A's liubhraidh mis air duais do cheann

zhin

49 Mur chosan feidh luath chum ruith,

Gheibheadh tusa nis na dh'iarr,

Labhair a Gruagach an sin,

S mithich dhomhsa nis bhi triall.

50 O'n fhuair thu do chosan fothad

S foghainteach do lamh 's do lann

S thigimid a nis air faich

'S dearbhaidh sinn neart ar cuid arm

51 Na casan so fhuair mi fotham

Cha leiginn iad leo na leat;

Choidhch cha d'theid do bheo-sa mach,

Gus 'n d' thig Gruagach Dhun an oir.

52 S mise Gruagach Dhùn an oir,

Agus gruagach a ghaothair bhain;

O na thainig mi ann ad luib,

Dh' fheuchainn do luths a's do mhein.

53 Eha iad mar sin oidhch as lò,

Mein air mhein a's lamh air laimh;

Pog air phoig a's beul air bheul,

Theirig an sgeul a's an dan.

In my Version one 63 Verses. and the story seems to be in more reasonable order as to events? If republished this must be compared with other Versions.

ORAN do Sheorus Mac Aoidh, fear Eilein Shann-
da, turas a sheol e fein agus sgioba leis do Steor-
nua agus an t-sid air éiridh na 'n aghaidh ; Le
Rob Donn.

Siubhal marr-ri Seorus dhuinn,
 Do Steornua air chuan ;
 Fad na h-oidhch a seoladh,
 Gu Rugha 'n Stòir ud shuas ;
 Bu bhiadhach, deochach a bhiurlainn ud,
 'S i luchdar, dionach, luath,
 Gu sdiùrach, crannach, ròpanach,
 Rathach, seòlta, fuaight'.

Air maol gob an Rugha dhuinn,
 An dubharachd na h-oidhch,
 Suas gu Loch-an-Ionmhuir sin,
 'G iomram gun leus soills' ;
 Shìn gaodh a near a séideadh oirnn,
 'Nuair dh'éirich là o'n oidhch ;
 Air port 'sam bith cha lubteadh i,
 Eidear Pùitic a's Lochaills.

'Sa mhachuinn 's ann a b' eiginn duinn,
 Nuair dh'eirich gaodh gu searbh,
 Ar cùla thoirt do 'n tir,
 'S ar ceart aodann thoirt do'n fhairg,
 Fo steallainean 's fo thunnsginean,
 Nan tonna mora borb,
 Chnocach, chopach, shìdeach,
 Ghleannach, ghlutach, shliopach, ghorm.

'Nuair chaith i air a h-aghairet,
 'Sa h-aghaidh air a h-iùl ;
 Bu chui'mseach, gléusd na Leodaich,
 Mu na sgodan aig na siuil ;
 Bu toigheach cuimhneach làdir,
 Bha Padruig air an sdiuir,
 'S bha Seorus Ruagh na Tairbeird ann,
 Le uiread seirbheis 'sa bha'n triuir.

Bha 'n sgiob ud air an coimeasgeadh,
 Le fearalas a's siamh ;
 Chìte siamh ghàire orra,
 Ged dh'fhasg iad clach a'z sliabh ;
 Le duinealas gun eibeantas,
 Cun saidealtais na'n gniomh,
 'S gun neach air bith do 'n choigear ud,
 Bhi stigh an Leothus riamh.

Ach sheall an t-iul-fhear tròcaireach,
 Oirnne 'n sin na thím ;
 'Nuair nach faoite bosd,
 Chuir a seoladair no saor ;
 O dhruim na mara mor-chleasach,
 'Si seoladh stigh na caoir
 'S le ruith nan tòンna' stròthanach,
 Bhuail i sgailc dheth sròin air tir.

'Nuair ràinig sinn an t-aite sin,
 Bha chuideachd fàilteach ruinn,
 Fhuair sinn tagha fàrdaich,
 Nach eil àicheadh os a cinn ;
 Gu ballach, aolach, sglèutach,
 Réidhleach, lotach, gleidhteach, grinn,
 Aig armunn fial do dh' Iomhairich,
 Aig nighean Triath Chillduinn :

Bha Caiptein oirnn 'san àite sin,
 'S ann as do dheanainn bòsd;
 Cha tigeadh glain gu clàr ann,
 Nach b'i shlaint-sa rachadh ol;
 Seana-mhnathan a briathrachas,
 Nach fac iad riamh bu bhoidhch,
 'S cagar mhaighdeann a fiafrachadh,
 O ghiall a bheil e pòist?

'Nuair chuir e aodach aisig dheth,
 'Sa dheasaich sè e féin;
 Shaoil mi nach bu mhasgull domh,
 Radh gu'm bu ghasd a chéum;
 'S e cainnt nan daoin' bha eolach air,
 'S e falbh f'a 'n còmhair air stréud,
 Tha e 'n sud 's gun bhean g'a chòbhrachadh,
 'Sa Righ bu mhor am beud.

So mo dhùrachd cinnteach dhuit,
 'S i 'n fhìrinn tha mi 'g ràdh,
 Gu ma cuimhneach air t-iùl-fhear thu,
 'S nach failt thu air gu bràth;
 Saoghal sona an deagh bheatha dhuit,
 'S deagh oighreachan bhi t-àit'
 A's uiread eile dh' iondrain ort,
 'Sa 'n àm am faigh thu bàs.

ORAN air each a fhuair am bard mar thabhartas
 o'n duin' uasal cheudna, 's air logh a fhuair e o
 mhaighdinn uasail airidh, agus an dithisd air
 basacha air le cheile, 'sa 'n aon earrach ;

Le Rob Donn.

Gar bheil mi 'm àraidh aig daoin' uaisle,
 'S aobhar thruais gu dearbh mi ;
 Le bean as clann 's nach eil mi saibhir,
 'S each gun oighr' air falbh uam ;
 Tha mis am bliadhna' air seòrs' do rian,
 Nach robh mi riamh 's nach earbainn ;
 Fo chrois 's fo phian, 's mo chroit fo chliabh,
 'Sa 'n cnàp ri cliabh ri m'earbull.

Fhuair mis o Sheorus gearran bànn,
 'S o Shenidh lair mar fhaoidhe ;
 Cha d'fhuair mi ach beag d'a 'n stàth,
 'Nuair b'iad sud a dhà a chaill mi ;
 'S e m' athchuing dhichiollach 's gach tìm,
 Anns gach urnaigh nì na rinn mi ;
 An logh is fearr a thoirt dà-san,
 'Sa'n stalan slàn do 'n mhaighdinn.

O'n chaill mise an t-each bànn,
 Gur tric a làn 'sa chliabh orm ;
 E bhi bàitht, gun fhiosam c'ait,
 Chuir mise tràth gu liathadh ;
 A cholla-mhàs lan, bhi 'm poll no 'm blàr,
 Aig sionnaich charn g'a 'm biadhadh ;
 Chaidh a thogail òg 'sa 'n sgoil aig Deòrs' *,
 'S bu mhath a choir air cliathadh.

Bu ghasd' mo phòinidhs' air an t-sreud,
 Gu marcachd speiseil iomachuin ;

A's b'fhanuis e air tarruing eill,
 Nach robh e riamh ag iomradh ;
 Fear Eilein Shannda air a chrann,
 'S b'e 'n t-oirein teannta cuimseach ;
 Air glasach ghleann, gun bhalc gun chan,
 'S gun cheannair ann ach inighin.

Their fear Straithe, sean a's òg,
 A's canaidh Donull Feirbeis ;
 Their fear Mheilinis a rìs,
 'S e fhein bi gleusd' 'sa 'n t-seirbheis ;
 Gur maирg nach d' fhuair nuair bha e òg,
 Air son tomhas òir no airgid ;
 Fear a gbleidheadh a rùn gu brath,
 Mar rinn each ban na Tairbeird.

An duine math o 'n d' fhuair mi thu,
 'S e fhein an tus fhuair t-fheum-sa ;
 Cha b' ionunn rian bh'agad 's aig pairt,
 Gu iasgach fàt na bheusan ;
 Na 'm biodh tu beulach, bruidhneach, breugach,
 Mar tha cach mu d' dheighlinns' ;
 Bhiodh Maistir Falconair ag radh,
 Gu m bu mhath an drasd 'sa chleir thu,

MARBHRANN IAIN GHRE, fear Roghard.

Le Rob Donn.

Tha rogairean airtnealach trom,
 'N taobh bhos agus thall do 'n Chrasg ;
 O'n chual iad mu'n cuairt an ceann-cinnidh,

Gu'n d' eugadh e'n Siorratmachd Pheairt;
 Dh'aindeoin a drachdan 'sa chiall,
 Cha do chreid duine riabh bha ceart;
 Aon smid thainig mach air a bheul,
 'S ni mò chreid e féin Righ na 'm feart.

Cha 'n aithne dhomh aon ni cho làdir,
 Air an t-saoghals, ri bàs gu toirt téum;
 An strachd thug e 'n drasd oirnn air aghaird,
 Gu'n do mharbh e fear Roghaid a leum;
 Tha Sàtan ro bhrònach 's cha 'n iongnadh,
 Ged fhaigheadh e'n t-aon-sa dha fein;
 Chionn nach eil fhathasd air sgèul aig,
 Fear a sheasas na àit' as a dheigh.

'S fad o'n chunnacas 's o'n chualas,
 Gur teachdaire gruamach am bàs,
 Gidheadh, gu bheil cuid diubh an daoch roimh,
 Toirt rùd-eiginn gaol dà an dràsd;
 Tha dùil aca 'n Cata 'sa 'n Galla,
 Nach urr' iad a mhòladh gu bràth,
 Air son gur h-e fhéin thug a chiad-char,
 A fear thug coig ciad car a càch.

Sibhse tha mor 'sa tha mion,
 Sibhse tha sean 'sa tha òg;
 Thugaibh cheart air' air a bhàs,
 'Nuair is beartaich' 'sa 's laine ur cròg;
 Oir thig e mar mhearlach 'sa 'n oidhche,
 Ged robh sibh uile cruinn ann mu'n bhòrd;
 'S cha 'n urrainn sibh a mhealladh le foill,
 'S gu'n do mheall e ceann-feadhnaidh nan ròg.

Rinn deomhain a's triùcairean talmhaidh,
 Raoighneach mu chealgair bhiodh tréun,

Co bu starich, bu charaich 's bu chlícich,
 'Sa b' fhearr chuireadh liobh air a bhréig ;
 'Se SATAN am breithe bu shine,
 Da 'm b'aithne gach fine fo'n ghréin ;
 'S b'e bharail nach fhaigte a leithid,
 Mur robh e 's na Gredhich iad fein.

Bu mhath leam an cionntach a bhualadh,
 'S cha b'aill leam duin' uasal a shealg;
 Ged chuireas mi gruaim air a choireach,
 Cha ghabh an duin' onarach fearg ;
 Tha Captein Rob Grè air a dhiultadh,
 Le breitheanas prionnsa nan cealg ;
 Rinn coimeasga Reothach a chumail,
 Gu uaisle a's duinealas gharg.

Tha breugan a's cuir air am fagail
 Do'n fhear is fearr tàlant g'a 'n inns'
 Cha luthaigeadh a chuis sud do Bhàtuir
 Bha onair a's ardan na ghrìd
 Ge comasach Iain a bhrathair
 Cha 'n fhaigh e sin an drasd a chion aois
 Ach 'n sin gheibh e obair an t-Satain
 Ceart comhluath 'sa 's bàs do dh' fhear Chraoich,

ORAN do dh' IAIN SUTHARLAN, d'a'm bu chomh-
ainn IAIN THAPAIDH, ann an eirig oran a rinn
easan a pilleadh marbhrann fhir Roghaid, air
son duais a fhuair e o shear Chraoich:—
Le Rob Donn.

Air an fhonn cheudna.

CHIAD fhear a shiubhlas do Chata,
Thoir fios gu Iain Thapaidh na'n rann ;
Nach boidheach 's nach dealbhach a chaluinn,
'S gur mi-thapaidh an t-anam a th'ann,
Mhol bladaidh nan glog-shuilean miothur,
Bha tur air a lionadh deth 'n t-sannt ;
An srog-thoineach, cab-phliathach, gròmach,
'S bu dearbhte do chiad e bhi meallt.

'S e chanas gach breithe is airde,
Gu 'n robh an fhior bhreug ann do bhus ;
'Nuair a shaoil leat a thogail mur chraoibh,
'S ann rinn thu a chrionadh mur lus ;
Cluinnear anns gach àite m' ur timchioll,
Ur 'n alla 's ur 'n iomradh aig cus ;
Cha chreid duin' ac thus mach o eis',
'S cha mhol duin' ac eis' mach o thus.

Bu bhaoth duit a bhi g'a mo leanntainn,
'S nach robh ann ad chantainn ach craos ;
Bha thu 'n toiseach ann ad spleadhadar caillte,
'Sa nis ad sheann-ghloichd leis an aois ;
Eidear na breithibh tha fiùdhail,
'S e chuireas mo chliùths' ann am prìs ;
Gu 'n robh 'm fear a bheum mi le spealadh,
Cho bhreugach 's gun mhol e fear Chraoich.

Nis a Rob Grè, ma phos thu,
 'S e Iain t-aon oglach 'sa 'n am ;
 'S urr' e thoirt meas air do bheusan,
 Le orain, le théis a's le 'rann ;
 Ni e Sagairt do dhuine gun chrabhadh,
 'S ni e deagh chlarc do dh' fhear mealt',
 Ni e stiùbhard do theaghlach gun iochd,
 'S fear faoghlum do 'n t-sliochd nach bi ann.

Shaoil mi gun chronaich mi tric dhuit,
 Bhi glacail an sgriobtuir * ad dhorn ;
 Ach 's ann a tha 'n t-amad dana,
 Siòr bhriseadh 'n treas aithne d'a dheòin ;
 Mur sin 's ann a soilleire chìthean,
 Gur sailche a chridh na thòn ;
 'S gur h-ann a tha fhaoghlum na theangaidh,
 'N dearbh alt am bheil bruidhinn aig eoin.

Ged leig sinn ar pearsannaibh taitneach,
 Ann am posadh gu liobasda leibh ;
 Na saoileadh 'nuair a thoilleadh sibh masladh,
 Gu 'n coisinn sin maiteachas duibh ;
 'S ni tha ciont' mu ar càirdne,
 Ged rinn ar fagail gu taobh,
 Nach d' thig iad a choidhch fo ar cliùth-sa,
 'S nach mò 'ni iad sibhse na 's naoimh.

Rinn sinn do sgiursadh mar throsg,
 Mach thair a Chrasg leis a ghaoidh ;
 Ach do sdiuradh le d' mhaistir fhein thu,
 Gu àit' anns an séideadh tu 'n daoí ;
 Cha 'n fhaighean fear fileanta facail,
 An Cata, na 'n Ròs na 'n duthaich 'c Aoidh ;
 Ach Iain gu moladh Rob Grè,
 'S e 's coir dha do ghleidheadh a choidhch.

* John Sutherland was the Schoolmaster of that parish.

Cha 'n fhaicear do leithid a shiomlaich,
 Ged amhaircte ceithir timchioll a ghlob ;
 Ma leanas tu 'n comhnuidh ri t-éucoir,
 Masgul a's breugan nach ob ;
 'Nuair a théid an t-anam gun reusan,
 Mach a dh' aon leum air do ghob ;
 Bidh tus' anns a chuideachd an coir dhuit,
 An donus a's Ròghard a's Rob.

**ORAN air comh-latha breith PHRIONNSA
THEALAICH ;—Le Rob Donn.**

An diugh, an diugh is réusantach,
 Dhuinn eiridh ann an sanntachas ;
 An treasa là air crìochnacha',
 Do dhara mìos a gheamhraidh so ;
 Deanamaid comunn failteach riut,
 Gu bruidhneach, gàireach, òranach,
 Gu botalach, copach, stòpanach,
 Le cruit, 's le ceòl, a's damhsaireachd.

Deanamaid comunn failteach,
 Ris an là thug thun an t-saoghal thu ;
 Olamaid deoch slainte,
 An t-Seimis oig o 'n d' inntrig thu ;
 Le taing a thoirt do 'n Ard-Righ,
 Gu 'n d' thuair do mhathair liobhraigeadh ;
 Dheth h-aon bha do na Gaidheil,
 Mar Dàibhi do chlann Israel.

Tha cupall bliadhna 's ràidhe,
 O 'n thainig thu do dh' Alba so ;
 Bu'shoilleir dhuinn o 'n trath sin,
 An fhailte chuir an aimsir oirnn ;
 Bha daoine measail miaghail oirnn,
 'S bha àrach nìth a sealbhach' dhuinn ;
 Bha barra' troma tir againn,
 Bha toradh frìdh a's fairge againn.

An diugh, an diugh, tha cuimhn' agam,
 Air puing nach coir a dhearmadach' ;
 Mu bhreith a Phrionnsa rìoghail,
 Dheth 'n teaghlach dhùrich Albunnaich ;
 Togamaid suas ar sùilean ris,
 Le urnaigh dhluth gun chealgaireachd ;
 'S ar lamhan na 'm biodh feum orra,
 Le toil, le eud 's le earbsalachd.

Togamaid fuirm a's meanmna,
 A's faithnear air ar dùrachd e ;
 Gu latha chumail sanntachail,
 As leith a Phrionnsa Stiùbhartaich ;
 Gur cal an àm na h-eiginn e,
 Ar carruig threun gu sdiùradh air ;
 Thug barr air cheud am buadhannan,
 S tha cridhe 'n t-sluaigh air dlùthadh ris.

Cha 'n iongnadh sin, 'nuair smuaintichear,
 An dualchas dheth 'n d'thainig e ;
 An doimhne bh'ann air faoghlum,
 S gun bhonn do dh' eis na nadur dheth ;
 Mar Shola' n cleachda' reusanta,
 Mar Shamson treun 's na lamhan e ;
 Mur Absolum gur sgiamhach e,
 Gur sgiath 's gur dion d'a chairdean e.

Nach faic sibh féin an spéis,
 Ghabh na spéuran gu hhi 'g ùmhladh dha ;
 'Nuair sheas an rionnag dhearsach,
 Anns an ait' an robhte sdiùradh leis ;
 An comhar bh'aig ar Slannui'ear,
 Roimh Thearlaich thigh'n do 'n duthaich so ;
 'Nuair chaidh na daoine ciallach,
 G'a iarruidh gu Ierùsalem.

Nis a Thearlaich Stiùbhait,
 Na 'm biodh an crùn th'air Seòrus ort ;
 Bu lion'or againn cùirteirean,
 Bhiodh tionndadh ghùn a's chleòcaichean ;
 Tha m' athchuing ris an Ti sin,
 Aige bheil gach nìth ri orduchadh ;
 Gu 'n tearuinn e o 'n cheilg ac' thu,
 'S gu 'n cuir e 'n seilbh do chòrach thu.

ORAN do bhean bainnse rinn briseadh geallaidh, an
 deigh a reiteach, 'sa dh' fhalbh le fear eile.

Le Rob Donn.

THUGAIBH 'n t-soraidhs' gu h-iomlan,
 Gus an inighin tha 'n Aisir,
 Agus cronacha' iomchuidh,
 Thaobh an iomrull a dh' fhas innt',
 Suil gabhair na h-aghaidh,
 Dhol a thaghadh na pairtidh,
 Chur na 's mo do dhragh oirr',
 'S na 's lugh a dò chairdean.

'S ann tha 'n t-suil th' ann a' t-éudann,
 Mar an créutoir is taire ;
 'S tha na 's mo do 'n ghabhair,
 Ann ad bhorthaig na 's stàine ;
 Rinn thu turnn air sn am so,
 Chuireas antlachd gu brath ort ;
 Le do raisein a chocadh,
 Ris a bhoc a bh' air laraich.

'S e mo bharail nach b' fhiach thu,
 Dhol g'a t-iárruidh thair sgìre ;
 Oir tha t-aigne 's do mhéanmna,
 Mar tha aimsir na 'm faoilleachd ;
 Chuir thu craicinn do thiumpain,
 Mar *mbasg* diultaiddh air t-aodann ;
 Rinn thu striopach do d' gheallamh,
 Soilleire t-allà no t-aogas.

'Nuair a chì thu do bhroman,
 Cha 'n eil thu 'n comain do chairdean ;
 Thug a chomhairl ort iomlaid,
 Cleas na siomlaiche bàtha ;
 Thig do 'n bhualidh gu slobhalt,
 'N deigh a laoigh a chur bàs oirr' ;
 Bheir am boinne gu sanntach,
 Gun chrann-laogh gun fhearna.

Mas e comhairl do chairdean,
 Thug ort Seumas a thréigeadh ;
 'S e do chliuth-sa tha fulang,
 'S e do bhuinig nach d' Rinn iad ;
 Am mac a rugadh gu bochdas,
 Cha ghlac e stochd ach air éigin ;
 'S air dhluithead airgid am pocan,
 Buailidh an copar ri cheile.

Na 'm bu mhise 'n duin og,
 Bhiodh dol a phosadh na h-inighinn,
 Agus fir a bhi lamh-ri,
 Do 'm bu ghnath a bhi 'g iorghaill ;
 Cha bhithinn mionaid ro chinnteach,
 Gan a h-inntinn a dh' iomlaid ;
 Mur biodh glas agus iuchair,
 An crochadh f'a h-imileig.

ORAN do SHALI GRANNTA, maighdionn uasal a
 bh' ann an Ionmhurnis ri linn na ciad Reisimejd
 Chataich bhi auns, a bhaile sin, agus mas fior
 am bard gu 'n robh na h-Oifigich a comh strith
 uimpe ;—Le Rob Donn.

Mu 'm faca mo shuil thu,
 'S e 'n cliùth ort a fhuair mi,
 A riomhainn a àluinn, éibhinn og.
 Gu 'n robh thu mar bhan-dé,
 Gu 'n geilleadh na sluaigh dhuit,
 A riomhainn aluinn, éibhinn òg.

Shaoil mi gu 'm bu spòrs,
 Nach bu chòir bhi ri luaidh e ;
 Ach 'nuair shìn an ceol,
 'S gu 'n d' thug iad a suas mi,
 Chreid mi h-uile drannt dheth,
 'Sa 'n damhsa 'nuair a għluais thu,
 A riomhainn àluinn, éibhinn òg.

'S e 'n t-aobhar nach fhagainn,
 Sàli aig a Choirneal,
 An riomhainn àluinn, éibhinn òg.

An t-eagal gu 'in biodh càch,
Le nàimhdeas na sgornan,

An rìomhairinn àluinn, éibhinn òg.

Créatoir cho ghrinn r'í,
A's creatoir cho bhoidheach,
Gu m bu mhor am béud,
Gu 'n cailleadh i d'a deoin iad,
Suireichean an t-saoghail,
Le aon fhear a phosadh;

An rìomhairinn àluinn, éibhinn òg.

Tha Deorsa ro dhàna,
Air a Mhaidseir na cbainnt,

An rìomhairinn àluinn, éibhinn òg.

Gu bhi cuir an ceilidh doibh,
Gu leir gu 'n robh sannt air,

An rìomhairinn àluinn, éibhinn òg.

Ach 'n uair thig an t-ol,
Mu 'n bhord anns na rancan ;
Olaidh e gu sunndách,
Deoch-slainte na Baintighearn ;
'Sa h-uile fear do chàch,
Mach o Shàli toirt taing dha ?

An rìomhairinn àluinn, éibhinn òg.

Thuit mi ann an dùsal,
Mar gu 'n tùislicheadh tranns orm ;

An rìomhairinn àluinn, éibhinn òg.

A's chunna' mi air an trùir ud,
I.e 'n sùilean 's le 'n samhlachd ;

An rìomhairinn àluinn, éibhinn òg.

A reir 's mar a dh' aodainn-sa,

An aodainn a rannsachadh,

Gu 'n duraichdeadh Sàli,

Am Maidseir na bhanntraig;

A's aoibhneas air Deorsa,

Mu 'n bhrón bh' air a Ghranntach.

An riomhainn àluinn, éibhinn òg.

Huile duine bha,

Sa Bhataillein ga 'm b eol i

An riomhainn aluinn, eibhinn, og

Chuir i ann arm bruadar

Fuasgaitt a's post iad

An riomhainn aluinn, eibhinn, og.

Ach gu ruig a's Tearlach,

Am Maidseir a b' òige,

Ged bu chruaidh ainmeil

Ann an armaitl Righ Deors' e;

Chaochaileadh e aogas;

Le gaol bhi d'a còirse;

An riomhainn àluinn, éibhinn òg.

Am fear is mo gradh

Cha nar e bhi suas riut

An riomhainn aluinn, eibhinn, og

'S e is mo cradh

Mur paighearr na dhuais e

An riomhainn, aluinn, eibhin og;

Bheir mi mo shuil,

No bheir mi mo chluas diom,

Ma tha h-aon do 'n triuir,

Is trice theid a luaidh riut,

Cho tinn le do ghaol,

Ris an aon sin is fuath leat;

An riomhainn àluinn, éibhinn òg.

ORAN do dhaoin' uaisle duthaich Mhic Aoidh,
air son iad bhi cuir a bhaird as an fhearrunn
chionn bhi marbhadh na 'm fiadh, agus cuid
dhiubh bhi na aghaidh, agus cuid eile dhiubh
bhi leis.

Le ROB DONN.

SEISD.

Ho ro 's fada 's gur fada,
'S cian fada gu leòir,
O 'n a bha mi air achdair,
'G iarruidh fasgath fo 'r sgòd ;
Nis, mas eiginn domh teicheadh,
'S nach eil leith-sgeul am chòir ;
C'uime 'n caonainn ur sgobadh,
'N diugh 's mi togail na 'n seol.

Jain Mhic Naoghais Mhic Uilleam,
Dhoirt iomadai fala,
C'uime am biodh tu g'a m'aicheadh,
'N diugh aig bèula a bharra ;
'S e mo bharail gu 'm b' fhearr dhuit,
Sineadh 'n argumaid eile ;
Oir 's tu fhein bha g'a marbhadh,
O 'n la dhfhalbhadh tu 'm baile.

Ho ro 's fada, &c.

Ach mas obair mì-dhiadhaidh,
Bhi marbhadh fhiadh anns na gleannaibh,

'S ioma laoch dheth do theaghach,
 Thuit gu trom anns a mhealladh ;
 Bu daoine fulteach o 'n d' fhas thu,
 'S cha b' fhearr cairdean do leannain ;
 'S mas peacadh sud tha gun mhathanas,
 Bidh tusa 's Mathanaich damaint.

Ho ro 's fada, &c.

Gu bheil tinneas na bliadhn-sa.
 Dol na 's piantaich 's na 's cràitich,
 Ach ni sinn faighidinn chiallach,
 Thig an riaghladh na 's fearr oirnn ;
 Thig an cumant gu socair,
 Nuair theid stopadh air Ahab,
 'S bidh sinn feuchainn ar lotan,
 Air beuladh Doctoir Bohàbhairn.

Ho ro 's fada, &c.

Ach a Dhoctoir Bohabhairn,
 Thug mi dàn duit nach tuig iad ;
 O 'n tha mis air bheag airgid,
 Buinidh oircheas ri t-obair ;
 Tha mo dhuil ri do phlàsta,
 Nuair tha càch g'a mo bruideadh,
 'S mar is faid' thu g'a charadh,
 'S ann is fearr e 'nuair thig e.

Ho ro 's fada, &c.

Iain 'Ic Eachuinn 'Ic Eain,
 Thirc mi 'meadhon mo dhragha ;

* A fictitious name given by the poet to one of the gentlemen whom he expected would be his friend at court.

Bheireadh teist gu mo chliuth orm,
 Air mo chula 's ri m' aghai,
 Le do chomhairlean rùnach,
 Bheireadh dùlan luchd lagha ;
 Bha do chuid ga mo chobhair,
 'S cha b' i do chomhairl bu lugha.

Ho ro 's fnda, &c.

Uilleam Mheilinis thàr-leám,
 Nach seas cairdeas air aona-chois ;
 'S math chumadh tu lamh rium,
 Gus 'n do thar thu mi 'm plunndrainn ;
 'Nuair a chunnaic thu 'n àrsmachd,
 Gu mo sharach' 'n Tunga ;
 Dh' fhas thu tolla-chluasach bothar,
 'S cha do chobhair thu 'n cunntar.

Ho ro 's fada, &c.

Ma chaidh mo chairdeas am fuairead,
 Ri daqin' uaisle na duthcha ;
 'S eigin nis dol a dh' iarruidh,
 Rathad fiar nach robh duil'am ;
 Far a bheil Domhull Thapaidh,
 Leughadh charaidse 'n Sgudaig ;
 Ach do 'n phreisg tha 'sa Gheata,
 'N coige athchuing do 'n urnaigh,

Math dhuinn ar cionnta.

Ho ro 's fada, &c.

RANN na CULAIDH *; le Rob Donn,

Mile failt ort fhir na culaidh,
 Thu féin gu meal i,
 Nar fhaiceam a choidhch air droch bhuil i,
 Fo fhear eil i, 'n deigh dhuit sgur d'i-'
 Fhuair thu 'n t-eithear sin o Chormaic,
 A's ro mhath 'n airidh,
 Bha i diamhain a's mi tharbhach aige 'n uiridh,
 Uair ar cladach tiorram treisgte 's uair air feist ;
 Gun aon duine cuir siol innte no aisd;
 'S ann eollach mur na fior sgiobairean a tha thu,
 Mionnan gun ghoimh, iochd gun mhasgul, 's ciall
 gun chràbhadh ;
 Cha 'n eil bagar dhaoine thugad, Triath no Sag-
 airt ;
 Cum o chladach, 's o gharbhlach, a's o sgeir i ;
 Cum air a taobh i, nach faigh i ciùradh, air a
 deire ;
 'S air a druim gu socair samhach 'n am a lionaидh ;
 'S ann agad fhein a tha'n t-eitheir
 maiseach, sgiamhach ;
 'S i na suidhe gu socair samhach,
 gidheadh gniomhach ;
 'S i gu crannach, meallach, ròpaclich,
 'n àm dhuit sìneadh ;
 Gu ma buadhach air do luchd,
 's nach paigh thu 'm frachd ;
 Na ma luaithe sud as a h-uchd,
 na tuille steach ;
 'Nuair theid i air a ciad siubhal,
 olamaid *fòidhe*,
 Gar'am faighear tuille luchd aisde,
 ach aon *bhòidhe*.

* Culaidh—a boat, alluding to a kept Miss.

CROS-DHAN le DUIN' UASAL araid da Leannan.

Leam fhein bu bblasda pog o d' bheul,
 Ighean ghasda is taitnich beus ;
 Le d' ghaol a dh' aomadh mi 's is ann,
 Le d' ghradh a dh fhas mo chaileachd fann ;
 Innseam a dreach, a cosmhalachd 'sa dealbh,
 Eisd rium le beachd a's gheibh thu leat a li-ainm.

Cia meachair, maiseach, dreachar tlachdimhor leom,
 Amhluidh mar shneachda dh'fhàs a cneas 'sa com,
 Mor thugse 's eolas bunailt agus ciall,
 Pairt deth gach subhailc, bhulicheadh ort gu fial;
 B'aït' leam ort còir dhomh fein le deoin na cléir,
 Eisd rium òigh ma tha mo ghloir ad réir,
 Le tiom-chridh, trocair, truacantachd a's gràs
 Le d'ghaol, dòn, saor a's fuasgail mi o'n bhàs.

MARBHANN UILLEAM MUILLEIR, an ceard ;
Le Rob Donn.

O'n uair chaidh Uilleam do'n ùir,
 Gur tearc againn sùil tha gun déur ;
 A muilleir, a bhrachadair, na chocair,
 Na mhnathan d'a 'm bu choir bhi ri spréidh ;
 Cha mho na clamhain a's gaothair,
 Tha subhach 'sa 'n fhaoghars' na dhéigh,
 Air son gu'm buineadh iomull na cloinne,
 Gach ugh a's gach eireag dha fhéin.

'S glan a tha 'n talamhs' na fhàsach,
 O 'nuair 'sa chaidh thu bàs o cheann mìos ;
 Ge maiseach na macain so dh'fhag thu,
 Cha seas iad dhuiinn t-aite na'n dìs;
 'S ann a tha acfuinn do cheairde,
 Mur shaothach na chlaraibh 's na dhìosg;
 An t-ord a's am balg ris an teine,
 An riosp a's an t-innein 'sa'n tiosp.

'S giorra mo sgil na mo-dhurachd,
 Gu innse do chliuth mar is còir;
 S minic a dhearc mi do chruinn-leum,
 Gus an t-aite bu chinntich do lòn;
 Sgiathan a chòta fo t-achlais,
 A's neul an tombac air do shroin,
 Gaoir aig na coin gu do ruith,
 'S mir air dhroch bhruich ann ad dhorn.

Cha 'n aithne dhomh gin feadh na talmhuinn:
 A choiteir a shearbhant, no thuath,
 Nach iondrain Uilleam as aodann,
 Oir shiùbhladh e'n sgire ri uair :
 Nis o 'na chual iad gu'n deach' e,
 Tha rud-eiginn snas air daoin' uaisl;
 Ar son nach eil gin anns a mhachair
 A ghlanas tigh c-c no poit' fhua'

ALLTACHA DHAILNACABAIG.

Fhir a mheudaich am bolla,
 Lughdaich a phris, torradh mara gu tir,

Sith eidear choimhearsnaich ;
 Bi leinn, bi againn, bi 'n ar measg ;
 Beannaich mo bhean 's mo chlann,
 A chearc bhuidhe 's na h-eòin,
 Cairistiona bheag 's na pàistean ;
 Cha 'n iarrainn a shòlas an domhain,
 Ach buntàta na Dalacha-cruinne ;
 Agus uisge nan easana' dubha,
 Agus casan fada dhol roimhe 'n abhuinn,
 'Sa bhi 'n Dailnacàbaig gu Siorruidh suthainn,

Amen.

ORAN eidear an sealgair agus am fiadh, **Le Don-**
ull mor òg, duin' uasal **Chamshronacha** bh'ann
 an Lochabar.

Fonn.—Gabhail Strath Dhruimnachdair, &c.

Sealgair. Mi 'm shuidhe sa bhachdan chaorainn,
 'S beag m' aidhear ris a ghaoidh so,
 I gabhail domh sa'n aodann,
 Dh'fhag m' aogasg gu gle bhochd.
 Mi m' shuidhe, &c.

Tha damh na luidhe sùas uaim,
 'S e'g amharc orm le tuaileas,
 'S cha 'n fhaod mi le dha għruam-shuil,
 Ceim gluasad as a so.
 Tha damh, &c.

Nam faighinn as so slaodadh,
 Gu bachd na craibhe caorainn,
 Mi fhin's mo ghunna craosach,
 Gu'n taomainn i ad chorp.

Na 'm faighinn, &c.

Fiadh. Gu'm b' fhearr dhuit cur a's cliathadh,
 Bhi 'g iomain cruidh 's ga'm biadhadh,
 Na staoic deth m' shithinn bhliodhnaich,
 'S nach fhiach i cuir am poit.

Gu'm b'fhearr, &c.

Mo leathar cha'n cil feum ann,
 Air tolladh leis na feursnaibh,
 Nach gràndha dbuit, bhi 'n deigh orm;
 'S nach d'rinn mi eucoir ort.

Sealgair. 'N cuimhne leat gach sealbhag,
 A Dh'ith thu anns an arbhar,
 Theid cuilein ann ad shealbhan,
 'S do mharbhadh air an spot.

'N cuimhne leat, &c.

Fiadh. Na 'n eisdeadh tu ri m' sheanachas,
 Gu 'n innsinn tuille dearbhaidh,
 Nach mis a bh'anns anns an arbhar,
 Ach fear bu ghairbhe dos.

Na'n eisdeadh, &c.

Sealgair. Na'n innseadh tusá dhomhsa,
 'N ceart bhall a' bheil e chomhnuidh,
 Bu chuimhneachan do d' sheors e,
 Ged dh'fhalbh do bheosa nochd.

Na 'n innseadh, &c.

Fiadh. 'N Creag chorraig tha e's t-samhradh,
 Air phost an Coire-maltaig,
 Tha tolairean cho teann air,
 'S nach geall e tighin an so.

'N Creag chorraig, &c.

Sealgair. B'fhearr leam na mo chota,
 Mi fhin's mo ghunna gròbach,
 Gu'm biodh-mid a' coradh,
 Ri crogairneach na'n cnoc.

B'fhear, &c.

ORAN gaoil le IAIN BRUN, Seanachaidh do Phrionnsa nan Gaidheal, d'a leanan's i air a threigsinn le fear eile phosadh am bliadhnn 1768, agus esan air posadh a peathar d'a cion, am bliadhna 1773.

CLUINNIBH cumha trom a Bhrùnaich,
 Mu Nic Dhughail o Dhunolla;
 'S mor a thuit d'a fior chairdean,
 Anns' na blair le Mac Colla.

Bha thu uasal 's bha thu aluinn,
 Sona'n fhardach d'a 'm buin thu;
 'S cha lughайд mo ghradhs' ort,
 Mi bhi'n drasd fo do chumha.

Och mo dhith bhi gun storas!
 Ao'r mo bhoirn bhi as éuguis;
 Sud'a chaill orm-sa ghruagach,
 Bheir do'n uaigh a's do'n éug mi,

Jodhoin, Iseabal Nic Dhughail,
 Maighdeann chliuiteach, deagh bhéusach ;
 O 'm pearsa og àluinn !
 Airidh ghraidh do na céudan

'S ann an Glasacha aig t-fhoghlum,
 Ghabh mi eolas a's spéis diot ;
 'S e mo dhith nach do phos sinn,
 A's sinn bhi deonach le cheile.

Bha thu Shileam na 'n uaislean,
 Sheas a suas le Righ Seumas ;
 'S leis na Righribh bha Dhundualach,
 Ged a buadhaich orra 'n eucoir.

'S trom do chumhasa ri ghiulan,
 'S cha dugh dhomh uaith éiridh ;
 Oir leithid mo leannains',
 'S tearc 'sa 's anna iad air feilltean

Co i nighean a Ghaill chrocaich ?
 Lan do storas 's do bheurla,
 'N diugh a lionadh mo shuileans'
 Dheagh Nic Dhughail a d' dheigh-sa,

Siol na 'm boineidean odhar,
 'S na 'm falluinge liath-ghlas ;
 'S ann leamsa O ! gu 'm bu choma,
 H-aon bha boinionn dhiubh iarruidh.

Ach ! cha choirich mi gu brath thu,
 'S e do chairdean-sa theum thu ;
 'S chuir Mac Dhughail Dhunolla,
 Air a bhodach thu 'r eiginn.

Luidh a ghrian air Beinn-Ibheis,
 'S chite rionnag 's na speuran ;
 Solfa 'n d' aontaich Nic Dhughail,
 Mise, am Brunach a thréigsinn.

Ach na 'm bithiñns' aig Dunolla,
 'S cho chomasach a's deonach ;
 Bheirte la Chuileodair,
 Mu 'n do chuir iad air bord thu.

O ! gun bhi ann ad dhuthaich,
 'S buidheann a Bhrunaich o Chomhal leam ;
 'S air an turas ud mur bæi'chinn,
 Bheirte 'n uaigh dhomh mar phorsan.

Oir ged tha mise falamh,
 Tha mi fallain deas ogail,
 'S cha choimeas mi ri d' cheil-'sa,
 Tha na éigin fo 'n loinidh.

'S gar an d' fhuair mi chum arain,
 Ach m' ealdhain a's m' fhoghlum ;
 Fhad 'sa mhaireas an saoghal,
 Bidh daoine 'm feum bhrogan.

Nis cha phos mi ri m' lathaibh,
 Dubh-chail' air son storais
 'S co i thoilcheas mi na deigh-sa,
 'S deas a theid i na brogan.

Coig bliadhna o 'n uin' ud.
 Chrath am Brunach am bron deth ;
 A's phos e piuthar do Nic Dhughail ud,
 \$ lion i shiuilean 'sa sholas.

B i Mairi mo raoghainn,
 'S a thaghainn thair storas ;
 'S cha 'n eil leithid mo cheil-sa,
 'N diugh ag eiridh aig Seorus.

Tha i iorasal agus uasal,
 'S i gu truacanta cairdeil,
 'S gach buaidh eile tha dualach,
 Do bhean uasal an deagh naduir.

Tha i Shileam na 'm fear feachdail,
 Ghineadh o 'n t-seachdamh Righ Domhnall ;
 'S tha i Rioghail 's bu dual d' i,
 Deth na Stiubhartaich, chaidh fhogradh.

Sibhs' O ! fhearaibh mo dhuthcha,
 Fhuair air diultadh, bihibh coma,
 S leanaibh eisampleir a Bhrunaich,
 Mu Nic Dhugaill o Dhunolla.

CUMHA no marbhrann do Dhonull Mac a Phearsain, agus d'a mhnaoi, Caitriona Nic Ghille-mhicheil, a bha poiste ré coig agus da fhichead bliadhna, agus a chaochail beatha mar sheachduin d'a cheile, ann an deireadh a mhios mhaidh 1799. Le Iain Brun ceudua.

Fonn—Deoch slainte Thighearna Chluainidh.

THA mise 'n so 'n Lunnainn,
 'S mor mo mhulad a's m aobhar ;

Mu 'n sgeul a fhuaras o m' dhuthaich,
 Gu 'n deachaidh 'n uir air mo dhaoine ;
 Tha 'n lannhuin onarach chairdeil,
 Nis air fagail an t-saoghails' ;
 Mo chliabhain 's mo phiuthar bha aluinn,
 Air an caradh 'n Ionmhurchaolain.

'S ann an clagh ud Ionmhurchaolain,
 'S i ag caoineadh a h-athar ;
 Air tigh'n thairis o Bhod d' i,
 'S o Aros mor Cheánnagharaidh ;
 Chunnaic Donull air thus thu,
 'S e g'a dbuthaich aig dol dachaидh ;
 O Leainhnaich nan Ard-bheann,
 'S o thigh brathair Mhaistir Ailein.

Bu taitneach grasmhor ur beatha,
 'S cha do sgaradh 'sa bhas sibh ;
 'N aon seachduin do dh' uine,
 Bha sibh 'sa 'n ùir air ar 'n aireamh,
 Bha sibh measail aig uaislean,
 Trid ur gluasad 's deagh ghnathacha',
 'Sa 'm fad 'sa bha sibh 'raon mairionn,
 Bha againn athair a's mathair.

'S ann uaitse Dhomhuiil 'Ic-a-Phearsain,
 Fhuair mi fasgadh 'nuair b'og mi ;
 'S on a phos thu Caitriona,
 Mhair thu dileas gu leoir duinn ;
 Coig bliadhna 's da fhichead,
 Lion sibh boidean a phosaidh ;
 'S chaidh ur lathaibhs' a thomhas,
 Chaith sibh an sonas 'sa 'n sòlas,

Achaphùir ann do ghin thu,
 'S do d' chinneach bha dualach,

Thainig teachdair a bhais ort,
 Thug o t-aros gu t-uaigh thu ;
 Lean Caitriona do ghiulan,
 'S bu ghearr a h-uin anns an uair ud,
 Oir anns an uir chaidh a caradh,
 Lamh-riut 'sa 'n ath-luain ud.

Bidh Nic Dhughail gle bhronach,
 Tha nochd a chomhnuidh 'n Dunéidionn,
 Phos mise gle og i,
 'S bu mhór aig a piuthar-cheil' i ;
 'S moch a dh' fhag i Ionmhurchaolain,
 Thigh'n g'ar faoilteach' le cheile ;
 'S phill sinn dachaidh le solas,
 O bhaile Bhoid air la feill lea.

Thoir mo bheannachd le durachd,
 Gu mo dhuthaich 's gu mo chairdean,
 'S tearc an diugh na tha suas diubh,
 'S nach do bhuadhaich am bas orr' ;
 Tha mo chomhaltan gaolach,
 As an t-saoghals' air m' fhagail ;
 'N Ionmhurchaolain na 'n Dunoimhe,
 Cha 'n eil iad róham mur b'abhaist.

Mar a ghrian 's i dol sios uainn,
 Air cul Chinntire a's i luidhe ;
 'Sa bhios a faileus a direadh,
 O Bhuachaill-Fhine gu Gleanfalach ;
 Mur sud bidh cuimhn' air an lamhnuin,
 Chaidh an laithibh mar sud thairis ;
 A Righ gu 'm b'ainmeil an Comhal síbh,
 'M Baile Bhoid 'sa 'n Ceannagharaidh.

Mur chraobh mi air a rusgadb,
 'S air a lubadh a ta mi ;

Ag caoidh na dh' fhalaich an uaigh orm,
 'S an cuan do mo chairdean ;
 Nis tha 'm bas domh am fagas,
 'S an t-aiseag chum sioruichd,
 'S riamh cha 'n fhacas fear turais,
 A phill tuille o 'n tir ud.

LUINNEAG MHIC NEACHDUINN.

'S fhad tha mi 'g eisdeachd ri ur diochuimhn,
 Aig cuir air tuireamh gu lionmhor,
 Air clann na 'm bodachana' criona,
 Gun luaidh air uaislean na tire,
 Maighisdir an fhuinn so shios uainn,
 An Leitir bheag 'sa 'n Duin phrìseil,
 Ceist na 'm ban o 'n Chlachan Shìlorach.

Hò hì hiù rubh ó, hì hò riunn ó,
 Hì hiù rubh ó, hì hò riunn ó,
 Hì hiù rubh ó, hì hò riunn ó,
 Hì hiù rubh ó, hì hò i hò.

Ge b'e thagradh ann an strìth ort,
 Gu dearbh cha b' fhada gun dol sìos e,
 Dh' éireadh Gordanaich leat dileas,
 Luchd nam trupa gorma cruidheach,
 'S lionmhor aca pasgan phìcean,
 'S lionmhor brataichean a's pìoban,
 'S lionmhor clogaid a's cuilllobhair,
 'S lionmhor bogha 's saighead dhìreach,
 S lionmhor dag a's sgian phrìseil,
 S lionmhor spainnteach air thaobh clìth orr,
 Glac an iudhair ann am bian-ghlaic.

Hò hì hiù rubh ó, &c.

Ge b'e thag'radh ort gun réusan,
 Bu cham a chomhail da 'nuair dh' éireadh,
 Thig ioma conspunn leat a Erinn,
 Thig Iarl Andrum nan each ceumnach,
 Bheir a bharcan a's coig céud leis,
 'S ioma curaidh calma treubhach,
 Thig a Ile ort na 'n deigh sud,
 Thig luing a's Saoil an aobhar t-fheirge.

Hó hì, &c.

Cha 'n iongnadh dhuiste bhi eibhinn,
 'S ioma sruthan bras fo d' leinidh,
 Do shíol na 'n curaine gleusda,
 Car thu Dhuimhne, Cholla, Sheimis,
 Shomhairle bhuidhe nan geur-lann,
 'S do Dhonull gorm a bha 'n Sleibhte,
 Car' thu Dhonnacha ruagh na feile.

Hó hì, &c.

Chuir mi iul ort a's cha b' aithreach,
 'N tus an t-samhraidh so chaidh thairis,
 Air og finealta dh' fhas barail,
 Bha thu cairdeach do Mhac Cailein,
 Do Dhunolla nan stuagh geala,
 Car' thu Thighearna Loch ná 'n Eala,
 Do Dhonnacha Diùrach 's do dh' Ailein.

Hó hì, &c.

'S ionmhuinn leam Iain is òige,
 Calpa deas air thus na torach,
 'S math thig luireach dhuit a's góirseid,
 Agus leine 'n anard Tholaind,
 Cota goirid air òradh,
 'S boineid hhreac nan caitein gorma,
 'S breacan nan triuchana boidheach.

Hó hì, &c.

Alasdair a chùlain chleachdaich,
 Sud am beus a gheibht' ad chaisteal,
 Bhi 'g ol fiona 's cluich air chairtean,
 Do cheathairne og eutrom ghasda,
 'G ol air uaislean 's ga chur seachad,
 A plosaibh oir air an lasadh.

Hó hì, &c.

Alasdair a chùlain bhuidhe,
 Gu 'n robh an Righ dhuit mur mo ghuidhe,
 Ceist na 'm ban o 'n Ghleannan chumbann,
 'S o 'n Leitir an cois an Rugha,
 Slat is dirich thu a t-uigheam,

Hó hì, &c.

'S Neachdunnach do shloinne direach,
 'S cha b' ann an cagar os 'n iosal,
 Tha thu shliochd nam Moireacha priseil,
 Dheanadh luchd ealaidh dhioladh.

Hó hì, &c.

Oigeir aigionntach gun ardan,
 Ceannard air feachd thu neo chearbach,
 Gairdean geal ga math thig armachd,
 'S math thig claidhe dhuit a's targaid,
 Agus stapull do 'n òr dheallrach,
 'S pic ùr a dh' iudhar na Meallraich,
 'S glac nan ceann sgaiteach o 'n cheardaich.

Hó hì, &c.

'S lionar claidhe dh' eireadh leatsa,
 Thig Mac Raoghnuill ort o 'n Cheapaich,
 Mac Iain Stiùbhait as an Appuinn,
 Thig Mac Dhonuill Duibh o 'n Chorpach,
 Thig Mac an Aba a Gleanndochard,
 'S Tighearna Ghrannt o Bhaile-Chaisteil,
 Thig Mac Shimidh a's Clann Chatain,
 'S larla Shiophort nan garbh bhratach.

Hó hì, &c.

Dh' eireadh sud leat ann ad chabhaig,
 Alasdair Dubh Ghlinne Garaidh,
 Triath na Luib' s na Learga marr-ris,
 Sa Meinnearach gun ghaog mar charaid,
 Ogha Dhonnacha Duibh a Bhealaich,
 A's Mac Pharlain as an Arair,
 'S Mac Laomainn o thaobh na mara.

Hó hì, &c.

Shaorainn Ealasaid o mhulad,
 Ceist nam ban o thur nan uinneag,
 Gu 'n gleidh an Righ do dhà chuilein,
 'S gu 'n seachainn e uatha tubaist,
 'S na 'm b' aill leibh e dheanainn tuille.

Hó hì uiù rubh ó, &c.

ROYAL CHARLIE—Or,

BEATHA PHRIONNSA THEARLAICH do
 dh' ALBUINN ;—air eidear-theangacha' o' Bheurla
 gu Gaidhlic leis an ughdair.

Fonn—Auld Wife ayont the fire, &c.

'NUAIR chuir an Fhraing thugainn cògnadh,
 Cuide-ri Priomnsa na còrach,
 Air tir mu thuath thain' e 'n tòs oirnn,
 'S e b' aimm do 'n òigeir Tearlach.

Ach o ! b' fhada e gun tighin,
O ! b' fhada e gun tighin,
B' fhada, b' fhada e gun tighin,
Fear mo chridhe Tearlach.

'Nuair a sheas e air an traigh ann,
 Chruinnich na bha 'n sin d'a chairdean,
 Toirt pog-an-laimh dha 'sa 'g radhainn,
 'S e do bheatha Thearlaich.

Ach o ! b' fhada thu gun tighin, &c.

'Nuair thainig e air tir am Mùideart,
Thachair Lochiall ris air tus ann,
'S le aiteas rinn e bheatha 'n duthaich,
Le umhlachd do Thearlach.

Ach o! b' fhada e gun tighin, &c.

Cha 'n fhaigh sinn peiceag bhracha thogail,
Gun Deorsa dh' fliaotainn coire 'n obair,
'S càl gun salunn bhios n'ar gogain,
Chion mo bhobain, Tearlach.

Ach o! b' fhada e gun tighin, &c.

Air Tearlach bha an t-eideadh loinneil,
Breacan a's cochd-ard am boineid;
Gu 'm b' e sud am flath bha foinnidh,
Gun choimeas do Thearlach.

Ach o! b' fhada e gun tighin, &c.

Gu ma cuimhneach bhios ar gaisgich,
Air euchd an ath'raichean 's na feachdan,
'S mar bhà leotha buaidh nam baiteal,
Le sdiùradh tapaidh Thearlaich.

Ach o! b' fhada e gun tighin, &c.

Sibhse tha dileas mar bu dùgh dhuibh,
Do reachd ur Righ dligheach duthcha,
Biodh an t-snighe tigh'n o 'r suilean,
Le durachd mu Thearlaich.

Ach o! b' fhada e gun tighin, &c.

'S biodh aig gach Gaidheal duineil,
'N àm dha dol an cinnseal cumasg,
Boineid dhughorm ri chuir uime,
Mur chiumhn' air culaidh Thearlaich.

Ach o! b' fhada e gun tighin, &c.

Fhad 'sa bhios an deo 'n ar creubhaig,
Dh' aindeoin gach rosaid duinn a dh' eireas,
Seinnidh sinn gu h-ard a's eibhinn,
Moladh speiseil Thearlaich.

Ach o! b' fhada e gun tighin, &c.

SUBSCRIBERS NAMES.

A.

Mr Hugh Allan, Clyde Street,
Edinburgh
Robt. Allan, Queen's Street, do
Will. Allan, tailor, Inverness
Captain Aird, Cromarty
Miss Marg. Aitken, by Dingwall
Mr John Anderson, Edinburgh
Will. Anderson, Abernethy
Malcolm Anderson, Dalwhinnie
Peter Anderson, Barnaluing
Geo. Anderson, wright, Edinr.
Geo. Anderson, upholsterer, do
A. Anderson, weaver, Achacharn
John Anderson, Coilbhealach,
Glencuaich
John Anderson, Shian, do
Geo. Anderson, Achnafad, do
Mrs Andrew, Salisbury Place, Edin.
Mr R. Austin, vintner, Inverness

B.

Right hon. the Earl of Braidalbin,
4 copies
Mr P. Baillie, vintner, Inverness
Dr Robt. Bain, minister, Kiltarility
Mr Jas. Bayne, M.D. Grantown
John Bain, merchant, Dingwall
Colin Bain, Tain
Daniel Bain, Bluehouse, do
Robt. Bain, Newtown, Strathspey
Dan Bain, Abercromby Pl. Edinr.
Robert Bannatine, Fishery-office,
Leith
Rev. Mr Beaton, Alness
Mr Angus Beaton, Ardtun
N. Beaton, schoolm. Whitehouse
James Beaton, writer, Inverness
Miss Jean Beaton, Mungastle,
Morven

Colin Bell M'Lachlan, esq. of Craig-
tairve
Mr John Bell, Balloch, Kintyre
John Bell, Craignure
John Bell, Portnellan, Islay
Donald Bell, do do
John Bell, Balcharvy, do
Hugh Black, teacher, Jura
C. Black, Ru-ardgainich, Lismore
John Black, do
Mal. Black, Portnastuck
Donald Black, I-colmkill
John Blair, Killacraw, Kintyre
Neil Blue, Ballachroy, do
Malcolm Blue, Gigha
John Boyd, Prince's Street, Edinr.
John Bryce, bookseller, do. 2 copies
Lachlan Brollachan, Lagachoirck
J. Brown, genealogist to his Royal
Highnes the Prince Regent
J. Brown, Drumcrosk, Glenlochay
Will. Brown, vintner, Kilmore
Donald Brown, joiner, Slatrach
Robt. Brown, writer, Edinburgh
Colin Brown, wright, Bowmore
Arch.Buchanan, esq. Campbeltown,
2 copies
Rev. R. Buchanan, Edinburgh
Rev. R. Buchanan, Peebles
Mr. J. Buchanan, Dura, Appin
D. Buchanan, Kilmahog
R. Burns, Bunaw-House
G. Burns, Pulteney, by Wick
Thos. Butters, teacher, Fortingal
Robert Butters, wright, do

C.

Mr Alex. Calder, Balvicar, Islay
Peter Calder, vintner, Inverness
Charles Calmady, esq.

- | | |
|---|---|
| Mr John Caldwell, Bailchulish | Mr Sam. Cameron, schoolm. Morven |
| Alex. Cameron, esq. Glenborridale | Murd. Cameron, Rothiemurchus |
| Captain Cameron, Strone, Lochaber | Duncan Cameron, boatman, do |
| Capt. D. Cameron, Leitteireilein | John Cameron, innkeeper, Oban |
| Capt. J. Cameron, Reishipol | Angus Cameron, Ounich |
| Mr J. Cameron of the Excise, Tain | John Cameron, mercht. Laga |
| Allan Cameron, Inverscadel | Alex. Cameron, Strone, Ranachan |
| Hugh Cameron, brewer, Glasgow | Don. Cameron, joiner, do |
| Donald Cameron, clerk, Govan, do | Donncheann Camashron, Cardross |
| Duncan Cameron, Balichatriken,
Islay | John Cameron, Kenlochleven |
| Alex. Cameron, Malban, Kintyre | Dun. Campbell, esq. of Barcaldin,
4 copies |
| Hugh Cameron, ironm. Stirling | Mal. Campbell, esq. of Barmollach,
2 do |
| Jas. Cameron, Pitfurie, Perthshire | Ar. J. Campbell, esq. of Danna, 2 do |
| John Cameron, Aulich, Rannoch | Robt. Campbell, esq. of Kintarbert |
| Ar. Cameron, Aldlaraich, do | Dugald Campbell, esq. of Balnaby |
| John Cameron, innkeeper, Blair-
Athol | Dun. Campbell, esq. of Ardneave |
| A. Cameron, mason, Foss | Robt. Campbell, esq. of Ardchattan |
| John Cameron, wright, do | John Campbell, esq. of Glenmore |
| Hugh Cameron, wright, Tayn-
loin, Lochtay | Dugald Campbell, esq. Auchlian |
| Alex. Cameron, serjt., Kenmore | Don. Campbell, esq. Ardnacross |
| James Cameron, mercht. Stron-
fernán | Mal. Campbell, esq. Cornaig |
| D. Cameron, Dalchlin | Colin Campbell, esq. Sunipoll |
| John Cameron, mercht. Callander | Will. Campbell, esq. of Druimfiur |
| Arch. Cameron, vintner, Killin | Alex. Campbell, esq. Barmady |
| Hugh Cameron, shepherd, Tayn-
drum | J. Campbell, esq. W.S. Abercromby
Place, Edinburgh |
| Allan Cameron, Bailchulish | Colin Campbell, esq. Esdale - |
| Angus Cameron, Bailchulish ferry | Duncan Campbell, esq. Treinish |
| Don. Cameron, shepherd, Corran | Major Campbell, esq. Barnacarra |
| Alex. Cameron, barrack-serjeant,
Fortwilliam | George Campbell, esq. Kinnabuss |
| John Cameron, weaver, do | Arch. Campbell, esq. Ardnahow |
| Allan Cameron, wright, Muir-
shirlich | Lieut. Campbell, Kiliundin |
| Allan Cameron, Carrick | Rev. A. Campbell, Kilcalmonell |
| John Cameron, Corpach | Rev. D. Campbell, Kilfinichen |
| John Cameron, do | Rev. D. Campbell, Kilniver |
| Don. Cameron, Height of Keppoch | Rev. B. Campbell, Ardnaseer |
| Don. Cameron, do | Mr Alex. Campbell, Inverness
Academy |
| John Cameron, Lismore | Pat. Campbell, Crown Hotel,
Prince's Street, Edinburgh |
| Will. Cameron, High Bridge,
Lochaber | Colin Campbell, Kilmichael,
Glassary |
| Chas. Cameron, Low Bridge, do | D. Campbell, student, Ross, Mull |
| Will. Cameron, wright, Inverness | Alex. Campbell, student, Glen-
cuaiach |
| Will. Cameron, confectioner, do | A. Campbell, student, Sonachan |
| H. J. Cameron, Tain | Neil Campbell, Ashfield |
| Hugh Cameron, Pointsfield | Donald Campbell, Turnalt |
| Jo. Cameron, Leckroy | Don. Campbell, by Campbelltown |
| Alex. Cameron, Baltickbeg, do | Duncan Campbell, Glasgow |
| Alex. Cameron, mercht. Bailblair | John Campbell, Ugudale |
| William Cameron, Greenmore,
Inverness | Will. Campbell, Taycargaman |
| Don. Cameron, Milncroft, Aber-
nethy | Ar. Campbell, Laogin |
| | Alex. Campbell, student, Stix |
| | James Campbell, Kilchoman |
| | John Campbell, merch. Tayvalich |

Mr Arch. Campbell, 1st city officer, Edinburgh
 J. Campbell, vintner, Tayvalich
 Don. Campbell, Castlesweem
 J. Campbell, Fernoch, Knapdale
 D. Campbell, wright, Lochgilp-head
 Arch. Campbell, postman, Campbeltown
 Lachlan Campbell, Gigha
 John Campbell, schoolm. Barr
 John Campbell, Knock-House, Skipnish
 John Campbell, Kincardine
 Dan. Campbell, vintner, Perth
 J. Campbell, mason, Castlehaugh
 James Campbell, weaver, Moulin
 Duncan Campbell, Kilchonnan,
 Dug. Campbell, Camaguran, do
 D. Campbell, vintner, Aberfeldy
 J. Campbell, wright; Taymouth
 Ar. Campbell, Fortingal
 Dan. Campbell, vintner, Crieff
 Mal. Campbell, miller, Killin
 Charles Campbell, Innishewin
 Peter Campbell, Tomachrochair,
 Lochtaay
 Dun. Campbell, Creganchrosk
 Alex. Campbell, Acharioch
 J. Campbell, Slate Quarry, Bal-chulish
 John Campbell, mercht. Fortwm.
 Geo. Campbell, smith, Innishrory
 Fras. Campbell, saddler, Fortrose
 Hugh Campbell, mercht. Beauly
 Jo. Campbell, by Rothiemurchus
 J. Campbell, Aulich, Rannoch
 Peter Campbell, Stronmillichan
 Ar. Campbell, Shellochan, Lochow
 Alex. Campbell, Fernoch, do
 Alex. Campbell, vintner, Crarea
 Edw. Campbell, Barmollach
 Godfrey Campbell, Craignish
 Alex. Campbell, Garara, do
 Colin Campbell, Kames, Melford
 Hugh Campbell, teacher, Kilmore
 Miss Mary Campbell, York Place,
 'Edinburgh
 Miss M. Campbell, Port-Appin
 Mr Duncan Campbell, do
 Dan. Campbell, sawyer, do
 Peter Campbell, waiter, Uphall
 Ang. Campbell, Miltown by Tain
 Evander Campbell, by Beauly
 Dug. Campbell, Customh. Oban
 John Campbell, flesher, do
 James Campbell, wood-officer,
 Ardmucknash

Mr A. Campbell, Kilvickewin, Ulva
 Arch. Campbell, Shian, Appin
 H. Campbell, shoem. Ardmenoch
 Dan. Campbell, Ardtun, Mull
 A. Campbell, wright by Bunessan
 Dan. Campbell, teacher, Strontian
 Dan. Campbell, mason, Ardnahua
 Ar. Campbell, Gate, Seil
 Colin Campbell, Esdale Quarry
 Alex. Campbell, mercht. Luing
 Dan. Campbell, Shellachan, Lorn
 Dan. Campbell, Skamadale
 Dan. Campbell, Barchastlan
 Alex. Cattanach, by Kessock
 J. Carmichael, mercht. Callander
 Miss H. Carmichael, Kinrara
 Mr M. Carmichael, Aros
 John Cathell, Glenfincastle
 Alex. Carmichael, Liurabús
 Bishop Chisholm, Strath-glass
 Mr A. Chisholm, High Town, Airds
 Ken. Chisholm, teacher, student
 of divinity, Edinburgh
 J. Chisholm, wright, by Miltown
 Colín Chisholm, officer of Excise,
 Urquhart
 John Chisholm, Maryburgh
 W. Chisholm, miller, Bruiach
 John Christie, Tayndrum
 D. Christie, vintner, Crionlarach
 Dan. Christie, writer, Edinburgh
 Dun. Clark, Gigha
 Peter Clark, teacher, Aberfeldy
 Peter Clark, Ardeonaig
 Dun. Clark, road-contractor, by
 Killin
 John Clark, mercht. Inverness
 Alex. Clark, wright, Dingwall
 Don. Clark, Findorn, by do
 Will. Clark, mercht. Inverness
 Don. Clark, officer of excise,
 Strathglass
 Dug. Clark, smith, Achafolla
 Neil Clark, Laganbeg
 Dr Comry, at Comry
 Mr John Concher, Balinluig
 J. Cormack, vintner, Cromarty
 Hugh Cowan, surgeon, Oban
 Dun. Cowan, watchmaker, do
 Dun. Cowan, tailor, Glencruitan
 Don. Crawford, esq. Jamaica
 Rev. Dugald Crawford, Skipnish
 Mr D. Crawford, mercht. Dingwall
 Alex. Crawford, Corpach
 Don. Crawford, Kilberry
 John Crearer, wright, Ardeonaig
 Peter Crearer, Claontours, Lawers
 P. Crearer, Tuirich, Glencwaich

Mr Alex. Cummings, smith, Fort-Augustus

A. Cummings, mercht. Inverness
 James Cummings, Knockban
 Hugh Curry, Glassans, Islay
 Lachlan Curry, Balcharvy, do
 Gilbt. Curry, Oragaig, Skipnish
 Dan. Curry, student, Corpach
 Mur. Curry, vintner, Bowmore

D.

Mr A. Darroch, Balcharvy, do
 A. Davidson, tailor, Edinburgh
 Eben. Davidson, teacher, Coll
 John Davidson, mercht. Fortrose
 John Dawson, Kilcalmonell
 James Denoon, preacher, Edinr.
 James Dewar, jun. Leith Foundry
 Dun. Dewar, Arrochar
 Peter Dewar, shoem. Callendar
 Pat. Dewar, teacher, Amulrie
 Thos. Dewar, Drumnakyle, Foss
 R. Dewar, hostler, Kenmore
 J. Dewar, Croftmartaig, by do
 Peter Dewar, mason, do
 Will Dewarson, road-contractor,
 Tain
 Alex. Dick, joiner, Oban
 Colin Dingwall, writer, Edinr.
 Kenneth Dingwell, Montritch
 J. Dochard, innkeeper, Dalnally
 Don. Docharty, Balgrant, Islay
 James Dow, Woollenhall, Glen-
 cuaiach
 Lachlan Douglas, mercht. Oban
 John Douglas, Dunoon
 Alex. Douglas, overseer, Coll
 Alex. Douglas, tailor, Edinburgh
 Alex. Dow, chairman, do
 Malcolm Downie, Esdale
 Peter Drummond, Lochernside
 Rev. David Duff, Moulin
 Mr J. Duff, wright, Almond
 Peter Duff, at Lagganrate Inn
 Don. Duff, Donavourd
 John Duff, shoemaker, Moulin
 Alex. Duff, Pitlochry
 Don. Duff, Croitnamuick
 Sir Thomas Dykeland, Bart.

E.

Mr Arch. Ewart, writer, Campbell-
 town
 John Edward, writer, Inverness

F.

Capt. A. Falconer, Drumrioch
 Mr. J. Falconer, shoem. Inverness
 J. Ferguson, esq Middlehaugh
 Rev. J. Ferguson, Rannoch
 Mr Don. Ferguson, Torravoick
 W. Ferguson, mercht. Aldcluny
 J. Ferguson, Glenfincastle
 D Ferguson, teacher, Ardeonaig
 John Ferguson, Blairliargan
 Alex. Ferguson, Stronfernarn
 Peter Ferguson, Callander
 Mur. Ferguson, wright, do
 Robert Ferguson, mason, Achra
 J. Ferguson, teacher, Strathyre
 J. Ferguson, drover, do
 Dun. Ferguson, Stronvar
 Dun. Ferguson, Monchell
 Pat. Ferguson, Balquhidder
 Don. Ferguson, Auch
 John Ferguson, Calchoil
 Don. Ferguson, Skamadale
 Dun. Ferguson, teacher, Luing
 Don. Ferguson, Turf-coffeehouse,
 Edinburgh
 John Ferguson, Stonefield
 Don. Ferguson, Toruristle, Islay
 Don. Ferguson, Claderty, do
 Ferguson, spirit-dealer, Dunkeld
 John Ferguson, smith, Squidel
 Rev. Robt. Findlater, Ardeonaig
 Mr Robert Findlater, merchant,
 Drummond, Ferndonald
 James Findlay, Grantown
 Peter Fisher, S. M. by Amulrie
 Don. Fisher, teacher, N. Knapdale
 Robt. Fleeming, Aberfeldy
 Angus Fletcher, Ardvrecknish
 John Fletcher, Inveroran
 Lieutenant Fletcher, Perth Militia
 Mr John Fletcher, Bernice, Cowal
 Hugh Fletcher, Fidin, Mull
 Rev. D. B. Forbes, Amulrie
 Mr Don. Forbes, writer, Perth
 Don. Forbes, weaver, Moulin
 Will. Forbes, Kirktown, Foss
 David Forbes, S. M. Edinburgh
 Miss Jessy Forbes, Tain
 Mr C. Fowler, excise-officer, Ding-
 wall

Alex. Fowler, writer, do
 Rev. W. Fraser, Kilchrenan
 Rev. A. Fraser, Inverness
 Rev. S. Fraser, Strathglass
 Rev. D. Fraser, Kirkhill

Rev. S. Fraser, Kilmorich
 Rev. S. Fraser, Inverness Academy
 James Fraser, esq. of Culduthel
 James Fraser, esq. of Belladrum
 D. Fraser, esq. of Fingask
 Hugh Fraser, esq. of Eisgidale
 Robert Fraser esq. of Aigas
 Captain S. Fraser, esq. of Errerie
 Major T. Fraser, esq. Newtown
 Dr W. Fraser, Bailblair
 Mr John Fraser, Bank of Scotland,
 Inverness
 W. Fraser, Bank of Scotland, do
 Simon Fraser, Achshengnach
 Don. Fraser, Bruiach
 Will. Fraser, Innishberry
 Alex. Fraser, Fopachy
 Hugh Fraser, teacher, Kirkhill
 Hugh Fraser, Eastermain
 Don. Fraser, seedsman, Inverness
 Peter Fraser, seedsman, do
 Alex. Fraser, grocer, do
 Don. Fraser, goldsmith, do
 John Fraser, Mr Lyon's, do
 Will. Fraser, serjt. do.
 James Fraser, vintner, do
 John Fraser, baker, do
 Peter Fraser, vintner, do
 Will. Fraser, Knockban
 Don. Fraser, Bailblair
 John Fraser, at Holmhouse
 John Fraser, Alness
 Don. Fraser, miller, Dalmore
 John Fraser, saddler, Dingwall
 Alex. Fraser, shopkeeper, Tain
 Hugh Fraser, miller, Niggdol,
 P. Fraser, vintner, Invergordon
 James Fraser, clerk, Cromarty
 Serjeant-major Fraser, Tain
 Serjeant Hugh Fraser, do
 Mr Alex. Fraser, mercht. Fortgeorge
 Tho. Fraser, vintner, Dalnamine
 Mal. Fraser, merchant, Bruiach
 Will. Fraser, shoemaker, do
 Don. Fraser, gardener at Redcastle
 John Fraser, teacher, Inverness
 Alex. Fraser, grenadier, 78th regt.
 Thomas Fraser, flesher, Inverness
 John Fraser, merchant, do
 John Fraser, vintner, do
 Mur. Fraser, Carnoch, Strathglass
 Malcolm Fraser, Grantown
 W. Fraser, mercht. Bridgend, Spey
 John Fraser, Peinmore, Mull
 William Fraser, Clachanseil
 John Fraser, grocer, Edinburgh
 Alexander Fraser, piper, Moulin
 Charles Fraser, Lecksgridan

Mr John Fraser, spirit-dealer, High
 Street, Edinburgh
 Alex. Fraser, Arasaig
 G.
 Mr John Galbreath, teacher, Gigha
 Don. Galbreath, shoemaker, do.
 William Garrow, Kessock
 John Geddes, Ardmore, by Tain
 Alexander Gilchrist, Gleneigidale
 John Gillespie, Cullabus
 Archibald Gillespie, Kilchiaran
 Alexander Gillespie, Connispy
 Rev. M. Gillies, Kildalton
 Mr John Gillies, Lossait
 Archibald Gillies, Inverlussa
 Alexander Gillies, Moy, Lochaber
 Neil Gillies, messenger, Ardnahua
 John Gillies, tailor, Edinburgh
 Donald Glass, Stonefield
 James Glass, plasterer, Tain
 James Gow, vintner, Pitlochry
 Thomas Gow, weaver, do
 John Gow, mason, Glenereky
 Angus Graham, Achachaon
 Colin Graham, Skipnish
 William Graham, serjeant, Tain
 Duncan Graham, Oban
 Ar. Graham, wheelwright, Ardtun
 Ar. Graham, schoolmaster, Camp-
 belltown
 John Gregorson, esq. Ardtoirinish
 Major Gregorson, 91st regt.
 Mrs Gregorson of Glencrepistle
 John Gray, esq. sheriff-substitute,
 Dumbarton
 Mr Alex. Gray, Craighouse, Jura
 John Gray, dyer, Beauly
 Dug. Gray, Craignish
 Hugh Gray, Portnaluing, Coll
 James Grant, esq. of Heathfield
 Rev. John Grant, Abernethy
 Mr. John Grant, S. M. Edinburgh
 Mrs Grant, Inveraw, Strathspey
 Mrs Grant, Telford Street, Inverness
 Mr Rob. Grant, merchant Kirkaldy
 Robt. Grant, wright, Fortwilliam
 Nathaniel Grant, Urquhart
 Andw. Grant, sheriff-officer, Tain
 Hector Grant, shoemr. Dornoch
 Ja. Grant, Ardrossan, Fortgeorge
 John Grant, merchant, Beauly
 David Grant, Grantown
 David Grant, miller, by do.
 John Grant, sen. wright, Gran-
 town
 John Grant, jun. do
 Alex. Grant, merchant, do
 B b 3

Mr Chas. Grant, Rothymoon, by do
 John Grant, shoemaker, Kingussie
 Alex. Grant, Borlach
 Thos. Gunn, merchant, Dornoch

H.

Mr John Haggart, serjt. Kenmore
 George Hartop, esq.
 Mr Archibald Hart, Kilcalmonell
 Chas. Henderson, student, Edinr
 D. Henderson, merchant, Corpach
 Andrew Henderson, Ardchattan
 Coll Henderson, Kilfinichen
 J. Henderson, teacher, Ardsignish
 John Hendry, smith, Uptauld
 John Hill, Portaskaig
 Thomas Hill, bookseller, Perth,
 2 copies
 Adjt. Hislop, Argyle L. M. Oban
 Mr. John Holm, Chapeltown, by
 Invergordon
 Miss Isabella Holm, do
 Mr John Huggard, vintner, Beauly
 Hugh Hunter, Killean
 James Hunter, Drumleat

I.

Mr Norman Inglis, gardener, Edinr
 Alexander Inglis, merchant, Tain
 James Innes, Grantown
 Rev. A. Irvyn, D.D. Little Dunkeld

J.

Mr Robert Johnston, teacher, Ken-
 more
 John Johnston, writer, Edinburgh
 John Johnston, Lagvuilin, Islay
 John Johnston, Lawers
 D. Johnston, mercht. Clachanseil
 John Johnston, Torridale, Islay
 Will. Junor, merchant, Cromarty

K.

Mr D. Kelly, A. M. Campbelltown
 Matthew Kelly, Tangataivil
 Peter Kelly, Darlochan
 Colin Kemp, post-office, Inver-
 ness
 James Kennedy, waiter, Edinr
 John Kerr, Taycargaman
 John King, Kingussie
 James Kippin, merchant, Perth
 Samuel Kirkland, Balgillen

L.

Mr William Laing, watchmaker,
 Grantown
 Lamont, Knockdow, esq. Edin
 Rev. John Lamont, A.M. Glengary
 Mr Angus Lamont, I-colmkill
 John Lamont, Lergs, Lorn
 John Lamont, Clachanseil
 Duncan Lamont, Pennycuick
 Archibald Lamont, Portnellan
 Archibald Lamont, Slates, Bute
 Alexander Leith, Tayndrum
 William Lightbody, Scarrinish
 Patrick Lindsay, Achnacraci
 Malcolm Lindsay, Lornfurnace
 Duncan Livingston, Tobermory
 Duncan Livingston, Ardchiavaig
 James Livingston, Exchange, Edin
 Allan Livingston, Old Mill, Appin
 Duncan Livingston, Bailchulish
 John Livingston, Corran
 Allan Livingston, Fortwilliam
 Duncan Livingston, Hayfield
 Donald Livingston, Tobermory
 Adam Livingston, Savary, Morven
 John Livingston, Craignish
 Humphry Low, teacher, by Lag-
 ganrate
 Peter Low, Aberruchill

M.

Col. Matt. M'Alister, esq. Rosshill
 John M'Alister, esq. of Cour
 Mr Chas. M'Alister, Strathaird, Sky
 Alex. M'Alister, do.
 San. M'Alister, Carnmore
 Samuel M'Alister, Gigha
 James M'Alpin, Strathchur
 Du. M'Alpin, teacher, Kildalton
 Jas. M'Alpin, writer, Edin
 Miss Ann M'Andrew, Armady
 Rev. Donald M'Arthur, Mull
 Mr John M'Arthur, M.D. Loch-
 owsdale
 John M'Arthur, carter, Port-
 Glasgow
 Hugh M'Arthur, Straimnishmore
 Patrick M.Arthur, C.L. Bowmore
 Peter M'Arthur, Tormisdale
 Lieut. M'Arthur, 79th regt. Perth
 Mr Don. M'Arthur, mercht. Oban
 James M'Arthur, Lornfurnace
 Dun. M'Arthur, vintner, Oban
 Dug. M'Arthur, Portinnisherrick
 Pat. M'Arthur, teacher, Inni-
 shail

Mr Pat. M'Arthur, Barbreck
 A. M'Arthur, writer, Inveraray
 Ar. M'Arthur, Roro, Glenlyon
 Peter M'Arthur, Strathchur
 Angus M'Arthur, Stronban
 Don. M'Arthur, wright, Alness
 G. M'Arthur, shoemr. Callander
 Neil M'Arthur, Kilvickewin
 Dun. M'Arthur, Strontoiller
 Alex. M'Arthur, wright, Lochend
 Appin
 Will. M'Aulay, Gartavarra
 Captain M'Barnet, 78th, Kingussie
 Rev. Aeneas M'Bain, Inverness
 Don. M' Bean, esq. of Leadcriech
 John M'Bean, serjeant, Tain
 John M'Bean, shoemr. Fortgeorge
 Don. M'Bean, Corpach
 Ja. M'Beath, teacher, Callander
 Lieut. M'Beath, Royals
 Mr Dun. M'Cail, Fernoch
 Arch. M'Cail, Inveraw
 Don. M'Cail, Carnban
 John M'Cail, Kilchrenan, late
 serjeant, Argyle Militia
 Dr M'Callum, Campbelltown
 Mr Alex. M'Callum, stabler, Grass-
 market, Edinburgh
 Mal. M'Callum, Ashfield
 Dun. M'Callum, Lochlin, Crieff
 D. M'Callum, vintner, Taynuil
 John M'Callum, tailor, Corpach
 A. M'Callum, Culgrain, Strath-
 glass
 James M'Callum, do
 John M'Callum, teacher, Kilm-
 chrenan
 J. M'Callum, gardener, Hayfield
 J. M'Callum, Lochan-na-gealich
 Mal. M'Callum, weaver, Oban
 A. M'Callum, teacher, Ardchat-
 tan
 Dun. M'Callum, Tireragain
 Neil M'Callum, Ardtun
 Dug. M'Callum, Burg, Mull
 Alex. M'Callum, mercht. Aros
 Peter M'Callum, Ardslish, Glen-
 falloch
 Peter M'Callum, Edinburgh
 John M'Callum, Shiormoin
 Hugh M'Calmon, Camusinish
 Dug. M'Calmon, Balindeor
 Don. M'Caskil, mercht. Corpach
 Colin M'Caul, vintner, Callander
 Rev. John M'Coll, Tiry, 2 copies
 Rev. Paul M'Coll, Appin
 Rev. D. M'Coll, Ruthven
 Mr Dun. M'Coll, surgeon, R. N. do

Mr John M'Coll, Tiry manse
 E. M'Coll, Achacharra, Appin
 Angus M'Coll, Ballach, do
 Coll M'Coll, Achnansaul
 Alex. M'Coll, Lismore
 John M'Coll, Pitlochry
 Dun. M'Coll, Ardmucknish
 John M'Coll, Ardtun
 J. M'Coll, Swordle, Ardmurchan
 John M'Coll, Miggery, do
 John M'Coll, Gallanach-beg
 Hugh M'Coll, Achaluachrach
 Don. M'Conachy, Balgrogan
 Dun. M'Conchar, Hayfield
 Dun. M'Corquodale, merchant,
 Campbelltown
 H. M'Corquodale, Ardchonnel
 Dun. M'Corquodale, Oban
 Hugh M'Corquodale, Laganbeg
 H. M'Corquodale, Castleween
 Miss J. M'Corquodale, Edinburgh
 Mr James M'Craw, Kilnaclin
 James M'Craw, Pitlochry
 Hugh M'Crostic, Bahalig
 Peter M'Cuhraig, Assabuss
 John M'Cuhraig, do
 Hugh M'Culloch, shoemr. Oban
 John M'Culloch, baker, do
 Dug. M'Culloch, mason, do
 John M'Culloch, serjeant, Tain
 J. M'Culloch, wheelwt. Kilbride
 Neil M'Cullosky, teacher, Camp-
 belltown
 Rev. J. M'Diarmid, Weem
 Mr Dun. M'Diarmid, Perth
 G. M'Diarmid, carrier, Dunkeld
 Dun. M'Diarmid, Kynachan
 T. M'Diarmid, Alean, Foss
 Dun. M'Diarmid, Taynaline
 Dun. M'Diarmid, Roro
 Dun. M'Diarmid, Tullich
 John M'Diarmid, Letcharry
 Sam. M'Diarmid, clerk, Greenock
 H. M'Diarmid, waiter, Edinr.
 Arch. M'Diarmid, Durain
 Right hon. Lord M'Donald of the
 Isles, 6 copies
 Sir Alex. M'Donald Lockhart, Bart.
 Coll M'Donald, esq. W.S. Edinr.
 Rev. John M'Donald, do
 Ronald M'Donald, esq. of Staffa
 Allan M'Donald, esq. Jamaica
 A. M'Donald, esq. Bank, Callander
 Captain Alex. M'Donald, Gigha
 Lieut. M'Donald, 9th R. V. Batt.
 Lieut. A. M'Donald, Lassintullich
 Adj't. A. M'Donald, Fort-Augustus

- Rev. R. M'Donald, Fortingal
 Rev. D. M'Donald, Gigha
 Rev. A. M'Donald, Crieff
 Rev. Don. M'Donald, Killean
 Mr D. M'Donald, surgeon, Fort-Augustus
 Mrs R. M'Donald, Fortingal manse
 Mr John M'Donald, Fortingal
 Adj't. M'Donald, Kenlochlochy
 Mr J. M'Donald, road-contr. Perth
 A. M'Donald, vintner, St Ninians
 N. M'Donald, Scalpa
 Dun. M'Donald, Skibo
 R. M'Donald, Kinloch, Rannoch
 J. M'Donald, mercht. Crieff
 Don. M'Donald, bookbinder, Leith, 2 copies
 Colin M'Donald, Kinchregan
 J. T. M'Donald, Lyndal, Sky
 John M'Donald, junr. Balnacraig
 A. M'Donald, mill of Laganrate
 John M'Donald, Balronald, Sky
 A. M'Donald, mercht. Inverness
 W. M'Donald, do
 A. M'Donald, Aldnafel, Glencoe
 John M'Donald, Carnaig, do
 Colin M'Donald, teacher, do
 Angus M'Donald, mason, Fortw.
 Angus M'Donald, Boyne
 D. M'Donald, late Torragulban
 Lach. M'Donald, shoemr. Fortw.
 Alex. M'Donald, wright, do
 Allan M'Donald, Refer Morir
 T. M'Donald, foxhunter, Appin
 Dun. M'Donald, Achnacon, do
 Don. M'Donald, poet, Inverness
 Alex. M'Donald, bank, do
 Don. M'Donald, cordiner, do
 John M'Donald, saddler, do
 A. M'Donald, merchant, do
 J. M'Donald, vintner, Edinburgh
 D M'Donald, Canal, Fortaugustus
 Sween M'Donald, Clachnaherry
 Colin M'Donald of Trinity Croft, Dingwall
 John M'Donald, serjeant, Tain
 John M'Donald, serjt. 78th regt.
 Mal. M'Donald, mercht. Fortgeo.
 Don M'Donald, mercht. Beauly
 Andrew M'Donald, do
 James M'Donald, Dreggy, by Grantown
 W. M'Donald, teacher, Abernethy
 Robt. M'Donald Johnston, do
 Alex. M'Donald, Manal, Tirry
 Neil M'Donald, Kinavaich
 Allan M'Donald, Lagan, Mull
 Lach. M'Donald, vintner, Ulva
 Mr Al. M'Donald, Kilvikeoin, Ulva
 J. M'Donald, late Quartermaster, Edinburgh Militia
 Ronald M'Donald, late Captain, Glengary Fencibles
 Lach. M'Donald, Grabin
 Alex. M'Donald, Dairirach
 Dug. M'Donald, teacher, Broslas
 John M Donald, teacher, Ardtun
 Alex. M'Donald, Iirghaill
 J. M'Donald, shoemr. I-colmkill
 Arch. M'Donald, Ardchiabhaig
 A. M'Donald, wright, Tobermory
 Don. M'Donald, Drumtorran
 A. M'Donald, waiter, Edinburgh
 Dun. M'Donald, Picardy Place, do
 Don. M'Donald, post-office, do
 T. M'Donald Drumtorran, do
 Don. M'Donald, Caltonhill, do
 James M'Donald, chairman, do
 A. M'Donald, Bank of Scotland, do
 Coll M'Donald, Oman's hotel, do
 J. M'Donald of the Whisky-row, Leith, 2 copies
 Don. M'Donald, student, Inverness
 Alex. M'Donald, Runachan
 Alex. M'Donald, Baakleitir, do
 John M'Donald, Inch, Glenspian
 John M'Donald, Auchlin
 John M'Donald, Portross, Ireland
 P. M'Dougal of M'Dougal, esq.
 Dug. M'Dougal of Gallanach, esq. 2 copies
 Pat. M'Dougal of Soraba, esq.
 John M'Dougal of Ardnacaple, esq.
 Colin M'Dougal of Lunga, esq.
 Rev. H. M'Dougal, Killin
 Lt. M'Dougal, R. N. Dunstaffnage
 Lieutenant M'Dougal, 78th regt.
 Miss M'Dougal, Glenlyon-House
 Mr Geo. M'Dougal, writer, Edinr.
 John M'Dougal, clerk, Glasgow
 J. M'Dougal, student, Gallanach
 Dug. M'Dougal, Geisgir, Islay
 A. M'Dougal, mercht. Portaskaig
 John M'Dougal, Lasroig, by do
 Peter M'Dougal, teacher, Stirling
 Hugh M'Dougal, mercht. Perth
 Alex. M'Dougal, merchant, do
 John M'Dougal, miller, Killin
 J. M'Dougal, miller, do
 Will. M'Dougal, Coishvil
 John M'Dougal, Litagan
 Alex. M'Dougal, Garth
 John M'Dougal, Fortingal
 Alex. M'Dougal, Kenmore
 A. M'Dougal, post-office, Fortw.
 John M'Dougal, carrier, Oban

- Mr Don. M'Dougal, mercht. Brosel
 Dun. M'Dougal, shopkeeper, In-
 verness
 Allan M'Dougal, Fernoch
 A. M'Dougal, mecht. Craignish
 Dun. M'Dougal, architect, do
 Dug. M'Dougal, do
 Don. M'Dougal, Laganairgid
 Dun. M'Dougal, smith, Craignish
 Dun. M'Dougal, Aros
 Alex. M'Dougal, Achateine,
 2 copies
 Allan M'Dougal, Barnabock
 Dun. M'Dougal, Esdale
 J. M'Dougal, Leckamore, Luing
 Dug. M'Dougal, Ardnamer, do
 A. M'Dougal, High Street, Edinr.
 D. M'Dougal, accountant, London
 Alex. M'Dougal, Achnacroi
 Rev. Evan M'Eachan, Lismore
 Messrs N. & P. M Eacharn, Islay
 Mr J. M'Eacharn, mercht. Oban
 C. M'Eacharn, teacher, Morven
 Hugh M'Eacharn, Savay
 Don. M'Eacharn, Coillepoll
 John M'Eacharn, Cuan, Luing
 Don. M'Eacharn, Glenheirve
 Hugh M'Ewen, Ardveich
 Rev. D. M'Farlan, Perth
 Rev. Alex. M'Farlan, Seil
 Mr John M'Farlan, Cluanbeg
 John M'Farlan, Amulrie
 Findlay M'Farlan, Callander
 John M'Farlan, Culintegle
 Ja. M'Farlan, Portmore, Lochern
 M.M'Farlan, Evick, Strathfillan
 Arch. M'Farlan, excise-officer,
 Fortwilliam
 John M'Farlan, Bunlusragan
 Joseph M'Farlan, Bunaw
 H. M'Farlan, spirit-dealer, Edinr.
 Alex. M'Farlan, Jerusalem Tap-
 room, do.
 Mal. M'Farlan, Arrochar
 Dun. M'Farlan, Strathlachlan
 A. M'Gibbon, Inveraray
 P. M'Gibbon, Carnban
 Serjt.-major M'Gibbon, Oban
 N. M'Gill, teacher, Kilkiven
 N. M'Gill, Amod
 J. M'Gilvera, piper to Glenaladale
 A. M'Gilvera, Ardmoch
 J. M'Glashan, Portnacraig
 A. M'Glashan, wright, Aldcluny
 J. M'Glashan, Clachanseil
 D. M'Glashan, chairmr Edinr.
 Sir J. M'Gregor Murray, 2 copies
 John M'Gregor, esq. of Glengyle
- Rev. A M'Gregor, Balquhidder
 Mr J. M'Gregor, vintner, Perth
 Mal. M'Gregor, toll-keeper, do
 Dun. M'Gregor, Stronbreck
 Dun. M'Gregor, Dunan, do
 John M'Gregor, Kamuserny
 Alex. M'Gregor, teacher, Dull
 Dun. M'Gregor, Coirchun
 Will. M'Gregor, B. Inearn
 Peter M'Gregor, Tomtaymore
 Dun. M'Gregor, Fortingal
 J. M'Gregor, Easterdrumcharry
 Pat. M'Gregor, Lochanahully,
 Glencuach
 John M'Gregor, Gairin, do
 Will. M'Gregor, vintner, Down
 D. M'Gregor, vintner, Callander
 Hugh M'Gregor, shoemaker, do
 Alex. M'Gregor, Achalow, Bal-
 quhidder
 Gregor M'Gregor, vintner, Sui
 Dun. M'Gregor, Ardsheile
 Dun. M'Gregor, auctioneer, Fort-
 william
 Dun. M'Gregor, by Kessock
 A. M'Gregor, Dingwall
 Rod. M'Gregor, coppersmith,
 Tain
 Mal. M'Gregor, wood-officer,
 Glenorchay
 Dug. M'Gregor, Taynuilt
 John M'Gregor, wright, Acha-
 chuan
 J. M'Gregor, student, Lismore
 Pat. M'Gregor, teacher, Ard-
 chonuil
 Dun. M'Gregor, Commercial
 Bank, Edinburgh
 Alex. M'Gregor, tailor, Leith
 Street, do
 Peter M'Gregor, tailor, do
 Robt. M'Gregor, wright, do
 John M'Illrevich, Tayntu
 John M'Innes, Inveraw
 J. M'Innes, Culnadalach
 A. M'Innes, Oban
 John M'Innes, Gillanach
 John M'Innes, I-colmkill
 Mal. M'Innes, do
 A. M'Innes, messenger, Strontian
 D. M'Innes, teacher, Gibbin
 A. M'Innes, mercht. Fortwilliam
 D. M'Innes, mason, by Callander
 A. M'Innes, Cuan, Seil
 D. M'Intosh, esq. writer, Edinburgh
 Mr Campbell M'Intosh, town clerk,
 Inverness
 John M'Intosh, Citadel, do

Mr Alex. M'Intosh, Fortwilliam
 John M'Intosh, messenger, do
 John M'Intosh, Donlenon, Foss
 John M'Intosh, Ardvoilg
 J. M'Intosh, Bridge of Lochay
 Lach. M'Intosh, mercht. Tain
 Geo. M'Intosh, Spinningdale
 J. M'Intosh, wright, Fortgeorge
 J. M'Intosh, shoemaker, do
 Peter M'Intosh, baker, Grantown
 Alex. M'Intosh, shoemaker, do
 Dun. M'Intosh, Dale, Strathspey
 Will. M'Intosh of Balneaspich
 Lach. M'Intosh, dyer, Edinburgh
 Alex. M'Intosh, chairm. do
 Ang. M'Intosh, grocer, Leith
 Colin M'Inturner, esq. of Craigcholl
 Rev. J. M'Intyre, D.D. Glenurchay
 Miss C. M'Intyre, Gigha
 Mr Dun. M'Intyre, Bowmore
 Arch. M'Intyre, Shiormoin
 Don. M'Intyre, gardener, Lergs
 A. M'Intyre, teacher of dancing,
 Campbelltown
 Don. M'Intyre, Kilkedan
 Jos. M'Intyre, mercht. Kenmore
 Arch. M'Intyre, smith, Lawers
 John M'Intyre, shoemaker, Stix
 Peter M'Intyre, Culbrogan, by
 Comry
 Don. M'Intyre, sawyer, Comry
 Dun. M'Intyre, Achatow, Bal-
 quhidder
 Colin M'Intyre, Killin
 John M'Intyre, Streethouse, do
 John M'Intyre, Ardchoill, Glen-
 lyon
 Peter M'Intyre, Tayndrum
 Dun. M'Intyre, Benmore
 John M'Intyre, Fortwilliam
 John M'Intyre, do
 Don. M'Intyre, junior, do
 Dun. M'Intyre, Ainachan
 John M'Intyre, Portappin
 Dug. M'Intyre, Stronmullochan
 Pat. M'Intyre, teacher, Achna-
 carran
 D. M'Intyre, Lochan-na-gealaich
 Don. M'Intyre, Kilchrenan
 John M'Intyre, ground-officer,
 Coilleag
 Don. M'Intyre, Slockavoan
 John M'Intyre, sen. Inverinanbeg
 John M'Intyre, junior, do
 D. M'Intyre, weaver, Barnaleen
 Dug. M'Intyre, Arineckin
 James M'Intyre, Kenchregan
 Pat. M'Intyre, shoemaker, Oban

Mr John M'Intyre, Blaich, Ardgour
 John M'Intyre, vintner, Oban
 Alex. M'Intyre, ground-officer,
 Bunaw
 Donald M'Intyre, Machry
 Dug. M'Intyre, music-seller, Edin
 Jos. M'Intyre, mercht. Portappin
 J. M'Intyre, wright, Torrituirk
 John M'Intyre, Balindeora
 Nicol M'Intyre, Ardalanaich
 J. M'Intyre, shoemr. Strontian
 J. M'Intyre, Balvicker, Seil
 D. M'Intyre, storekeeper, Esdale
 Arch. M'Intyre, teacher, Kilbride
 Don. M'Intyre, Balvicker
 Dug. M'Intyre, vintner, Luing
 Finlay M'Intyre, Inns, Luss
 Dun. M'Intyre, Register Street,
 Edinburgh
 Rev. P. M'Isaac, Comry
 Mr A. M'Isaac, do
 D. M'iver, Inver, Islay
 Major M'Kay, Lagan, Islay
 Mrs Margt. M'Kay, Killacraw
 Mr J. M'Kay, Kilbeggy
 Dun. M'Kay, Crubastal
 J. M'Kay, do
 D. M'Kay, do
 A. M'Kay, Balchlavon
 Neil M'Kay, do
 D. M'Kay, Keppusmore
 D. M'Kay, mercht. Taynloin
 V. M'Kay, Rose Street, Edinr.
 J. M'Kay, Garty, Ross-shire
 D. M'Kay, serjt. Ross-shire mi-
 litia, Tain
 Mur. M'Kay, Dolah, by Dornoch
 Phil. M'Kay, wright, do
 Alex. M'Kay, shoemr. Campbel-
 town
 J. M'Kay, printer, Edinburgh
 G. M. M'Kay, student, do
 W. M'Kay, serjt. 25th regt. do
 W. M'Kay, serjt. 78th regt. do
 W. M'Kay, constable, do
 P. M'Kay, waiter, Keith
 J. M'Keigh, Leirgnahuinsin
 Eneas M'Kellar, student, Edinr.
 Dug. M'Kellar, Drummockloch
 John M'Kellar, Achnagarry
 Ar. M'Kellar, herd, Glenconglass
 Colin M'Kellar, Bravalich
 Peter M'Kellar, Achnamada
 J. M'Kendry, Killacraw
 Don. M'Kendry, Squidel
 Dun. M'Kendry, Tormisdale
 John M'Kendry, Port-Glasgow
 John M'Kendry, tailor, Killin

Mr David M'Kendry, Dochcarty
 John M'Kichan, mercht. Oban
 Fin. M'Kichan, mercht. Keill
 John M'Killop, Kilchiaran
 J. M'Kinlay, saddler, Callander
 Duncan M'Kercher, Lawers
 Charles M'Kinnon, Tormisdale
 And. M'Kinnon, smith, Taynloin
 Don. M'Kinnon, Oragaig
 Ang. M'Kinnon, mercht. Fortw.
 Adjt. M'Kinnon, do
 Corporal M'Kinnon, do
 A. M'Kinnon, mercht. Corpach
 John M'Kinnon, Taynalonaig
 Don. M'Kinnon, Tirvin
 Hugh M'Kinnon, Bunavulin
 Dun. M'Kinnon, shoemr. Coll
 Lach. M'Kinnon, Grishpoll
 Hugh M'Kinnon, Ulvolt
 Sir H. M'Kenzie, Bart.
 M'Kenzie, esq. of Applecross,
 2 copies
 Ken. M'Kenzie, esq. W. S. Edinr.
 Ken. M'Kenzie, esq. at Millbanks,
 2 copies
 John M'Kenzie Woodland, esq.
 Major F. M'Kenzie, Fodderty
 Adjt. John M'Kenzie, Tain
 Rev. K. M'Kenzie, Ardnamurchan
 Mrs Christian M'Kenzie, Dearbhaig
 Mr Geo. M'Kenzie, Drynie
 Alex. M'Kenzie, Millbanks
 R. M'Kenzie, merchant, Larach,
 Appin
 W. M'Kenzie, supervisor of ex-
 cise, Edinburgh
 Alex. M'Kenzie, Gabriel road, do
 Chas. M'Kenzie, post-office, do
 John M'Kenzie, Corpach
 D. M'Kenzie, mercht. Benderloch
 H. M'Kenzie, mercht. Inverness
 John M'Kenzie, Glenglay
 A. M'Kenzie, jun. mercht. do
 A. M'Kenzie, gardener, Holm
 John M'Kenzie, Squidel Bridge
 Hect. M'Kenzie, vintner, do
 John M'Kenzie, carter, Dingwall
 K. M'Kenzie, mason, do
 Dun. M'Kenzie, Dochcarty
 J. M'Kenzie, mercht. Evantown
 C. M'Kenzie, wright, Invergordon
 Don. M'Kenzie, teacher, Kilmure
 Robt. M'Kenzie, mercht. Tain
 John M'Kenzie, mercht. do.
 Don. M'Kenzie, mason, do.
 2 copies
 John M'Kenzie, Tynassy, by
 Beauly

Mr Dug. M'Kenzie, serjt. L. M.
 Inverness
 Don. M'Kenzie, teacher, Rothiemurcharus
 John M'Kenzie, student, Lismore
 Mr Neil M'Kenzie, Grishpoll
 Alex. M'Lachlan, esq. of Coiruanan
 John M'Lachlan, esq. at Airihuala
 Captain P. M'Lachlan, Ardchonnel
 Rev. J. M'Lachlan, minister of
 Moy
 Mr R. M'Lachlan, Strathlachlan
 P. M'Lachlan, student, Kilninver
 J. M'Lachlan, bookseller, Campbeltown
 A. M'Lachlan, Doid, Knapdale
 J. M'Lachlan, Keppusmore
 Sarah M'Lachlan, Carnvicaoi
 Mr J. M'Lachlan, Drunnabeachin
 Don. M'Lachlan, Bridge of Tilt
 Dun. M'Lachlan, sheriff-officer,
 Athol
 John M'Lachlan, Glensfincastle
 Don. M'Lachlan, vintner, Balquhidder
 D. M'Iachlan, skipper, Corpach
 Hugh M'Lachlan, Fortgeorge
 Hugh M'Lachlan, Ardnistuir
 H.M'Lachlan, Achnahau, Morven
 Robt M'Lachlan, Salachan, do
 Dug. M'Lachlan, mercht. Tobermory
 Alex. M'Lachlan, Slate, Luss
 A. M'Lachlan, Balmore, Knapdale
 J. M'Lagan, M. D. Stix
 J. M'Lagan, wright, Dunkeld
 Dr M'Laren, Tiry
 Mr Robt. M'Laren, Prince's Street,
 Edinburgh
 J. M'Laren, Bank, Perth
 Alex. M'Laren, vintner, do
 Don. M'Laren, mercht. Esdale
 James M'Laren, student, Kinna-drochid, Loch Tay
 Dun. M'Laren, Kilmaveonaig
 Don. M'Laren, Croitnamuick
 A. M'Laren, wright, Aberfeldy
 Dun. M'Laren, Tuiririch
 P. M'Laren, Derry, Lochernside
 Dun. M'Laren, Ardveich, do
 Dun. M'Laren, do
 Don. M'Laren, Carnlia, Lochern
 Hugh M'Laren, Ardvaoil, by
 Killin
 John M'Laren, Dunmaglass
 P. M'Laren, teacher, Kilninver
 Don. M'Laren, wright, by Ard-chattan

- Mr D. M'Larty, excise-officer, Inverness
 J. M'Larty, shoemr. Corpach
 D. M'Larty, Craignish
 A. M'Larty, Jura
 Alex. M'Lean, esq. of Coll
 Alex. M'Lean, esq. of Ardgour
 Ar. M'Lean, esq. of Pennycross
 Alex. M'Lean, younger of do
 Hector M'Lean, esq. Mingary
 John M'Lean, esq. Torrin, Brolas
 Dr D M'Lean, Oban
 Dr A. M'Lean, Langamail
 Dr M'Lean, Gallanach, Coll
 Capt. Dugald M'Lean, Ardfinaig
 Rev. J. M'Lean, Edinburgh
 Capt. H. M'Lean (77th), Oska-mull
 Capt. James M'Lean (91st) Luing
 Mrs M'Lean. Kilfinichen
 Mr John M'Lean, Bailigraigen, Campbelltown
 John M'Lean, writer, do
 Ar. M'Lean, Ranachan, Kintyre
 Allan M'Lean, Toirina, Islay
 Hugh M'Lean, wright, Taynloin
 John M'Lean, Ardnacross
 Arch. M'Lean, Strone, Cowal
 D. M'Lean, Prince's Street, Edin.
 John M'Lean, Kilbeggy
 John M'Lean, sheriff-officer, Aberfeldy
 John M'Lean, saddler, do
 Peter M'Lean, Fortingal
 Alex. M'Lean, Shian, Glencuaich
 Hugh M'Lean, Garair, do
 John M'Lean, Garva
 Ang. M'Lean, merchant-tailor, Fortwilliam
 Matthew M'Lean, Rulach, Lochaber
 D. M'Lean, Prince's Street, Edin.
 Alex. M'Lean, shopkeeper, Inverness
 Simon M'Lean, baker, do
 D. M'Lean, teacher, Maryburgh
 John M'Lean, merchant, Oban
 Don. M'Lean, Kirkapol, Tirry
 Arch. M'Lean, Haynish, do
 John M'Lean, at Kilmaluag
 H. M'Lean, Caolas, Tirry
 Arch. M'Lean, Crishpol, Coll
 Roderick M'Lean, gardener, do
 John M'Lean, jun. Arnabust, do
 Alex. M'Lean, Arinagour, do
 Allan M'Lean, Achnacraig
 Don. M'Lean, Torloisg
- Mr A. M'Lean, vintner, Balgown
 John M'Lean, teacher, do
 Lach. M'Lean, weaver, Ardtun
 Lach. M'Lean, Bunessan
 John M'Lean, teacher, I-colmkill
 Don. M'Lean, Liob, Brolas
 Ang. M'Lean, Salen, Mull
 C. M'Lean, mercht. Glencrepistle
 Don. M'Lean, student, Kinloch, Rum
 Lieut. M'Lean, 27th regt.
 Mr Don. M'Lean, wright, Rothiemurchus
 Mr John M'Lellan, Torrany
 P. M'Lellan, Kilchiran
 D. M'Lellan, Ardpatrick
 J. M'Lellan, hostler, Dunfermlie
 D. M'Lellan, merchant, Killin
 D. M'Lellan, Rothsay
 John M'Lennan, printer, Edin.
 William M'Lennan, serjt. L. M. Tain
 R. M'Leod, esq. advocate, Edinr.
 Lieut-Colonel M'Leod, Royals
 Lieut. M'Leod, 78th regt.
 Ensign M'Leod, 27th regt.
 Rev. N. M'Leod, Campbelltown
 Rev. Alex. M'Leod, Cromarty
 Rev. N. M'Leod, Morven
 Don. M'Leod of Balmenoch, Sky
 Dr R. M'Leod Hammer, do
 Dr W. M'Leod, Swordale
 Mr B. W. M'Leod, student, at Lord Bannatyne's, Edinburgh
 Alex. M'Leod, student, do
 Alex. M'Leod, printer, do
 R. M'Leod, from Dunvegan, Sky
 J. M'Leod, vintner, Tayvallich
 J. M'Leod, merchant, Tain
 W. M'Leod, wright, do
 W. M'Leod, merchant, do
 Peter M'Leod, Lochlonghead
 N. M'Leod, cooper, Greenock
 N. M'Leod, Royals
 A. M'Lugaish, Achanacraig
 D. M'Lugaish, Kilchrenan
 Allan M'Lugaish, messenger, Inverness
 Ar. M'Lugaish, Killacraw
 Dun. M'Lugaish, Corpach
 Finlay M'Martin, Roro
 Mal. M'Martin, Killin
 Don. M'Martin, Bracklin
 Don. M Martin, Edinburgh
 Dun. M'Master, vintner, Coll

- Mr P. M'Math, Machrihanis
 Archd. M'Millan, Salt Pans,
 Kintyre
 Jas. M'Millan, Bowmore
 Alex. M'Millan, Kilmory
 Don. M'Millan, tailor, Taynloin
 Neil M'Millan, merchant, Bar
 Arch. M'Millan, Puitachan
 Peter M'Millan, Claonaig
 Sam. M'Millan, Fort William
 John M'Millan, tailor, Camp-
 belltown
 Arch. M'Millan, miller, Tirry
 Neil M'Millan, Creich
 M. M'Murchy, writer, Camp-
 belltown
 F. M'Nab of Macnab
 A. M'Nab, younger of Macnab
 F. M'Nab, esq. writer, Edin.
 Colin M'Nab, Deignish
 Alex. M'Nab, student, Eilister
 Alex. M'Nab, Strainnishmore
 James M'Nab, officer of excise,
 Queensferry
 Jas. M'Nab, Lagan, Badenoch
 Col. M'Nab, dyer, Campbelltown
 Sam. M'Nab, student, Glentarken
 Jas. M'Nab, do
 Peter M'Nab, postmaster, Killin
 Hugh M'Nab, vintner, do
 Dun. M'Nab, Tir-arthur
 Dun. M'Nab, Airivean
 Peter M'Nab, Glenfintaig
 Peter M'Nab, Kilbride, Seil
 Dun. M'Nab, Deignish
 Macлом M'Nab, tax officer, Edin
 Archibald M'Naught, tide-waiter
 Campbelltown
 Ar. M'Naught, schoolmaster, do
 Rev. Mr M'Naughton, Glenlyon
 Mr Donald M'Naughton, student,
 Treisnish
 John M'Naughton, merchant,
 Perth
 Donald M'Naughton, Taynteud
 John M'Naughton, Bridge Tilt
 John M'Naughton, vintner, A-
 berfeldy
 John M'Naughton, Taynloin
 Alexander M'Naughton, dyer,
 Ruivucky
 Dun. M'Naughton, Crofthouse,
 Lawers
 J. M'Naughton, Woollen Mill, do
 Peter M'Naughton, Lawers
- Mr John M'Naughton, Dalchlin,
 Glencuaich
 Dun. M'Naughton, shoemaker,
 Callander
 Dun. M'Naughton, game-keeper,
 by Comry
 D. M'Naughton, Leiter, Lochern
 Peter M'Naughton, Killin
 D. M'Naughton, Kerramore
 D. M'Naughton, Kenchnock
 Alex. M'Naughton, merchant,
 Suainart
 Don. M'Naughton, wright, Edin
 Alex. M'Nee, Balquhidder
 Hector M'Neil, esq. Ardnacross
 H. M'Neil, esq. Druimdrishag
 Capt. M'Neil, esq. Elistir
 Hector M'Neil, esq. of Ugadale
 M. M'Neil, esq. Corran
 Mr Dun. M'Neil, Colonsay
 D. M'Neil, writer, Inveraray
 Pat. M'Neil, teacher, Bonill
 Hector M'Neil, Islay
 Mal. M'Neil, shoemr. Bowmore
 John M'Neil, Leum, Gigha
 Don. M'Neil, Tarbert, Kintyre
 Donald M'Neil, tailor, Gigha
 John M'Neil, Clate, Kintyre
 Hector M'Neil, serjeant, Ohan
 Archibald M'Neil, Craig, Mull
 John M'Neil, shoemaker, Ard-
 menoch
 Rev. D. M'Nicol, Kilfinan, Cowal
 Mr John M'Nicol, Inveraray
 Don. M'Nicol, writer, Edin.
 Finlay M'Nicol, Stirling
 John M'Nicol, Bridge of Lochay
 Allan M'Nicol, Inveraw House
 Dun. M'Nicol, carrier, Inveraray
 James M'Nicol, Achachalader
 John M'Nicol, vintner, Camp-
 belltown
 Dun. M'Nicol, Gartavaich
 Findlay M'Nicol, shoemaker,
 Kinchraicken
 Dun. M'Niven, merchant, Oban
 D. M'Phaiden, of the excise,
 Creich
 D. M'Phaiden, Lossait, Islay
 D. M'Phaiden, Strathlachlan
 J. M'Phaiden, Scairinish
 I. M'Phaiden, Ardtun
 Eachunn M'Phail, am Bail-
 dhubaich, 3 leabhraichean
 J. M'Phail, Sheanghart

- Mr P. M'Phail, Arineckin
 J. M'Phail, Gortan
 Hector M'Phail, I-colmkill
 M. M'Phail, vintner, Edinburgh
 J. M'Phail, tailor, Braglin
 A. M'Phail, merchant, Inverness
 D. M'Phee, merchant, Strontian
 A. M'Phee, merchant, do
 J. M'Phee, teacher, Rinsay
 M. M'Phee, teacher, Corpach
 Ew. M'Phee, tollkeeper, Redhouse
 J. M'Pheidran, Tobermory
 Chas. M'Pherson, esq. Edinr
 D. M'Pherson, esq. Inverness
 D. M'Pherson, writer, do
 J. M'Pherson, Fortingal
 D. M'Pherson, Catnaguran
 J. M'Pherson, vintner, Callander
 J. M'Pherson, teacher, do
 A. M'Pherson, merchant, do
 A. M'Pherson, Airds, Glenlyon
 D. M'Pherson, Innishewin
 J. M'Pherson, clerk, Corpach
 D. M'Pherson, comptroller, Fort-William
 D. M'Pherson, teacher, High-Bridge
 D. M'Pherson, Fort-Augustus
 J. M'Pherson, jun. Laga
 D. M'Pherson, vintner, Inverness
 P. M'Pherson, serjt. 92d regt.
 Tain
 W. M'Pherson, wright, Tain
 J. M'Pherson, merchant, do
 J. M'Pherson, Ardrossan
 G. M'Pherson, tailor, Inverness
 J. M'Pherson, writer, Kingussie
 A. M'Pherson, do
 D. M'Pherson, do
 E. M'Pherson, vintner, do
 J. M'Pherson, Leirgchonich
 H. M'Pherson, vintner, Oban
 J. M'Pherson, Inion, by Ard-chattan
 John M'Pherson, 71st regt.
 John M'Pherson, Rothsay
 Ang. M'Pherson, serjt.-major,
 Highland Regt. L. M. Edin.
 D. M'Phunn, excise officer, Dingwall
 D. M'Phunn, teacher, Craignish
 C. M'Quarry, esq. of Glenforsa
 C. M'Quarry, Salen, Mull
 A. M'Quarry, do do
 D. M'Queen, esq. of Corribrough
 D. M'Quilkan, esq. of Cuildra-noch
 Mr J. M'Quilkan, Tayndrum, Islay
 Rev. W. M'Rea, Fort-Augustus
 J. M'Rea, esq. writer, Dingwall
 Lieut. M'Rea, 78th regt.
 Mr Alex. M'Ruer, Pitlochry
 D. M'Steven, Gaenes, by Tain
 J. M'Taggart, merchant, Campbeltown
 A. M'Taggart, Lagnacraig
 J. M'Taggart, vintner, Bownore
 H. M'Tavish of the Excise, Airds
 D. M'Tavish, Woolen-hall,
 Glencuach
 D. M'Tavish, sheriff-officer, Fort-Augustus
 J. M'Vean, Star Tap-Room,
 Edinburgh
 C. M'Vean, smith, Stirling
 D. M'Vean, Tayndrum
 P. M'Vean, Kinchraickin
 R. M'Vean, Claoiry
 M. M'Vean, Inveraw
 J. M'Vean, teacher, Laga
 P. M'Vicar, Smerby
 D. M'Vicar, Skipnish
 Alex. M'Vicar, Craigs Kintyre
 J. Main, bookseller, Edinburgh
 Peter Malloch, Lawers
 D. Mann, merchant, Inverness
 Archibald Marquis, Kenmore
 Lewis Marshall, Dalwhinnie
 John Martin, miller, Cardow
 Jas. Matheson, wright, Tain
 C. Matheson, painter, Inverness
 A. Matheson, teacher, Tirry
 John Matheson, grocer, Inverness
 John Matheson, writer, Campbeltown
 Rod. Matheson, Wood Yard,
 Inverness
 Rob. Meikle, Kilmure, by Tain
 A. Michael, writer, Perth
 Sir N. Menzies, Bart. Castle-Menzies
 Rev. T. Menzies, Laganrate
 Mr R. Menzies, printer, Edinburgh
 Rob. Menzies, waiter, do
 Rob. Menzies, vintner, Perth
 John Menzies, do do
 Don. Menzies, flesher, do
 Rob. Menzies, George Street, do
 Alex. Menzies, High Street, do
 John Menzies, Aldcluny
 Dun. Menzies, Inverchaden

James Menzies, esq. Pitnacree
 Robt. Menzies, esq. W.S. Edinr.
 Mr John Menzies, fowler, Castle-
 Menzies
 J. Menzies, Aldlochran
 Will. Menzies, Taychuran
 Jas. Menzies, vintner, Coishuil
 Rob. Menzies, Druimdiavain
 Will. Menzies, Croitnamuick
 John Menzies, Baltomas
 Jas. Menzies, vintner, Weem
 John Menzies, Balnroick, Strath-
 brand
 J. Menzies, mercht. Invervoick
 Jas. Menzies, Lawn-Market,
 Edinburgh
 Duncan Menzies, Leith
 Forbes Mills, game-keeper, Tor-
 breck
 N. Montgomery, Octmore
 Captain Neil Morison, P. M.
 Mr John Morison, Union Str. Edin
 Neil Morison, M. D. Morven
 Chas. Morison, Balachroy, Mull
 Jas. Morison, merchant, Bunessan
 Mur. Morison, merchant, Leith
 J. Morison, Balchatrigan
 D. Morison, jun. bookseller,
 Perth
 J. Morison, shoemaker, Fort-
 William
 Neil Mulloy, Leirgnahuinsin
 Dun. Mulloy, of the Inverary
 Packet
 Hugh Munn, tidesman, Tober-
 mory
 Jas. Munro, vintner, Invergor-
 don
 Alex. Munro, merchant, Ding-
 wall, 2 copies
 Rob. Munro, vintner, Aberfeldy
 Don. Munro, painter, Dingwall
 Don. Munro, plasterer, do
 Pat. Munro, Fort-William
 John Munro, do
 Jas. Munro, Lornfurnace
 John Munro, merchant, Drim-
 mond
 George Munro, Novar
 Finlay Munro, do
 Alex. Munro, merchant, Alness
 John Munro, vintner, Invergor-
 don
 Alex. Munro, tailor, Tain
 Will. Munro, Shores, do

Mr Dug^d. Monro of the excise, Fort-
 rose
 Don. Monro, Struy, Strathglass
 Hugh Monro, Sawmills, Beauly
 Neil Murphy, Whitehouse
 Don. Murray, spirit-dealer, Perth
 John Murray, Balanluig
 J. Murray of Coirmuckloch
 Alex. Murray, mercht. Miltown
 David Murray, Tain, 2 copies
 Ang. Murray, serjeant, Dornoch
 A. Murray, Culbreck, Strathspey

N.

Mr J. Ingles Nicol, surgeon, Inver-
 ness
 Jas. Nicholson, miller, Aberfeldy
 Alex. Nichol, customs, Leith
 John Noble, Druimnadrochaid
 Alex. Noble, teacher, Alness
 Don. Noble, mercht. Red-castle
 Roderick Noble, dyer, Inverness
 James Noble, dyer, do
 Tho. Noble, Lismore

P.

Rev. J. Patience, Ardnamurchan
 Col. J. Porter, Campbelltown
 Mr Don. Patterson, Keill, Knapdale
 J. Patterson of the excise, Inverness
 John Patterson, Airds, Caradale
 Al. Patterson, Kessock
 Don. Patterson, do
 A. Patterson, Tostary, Mull
 Peter Pattison, Islay-house
 Will. Pirie, teacher, Grantown
 John Polson, serjeant, Tain L. M.

R.

Sir J. Milles Riddle, Bart.
 Mr J. Ranken, Marquis, Bailchulish
 A. Ranken, Dalness
 Ewen Ranken, Corran
 D. Reid, Achleisky, Balquhidder
 David Reid, smith, Pitlochry
 Will. Reid, mercht. Fortgeorge
 Col. Robertson, esq. of Strowan
 Rev. J. Robertson, Kingussie
 Dr Robertson, minister, Callander
 Rev. P. Robertson, do
 Rev. W. Robertson, Fortwilliam
 Geo. Robertson, esq. St Andrew's
 Square, Edinburgh, 2 copies
 Alex. Robertson, esq. of Trinafour
 Mr Don. Robertson, Edinburgh

- Mr John Robertson, Craigfad, Islay
 Chas. Robertson, New-mill
 Dun. Robertson, serjeant-major,
 Perth L. M.
 Dun. Robertson, clerk, Perth
 John Robertson, vintner, do
 Don. Robertson, Clachglass
 Alex. Robertson, Bailanluig
 Jas Robertson, teacher, Fincastle
 John Robertson, Aldcluny
 John Robertson, Strathspey
 John Robertson, Dalgross
 J. Robertson, gamekeeper, Lude
 Alex. Robertson, ploughman, do
 Will. Robertson, teacher, Blair-
 Athol
 Don. Robertson, Dalnacardoch
 Don Robertson, Fasnakyle
 N. Robertson, mercht. Glenfin-
 castle
 John Robertson, Achmore, do
 John Robertson, Achanruy
 J. Robertson, Kinloch, Rannoch
 Dun. Robertson, Dail, do
 J. Robertson, teacher, Weem
 J. Robertson, mercht. Fortingal
 D. Robertson, Tuiririch
 C. Robertson, Tombuy, Strathtay
 Don. Robertson, vintner, Crieff
 Don. Robertson, vintner, Loch-
 erhead
 Will. Robertson, vintner, Pitmain
 Alex. Robertson, W. Rose Street,
 Edinburgh
 D. Robertson, Black Bull, do.
 J. Robertson, Prince's Street, do
 Chas. Robertson, chairman, do
 Dun. Robertson, vintner, High
 Street, do
 D. Robertson, Merchant's Court,
 do
 Jo. Robertson, grocer, Frederick
 Street, do
 Don. Robertson, Nicholson's
 Street, do
 D. Robertson, Prince's Street, do
 Alex. Robertson, Gaskamire,
 Badenoch
 Lach. Rose, sheriff-officer, Bun-
 nessan
 Hugh Rose, clerk, Tain
 J. Rose, Aberarder, Strathnairn
 James Rose, merchant, do
 J. Rose, postmaster, Invergordon
 William Rosé, grocer, Inverness
 Tho. Rose, do do
 John Rose, Eddertown, by Tain
 C. Ross, esq. Cadbull, Capt. R.L.M.
- D. Ross, esq. Balnagour, by Tain
 D. Ross, esq Nigg
 Mrs Barbara Ross, do
 Mr David Ross, Allan, by Tain
 N. Ross, vintner, Fort-George
 D. Ross, vintner, do
 A. Ross, Ardfalie, by Kessock
 Will. Ross, mercht. Invergordon
 Don. Ross, Tulloch, by Dingwall
 Don. Ross, Novar
 Hugh Ross, Balintraid
 Andrew Ross, Milltown
 John Ross, vintner, Tain
 John Ross, jun. merchant, do
 Robert Ross, mason, do
 Hugh Ross, saddler, do
 Andrew Ross, vintner, do
 Walter Ross, serjeant, do
 David Ross, grocer, do
 Don. Ross, junior, do
 James Ross, merchant, do
 David Ross, writer, do
 Alex. Ross, tailor, do
 Will. Ross, 92d regt. by do
 Geo. Ross, vintner, do
 Nicholson Ross, mason, do
 Andrew Ross, Bailblair, by do
 John Ross, Little Tain
 Don. Ross, Lintseed, by Creich
 Don. Ross, 41, Rose Street, Edinr.
 John Ross, shoemr. Bridgeof Carr
 John Rowan, vintner, Conell
 Ar. Rowan, Bridge of Douglas
 John Rowan, Clachanseil
 C. Rowat, surgeon. Campbelltown
 J. Rynd, road-contractor, Strath-
 chur
- S.
- Capt. R. Scobby, Perth
 Mr John Scott, mercht. Edinburgh
 James Scott, Cromarty manu-
 factory
 James Scott, tailor, Moulin
 Finlay Scott, weaver, do
 Peter Scott, Balinluig, Strathtay
 Alex. Scott, High Street, Edinr.
 Colin Shaw, Esq. Culblair
 Mr Donald Shaw, Ardtun, Mull
 John Shaw, vintner, Grantown
 John Shepherd, teacher, Kingussie
 Dun. Silver, dancing-master, Fort-
 Augustus
 Alex. Simson, Tain
 John Sinclair, Tobermory, 2 copies
 Don. Sinclair, Annat, Lochowside
 John Sinclair, tacksman, Larach-
 van, do

Mr Dun. Sinclair, merchant, Tirry
 Ar. Sinclair, dyer, Glenorchay
 Ang. Sinclair, sheriff-officer, do
 Ar. Sinclair, ground-officer, do
 Peter Sinclair, Stronmullachan
 John Sinclair, shoemaker, do
 John Sinclair, mercht. Barbreck
 John Sinclair, Barcheannair
 Peter Sinclair, teacher, Craignish
 Peter Sinclair, Tulloch, Melford
 Dun. Sinclair, Airds, Muckairn
 Dun. Sinclair, Clachadow, do
 J. Sinclair, serjt. of Police, Edinr.
 M. Sinclair, wood-overseer,
 Strathglass
 Don. Sinclair, vintner, Rannoch
 Neil Sinclair, mason, Bailindeora
 J. Sinclair, tacksman, Ardantallin
 John Sinclair, vintner, Estdale
 Neil Sinclair, Fernoch, Melfort
 Peter Sinclair, baker, Tain
 Will. Smith, esq. at Glendochart
 Rev. John Smith, Tobermory
 Rev. R. Smith, Cromarty
 Rev. J. D. Smith, Grantown
 Mr A. Smith, sheriff-clerk, Dingwall
 Dun. Smith, excise officer, Toher-
 mory
 Dun. Stevenson, esq. printer, Edinr.
 Alex. Stevenson, esq. W.S. do.
 Mr Hugh Stevenson, jun. Oban
 Will. Stevenson, teacher, Seil.
 J. Stewart Menzies, esq. Foss,
 2 copies
 John Stewart, esq. of Crossmount
 Will. Stewart, younger, of Garth
 Dun. Stewart, esq. of Achnacon
 Alex. Stewart, esq. of Balnakeil
 M. Stewart, esq. Pitoulis
 John Stewart, esq. Strathgroy
 John Stewart, esq. Shierglass
 John Stewart, esq. of Borland
 John Stewart, esq. of Keil, Edinr.
 R. Stewart Galbreath, esq. of Loch-
 san, writer, do
 Dun. Stewart, esq. barrack-master,
 Fortwilliam
 C. Stewart, esq. Printer to the Uni-
 versity, Edinr.
 Capt. Stewart, esq. of Bunrannoch
 Capt. R. Stewart, Royal Marines,
 Appin
 Lieut. R. Stewart, R. P. Militia
 Lieut. J. Stewart, 78th, Pitoulis
 Rev. J. Stewart, D. D. Luss
 Rev. John Stewart, Blair Athol
 Rev. Alex. Stewart, Dingwall
 Rev. John Stewart, Lismore

Mr C. Stewart, goldsmith, foot of
 Canongate, Edinburgh
 James Stewart, cutler, do
 Tweedle Hay Stewart, Appin-
 house
 Don. Stewart, Glenlyon-house
 Walter Stewart, A. M. Bracklin
 John Stewart, Coirmuinlin
 Don. Stewart, shipmr. Glasgow
 Don. Stewart, innkeeper, Tumble
 Bridge
 James Stewart, innkeeper, Dalna-
 cardoch
 R. Stewart, excise officer, Killin
 Alex. Stewart, Bridge of Tilt
 R. Stewart, mercht. Kilmaveonaig
 John Stewart, builder, Dunkeld
 Alex. Stewart, by Bailinluig
 Will. Stewart, Achagoul
 Alex. Stewart, jun. Pitlochry
 Arch: Stewart, Easter Temper,
 Rannoch
 Peter Stewart, watchmr. Perth
 Alex. Stewart, Glenfincastle
 Pat. Stewart, teacher, do
 John Stewart, Balnaleck
 Dun. Stewart, Lassintulloch
 Dun. Stewart, Bohaly
 Alex. Stewart, wright, Tay-
 mouth
 Don. Stewart, mason, Foss
 John Stewart, Inch-Garth
 Dan. Stewart, Glengyle
 Alex. Stewart, vintner, Crieff
 Dan. Stewart, teacher, Dumblane
 John Stewart, Bridge of Turk
 John Stewart, Glenfincastle
 Walter Stewart, Ederleckach
 Alex. Stewart, Strone
 Dun. Stewart, Dal-lagan, Glen-
 bucky
 Peter Stewart, Leanich, do
 J. Stewart, Tullich, Balquhidder
 J. Stewart, Cashly, Glenlyon
 John Stewart, Cammuslai, do
 Chas. Stewart, mercht. Dingwall
 J. Stewart, jun. Inverness
 Alex. Stewart, Dochpollo, by do
 A. Stewart, Kincardine, by Tain
 John Stewart, Logie, by do
 Peter Andrew Stewart, Sruuey
 Chas. Stewart, Knock, Strathspey
 Paul Stewart, Tontire
 James Stewart, Bunaw
 Will. Stewart, weaver, Lismore
 Dun. Stewart, Shakespear Coffee-
 house, Edinburgh

Mr Chas. Stewart, Lampton, Athol
 Peter Stewart, Register Place, do
 J. Stewart, Prince's Street, do
 D. Stewart, Turf Coffeehouse, do
 J. Stewart, York Place, do
 Robt. Stewart, broker, do
 Alex. Stewart, Elder Street, do
 Will. Stewart, Star Tap-room, do
 Don. Stewart, Star and Garter
 Coffeehouse, do
 J. Stewart, North Bridge, do
 J. Stewart, spirit-dealer, Leith
 Street, do
 J. Stewart, tailor, Cowgate, do
 J. Stow, vintner, Miltown, Ross-
 shire
 G. S. Sutherland, esq. Parkhill, ad-
 jutant, Ross-shire Militia
 Mr J. Sutherland, postmr. Dornoch
 Jos. Sutherland, Chapel-Hill, Nig
 Alex. Sutherland, mason, Broro
 John Sutherland, Strowan-house
 Don. Sutherland, serjt. of the city
 guard, Edinr.

T.

Dr Taylor, Fortwilliam
 Mr John Taylor, teacher, Killean,
 Kintyre
 Alex. Taylor, saddler, Tain
 Don. Taylor, wright, Cromarty
 John Taylor, Skipnish
 Arch. Taylor, South Crossaig
 Arch. Templeton, saddler, Camp-
 belltown
 Will. Tindle, merchant, Perth
 Rev. Will. Tulloch, Nigg
 Mr A. Tulloch, mercht. Fortgeorge
 Geo. Turnbull, vintner, Tain
 Don. Turner, Upper Fernoch
 J. Turner, Auchengavin, Luss
 Dun. Turner, teacher, do
 Dug. Turner, Lergs, Glenorchay
 Pat. Turner, Glenstrea, do
 Arch. Turner, Inverinan
 Dun. Turner, Nether Fernoch
 Arch. Turner, Annot
 Pat. Turner, Achnacarron
 John Turner, Sonnachan
 Don. Turner, Anderston, Glasgow
 Don. Turner, Port-Innisherrich
 Don. Turner, Airds, Muckairn

Mr Dun. Turner, Morven
 John Turner, by Drummond
 Dun. Turner, Craigfad, Islay
 Chas. Turner, Inverneich, Cowal
 John Tyre, merchant, Tain

U.

Mr Geo. Urquhart, teacher, Beauly
 Alex. Urquhart, Red-Castle
 H. Urquhart, perfumer, Edinr.
 Alex. Urquhart, merchant, by
 Dingwall
 Don. Urquhart, mason, Alness
 Don. Urquhart, royal canal, Clach-
 naherry
 John Urquhart, Dingwall

W.


Mr W. Walker, officer of excise,
 Blair Athol
 John Walker, road-contractor,
 Dunkeld
 John Walker, vintner, Aberfeldy
 John Walker, Kill, Camustradan
 Will. Wallace, Mulnab, Crieff
 J. Watson, mason, Fortrose
 J. Watson, paymr. Ross L. M.
 J. Watt, hostler, Luss
 Don. Weir, Craigcholl
 A. White, teacher, Fortaugustus
 Rob. Wilson, writer, Edinr.
 Will. Wood, excise-officer, Tirry

Y.

Mr Ja. Young, mercht. Cromarty

*The following Names were, by mistake,
 omitted.*

Mr John M'Intyre, writer, Edinr.
 John M'Ewen, Star and Garter, do
 Mal. M'Kellar, Paul's Work, do
 Will. Robertson, from Grand-
 tully, High Street, do
 Dun. Drummond, Whisky-row,
 Leith
 Thos. Fraser, sawyer, Inverness



CATALOGUE

OF

Gaelic Books,

Bibles, Testaments, Psalm Books,

Prayers and Tracts.

EDINBURGH :

MACLACHLAN AND STEWART ;

And sold by the Religious Tract Society, Edinburgh ;

Francis Orr & Sons, Glasgow ;

Lewis and James Smith, Aberdeen ;

William Smith, Inverness ; James Miller, Oban.

G A E L I C B O O K S
Published by MacLachlan & Stewart,
64 SOUTH BRIDGE, EDINBURGH.

	s. d.
Alleine's Alarm, 18mo, cloth,	1 6
Baxter's Call to the Unconverted, 18mo, cloth,	1 6
Blair's Elegy on Mr Kennedy of Redcastle, sewed,	0 4
Boston's Fourfold State, 12mo, cloth, ...	4 0
Buchanan (Dugald) of Rannach's Life and Con-	
version, with his Hymns, cloth,	2 0
... Hymns, separately, sewed,	0 3
... Do. translated by a Missionary, sewed, ...	0 6
Bunyan's Come and Welcome, cloth,	2 0
... World to Come, or Visions from Hell, cloth,	1 6
... Grace Abounding, cloth,	2 0
... Pilgrim's Progress, (<i>three Parts,</i>)	2 6
... Water of Life,	1 0
... Sighs from Hell, cloth,	2 0
Dyer's Christ's Famous Titles, cloth,	2 6
Grant's Hymns, 18mo, cloth,	1 6
Guthrie's Saving Interest, cloth,	2 0
M'Alpine's Gaelic and English Dictionary, 12mo, cl.	9 0
... English and Gaelic, separately,	5 0
... Gaelic Grammar, 12mo, cloth,	1 6
M'Callum's History of the Church of Christ, 8vo,	4 0
... The Catholic, or Universal Church, ...	0 6
... Poems and Songs, 12mo, sewed,	1 0
M'Farlane's Manual of Devotion, 12mo, cl. 3s. 6d. for	2 0
... Life of Joseph, 18mo, sewed,	1 6
Livingstone's Gaelic Poems, cloth,	3 0
M'Intyre's Poems and Songs, 18mo, cloth, ...	2 0
Macdonald's (Dr.) Gaelic Poems, 18mo, cloth,	2 6
Mackenzie's (John) Gaelic Melodist, 82mo, ...	0 4
Muir's (Dr.) Sabbath Lessons, by Forbes, sewed,	0 4½
Munro's Trediriche, or First Book for Schools, ...	0 6
... Gaelic Grammar, 18mo, bound,	4 0
... Gaelic Primer, and Vocabulary, 12mo, ...	2 0
Ossian's Poems,	4 0
Ross' (William) Gaelic Poems, cloth, 3s. for ...	2 0
Stewart's Grammar of the Celtic Language, 8vo,	3 0
The Doctrine and Manner of the Church of Rome,	0 3
Willison's Sacramental Catechism, 12mo, sewed,	0 8

Gaelic Books Sold by MacLachlan & Stewart.

	s. d.
Bible Stories, with 24 Wood-Cuts,	0 4
Boston's Crook in the Lot,	1 6
Brook's Apples of Gold,	1 6
Bunyan's Heavenly Footman, 18mo cloth,	1 0
... Holy War, 18mo, cloth,	2 6
Burder's Village Sermons, 18mo, cloth,	1 6
Caird's Sermon,—Religion in Common Life, 12mo,	0 6
Catechism, Shorter, 1d. Gaelic and English,	0 2
... Mother's, 1d. Gaelic and English,	0 2
... Brown's Shorter, for Young Children, ...	0 1
Confession of Faith, fc ap 8vo, cloth,	2 6
Connell's (D. M.) Gaelic Astronomy, 18mo, cloth,	1 6
Currie's Spiritual Hymns, 12mo,	0 2
Doddridge's Rise and Progress, 12mo, cloth,	3 0
Earle's Sacramental Exercises, 18mo, cloth, ...	1 6
Flavel's Token for Mourners, 18mo, cloth,	1 0
Forbes' Gaelic and English Grammar, 12mo, ...	4 0
... Baptism and the Lord's Supper,	0 4
History of Animals Named in the Bible,	0 6
History of Prince Charles, fc ap 8vo, cl., 3s; 12mo,	1 6
History of Joseph,	0 4
Innes' Instructions to Young Enquirers, 18mo,	0 6
Jacobite Songs, with Portrait of Prince Charles, ...	0 9
James' Anxious Inquirer, 12mo,	1 0
Macdonald's Hymns, 18mo,	0 2
M'Leod and Dewar's Gaelic Dictionary, 8vo, cl.,	10 6
M'Lauchlan's (Rev. Thos.) Celtic Gleanings, or Notices of the History and Literature of the Scottish Gael,	3 6
M'Gregor's Hymns,	0 8
Munro's Selection of Gaelic Songs,	0 4
Peden's Two Sermons and Letters, 18mo, sewed,	0 6
Sum of Saving Knowledge, 12mo, sewed,	0 4
Thomson's (Dr) Sacramental Catechism, 18mo, sewed,	0 6
Shepherd's Christian Pocket Book, sewed,	0 1½
Watt's Divine Songs, with Cuts,	0 2
Welsh's Sermons, vols. 1 and 3, bound, each,	2 6

BIBLES, TESTAMENTS, AND PSALM BOOKS,
VARIOUS BINDINGS AND SIZES.

GAELIC BOOKS SOLD BY MACLACHLAN & STEWART.

		<i>s. d.</i>
An Lochran : Dialogues regarding the Church,		12mo, 0 6
Alleine's Saint's Pocket-Book, cloth,	 1 0
Andrew Dunn, an Irish Catholic, 12mo, sewed,	 0 3
Assurance of Salvation,	 0 6
Baxter's Saint's Rest,	 3 6
Bonar's Christ is All,	 0 3
Caraid a' Pheacaich : The Sinner's Friend, 12mo,		
sewed,	 0 3
Edwards' (Rev. Jonathan) Sermon,	 0 1
Forbes' The Two Sacraments, 12mo, sewed	 0 4
Gaelic Bible, 4to, large type, bonnd in calf,	 30 0
Do. 8vo, strongly bound in calf,	 7 6
Gaelic Dictionary, by the Highland Society, 2 vols.,		
4to, cloth, £12, 12s. for		30 0
Gaelic Tracts, 58 different kinds, sorted, for	 2 6
Do. bound in 2 vols., cloth, each	 2 0
Grant's (Rev. D.) Duty of Children to Love and		
Seek Christ, 18mo, cloth, 1 6		
Harp of Caledonia, 32mo,	 0 6
Long Geal : The White Ship, a Spiritual Poem,		
12mo, 0 4		
Macleod's (Dr Norman) Sermon, The Spiritnal War-		
fare, 18mo, 0 2		
Psalm Book, 32mo, sheep,	 1 0
Do. Gaelic and English, 1 6		
Select English Poems, with Gaelic Translations,		
arranged on opposite pages, 12mo, sewed, 1 6		
Series of Large Type Prayers, 1s. per 100, or in		
packets of two dozen, sorted, 0 6		
Sixteen Short Sermons, 12mo, sewed,	 0 2
Tosd ! bi Samhach : Peace ! be Still,	 0 4
The Dairyman's Daughter, 12mo, sewed,	 0 4
Whitefield's Sermons,	 1 0

A liberal discount allowed on orders for exportation,
or for private distribution.

34

